



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

# Aithris Bhliadhnail air Plana Nàiseanta nan Eilean 2023



THE  
ISLANDS  
SCOTLAND ACT 2018

ACHD

NAN EILEAN  
ALBA 2018

Air a chur air beulaibh Pàrlamaid na  
h-Alba le Ministearan na h-Alba sa Mhàrt  
2024

SG/2024/18

Air a chur air beulaibh Pàrlamaid na  
h-Alba le Ministearan na h-Alba sa Mhàrt  
2024

SG/2024/18

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2024



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhail air [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig  
Riaghaltas na h-Alba,  
Taigh Naomh Anndrais,  
Dùn Èideann,  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83601-131-6

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Giblean 2024

# Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh Ministreil	2
Geàrr-chunntas de na h-Amasan Ro-innleachdail	5
Mapa Slighe Buileachaidh	7
Amas Ro-innleachdail 1 - Ìrean Sluaigh	8
Amas Ro-innleachdail 2 - Leasachadh Eaconamach Seasmhach	19
Amas Ro-innleachdail 3 - Còmhdhail	48
Amas Ro-innleachdail 4 - Taigheadas	61
Amas Ro-innleachdail 5 - Bochdain Connaidh	65
Amas Ro-innleachdail 6 - Ceangailteachd Dhidseatach	67
Amas Ro-innleachdail 7 - Slàinte is Cùram Sòisealta agus Sunnd	74
Amas Ro-innleachdail 8 - Leas-Àrainneachd agus Bith-thèarainteachd	96
Amas Ro-innleachdail 9 - Atharrachadh na Gnàth-shìde agus Cumhachd	106
Amas Ro-innleachdail 10 - Coimhearsnachdan Eileanach le Cumhachd agus Com-pàirteachasan Ionadail Làidir	122
Amas Ro-innleachdail 11 - Ealainean, Cultar agus Cànan	132
Amas Ro-innleachdail 12 - Foghlam	143
Amas Ro-innleachdail 13 - Buileachadh agus Sgrùdadh	152

# Facal-tòiseachaidh Ministreib



Tha mi toilichte Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean airson 2023 fhoillseachadh. Tha e a' toirt sealladh iomlanach air an obair a rinneadh thar Riaghaltas na h-Alba, ar buidhnean-gnìomha agus ar com-pàirtichean libhrigidh gus Plana Nàiseanta nan Eilean a chur an gnìomh.

Mar a tha an aithisg seo a' sealltainn agus mar a bhios mi daonnan a' daingneachadh, tha na h-eileanan againn a' cur ri comann-sòisealta, cultar agus eaconamaidh na h-Alba ann an dòigh air leth cudromach. Tha coimhearsnachdan eileanach misneachail agus beothail aig cridhe lèirsinn an riaghaltais againn airson Alba mar dhùthaich air leth soirbheachail airson a bhith a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh, a' tadhal no a bhith an sàs ann an gnìomhachas.

Bho fhuasglaidhean lùths uaine agus roinn an fhànais, gu dèanamh bìdh is dighe agus gnìomhachasan na mara, tha na h-eileanan againn air thùs ùr-ghnàthachaidh agus iad fhathast dìleas dhan dualchas is traidiseanan beairteach aca. Tha am measgachadh ùr-ghnàthach seo, cho math ris na cruthan-tìre air leth aca, a' cur ri cho tarraingeach 's a tha iad mar chinn-uidhe turasachd aig ìre na cruinne

Ach, mar a chuala mi gu soilleir bho riochdairean òga aig a' chiad Phàrlamaid Òigridh Dùthchail is Eileanach Albannach san t-Samhain 2023, tha coimhearsnachdan eileanach fhathast a' toirt aghaidh air grunn dhùbhlain eadar-cheangailte nach beag. Agus ma choimheadas sinn air na bliadhnaichean bho chaidh fhoillseachadh ann an 2019, bha aig Plana Nàiseanta nan Eilean ri dèiligeadh ri sreath de shuidheachaidhean èiginn - galar lèir-sgaoilte COVID-19, na bacaidhean a chaidh a chur an sàs mar thoradh air Brexit nach robhar ag iarraidh, prìsean lùths agus biadh a' sìor fhàs, agus an cunnart leantainneach bho atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha mòran de na dùbhlain sin gu sònraichte dona do dh'eileanaich, ach cumaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair gu cruaidh còmhla riutha gus piseach a thoirt air beatha nan daoine a tha a' roghnachadh an dachaigh a dhèanamh ann an eileanan na h-Alba.

Tha cuideaman eaconamach mòra fhathast mu choinneamh theaghlaichean agus ghnìomhachasan air feadh nan eilean againn. Tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh nas urrainn taobh a-staigh nan cumhachdan cuibhrichte againn, gus dèanamh cinnteach gum faigh eileanaich an taic a tha a dhìth orra. Bhon Dùbhlachd 2022, tha sinn air £2.4 millean a thoirt seachad tro Mhaoin Èiginn Cosgaisean nan Eilean gus taic a thoirt do cheumannan susbainteach leithid eàrlasan dealain, solar bìdh agus iomairtean bìdh ionadail. Ann an 2024-2025, bidh sinn cuideachd a' tabhann faochadh 100% ùr do ghnìomhachasan aoigheachd a tha suidhichte sna h-eileanan.

Tha cuid de choimhearsnachdan eileanach cuideachd a' dèiligeadh ri dùbhlain iom-fhillte a thaobh taigheadais. Anns an Dàmhair 2023, dh'fhoillsich sinn Plana Gnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach ùr a tha ag aithneachadh gun urrainn buaidh

chumhachdach agus eadar-ghinealach a bhith aig taigheadas, a' cumail taic ri daoine gus na dachaighean fhaighinn a tha a dhìth orra agus a' toirt cothrom do dhaoine òga fuireach anns na coimhearsnachdan anns an do thogadh iad. Tha am plana a' toirt taic dhan targaid againn 110,000 dachaigh a libhrigeadh air prìs ruigsinneach ro 2032, le co-dhiù 10% air an libhrigeadh ann an sgìrean dùthchail agus eileanach.

Tha ceanglaichean còmhhdail seasmhach agus air prìs reusanta a cheart cho deatamach ann a bhith a' cumail taic ri beatha sheasmhach nan eilean. Gus taic a chumail ri daoine agus gnìomhachasan nar coimhearsnachdan eileanach, chaidh faraidhean aiseig a reòthadh air lìonraidhean nan Eilean a Tuath agus Chluaidh is Innse Gall gu deireadh a' Mhàirt 2024. Na bu thràithe am-bliadhna, chuir sinn co-chomhairleachadh poblach air bhog gus Plana Ceangailteachd nan Eileanan againn a tha ri thighinn fhiosrachadh agus bhrosnaichinn eileanaich am beachdan agus a thoirt dhuinn.

Choilean Plana Gnìomh Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh sa Ghearran am-bliadhna fear de na gealltanasan a rinneadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha liosta de ghnìomhan susbainteach anns an sgrìobhainn agus stèidhich i maoin ùr gus spionnadh às ùr a thoirt do dh'oidhirpean Riaghaltas na h-Alba gus dèiligeadh ri dùbhlain deamografach. Ged a tha coimhearsnachdan air feadh na h-Alba a' fulang bho seo, tha iad a' toirt buaidh gu sònraichte dona air eileanan.

Ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail, tha Prògram nan Eilean againn a' cuideachadh le libhrigeadh nan amasan ro-innleachdail a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Ann an 2023-2024, thasgaich sinn £4 millean a bharrachd gus taic a chumail ri bun-structair eileanach ro-chudromach a tha a rèir feumalachdan agus miannan ionadail. Chaidh maoin eachadh a thoirt do 13 pròiseactan uile gu lèir thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, a' gabhail a-steach ionad ath-chuirteachaidh ann an Sealtainn, ùrachadh ghoireasan dachaigh-cùraim ann an Tiriodh, uidheamachd ùr airson àrainn Steòrnabhaigh Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus leasachadh air toglaichean puirt-adhair aig cuid de na h-eileanan a-muigh ann an Arcaibh.

Ged a tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh gu sònraichte dona air coimhearsnachdan eileanach, tha coimhearsnachdan eileanach a' dearbhadh gu bheil gearradh eimiseanan agus a' togail ath-leumachd na chothrom. Ann an 2023, lean Riaghaltas na h-Alba air le a thaic do phròiseact nan Eileanan le Cothromachadh Carboin, ag obair le sia eileanan (Yell, Hoy, Ratharsair, Barraigh, Ìle agus Cumaradh Mòr) gus cothromachadh carboin a bhith aca ro 2040. Bha e na thoileachas dhomh san Ògmhios an-uiridh sia Planaichean Gnìomha Coimhearsnachd airson Atharrachadh Gnàth-shìde fhoillseachadh a chaidh a chruthachadh mar thoradh air conaltradh farsaing leis a' choimhearsnachd anns gach eilean. Sa bhliadhna mu dheireadh, tha na sia eileanan air pròiseactan gnàth-shìde a chur air dòigh, bho ath chur choilltean agus cur ri èifeachdas lùths ann an togalaichean coimhearsnachd, gu tèarainteachd bìdh. Tha sinn a-nis aig ìre chudromach anns a' phròiseact, far an tòisich sinn air leasan a chaidh ionnsachadh a cho-roinn le eileanan eile agus, far a bheil e iomchaidh, le coimhearsnachdan air tìr-mòr.

Tha co-libhrigeadh agus conaltradh farsaing le coimhearsnachdan ionadail aig cridhe ar dòigh-obrach a thaobh poileasaidh eileanach. Eadar an t-luchar agus an t-Samhain 2023, rinn sinn co-chomhairleachadh poblach air Plana Nàiseanta nan Eilean gus beachdan fhaighinn bho luchd-ùidh agus gus ath-sgrùdadh air a bhuileachadh fhiosrachadh. Bha sinn airson 's gum biodh a' cho-chomhairle cho ruigsinneach 's a

ghabhadh do dh'eileanaich. Air an adhbhar seo, a bharrachd air a bhith a' brosnachadh fhreagairtean tro làrach-lìn shònraichte, chùm sinn sreath de bhùthan-obrach aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne, gus am biodh cothrom nas eadar-obrachail aig daoine gus am beachdan a thoirt seachad. Tha sinn a-nis a' dèanamh anailis air an fhios air ais a fhuair sinn agus foillsichidh sinn làn aithisg a dh'aithghearr.

San àm ri teachd, cumaidh Riaghaltas na h-Alba air ag èisteachd ri eileanach agus a' co-obrachadh le coimhearsnachdan gus na poileasaidhean agus na tasgaidhean as èifeachdaiche a libhrigeadh. Còmhla, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gun soirbhich leis na h-eileanan againn agus gun coilean iad na miannan aca, a' co-roinn an cuid eòlais agus sàr-mhathais le com-pàirtichean aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta le chèile gus leantainn air adhart a' brosnachadh atharrachadh adhartach fad is farsaing.

### **Màiri Gougeon**

Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan

# Geàrr-chunntas de na h-Amasan Ro-innleachdail

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt stiùireadh do Riaghaltas na h-Alba agus tha e na fhrèam airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brìoghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail sa Phlana a stiùireas ar cuid obrach:



## Amas Ro-innleachdail 1

Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann



## Amas Ro-innleachdail 2

Gus leasachadh eaconamach seasmhach a chumail a' dol agus a bhrosnachadh



## Amas Ro-innleachdail 3

Gus seirbheisean còmhdaile a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 4

Gus taigheadas a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 5

Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh



## Amas Ro-innleachdail 6

Gus Ceangailteachd Dhidseatach a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 7

Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 8

Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd



### Amas Ro-innleachdail 9

Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 10

Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte



### Amas Ro-innleachdail 11

Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan



### Amas Ro-innleachdail 12

Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile



### Amas Ro-innleachdail 13

Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach



# Mapa Slighe Buileachaidh

Ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, gheall Riaghaltas na h-Alba gum foillseachadh e Mapa Slighe Buileachaidh a tha a' dèiligeadh ri gach fear de na 13 Amasan Roinnleachdail agus ris na gealltanasan a tha nan cois a tha air an liostadh sa Phlana.

Às dèidh co-obrachadh le Ùghdarrasan Ionadail, prìomh luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach, chaidh a' chiad [Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) (IRM) fhoillseachadh sa Mhàrt 2021.

Nuair a chaidh an IRM fhoillseachadh, bha gealltanasan ann cuideachd gun rachadh ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air agus mar sin chaidh fhoillseachadh mar sgrìobhainn bheò ag aithneachadh gum faod prìomhachasan do choimhearsnachdan eileanach atharrachadh. Chaidh dreachan ath-sgrùdaichte den IRM fhoillseachadh ann an [2022](#) agus ann an [2023](#).

Airson soilleireachd agus so-ruigsinneachd airson gach gealltanais san aithisg bhliadhnail seo, tha sinn air na gnìomhan a tha ann an IRM 2023 a chur ann. Le bhith a' ceangal an dà sgrìobhainn san dòigh seo tha e a' sealltainn na h-obrach a rinneadh gus an gealltanais iomlan a choileanadh, agus tha e a' sealltainn mar a tha e a' buntainn ris na gnìomhan a tha air an liostadh san IRM. Bithear ag ath-sgrùdadh an IRM gu cunbhalach gus na gnìomhan a thathar a' moladh a chumail làithreach. Thèid dreachd 2024 fhoillseachadh a dh'aithghearr agus obair air gealltanasan Plana Nàiseanta nan Eilean a leantainn air adhart.

**Thoir an aire:****Tha obair a' leantainn airson gach gealltanais mura h-eilear a' cur an caochladh an cèill.**

# Ìrean Sluaigh

## Amas Ro-innleachdail 1 – Gus aghaidh a chur air crìonadh-sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a’ cleachdadh agus ag adhartachadh cruinn-eòlas Roinnean Eileanan na h-Alba (2023), cruinneachadh de dh’eileanan na h-Alba ann an naoi roinnean eileanach. Tha an cruinn-eòlas ùr seo stèidhichte air Frèam Roinnean Eileanan na h-Alba (2020) a chaidh a chruthachadh an toiseach le Institiud Sheumais Hutton (JHI) agus a chaidh a chleachdadh mar bhunait airson Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean (2020). Tha a bhith a’ cruinneachadh eileanan ann an roinnean gus staitistig iomlan a sholarachadh mu shluagh eileanan na h-Alba na dhòigh math air dèiligeadh ris an dùbhlann gu bheil sluaigh gu math beag aig mòran de na h-eileanan. Le bhith a’ cleachdadh na buidhne dàta ùir seo, bidh e comasach do Chlàran Nàiseanta na h-Alba dàta àireamh-sluaigh Eileanan na h-Alba a thoirt seachad gach bliadhna. Le bhith a’ cumail oirnn a’ brosnachadh a’ chruinn-eòlais ùir seo a tha stèidhichte air sònaichean-dàta, thathar an dòchas gum bi seòrsaichean dàta eile leithid prìsean thaighean ri fhaighinn aig ìre nan Eilean cuideachd.
- Tha a bhith a’ glèidheadh agus a’ tàladh dhaoine òga air aon de na prìomh amasan aig Aonta Fàs nan Eilean. Tha gach cuid Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA a’ tasgadh suas ri £50m san Aonta. Chaidh ainm a chur ri Làn Aonta nan Eilean air 20mh Faoilleach 2023, agus thèid an t-Aonta a libhrigeadh thairis air an ath 10 bliadhna.
- Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a’ cur £25 millean ri Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid, £135 ri Aonta Cathair-bhaile Inbhir Nis agus na Gàidhealtachd agus £103 millean ri Aonta Fàs Siorrachd Àir, a tha uile a’ gabhail a-steach pròiseactan a chuidicheas le bhith a’ stiùireadh fàs seasmhach agus in-ghabhalach air feadh eileanan na h-Alba. Tha Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid air a dhèanamh suas de phròiseactan is prògraman a’ gabhail a-steach turasachd sheasmhach, stuthan didseatach, ùr-ghnàthachadh gnìomhachais, taigheadas, sgìlean, tuathanachas-uisge, gnothaichean beag carboin agus ath-nuadhachadh.

**Gealltanais 1.1** Comharraich eileanan far a bheil crìonadh-sluaigh air fàs fìor dhona gus dèanamh cinnteach gun dèiligear le feumalachdan nan eileanan sin.

### Deas-bhòrd dàta Eileanan na h-Alba

Chaidh Aithisg Deas-bhòrd Dàta Eileanan na h-Alba agus an [deas-bhòrd eadar-ghnìomhach](#) fhoillseachadh san Dùbhlachd 2023. Tha an deas-bhòrd seo a’ toirt còmhla comharran dàta aig ìre nan eilean Albannach, agus tha an aithisg na chois a’ tarraing a-mach prìomh thoraidhean co-cheangailte ri gach fear de na raointean cuspaireil ro-innleachdail a tha air am mìneachadh anns na h-Eileanan Nàiseanta.

Tha sgaoileadh [Cruinn-eòlas Roinnean Eileanach na h-Alba](#) bho chionn ghoirid air tùsan fianais eileanach ùra a chur an comas, a' gabhail a-steach [deas-bhòrd àireamh-sluaigh Roinnean Eileanach na h-Alba](#) aig Clàran Nàiseanta na h-Alba, foillseachadh dàta tuairmsean taigheadais airson [àiteachan-fuirich le luchd-còmhnaidh no falamh](#) agus [stòr-dàta Staitistigean Eaconamach na h-Alba aig ìre Fo-nàiseanta](#). Tha clàran mu dhachaighean (a' gabhail a-steach dàrna dachaighean agus togalaichean falamh) a-nis air an cur ri [deas-bhòrd eadar-ghnìomhach roinnean Eilean NRS](#).

## Plana gnìomh Àrdachadh-sluaigh

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [Plana Gnìomh Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh](#) sa Ghearran 2024, a' mìneachadh dòigh-obrach ro-innleachdail gus taic a thoirt do choimhearsnachdan ionadail a tha a' fulang le crìonadh-sluaigh, le fòcas sònraichte air crìonadh-sluaigh dùthchail is eileanach agus seasmhachd choimhearsnachdan eileanach. Airson barrachd fiosrachaidh, faic gealltanas 1.3.

Tha Buidheann-gnìomha Ministreil air Àireamh an t-Sluaigh aig Riaghaltas na h-Alba, le Rùnaire a' Chaibineit airson Co-ionannachd, Imrich is Fògarraich mar chathraiche, ag obair air na 36 gnìomhan uile san [Ro-innleachd Sluaigh](#). Ann an 2023, bha a' Bhuidheann Gnìomha os cionn a bhith a' cruthachadh Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich airson Alba, a thèid a chur air bhog ann an 2024.

Tha lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) a' stiùireadh buidheann-obrach sluaigh a tha ceangailte ri Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha a' tagradh airson coimhearsnachdan a tha a' fulang bho chrìonadh-sluaigh le bhith a' toirt aghaidh air dùbhlain taigheadais, ceangailteachd, còmhhdail, slàinte, cùram-chloinne agus cosnadh.

Air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail le taic bho lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, ruith a' bhuidheann pròiseact 'Oifigearan Suidheachaidh' ann an Uibhist, Iar-thuath na Gàidhealtachd, agus Earra-Ghàidheal is Bhòid gus cur an-aghaidh crìonadh-sluaigh. Fhuair an t-oifigear ann an Uibhist 310 ceist ro 15 Faoilleach 2024, a' toirt seachad comhairle mu ghluasad agus cuideachadh do 26 teaghlaichean is daoine fa leth. Ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, rinn an t-oifigear measadh agus sgrùdadh coimhearsnachd mionaideach. Dh'obraich gach oifigear suidheachaidh gus lorg-coise nan coimhearsnachdan aca a leasachadh, a' cumail taic ri iomairtean gus sluaigh a thàladh is a chumail.

## Aonta Fàs nan Eilean

Tha Aonta Fàs nan Eilean a-nis aig ìre libhrigidh, a' stiùireadh fàs eaconamach seasmhach, in-ghabhalach air feadh Arcaibh, Sealtainn, agus nan Eileanan Siar, agus aig an aon àm a' tasgadh ann an daoine, pròiseactan agus prìomhachasan gus cothroman àrdachadh do na h-uile.

Tha e air a cho-mhaoineachadh le tasgadh de £50m bho Riaghaltasan na h-Alba agus na RA, leis an Làn-aonta air a shoidhnigeadh air 20 Faoilleach 2023. Is e clach-mhìle chudromach a tha seo far am bi maoineachadh airson pròiseactan agus prògraman fa leth air an toirt seachad nuair a bhios Làn Chùisean Gnìomhachais air an aontachadh.

Cuidichidh an t-Aonta gus feum a dhèanamh de stòrasan nan eilean agus gus cothroman a chruthachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air na h-eaconamaidhean aca agus gus an t-slighe dheamografach aca atharrachadh. Tha e ag amas air suas

ri 1,300 cosnadh a libhrigeadh ro 2032, a' tàladh dhaoine do na h-eileanan agus gan cuideachadh gus a bhith am measg nan ciad àiteachan san RA gus cothromachadh carboin a ruigsinn.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' tasgaidh ann an 13 de na 16 pròiseactan san Aonta, le fòcas air trì prìomh chuspairean:

- £16 millean airson trì pròiseactan fon tèama beag-carboin, a chuireas ri ar gealltanasan a thaobh cothromachadh carboin le bhith a' cumail taic ri ghluasad lùths, a' libhrigeadh bun-structair puirt airson dì-choimiseanadh, agus a' pileatadh dì-charbonachadh ann an co-theacs eileanach.
- £15.5 millean airson sia pròiseactan fon tèama Fàs agus Gnìomhachasan san àm ri Teachd, a' leasachadh turasachd eileanach, stòrasan cultarail, agus ùr-ghnàthachadh ann am prìomh ghnìomhachasan fànais, biadh is deoch agus gnìomhachasan cruthachail.
- £18.5 millean airson ceithir pròiseactan fon tèama Coimhearsnachdan Seasmhachd Soirbheachail, a' leudachadh ghoireasan ionnsachaidh, a' toirt seachad taigheadas seasmhach, agus a' tasgadh ann am prògram sgilean airson prìomh roinnean a' gabhail a-steach dì-charbonachadh agus lùths ath-nuadhachail.

Tha dà phròiseact ro-chudromach gan toirt air adhart gus aghaidh a chur air dùbhlain àrainneachdail:

- [An t-Ionad Eileanach airson Cothromachadh Carboin](#), a tha ag amas air dì-charbonachadh a bhrosnachadh, obraichean seasmhach le deagh thuarastal a chruthachadh agus bochdainn connaidh agus cosgaisean co-cheangailte ri bith-beò eileanach a lùghdachadh.
- Ath-leasachadh Àrainn Innse Gall, a chuireas ri solar foghlaim is sgilean nan eilean gus daoine òga a thàladh agus a chumail.

## Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid

Brosnaichidh Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid fàs eaconamach, a' toirt deagh bhuidh air daoine, gnìomhachasan is coimhearsnachdan. Cleachdaidh e stòrasan mara nàdarra na sgìre gus gnìomhachas an tuathanachas-uisge a leasachadh, turasachd sheasmhach a chur air adhart, cothroman trèanaidh a thabhann agus obraichean le luach àrd a chruthachadh. Tha trì prìomh chuspairean anns an aonta:

1. A' ceangal: A' toirt piseach air bun-structair fiosaigeach is didseatach gus coimhearsnachdan a neartachadh agus gus taic a thoirt do na roinnean àrd luach is fàis aca gus ceangal a dhèanamh ri margaidhean gnìomhachais nàiseanta is eadar-nàiseanta;
2. A' tàladh: A' toirt seachad sgilean, trèanadh agus cothroman ionnsachaidh a bharrachd gus tàlant òg a thàladh is a chumail; a' toirt piseach air tairgse na turasachd.
3. A' fàs: A' dèanamh barrachd de na rudan a tha ag obair tro bhith a' dèanamh barrachd feum de na goireasan aca agus a' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachadh agus fàs.

**Gealltanais 1.2.** Tuigse fhaighinn air a' bhuidh aig Brexit air eileanan agus coimhearsnachdan eileanach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn orra a' cumail sùil gheur air a' bhuidh ioma-thaobhach a bheir Brexit air eileanan, an coimhearsnachdan agus air an eaconamaidh.

Tha am [Pannal Gnìomhachais](#) as ùire aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a chaidh fhoillseachadh san Fhaoilleach 2024, a' foillseachadh toraidhean an t-suirbhidh a chaidh a dhèanamh eadar an t-Samhain agus an Dùbhlachd 2023. Tha an aithisg a' cur cuideam air draghan leantainneach co-cheangailte ri Brexit, leithid cosgaisean nas àirde, dàil libhrigidh, agus barrachd teip dhearg do ghnìomhachasan roinneil.

Tha duilgheadasan mu choinneamh roinn a' bhidhe is na dighe, a tha air a deagh riochdachadh ann an eileanan na h-Alba, mar thoradh air sèineachan-solair a tha air am briseadh, bacaidhean malairt ùra agus prìsean bìdh nas àirde.

Tha call maoinachaidh an AE fhathast a' cur bacadh air fàs eaconamach seasmhach sna h-eileanan againn agus chan eil maoinachadh dùthchail a tha san amharc bho Riaghaltas na RA cho mòr ris an airgead a chaidh a chall bhon AE. Caillidh Alba mu £93 millean eadar 2021-22 agus 2024-25.

Chan eil taic Levelling Up aig Riaghaltas na RA a' toirt feart air suidheachadh eaconamach sònraichte na h-Alba, gu sònraichte airson sgìrean dùthchail agus le sluagh gann oir tha seo a' cleachdadh dòigh-obrach le slatan-tomhais airson prìomhachasadh nach eil a' gabhail ealla ri feumalachdan sònraichte na h-Alba.

Mar thoradh air Brexit, chan eil cothrom aig coimhearsnachdan eileanach na h-Alba air prògraman cudromach an AE tuilleadh, leithid Sgìre a' Chuain Siar, Iar-thuath na Roinn Eòrpa, an Cuan a Tuath, URBACT, agus INTERREG Eòrpa. Ach, tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gus taic a thoirt do bhuidhnean anns na h-eileanan gus dàimhean luachmhor a chumail ri com-pàirtichean Eòrpach aig a bheil an aon seòrsa de dhùbhlain àrainneachdail is sòisealta.

Is e droch thoradh eile aig Brexit gun deach crìoch a chur air saorsa gluasad, a tha a' cur ris na dùbhlain sluaigh a tha mu choinneamh cuid de na coimhearsnachdan eileanach.

San t-Sultain 2022, mhol Riaghaltas na h-Alba Pileat Bhìosa Dùthchail, stèidhichte air moladh Comataidh Comhairleachaidh Imrich aig Riaghaltas na RA gus imrichean a thàladh gu sgìrean dùthchail. Ag obair le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean gnìomhachais, tha Buidheann Comhairleachaidh nan Eòlaichean againn air Sluagh agus Imrich aig Riaghaltas na h-Alba air moladh pragtaigeach agus so-libhrigidh a dhealbhadh gus imrich a chur an comas gu coimhearsnachdan dùthchail.

Chaidh taic a thoirt dhan Phìleat Bhìosa Dùthchail le mòr-chuid shoilleir ann am Pàrlamaid na h-Alba, a' sealltainn taic thar-phàrtaidh làidir airson sgeamaichean imrich diofraichte a tha a rèir feumalachdan sònraichte deamografach choimhearsnachdan dùthchail is eileanach.

Às dèidh an aonta seo, sgrìobh Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fhearainn agus Eileanan gu Rùnaire na Dùthcha, ag iarraidh co-obrachadh eadar Riaghaltasan na RA agus na h-Alba agus com-pàirtichean ionadail air an sgeama imrich. Ged nach eil freagairt fhoirmeil air a bhith ann fhathast, tha ministearan air a bhith a' dèanamh conaltradh gus taic a thoirt dhan mholadh, a' gabhail a-steach comataidhean pàrlamaideach na h-Alba agus na RA. Thuirt [Aithisg Bhliadhnaile Comataidh Comhairleachaidh Imrich](#) gu bheil an sgeama "ciallach agus

*soilleir an dà chuid a thaobh meud agus comas libhrigidh” agus thug e fa-near gum biodh e a chùim leas Riaghaltas na RA a bhith a’ dèanamh deuchainn air.*

Tha Riaghaltas na h-Alba a’ cruthachadh Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich a thèid a chur air bhog ann an 2024. Tha an t-seirbheis seo a’ cumail taic ri [ro-innleachd sluaigh Riaghaltas na h-Alba](#), a tha a’ cur aghaidh air dùbhlain a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach. Tha e ag amas air dèiligeadh ri cuideaman deamografach le bhith a’ cur fàilte air luchd-obrach leis na sgilean a tha a dhìth air an eaconamaidh againn.

Bheir an t-seirbheis taic do luchd-fastaidh Albannach agus dhaibhsan a tha airson tighinn a dh’Alba gus dèiligeadh ri siostam in-imrich na RA gus cur ri feumalachdan sgilean is obrach na h-Alba a choileanadh.

Bheir e cuideachd taic-fhàilteachaidh do dhaoine a tha a’ gluasad a dh’Alba, a’ gabhail a-steach an fheadhainn a tha air roghnachadh dachaigh a dhèanamh sna h-eileanan, tro bhith a’ toirt seachad fiosrachadh agus comhairle mu imrich, gluasad agus amalachadh coimhearsnachd.

**Gealltanais 1.3** Cruthaich plana gnìomh gus taic a chumail ri àrdachadh-sluaigh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus a bhith ag obrachadh le com-pàirtichean gus deuchainnean a dhèanamh a thaobh pìlean air an sgèile bheag.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn a’ cruthachadh plana ro-innleachdail aig an àm seo a tha ag amas air frèam poileasaidh a thoirt seachad gus an tèid àireamh-sluaigh a ghlèidheadh agus gus am bi àrdachadh-sluaigh ann thar coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Bidh an obair seo a’ gabhail a-steach na leanas:
  - A’ mapachadh nan uidheam-smachd a tha Riaghaltas na h-Alba a’ cleachdadh aig an àm seo (ro-innleachdan, maoineachadh, riaghailtean planaidh) agus crìochan na dòigh-obrach againn an-dràsta;
  - A’ coimiseanadh rannsachadh agus a’ cruthachadh fianais gus àireamhan-sluaigh, crìonadh-sluaigh, agus àrdachadh-sluaigh àbhaisteach thairis air poileasaidh an riaghaltais san àm ri teachd.
  - A’ mìneachadh conaltradh làithreach le prìomh chom-pàirteachasan (Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Co-chruinneachadh Alba a Deas, COSLA);
  - Tha sinn ag amas air a’ Phlana Gnìomh gus Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh fhoillseachadh as t-Fhoghar 2023.

### Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chruthaich Riaghaltas na h-Alba [Plana Gnìomh Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh](#) gus an tèid an sluaigh a ghlèidheadh agus àrdachadh thar coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Chaidh fhoillseachadh air 16 Gearran 2024.

Airson adhbharan a' Phlana Gnìomh, tha dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh air a mhìneachadh mar a leanas:

- ag aithneachadh na farsaingeachd de dh'fhactaran a tha ag adhbharachadh crìonadh-sluaigh aig ìre coimhearsnachd;
- a' soilleireachadh àite nam buidhnean roinneil is ionadail ann a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan agus eaconamaidhean gus an soirbhich iad;
- a' mìneachadh mar a bheir Riaghaltas na h-Alba taic do dh'amasan choimhearsnachdan ionadail.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gabhail ri dòigh-obrach a tha com-pàirteachail dha-rìribh a thaobh cruthachadh a' Phlana Gnìomha gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus soirbheachadh, a' co-thaobhadh ri amas Aonta Taigh Verity *“ionadail mar bhun-roghainn, nàiseanta le aonta”*.

Dh'obraich sinn gu dlùth le ùghdarrasan ionadail a tha a' fulang bho chrìonadh-sluaigh gu dìreach agus tro bhòrd-cruinn poileasaidh sluaigh aig Riaghaltas na h-Alba/COSLA. Rinn sinn conaltradh cuideachd le Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (CoHI) agus Co-chruinneachadh Ceann a Deas na h-Alba, a' togail air co-obrachadh a bh' ann roimhe.

A bharrachd air seo, chaidh cuireadh a thoirt do bhuidhnean bhon taobh a-muigh leithid Bòrd na Gàidhlig, COSLA, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Institiud Sheumais Hutton pàirt a ghabhail ann am buidheann-obrach.

Tha Riaghaltas na h-Alba soilleir nach eil ann am foillseachadh a' Phlana Gnìomh ach a' chiad ìre de phrògram obrach nas fhaide agus stèidhichidh iad Buidheann Lìbhrigidh Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh gus sùil a chumail air adhartas le libhrigeadh a' Phlana Gnìomh.

## **Maoin gus Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh**

Mar phàirt den ghealltanas againn a bhith ag aithneachadh an àite a tha aig ceannardan ionadail ann a bhith a' dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh, cuiridh Riaghaltas na h-Alba Maoin gus Dèiligeadh ri Crìonadh-sluaigh air dòigh bhon Ghiblean 2024, gus leigeil le coimhearsnachdan fuasglaidhean treòrach sònraichte fheuchainn a tha ag amas air taic a chumail ri tàladh is glèidheadh sluaigh san sgìre ionadail aca.

Taghaidh a' Mhaoin trì ùghdarrasan ionadail an toiseach gus £60,000 fhaighinn an urra anns na bliadhnaichean ionmhais 2024-25 agus 2025-26. Thathar an dùil, a bharrachd air a bhith a' toirt taic do dhùbhlain sònraichte taobh a-staigh choimhearsnachdan, gun cruthaich na h-eadar-theachdan cuideachd ionnsachadh a bhios iomchaidh san fharsaingeachd air feadh na h-Alba.

## **Oifigearan Suidheachaidh**

Tha Riaghaltas na h-Alba air £67,500 a sholarachadh sa bhliadhna ionmhais 2023-24 airson pàirt-mhaoineachadh air leudachadh lìonra Oifigearan Suidheachaidh Coimhearsnachd a th' ann mar-thà, ann an com-pàirteachas leis na trì ùghdarrasan ionadail anns a bheil iad stèidhichte (Earra-Ghàidheal is Bòd, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar). Bidh na dreuchdan sin a' toirt taic do dhaoine a tha a' fuireach no a' gluasad gu na sgìrean, agus tha seo a' gabhail a-steach

a bhith ag obair le buidhnean-gnìomha agus buidhnean eile gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha mu choinneamh dhaoine nuair a ghluaiseas iad dhan sgìre.

Tha còmhraidhean a' dol air adhart eadar Riaghaltas na h-Alba agus na h-ùghdarrasan ionadail iomchaidh mu bhith a' cumail nan dreuchdan a' dol anns an ath bhliadhna ionmhais.

**Gealltanais 1.4** Obraich le eileanaich òga gus gnìomhan a chomharrachadh a dh'fhaodadh am brosnachadh gus cumail orra fuireach anns na h-eileanan no tilleadh do na h-eileanan.

### Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh Lìonra nan Eileanach Òga a chur air bhog gu h-oifigeil le Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail agus Eileanan ann an Arcaibh san Lùnastal 2022, a' toirt àrd-ùrlar do chloinn is dhaoine òga gus cur gu brìoghmhor ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus do bheatha sna h-eileanan san àm ri teachd. Tha cumhachd aig buill an lìonra gus an clàr-gnothaich aca fhèin a shuidheachadh stèidhichte air mar a tha iad fhèin airson dèiligeadh ris na prìomhachasan ionadail is nàiseanta as cudromaiche dhaibh. Aig an tachartas foillseachaidh, thug Ms Gougeon cuireadh foirmeil dhan Lìonra riochdachadh a bhith aca air Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean. Nì seo cinnteach tron Lìonra, gum bi guthan dhaoine òga air an cluinntinn agus gu bheil iad dha-rìribh a' cumadh lìbhrigeadh nan gealltanais taobh a-staigh a' Phlana, a bhios a' gabhail a-steach a bhith a' toirt buaidh air raon farsaing de ghnìomhan a bheir taic agus brosnachadh do dh'eileanaich òga le bhith a' cumail orra fuireach sna h-eilean no tilleadh do na h-eileanan.
- Tha obair air pròiseact Glèidheadh Oileanaich a' leantainn. Tha Glèidheadh Oileanaich ag amas air oileanaich a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba (agus àiteachan dùthchail/glusad gu eileanan) às dèidh dhaibh crìoch a chur air an cuid ionnsachaidh - tha seo a' buntainn ri oileanaich sam bith à Alba no bhon chòrr den RA. Chuidicheadh obrachadh le eileanaich òga sinn le bhith a' faighinn tuigse nas fheàrr air na bheireadh orra fuireach no tilleadh às dèidh colaiste/oilthigh.

Ann an 2023, lean Riaghaltas na h-Alba air adhart a' toirt taic do Lìonra nan Eileanach Òga (YIN) gus dèanamh cinnteach gun cluinnear beachdan, molaidhean agus miannan dhaoine òga a tha a' fuireach ann an eileanan na h-Alba mar phàirt de dhealbhadh is lìbhrigeadh iomairtean a bheir taic dhaibh a bhith a' fuireach ann an, no a' tilleadh gu, eileanan.

Tha cumhachd aig buill YIN an clàr-gnothaich aca fhèin a shuidheachadh, stèidhichte air mar a tha iad airson dèiligeadh ris na prìomhachasan ionadail is nàiseanta as cudromaiche dhaibh.

Dh'fhoillsich YIN an [Aithisg Dùbhlain Còmhdhail](#) aca san Dàmhair 2023 agus tha iad a-nis a' cumail còmhraidhean leantainneach le oifigearan Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach agus luchd-ùidh iomchaidh eile gus na dùbhlain agus na molaidhean a chaidh ainmeachadh san aithisg a mhìneachadh.



Chuir an YIN co-chomhairle air bhog cuideachd a thaobh an [Dùbhlain Taigheadais](#) aca, a chaidh a dhealbhadh agus air a chumadh leis a' bhallrachd. Tha a' cho-chomhairle seo a tha ag amas air daoine aois 12-25 air còrr is 60 freagairtean fhaighinn. Chùm Prìomh Neach-obrach Leasachaidh YIN seisean taigheadais aig Pàrlamaid Òigridh Dùthchail is Eileanach na h-Alba cuideachd anns a' Ghearsadan san t-Samhain 2023.

Tha buidhnean poblach agus luchd-co-dhùnaidh ionadail a' cur luach ann am beachdan bhall YIN, agus bi iad a' toirt àite dhaibh ann an ath-sgrùdaidhean phrògraman agus leasachaidhean pròiseict ùra. Mar eisimpleir, tha Bòrd Choimhearsnachdan nan Aiseagan agus Urras Leasachaidh Coimhearsnachd Thiriodh air fàilte a chur air eileanaich òga air na bùird aca. Tha buill YIN a' fàs misneachail mu bhith a' co-roinn an guthan sna coimhearsnachdan aca, cho math ri oidhirpean leantainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh buntainneach dhaibh, gun a bhith a' cur cus uallach orra.

Tha luchd-obrach òigridh agus buill de choimhearsnachdan eileanach san fharsaingeachd air a' bhuidhean mhath aig ballrachd YIN air daoine òga a mholadh. Mar eisimpleir, rinn YIN conaltradh le daoine òga a tha a' faighinn foghlam dachaigh agus a tha a' fulang bho aonaranachd. Tha seo air barrachd misneachd agus dealas adhbharachadh a bharrachd air sgilean ùra agus faireachdainn nas lugha de dh'aonaranachd.

Faic gealltanais 2.2 airson barrachd fiosrachaidh mu iomairtean gus oileanaich a ghlèidheadh.

**Gealltanais 1.5** Dèan làn bheachdachadh air leasachaidhean poileasaidh, mar eisimpleir, toraidhean rannsachadh “planadh dùthchail gu 2050”, nuair a thathar a' dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air feumalachdan eileanan na h-Alba le Buidheann-gnìomh a' Mhinistear air Àireamh-sluaigh.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 1.6** Dèan cinnteach gu bheil poileasaidhean ag amas air luchd-labhairt na Gàidhlig a ghlèidheadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig eileanach no an tàladh ann.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Measaidhean Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach leantainneach taic ris a' phròiseas seo às dèidh ùrachadh 2022 air Stiùireadh agus Seata-innealan Measadh Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach.
- Leanaidh coinneamhan ràitheil eadar Sgioba na Gàidhlig is Albais, Sgioba nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh Bile nan Cànan Albannach a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba aig deireadh 2023. Tha e na phrìomh ghealltanas sa Bhile a bhith a' stèidheachadh Sgìrean Cànan Sònraichte airson na Gàidhlig, a bhios ag amas air togail air iomairtean a th' ann mar-thà gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus gus luchd-labhairt na Gàidhlig a chumail agus a thàladh gu bhith a' fuireach agus ag obair ann an coimhearsnachdan eileanach. Rinneadh Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach airson [Bile nan Cànan Albannach: Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach](#).

Tha grunn bhuidhnean Gàidhlig stèidhichte ann an eileanan, a' cumail agus a' tàladh luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach a tha ag obair sna sgìrean sin air planaichean fhoillseachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig.

Tha dealas mòr ann cuideachd a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan eileanach seo a tha cuideachd a' cur ri glèidheadh agus tàladh luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bho 2019, tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do bhuidhnean agus iomairtean Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha seo a' gabhail a-steach taic airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Stòrlann, agus eile.

**Gealltanas 1.7** Obraich le co-obraichean poileasaidh gus Plana Leasachaidh Nàiseanta a dheasachadh airson Croitearachd a bhios a' suidheachadh stiùireadh ro-innleachdail fad-ùine airson croitearachd – a' soilleireachadh nam prìomh eileamaidean a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi croitearachd fhathast aig cridhe nan coimhearsnachdan dùthchail agus iomallach againn san àm ri teachd.

**Gealltanas air a choileanadh** – Chaidh an gealltanas seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanas 1.8** Obraich le Coimisean na Croitearachd gus feuchainn ri dèanamh cinnteach gum biodh gabhaltasan croite a nochdadh gu tric gus cothroman a chruthachadh do dhaoine ùra a dhol an sàs ann an croitearachd.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leudachaidh an Coimisean cuideachd an sgioba Còmhnaidh agus Cleachdadh Fearainn aca barrachd gus cur ris an obair aige gus aghaidh a chur air neo-làthaireachd agus air croitean a chur gu feum gnìomhach a-rithist, a chruthaicheas cothroman do dhaoine ùra a tha airson a dhol a-steach a chroitearachd.
- Tha an Coimisean cuideachd air Sgioba Leasachadh Croitearachd a chruthachadh, agus air oifigearan fhadastad anns na h-Eileanan an Iar a tha a' conaltradh ri coimhearsnachdan croitearachd agus comataidhean ionaltraidh gus cleachdadh gnìomhach nan croitean a bhrosnachadh agus gus cothroman a chomharrachadh do luchd-inntrigidh ùr.

Chuir Coimisean na Croitearachd pileat leantainneachd croite air bhog air feadh Uibhist, Bharraigh agus Iar-thuath Chataibh gus aghaidh a thoirt air cnapan-starra agus airson a bhith a' brosnachadh leantainneachd croite - gu sònraichte leantainneachd beò. Tha am pileat ag amas air cothroman a chomharrachadh do luchd-inntrigidh ùr agus a bhith a' cuimseachadh air dòighean-obrach ùra co-cheangailte ris a' [Phlana Leasachaidh Nàiseanta airson Croitearachd](#).

Ann an 2023, cho-obrach an Coimisean le Seirbheis Maidseadh Fearainn na h-Alba (Scottish Land Matching Service - SLMS) gus Goireas Croitearachd SLMS a chruthachadh, a' leigeil le daoine aig a bheil ùidh ann an croitearachd clàradh airson cothroman leis an stòr-dàta SLMS an-asgaidh.

Tha an Coimisean a' cur ris an Sgioba Còmhnaidh agus Cleachdadh Fearainn gus oidhirpean buileachaidh a bhrosnachadh, a bhith a' cuimseachadh air neo-làthaireachd, agus a bhith ag ath-bheothachadh croitean nach eilear a' cleachdadh. Leudaichidh an Coimisean sgòp an sgioba gu bhith a' gabhail a-steach sealbhadairean-còmhnaidh croitean falamh, agus gabhaidh iad gnìomhan an aghaidh an fheadhainn nach eil a' fuireach air a' chroit aca agus/no nach eil a' dèanamh obair àiteachais air. Le bhith a' dèiligeadh ri neo-làthaireachd bidh barrachd croitean ann do luchd-inntrigidh ùr, a' cumail taic ri glèidheadh sluaigh agus ris an eaconamaidh ionadail.

Tha an Coimisean cuideachd air cur ris an sgioba Leasachaidh Croitearachd aige a tha stèidhichte sna h-Eileanan Siar, a tha ag obair le coimhearsnachdan croitearachd eileanach gus sealbhachadh croitean agus stiùireadh gnìomhach air ionaltradh coitcheann a bhrosnachadh. Tha na h-oifigearan air a bhith air leth cudromach ann am plana pròiseact leantainneachd còir-sheilbh chroit a' Choimisein agus ann a bhith a' co-obrachadh leis an SLMS.

Tha an Coimisean air aithris gu bheil mu chòig ceud neach-inntrigidh ùra air tighinn a-steach gu croitearachd gach bliadhna. Eadar an Giblean 2022 agus Am Màrt 2023, bha còrr is 500 neach-inntrigidh ùra ann, le 52% dhiubh nan croitearan eileanach. Bha còrr is 45% den luchd-inntrigidh ùra nam boireannaich, agus bha còrr is 29% 40 bliadhna a dh'aois no nas òige.

Bho 2019, tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do chroitearachd agus do

ghnìomhachasan croite ann an coimhearsnachdan eileanach tro thabhartasan leithid Tabhartas Taighean Croitearachd, Sgeama Thabhartasan Àiteachais Croitearachd (CAGS), Sgeama Taic nan Sgìrean Fo-leasaichte (LFASS), Sgeama Pàighidh Bunaiteach agus Uaine, agus an sgeamaichean mairt-fheòil is chaorach.

Bho 2019, chaidh còrr is £9 millean den £15.2 millean ann am maoinachadh CAGS a thoirt do chòrr is 1,400 gnìomhachas croite eileanach, chaidh còrr is £3.3 millean aontachadh fo Thabhartas nan Taighean Croite airson 112 croitear eileanach. Tha seo air taic a thoirt do 60 taigh ùr agus 52 leasachaidhean air thaighean ann an coimhearsnachdan eileanach. Bho 2020, thug Riaghaltas na h-Alba àrdachadh 38% air buidseat Coimisean na Croitearachd, airson barrachd luchd-obrach, obair leasachadh, agus leasachaidhean riaghlaidh.

**Gealltanais 1.9** Cùm oirnn a' toirt taic do chroitearan eileanach gus leasachaidhean a dhèanamh air na croitean aca agus cuideachadh gus na gnìomhachasan aca a chumail suas. Bidh seo a' gabhail a-steach: Sgeama Grantaichean nan Taighean-croite, Sgeama Leasachaidh an Sprèidh agus modhan taic croitearachd eile.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

# Leasachadh Eaconamach Seasmhach

## Amas ro-innleachdail 2 - Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh

**Gealltanais 2.1** Comharraich prìomh ghnìomhan gus fàs eaconamach in-ghabhaltach agus seasmhach a chur air adhart sna h-eileanan leithid gnìomhachasan air an ruith leis a' choimhearsnachd, e-mhalairt agus gnìomhachasan stèidhichte ann an eileanan le comasan didseatach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Beachdaichidh sinn air seo mar phàirt den obair a thathar a' toirt air adhart fon [Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach](#) gus cruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheil an roinn phoblaich ann an Alba a' toirt taic do luchd-obrach agus gnìomhachasan. Tha NSET ag aithneachadh gum feumar modail a chruthachadh a ruigeas a h-uile coimhearsnachd, dùthchail no bailteil, agus a cheanglas daoine agus gnìomhachasan leis an taic a tha a dhìth orra. A' togail air obair a' Chom-pàirteachais Taic Gnothachais, a tha an urra ri làrach-lìn Fine Business Support, bheir seo a-steach ath-sgrùdadh air na stuthan agus na seirbheisean a tha rim faighinn. Bheir e barrachd soilleireachd do gnìomhachasan mun taic ris am faod iad a bhith an dùil aig ìre ionadail, roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta tro chonaltradh soilleir agus cunbhalach.
- Stèidhichidh sinn Maoin Tarbhachd Dhidseatach le fòcas air a bhith a' toirt taic do gnìomhachas gus piseach a thoirt air tarbhachd aig ìre na companaidh tro bhith a' gabhail ri, agus a' cur an sàs, teicneòlasan ùra is adhartach gu soirbheachail.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair le sgiobaidhean agus na buidhnean againn a tha a' libhrigeadh phròiseactan san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach ann an dòighean a bheir buannachdan do choimhearsnachdan eileanach.
- Cruthaichidh sinn co-phrògraman obrach gus cur ri tuigse dhidseatach agus gus àrdachadh a thoirt air gabhail ri teicneòlas ann an roinnean far an deach cruth-atharrachadh luath a thoirt air modailean gnìomhachais mar thoradh air teicneòlas ùr.
- Gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brìoghmhor, adhartach agus seasmhach, feumaidh co-obrachadh leantainneach a bhith ann leis na coimhearsnachdan eileanach againn fad beatha a' Phlana Leanaidh sinn oirnn le co-chomhairleachadh agus co-obrachadh cunbhalach leis na coimhearsnachdan eileanach againn.

- Chaidh buidseat de bheagan nas lugha na £62.7m a riarachadh do dh'iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) ann an 2023-24 gus taic a thoirt dhan obair aca gus piseach a thoirt air neartan agus cothroman roinneil agus aig an aon àm a bhith a' dèiligeadh ri bacaidhean air fàs, gus làn chomas eaconamach na sgìre fhuasgladh. Leanaidh HIE air adhart le libhrigeadh sùbailte do choimhearsnachdan agus gnìomhachasan dùthchail tro dhòigh-obrach sgioba sgìreil, ag atharrachadh ìrean eadar-theachd agus slatan-tomhais airson taic phrògraman gus tionnsgalachd, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd àrdachadh. Cumaidh HIE air a' cur an comas cothroman stèidhichte air àite, ag aithneachadh agus ag àrdachadh àite stòrasan nàdarra, togte agus cultarail agus goireasan daonna a tha rim faighinn ann an sgìrean ionadail air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.
- Cumaidh HIE air adhart a' toirt taic do dh'fhàs, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd ann an roinnean a tha bunaiteach dhan eaconamaidh dhùthchail agus stiùiridh e cruth-atharrachadh, an dà chuid do ghnìomhachasan a tha stèidhichte leithid biadh is deoch, turasachd agus gnìomhachasan cruthachail agus gnìomhachasan a tha a' fàs, a' gabhail a-steach gnìomhachasan lùths ath-nuadhachail, na h-eaconamaidh guirm agus fànas.

Sa Mhàrt 2023, dh'fhoillsich Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS) Plana Gnìomh Sgìlean Eaconamaidh Didseatach (DESAP) anns an robh luchd-ùidh bho choimhearsnachdan eileanach an sàs. Tha Gnìomh Prìomhachais DESAP 4 ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e aghaidh a chur air in-ghabhail cruinn-eòlasach ma tha eaconamaidh dhidseatach a tha cothromach agus eadar-mheasgte gu bhith againn. Tha SDS a' cur a' phlana gnìomh còig-bliadhna seo an gnìomh aig an àm seo le riochdairean bho na h-eileanan agus a' co-obrachadh le Leasachadh an Sgioba-obrach Òg (DYW) gus goireasan a chruthachadh a bheir taic do luchd-fastaidh, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean cùise bhidio bho luchd-fastaidh didseatach a tha stèidhichte sna eileanan.

Thairis air 2023, lean Riaghaltas na h-Alba air adhart a' tabhann lasadan Leasachaidh Didseatach gun riadh suas ri £100,000 do ghnìomhachasan gus cur ris na sgìlean agus na comasan-libhrigidh didseatach aca. Tha seo a bharrachd air Prògram DigitalBoost a tha a' tabhann taic dhidseatach do dh'iomairtean beaga is meadhanach, a' gabhail a-steach bùithtean-obrach, comhairle aghaidh ri aghaidh agus sgrùdaidhean slàinte.

Tha obair cuideachd a' dol air adhart le buidhnean iomairt Albannach, a' gabhail a-steach iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, gus comharrachadh mar as fheàrr as urrainn dhan luchd-ùidh uile a tha a' libhrigeadh sheirbheisean san raon seo obrachadh còmhla gus aon seirbheis nàiseanta aonaichte a libhrigeadh do ghnìomhachasan. Bidh toraidhean bhon cho-obrachadh seo, còmhla ri toraidhean bhon phàirt *Deuchainnlann Tarbhachd Didseatach*, a' stiùireadh nan ath cheumannan airson na Ro-innleachd Nàiseanta airson Atharrachadh Eaconamach.

Tha grunn iomairtean sna meadhanan Gàidhlig a' cur ri fàs eaconamach ann an coimhearsnachdan eileanach, buidhnean leithid Fèisean nan Gàidheal, Sabhal Mòr Ostaig agus Ceòlas. Chaidh aire a thoirt do choimhearsnachdan eileanach ann an aithisg Buidheann-obrach Beatha Ghoirid air na ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus an eaconamaidh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air na molaidhean san sgrìobhainn.

**Geallanas 2.2** Dèan sgrùdadh air an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' coileanadh feumalachdan nan eileanan taobh a-staigh com-pàirteachasan eaconamach roinneil a tha a' tighinn am bàrr a' gabhail a-steach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (CoHI).

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha gach Ùghdarras Ionadail eileanach nam ball ghnìomhach de CoHI, agus tha iad air an riochdachadh air a' Chom-pàirteachas Eaconamach Roinneil.
- Leanaidh HIE air mar phrìomh chom-pàirtiche sa Chom-pàirteachas Taic Gnothachais aig a bheil prìomh ròl ann an dleastanasan libhrigidh NSET. Tha e cuideachd na phrìomh chom-pàirtiche ann an Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil na Gàidhealtachd agus nan Eilean (REP).
- A thaobh Tàladh Tàlant, bidh obair leantainneach ann le lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus tuigse fhaighinn air na ceistean a th' ann agus mar as urrainn dhan t-Seirbheis Trusadh Tàlant, Aithneachadh Sgìlean Alba, agus Pròiseact Glèidheadh Oileanaich deagh buaidh a thoirt air oidhirpean àrdachadh-sluaigh.

Tha na h-ùghdarrasan ionadail eileanach uile fhathast nam buill ghnìomhach de CoHI agus den Chom-pàirteachas Eaconamach Roinneil, a' cruthachadh chothroman com-pàirteachaidh cunbhalach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na feumalachdan aca air an deagh riochdachadh. Choinnich an Co-chruinneachadh ann an Uibhist a Deas sa Mhàrt 2023.

### Planadh Sgìlean, Tarraing agus Glèidheadh Tàlant

Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh uallach a ghabhail airson planadh sgìlean gu nàiseanta agus gu roinneil le bhith a' co-obrachadh le luchd-ùidh gus dèiligeadh ri gainneadan, beàrnan, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an siostam foghlaim a' co-thaobhadh ri iarrtasan eaconamach.

Tha fastaichean, colaistean, oilthighean, com-pàirteachasan eaconamach roinneil, Bùird Slàinte is eile san roinn phoblaich, ùghdarrasan ionadail, agus na buidhnean poblach againn nam prìomh chom-pàirtichean sa phròiseas seo.

Tron Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach, tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn prògram Tàladh Tàlant a chur an gnìomh gus taic a thoirt do luchd-fastaidh gus luchd-obrach fhadhadh aig a bheil na sgìlean a tha a dhìth orra.

### A' glèidheadh cheumnaichean

Thèid deagh chleachdadh ann a bhith a' cumail oileanaich a tha air ceumnachadh a chleachdadh gus àrd-ùrlar a sholarachadh a ghabhas togail air, ag obair le Institiudan Foghlaim Àrd-ìre, Colaistean Foghlaim Adhartach, agus Gnìomhachas gus cothroman agus brosnachadh a chruthachadh do dh'oileanaich gus fuireach ann an Alba às dèidh dhaibh ceumnachadh, a' gabhail a-steach ann an sgìrean eileanach. Tha sinn ag amas air oileanaich a cheangal ri fastaichean, le fòcas air roinnean le gainnead sgìlean.

**Gealltanais 2.3** Dèan cinnteach gu bheil taic gnìomhachais agus taic coimhearsnachd sònraichte ann airson coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil bathar agus seirbheisean freagarrach, ruigsinneach agus èifeachdach. Bidh seo a' gabhail a-steach modailean ùra agus tionnsgalach agus a bhith ag obair le solaraichean nàiseanta gus beachdachadh air mar as urrainn do phrògraman aghaidh a chur air feumalachdan choimhearsnachdan agus ghnìomhachasan ann an dòigh nas fheàrr.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn Togail Beartas Coimhearsnachd (CWB) fhàs ann an Alba mar dhòigh phractaigeach airson ar n-amasan Eaconamaidh Sunnd a choileanadh. Tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do chòig sgìrean pìleat, na h-Eileanan an Iar nam measg, gus planaichean Togail Beartas Coimhearsnachd sònraichte a chruthachadh. Còmhla ris an obair pìleat seo, gheall Riaghaltas na h-Alba £3m gus Togail Beartas Coimhearsnachd a thoirt air adhart air feadh sgìre Siorrachd Àir, tro Aonta Fàs Siorrachd Àir. Dhaingnich am Prògram Riaghlaidh airson 2021 agus an Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach na planaichean againn gus reachdas a thoirt a-steach mu Thogail Beartas Coimhearsnachd rè seisean na Pàrlamaid seo. Feuchaidh an reachdas a tha sinn an dùil toirt a-steach ri dèiligeadh ri bacaidhean a chaidh a chomharrachadh taobh a-staigh nan sgìrean a tha a' buileachadh Togail Beartas Coimhearsnachd an toiseach agus bheir e taic do leabachadh a bharrachd den dòigh-obrach seo air feadh na h-Alba. Chaidh Buidheann-stiùiridh a' Bhìle, le Ministear an Ionmhais Phoblaich, Planaidh agus Bearteas Coimhearsnachd sa chathair, a stèidheachadh agus tha riochdachadh oirre bho raon de luchd-ùidh poblach, prìobhaideach agus san treas roinn, a' gabhail a-steach Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Siorrachd Àir a Tuath. Chùm Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle bho chionn ghoirid air reachdas Togail Beartas Coimhearsnachd a dhùin air 9 Cèitean 2023 a thug cothrom dhan a h-uile neach-ùidh pàirt a ghabhail ann a bhith a' cumadh an reachdais agus nan atharrachaidhean a tha a dhìth gus fàs as thoirt air beartas ionadail agus gus com-pàirt nas motha a thoirt do choimhearsnachdan san eaconamaidh. Cuidichidh freagairtean na co-chomhairle le bhith a' cruthachadh an reachdais.
- Tha figearan bho Chunntas-sluaigh nan Iomairtean Sòisealta as ùire a' sealltainn gu bheil barrachd dùmhachd agus barrachd ghnìomhachd iomairt sòisealta ann an coimhearsnachdan Eileanach na h-Alba an taca ri àiteachan eile. Cumaidh sinn oirnn a' toirt seachad maoinachadh agus taic chuimsichte shònraichte do dh'àiteachan dùthchail is eileanach tro bhuidhnean leithid Inspiralba agus Acadamaidh na h-Iomairt Sòisealta gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman aig na h-iomairtean sòisealta sin, a bhios gu tric aig cridhe beatha choimhearsnachdan eileanach, a bhith a' soirbheachadh agus a' fàs.



- Leanaidh HIE air adhart le libhrigeadh sùbailte do choimhearsnachdan agus gnìomhachasan dùthchail tro dhòigh-obrach sgioba sgìreil, ag atharrachadh ìrean eadar-theachd agus slatan-tomhais airson taic phrògraman gus tionnsgalachd, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd àrdachadh. Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach Prògram Greis Gnìomhachais nan Ceumnaichean aige a fhuair cuotathan nas àirde airson fastadh luchd-ceumnachaidh ann an àiteachan nas dùthchaile agus eileanach, a bha nam prìomhachasan airson eadar-theachdan àrdachadh-sluaigh.
- Cumaidh HIE air a' toirt seachad thogalaichean gnìomhachais ann an àiteachan dùthchail far a bheil fàilligeadh sa mhargaidh agus cruthaichidh iad stòrasan ùr-ghnàthachadh gus taic a thoirt do chothroman cruth-atharrachail. Cumaidh HIE air a' toirt taic do thogail beairteas coimhearsnachd tro bhith a' togail comas coimhearsnachd agus a' leasachadh stòrasan coimhearsnachd.

## Togail Beartas Coimhearsnachd

Fiosrachaidh [anailis neo-eisimeileach](#) air freagairtean co-chomhairleachaidh a chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2023 cruthachadh reachdas agus poileasaidhean CWB gus taic agus fàs a thoirt air beartas ionadail agus gus barrachd àite a thoirt do choimhearsnachdan san eaconamaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air a' toirt seachad maoinachadh agus taic gnìomhachais do dh'iomairtean sòisealta dùthchail is eileanach na h-Alba tro phrògraman leithid Co-ionad Iomairt Sòisealta Dùthchail, Accelerate agus Just Enterprise. Bheir na prògraman sin cothroman fàis do na buidhnean coimhearsnachd ro-chudromach sin.

Tha coincheap Togail Beartas Coimhearsnachd aig cridhe dòigh-obrach stèidhichte air àite aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean. Ag obair còmhla ris a' Chom-pàirteachas Eaconamach Roinneil (REP), tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a' stèidheachadh fo-bhuidheann oifigearan gus dòighean-obrach Togail Beartas Coimhearsnachd roinneil a rannsachadh. Fiosraichidh rannsachadh a choimiseanaich Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean leasachadh coimhearsnachd agus am plana Togail Beartas Coimhearsnachd aca. Bheir toraidhean bhon obair seo agus bho Chunntas-sluaigh nan Iomairt Sòisealta 2024 cruth air riarachadh maoinachaidh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson sgìrean dùthchail.

A' togail comas/comas-libhrigidh coimhearsnachd agus a' leasachadh stòrasan coimhearsnachd, tha Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean cuideachd air a bhith ag obair gus togalaichean gnìomhachais a sholarachadh ann an àiteachan dùthchail far a bheil fàilligeadh sa mhargaidh. Am measg nan eisimpleirean tha aonadan anns an Ath Leathann, Muile, agus Tiriodh, le taic leantainneach do Chompanaidh Leasachadh Coimhearsnachd Cholbhasa gus dà aonad a thogail san eilean.

## Reataichean Neo-dhachaigheil

Ag aithneachadh nan dùbhlann sònraichte a tha mu choinneamh gnìomhachas aoigheachd nan eilean, bidh faochadh 100% ri fhaighinn ann an 2024-25 do ghnìomhachasan aoigheachd a tha stèidhichte sna h-eileanan mar a tha mìnichte ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018, suas ri £110,000 airson gach gnìomhachas. Tha sinn a' meas gum bi suas ri 1,200 togalach airidh air faochadh 100% do ghnìomhachasan aoigheachd ann an eileanan na h-Alba, a thathar an dùil a shàbhaileas na gnìomhachasan sin £4.3 millean ann an 2024-25.

**Gealltanais 2.4** Obraich ann an com-pàirteachas gus taic a chumail ri leasachadh eaconamach seasmhach anns na h-eileanan, m.e., Àrainn Rannsachadh agus Tionnsgalachd Arcaibh agus leasachaidhean port Steòrnabhaigh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tro Aonta Fàs nan Eilean, trom bi an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA a' tasgadh suas ri £50m an urra, bidh sinn a' tasgadh ann an daoine, pròiseactan agus prìomhachasan ionadail ann an com-pàirteachas leis na trì ùghdarrasan eileanach agus Riaghaltas na RA agus farsaingeachd de chom-pàirtichean sna raointean poblach agus prìobhaideach agus san treas roinn. Sgaoilidh sinn na buannachdan de dh'fhàs eaconamach in-ghabhalach air feadh Arcaibh, Sealtainn agus nan Eileanan Siar, a' meudachadh chothroman do na h-uile.
- Tha an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus na RA air aontachadh £1.5m de mhaoineachadh a thoirt seachad gus cur ris an obair a thathar a' dèanamh gus taic a chumail ri cruthachadh plana lùths ionadail airson Ìle agus ri iomairtean lùths ionadail a thèid a chur an gnìomh air feadh an eilein mar thoradh air seo. Cumaidh sinn oirnn ag obair le luchd-ùidh gus taic a chumail ri cruthachadh plana lùths ionadail, a thathar ag ullachadh airson beachdachadh air mar phàirt de dh'Aonta Fàs Dùthchail Earra-Ghàidheal is Bhòid.

### Aonta Fàs nan Eilean

Mar a chaidh a mhìneachadh fo ghealltanais 1.1, chaidh Làn Aonta Fàs nan Eilean a shoidhnigeadh le Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas na RA, Comhairle Arcaibh, Comhairle Shealtainn agus Comhairle nan Eilean Siar tràth ann an 2023.

Tha sia pròiseactan deug sa phàipear Làn-Aonta, agus nam measg tha [Ionad nan Eilean airson Cothromachadh Carboin](#), Port Deep Water Dales Voe ann an Sealtainn, pròiseactan Co-ionad Cumhachd nan Eilean Siar agus pròiseactan Ath-leasachaidh Àrainn Shealtainn agus nan Eileanan Siar.

Tha tuigse, tomhas agus lùghdachadh eimiseanan carboin cuideachd nan amasan leabaichte ann an dealbhadh agus leasachadh a h-uile pròiseact Aonta Fàs, a dh'fheumas cuideachd beachdachadh air an seasmhachd san fhad-ùine bho shealladh coimhearsnachd agus ionmhais. Bheir comhairle speisealach cuideachadh do chom-pàirtichean gus na builean sin a choileanadh. A bharrachd air seo, bidh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) a' toirt taic do chom-pàirtichean ann a bhith a' tomhas an cuid eimiseanan carboin.

## Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid

Gheall Riaghaltas na h-Alba agus na RA suas ri £25 millean an urra airson Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid thairis air 10 bliadhna, le Cinn-theirmean air an soidhnigeadh sa Ghearran 2021. Tha an t-Aonta, air a chumadh le taic ionadail a' gabhail a-steach co-obrachadh le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Scottish Futures Trust, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Iomairt na h-Alba agus diofar ionadan foghlaim gus na molaidhean aca a leasachadh. Tha na pròiseactan a thathar a' moladh a' gabhail a-steach raointean farsaing bho leasachadh turasachd seasmhach, ùr-ghnàthachadh gnìomhachais, taigheadas, sgilean, tuathanachas-uisge, cothromachadh carboin, agus ath-nuadhachadh le fòcas air a bhith a' neartachadh coimhearsnachdan le bhith a' dèanamh Earra-Ghàidheal is Bòd na àite nas tarraingiche airson a bhith a' fuireach agus ag obair.

## Leasachadh Port Steòrnabhaigh

Tha pròiseact port Uisge Domhainn Steòrnabhaigh a' leasachadh ghoireasan docaireachd gus taic a chumail ri miannan an eilein a bhith na dachaigh do bhuidhnean cumhachd ath-nuadhachail agus ag àrdachadh sruthan luchd-turais le bhith a' toirt comas do bhàtaichean-turais a bhith stad an sin. Tha Riaghaltas na h-Alba - còmhla ri HIE agus Comhairle nan Eilean Siar - na phrìomh chom-pàirtiche, a' toirt seachad còrr is £33 millean ann am maoinachadh thar 25 bliadhna tron Mhodail airson Fàs nas Luaithe. Tha a' chiad phàigheadh tabhartais (le ùmhlachd do choileanadh nam builean aontaichte) ri thighinn sa Mhàrt 2024.

## Maoin Tabhartas Calpa Ath-nuadhachaidh

Chaidh Maoin Tabhartas Calpa Ath-nuadhachaidh (RCGF) a libhrigeadh le com-pàirteachas de Riaghaltas na h-Alba agus COSLA bho 2014. Tha an RCGF a' toirt taic do phròiseactan ath-nuadhachaidh calpa stèidhichte air àite, a tha a' gabhail a-steach coimhearsnachdan ionadail agus a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan, agus aig an aon àm a' cur ri targaid na h-Alba airson cothromachadh carboin ro 2045. Tha RCGF gu sònraichte ag amas air bun-structair ùr a thoirt seachad no am bun-structair a th' ann mar-thà a leasachadh gus piseach a thoirt air àrainneachd eaconamach, shòisealta agus chorpóra aig coimhearsnachdan.

Gu ruige seo, tha an RCGF air taic a thoirt do chòrr is 30 pròiseact ann an coimhearsnachdan eileanach, a' toirt seachad maoinachadh luach còrr air £29 millean. Tha seo a' gabhail a-steach còrr is £3 millean a chaidh aontachadh airson pròiseactan a tha gu bhith a' tòiseachadh ann an 2023-2024, leithid leudachadh air Pàirc Ghnìomhachais Aotrom Thobar Mhoire, ath-leasachadh air sgìre Loch a' Chàrnain ann an Uibhist agus leasachadh taobh-cladaich ann an Àros.

**Gealltanais 2.5** Cuir air adhart na cothroman pailt a tha ag èirigh bhon aithisg Sgrùdadh air Saidheans agus Tionnsgalachd A' Meudachadh Chothroman airson Eaconamaidh na Mara air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan" bho 2019 cho math ri bhith a' cur ris an fheadhainn a tha a' tighinn a-mach às na h-aontaidhean fàis.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha grunn phròiseactan gan toirt air adhart mar phàirt de dh'Aonta Fàs nan Eilean agus de dh'Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid aig a bheil fòcas làidir air Eaconamaidh na Mara. Cumaidh an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA orra ag obair gu dlùth le com-pàirtichean anns an dà Aonta gus na pròiseactan sin a thoirt air adhart airson leas nan coimhearsnachdan cladaich.
- A' leantainn air Sgrùdadh Saidheans agus Ùr-ghnàthachaidh 2019 "A' Meudachadh Chothroman airson Eaconamaidh na Mara air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan", dh'fhoillsich HIE aithisg "An Eaconamaidh Ghorm air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan" sa Ghearran 2023. Rinn an rannsachadh sgrùdadh air 11 roinnean mara agus dh'aithnich e gu bheil iad a' cur gu mòr gu sòisio-eaconamach ri coimhearsnachdan eileanach. Chomharraich an aithisg cothroman airson fàs a dh'fhaodadh a bhith cruth-atharrachail, agus an ròl a dh'fhaodadh a bhith aig HIE ann a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic dhan fhàs seo. Tha na prìomhachasan ro-innleachdail seo air Ro-innleachd HIE airson 2023-2028 (nach deach fhoillseachadh fhathast) fhiosrachadh, a tha a' comharrachadh chothroman airson leasachadh ann an lùths ath-nuadhachail mara, tuathanachas-uisge, bith-theicneòlas mara agus giollachd.
- Tha HIE a' toirt taic gu for-ghnìomhach do chom-pàirtichean san roinn phrìobhaidich agus com-pàirtichean acadaimigeach gus cùisean gnìomhachais a chruthachadh airson pròiseactan cruth-atharrachail ann an Aontaidhean Roinneil ann an eaconamaidh na mara - Shell-volution (Sealtainn), Prògram Tuathanachas-uisge na Mara agus Àrainn Ùr-ghnàthachaidh Machaire Shanais (an dà chuid ann an Earra-Ghàidheal). Nuair a thèid na cùisean gnìomhachais deireannach aontachadh, bidh libhrigeadh nam pròiseactan ioma-thaobhach seo air an stiùireadh le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Comann Saidheans Mara na h-Alba agus Oilthigh Shruighlea. Feuchaidh HIE ri buaidhean agus builean a leabachadh le bhith ag obair gu ro-innleachdail le iomairtean agus coimhearsnachdan ionadail thairis air an ath dheich bliadhna.

### Riaghladh Iasgach a' Chladaich agus Coimhearsnachdan air a' Chosta

Tha sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh [Ro-innleachd Riaghladh Iasgaich](#) na h-Alba agus tha sinn air adhartas a dhèanamh le raon de phoileasaidhean a tha ag amas air piseach a thoirt air seasmhachd stoc an èisg agus àrainneachd na mara san fharsaingeachd. Bidh seo a' dìon chothroman iasgaich, obraichean, agus tèarainteachd bìdh gu sònraichte do choimhearsnachdan eileanach aig a bheil eachdraidh làidir de dh'obair iasgaich.

Tha sinn air rannsachadh a dhèanamh agus air conaltradh a chumail le luchd-ùidh gus tuigse fhaighinn air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig iasgach air atharrachadh na gnàth-shìde agus air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig atharrachadh na gnàth-shìde air stoc an èisg agus air ar cuantan. Fiosraichidh seo gnìomhan san àm ri teachd a chuidicheas gnìomhachas an iasgaich gus gabhail ris na h-atharrachaidhean ris a bheilear an dùil nar n-àrainneachd mara.

Tha sinn a' cur cuideam làidir air co-stiùireadh, ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh gus gnìomhan stiùireadh iasgaich a libhrigeadh. Tha àite fìor chudromach aig Buidhnean Iasgach a' Chladaich (RIFGs) fhathast ann an seo, cho math ris a' Bhuidhinn Riaghlaidh is Glèidhteachais Iasgaich againn (FMAC).

## Pròiseact Shell-volution

Ag obair còmhla ri Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean air pròiseact [Shell-volution](#) a tha air a stiùireadh le Sealtainn. Tha am pròiseact seo ag amas air toradh agus èifeachdas ann an gnìomhachas nam feusgan àrdachadh, mar sin a' meudachadh agus a' cumail suas cosnadh ann an coimhearsnachdan eileanach. Coileanaidh am pròiseact na h-amasan aige tro thasgadh mòr ann an rannsachadh agus leasachadh tro gach cuid oilthighean agus an roinn phrìobhaideach.

Chaidh am pròiseact Shell-volution a dhealbhadh mar phrògram teicnigeach ùr-ghnàthach a chuireas fàs an comas ann an roinn tuathanachais feusgain beag-charboin agus seasmhach ann an Sealtainn, agus nas fharsaingeach air feadh na h-Alba. Meudaichidh tarbhachd agus tapachd làraichean tuathanais a th' ann mar-thà, agus thèid làraichean ùra a thogail. Tha com-pàirtichean anns an Aonta Fàs an dùil gum bi dùblachadh ann an àireamh nan daoine fastaichte san roinn mar thoradh air an tasgadh. Thathar den bheachd gu bheil comas aig margaidhean nan choinsiumairean gabhail ris an àrdachadh mean air mhean seo; agus gheibh luchd-giullachd fheusgain ann an Alba buannachd cuideachd bhon fhàs sheasmhach ann an obair nan tuathanasan.

## Gnìomhachas Biadh na Mara

Tha roinn mara na h-Alba ro-chudromach dhan eaconamaidh againn, gu h-àraidh do choimhearsnachdan cladaich is eileanach far a bheil cothroman cosnadh gu tric cuingealaichte. Tha e deatamach gun tèid taic a chumail ri roinn na mara againn gus a làn chomas a ruighinn gus dèanamh cinnteach gum bi coimhearsnachdan beothail.

Ged a thathar a-nis a' dèiligeadh gu math ri cuid de na cuideaman as miosa a thàinig às dèidh Brexit, tha e soilleir gu bheil dùbhlain fhathast ann. Tha dàta suirbhidh bho 2022 aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (faic cuideachd gealltanais 1.2) air sealltainn gu bheil na buaidhean Brexit sin air a bhith nas follaisiche am measg ghnìomhachasan bìdh is dighe - a' gabhail a-steach roinn biadh na mara - agus gu bheil iad a' toirt buaidh nas motha air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na ann an àiteachan eile san dùthaich.

Tha sinn a' cumail oirnn ag iarraidh ath-leasachaidhean èiginneach air poileasaidh in-imrich Riaghaltas na RA a chionn 's nach eil e a rèir feumalachdan na h-Alba, agus gu bheil e a' cuingealachadh comas ghnìomhachasan biadh mara nan eileanan an luchd-obrach fhaighinn a dh'fheumas iad gus soirbheachadh.

Tha sinn a' leantainn air adhart a' cur cuideam air Riaghaltas na RA gus cumail ris a' ghealltanais aca gus maoin eachadh a chumail ri cùisean na mara agus ri iasgach às dèidh Brexit, a' gabhail uallach airson làn chosgaisean Brexit airson ar roinnean mara agus a' toirt seachad cuibhreann cothromach is iomchaidh de mhaoineachadh do dh'Alba a bharrachd air an £14 millean sa bhliadhna a tha air a sholarachadh an-dràsta airson Mhaoin Mara na h-Alba.

A dh'aindeoin sin, leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh a' mhaoineachaidh a tha ri fhaighinn gus tasgadh deatamach a lìbhrigeadh ann am bun-structair leithid puirt is calachan, prògraman rannsachaidh is sgrùdaidh saidheansail cudromach, agus taic do dh'ùr-ghnàthachadh ann an roinn a' bhìdh mara gus dèanamh cinnteach gum bi fàs eaconamach ann an coimhearsnachdan eileanach.

**Gealltanais 2.6** Thoir ceannas seachad san roinn phoblaich, a' dearbhadh gun urrainn obair agus cùrsa-beatha soirbheachail a bhith aig daoine sna h-eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Sgapadh Luchd-obrach ag amas air sealltainn gun gabh obair a dhèanamh anns a' mhòr-chuid de dh'àiteachan. Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' dol an sàs agus a' meòrachadh air an obair seo a tha a' tighinn am bàrr agus a fhuair taic tro cho-obrachadh le Buidheann-obrach Sluaigh CoHI.
- Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn tron Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET) gun tèid prògram cuimsichte air Tàladh Tàlant a chur an gnìomh gus prìomh sgilean agus tàlant a thàladh bhon chòrr den RA. Tha am prògram Tàladh Tàlant a' gabhail a-steach grunn shruthan-obrach leis an amas daoine aig aois obrach a thàladh agus a chumail leis na sgilean gus taic a chumail ri ath-bheothachadh eaconamach na h-Alba agus gus cuideachadh gus dèiligeadh ri dùbhlain a thaobh àireamhan-sluaigh.

Faic gealltanaisan 1.1, 1.2 agus 2.2 airson barrachd fiosrachaidh mun Bhuidhinn-obrach aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich airson Alba, agus glèidheadh ceumnaichean.

Bidh an sgioba aig Riaghaltas na h-Alba a tha stèidhichte ann an Steòrnabhagh a tha a' libhrigeadh pàighidhean Maoin Structarail na h-Eòrpa comasach air cumail orra ag obair ann an Eilean Leòdhais às dèidh do na dleastanasan làithreach aca tighinn gu crìch ann an 2024-2025. Tha seo a' ciallachadh gum fuirich an luchd-obrach ann an Eilean Leòdhais an àite a bhith a' gluasad gu sgìrean eile de dh'Alba. Tha an dòigh-obrach seo a' cumail taic ri glèidheadh obraichean anns na h-eileanan agus a' fiosrachadh poileasaidh nas sùbailte a thaobh far a bheil luchd-obrach stèidhichte, a' stiùireadh an ath-bhreithneachaidh a tha ri thighinn air ar poileasaidh air obair mheasgaichte ann an 2025.

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh obair mheasgaichte shùbailte, a' cumail taic ri luchd-obrach a bhith ag obair ann an raon de shuidheachaidhean agus àiteachan. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhuinn cothroman a mheudachadh gus dàimhean làidir a thogail le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba air fad. Thathar a' dèanamh lèirmheas air oighreachd Riaghaltas na h-Alba gus an urrainn dhuinn planadh airson togalaichean air prìs ruigsinneach a tha in-ghabhalach, ruigsinneach, ùr-nodha, tèarainte, lùth-èifeachdach agus gus an luach as fheàrr a thoirt seachad. Tha sinn cuideachd a' cumail sùil air meud, cleachdadh ar luchd-obrach agus far a bheil iad suidhichte gus feumalachdan nan coimhearsnachdan air a bheil sinn a' frithealadh a choileanadh.

**Gealltanais 2.7** Thoir seachad àrainneachd gnìomhachais bheothail a tha a' toirt cothrom do dhaoine farsaingeachd de chothroman eaconamach a leantainn anns na h-eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Mar a thachras air feadh Riaghaltas na h-Alba, tha mòran den obair againn gus taic a thoirt do roinnean eaconamaidh eileanach air àbhaisteachadh agus a' gabhail a-steach iomadh raon poileasaidh agus mar sin cumaidh sinn oirnn a' co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' frithealadh feumalachdan is leas nan eilean.
- Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil 'dìon-eileanach' air a dhèanamh air poileasaidhean, ro-innleachdan agus seirbheisean ùra agus ath-sgrùdaichte le bhith a' toirt taic do cho-obraichean leis an dleastanas aca Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach a dhèanamh, aig a bheil àite deatamach ann a bhith a' toirt taic do, agus a' cruthachadh, leasachadh eaconamach seasmhach sna h-eileanan.
- Tha [am Prògram Riaghlaidh againn](#) a' toirt seachad grunn ghealltanasan gus taic a thoirt do dh'eaconamaidh dùthchail na h-Alba, a thèid a thoirt air adhart am-bliadhna. Tha na gealltanasan sin a' gabhail a-steach raon farsaing de roinnean bho àiteachas gu turasachd, iasgach agus ceangailteachd.
- A bharrachd air taic gnìomhachais a th' air àbhaisteachadh, cumaidh Prògram nan Eilean air a' toirt seachad tasgadh calpa thar beatha Plana Nàiseanta nan Eilean, le bhith a' toirt taic do dh'fharsaingeachd de raointean, a' gabhail a-steach turasachd, bun-structair, ùr-ghnàthachadh, eadar-ghluasad lùths agus sgilean. Gus dèanamh cinnteach gun toir an tasgadh seo luach an airgid as fheàrr do na coimhearsnachdan eileanach againn, agus aig an aon àm a' cumail taic dhaibh san ath-bheothachadh eaconamach, tha frèam Prògram nan Eilean air a dhaingneachadh le prionnsapalan togail beairteas coimhearsnachd stèidhichte air àite, agus aig an aon àm a' nochdadh nan ceithir prìomh chòlban aig Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' brosnachadh dòigh-obrach a tha cothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhalach a thaobh poileasaidh eileanach.

Faic gealltanasan 1.1 agus 2.4 airson barrachd fiosrachaidh mu Aonta Fàs nan Eilean.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a' toirt taic do ghnìomhachasan eileanach agus iomairtean sòisealta tro oifisean sgìreil sna h-eileanan, a' tabhann comhairle agus cothrom air bun-structair agus tasgadh. Bidh iad a' co-obrachadh le oifigearan Business Gateway gus dèanamh cinnteach gum bi slighe custamair èifeachdach ann do chliantan.

Tron prìomh Phrògram Ùr-ghnàthachaidh aige, tha HIE a' tabhann taic bho bhith a' dìon Stòrasan Inntleachdail, gu cruthachadh bathar ùr agus comhairle a thaobh rannsachadh is leasachadh. Tha iomairtean stèidhichte sna h-eileanan bho dhiofar roinnean - a' gabhail a-steach tuathanachas-uisge, turasachd agus aodach-fighte - air taic fhaighinn tron phrògram.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £4 millean tro Phrògram nan Eilean ann an 2023-24 gus taic a chumail ri leasachadh, cruthachadh no dìon phròiseactan bun-structair a tha air an dealbhadh gu h-ionadail a tha a' freagairt air amasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha Prògram nan Eilean air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan eileanach, agus tha a rèir agus a' coileanadh am feumalachdan ionadail.

Thathar a' toirt taic do 13 pròiseactan uile gu lèir tro chuairt 2023-2024 de Phrògram nan Eilean, a' gabhail a-steach ath-leasachadh Àrainn Steòrnabhaigh aig OGI, a' togail àiteachan-fuirich ùra do luchd-obrach ann am Muile agus tabhartas a dh'ionnsaigh Pròiseact Leasachaidh Sràid na Drochaid ann am Kirkwall.

**Gealltanais 2.8** Cruthaich agus brosnach cothroman obrach agus phreantasachdan airson eileanaich òga.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh lèirmheas farsaing Foghlam Alba air Bun-phreantasachdan fhoillseachadh sa Mhàrt 2023. Tha sinn air buidheann luchd-ùidh a stèidheachadh, le Riaghaltas na h-Alba sa chathair, a tha air Plana Leasachaidh a chruthachadh gus am prògram a neartachadh agus gus dèiligeadh ri ceistean a tha air an comharrachadh san aithisg.
- Tha sinn cuideachd a' stèidheachadh Buidheann Leasachaidh Phreantasachdan Ceumnaiche gus amasan poileasaidh fad-ùine a chruthachadh airson Preantasachdan Ceumnaiche, a' gabhail a-steach mar as urrainn dhaibh taic a chumail ri luchd-fastaidh dùthchail agus eileanach agus daoine òga.
- San aon dòigh, thèid poileasaidh Nua-phreantasachdan ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil preantasachdan a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh fàs eaconamach, a' dèiligeadh ri beàrnan sgilean sa mhargaidh obrach agus a' toirt taic do libhrigeadh ghealltanais Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach cothromachadh carboin agus coimhearsnachdan dùthchail is eileanach seasmhach.
- Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' libhrigeadh seirbheis dhreuchdan do gach aois sa h-uile ùghdarras ionadail, a' soilleireachadh nan roghainnean do dhaoine air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach Nua-phreantasachdan. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' dèanamh barrachd obrach, còmhla ri fastaichean, gus cuideam a chur air cho cudromach 's a tha Nua-phreantasachdan, gu sònraichte tro Sheachdain Phreantasachdan na h-Alba. Tha sinn a' cumail oirnn ag obair gu dlùth le Leasachadh Sgilean na h-Alba gus taic a thoirt do Nua-phreantasachdan air feadh na h-Alba.
- Tha obair air pròiseact Glèidheadh Oileanaich a' leantainn. Tha Glèidheadh Oileanaich ag amas air oileanaich a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba (agus àiteachan dùthchail/glusad gu eileanan no dhan Ghàidhealtachd) às dèidh dhaibh crìoch a chur air an cuid ionnsachaidh; tha seo a' buntainn ri oileanaich sam bith à Alba no bhon chòrr den RA. Chuidicheadh obrachadh le eileanaich òga sinn le bhith a' faighinn tuigse nas fheàrr air na bheireadh orra fuireach no tilleadh às dèidh colaiste/oilthigh.



- Tha ath-sgrùdadh air frèaman Àiteachais a' dol air adhart an-dràsta. Chaidh a' choinneamh mu dheireadh aig Buidheann nan Eòlaichean Teicnigeach (TEG) a chumail air 8 Ògmhios. Is ann anns a' bhuidhinn sin a tha na Pròifilean Dreuchd air an aontachadh, agus thèid Frèam agus Inbhe Preantasachd a chruthachadh agus aontachadh a' leantainn air seo. Bidh am Pròifil Dreuchd an uair sin mar bhunait airson an teastanais/nan teisteanasan a dh'fheumar a chruthachadh. Bidh an TEG cuideachd a' co-dhùnadh dè an àireamh de phreantasachdan a bhios ann, na slighean a bhios ann agus dè na h-ìrean a tha a dhìth. Tha cleachdadh an fhearainn san fharsaingeachd a' gabhail a-steach Gàrradaireachd, Sitheann is Fiadh-bheatha, Àiteachas, Glèidhteachas Àrainneachdail agus Sgilean Dùthchail.

Faic gealltanasan 1.2 agus 2.2 airson barrachd fiosrachaidh mu phlanadh sgilean, Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich airson Alba, agus glèidheadh cheumnaichean.

## Sgilean Fad-beatha agus Preantasachdan

Ann an 2022-2023 thòisich 196 Nua-phreantasachdan anns Na h-Eileanan Siar, 81 ann an Arcaibh agus 158 ann an Sealtainn. Bha an àireamh as motha de na nua-phreantasachdan ann an roinnean leithid togail, slàinte is cùram sòisealta, agus biadh is deoch.

Mar bhall de dh'Fhòram Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGI), tha Leasachadh Sgilean na h-Alba air taic a thoirt do bhuileachadh agus ùrachadh Ro-innleachd Eileanan OGI, a tha a' mìneachadh mar a dh'obraicheas OGI le com-pàirtichean gus a ghnìomhachdan a leudachadh agus a neartachadh air feadh Arcaibh, Sealtainn, na h-Eileanan a-staigh agus a-muigh, Bòd is Arainn.

Tha an ro-innleachd ag amas air taic a chumail ri luchd-obrach sgileil air feadh nan eilean, a bhith ag àrach tàlant tionnsgalach, a' dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam foghlaim a rèir feumalachdan na roinne, agus a' tàladh tàlant do na h-eileanan.

## Preantasachdan Ceumnaiche

Tha SDS agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' leantainn orra ag obair còmhla ri Oilthigh Raibeart Ghòrdain, Heriot-Watt, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus eile gus prògraman Preantasachdan Ceumnaiche (*Graduate Apprenticeships - GAs*) a chruthachadh a choileanas feumalachdan luchd-ionnsachaidh ann an roinn na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Tha institiudan a' cumail orra a' libhrigeadh phrògraman measgaichte a bheir taic do luchd-ionnsachaidh gus Preantasachdan Ceumnaich a dhèanamh air astar gun a bhith a' siubhal gu àrainn sa mheadhan, a' tabhann sùbailteachd ann an ùine ionnsachaidh agus a' lughdachadh eallach ùine siubhail dhan neach-ionnsachaidh agus dhan fhastaiche aca.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean air an tairgse Preantasachdan Ceumnaiche aca a leudachadh le trì a bharrachd a-nis aca a bharrachd air Preantasachd Ceumnaich nan Tràth-bhliadhnaichean. Fhuair an t-oilthigh cead gus na preantasachdan a leanas a thabhainn:

- BA GA Gnìomhachas agus Stiùireadh
- BSc (le Urram) GA Cruthachadh Bathar-bog
- BEng (le Urram) GA Togail.

## Preantasachdan stèidhichte air fearann

Às dèidh obair conaltradh fharsaing le fastaichean agus luchd-ùidh sa ghnìomhachas, tha obair leasachaidh air Preantasachdan Stèidhichte air Fearann a' tighinn gu co-dhùnadh soirbheachail. Thathar an dùil gum bi na Nua-phreantasachdan a' gabhail a-steach:

- Àiteachas (SCQF 5 is 6)
- Craobhan is Fiodh (SCQF 5 is 6)
- Fearann is Nàdar (SCQF 5 is 6)
- Tuathanachas-gàrraidh (SCQF 5 is 6)
- Glèidheadair faiche agus Turf Spòrs (SGQF 5 is 6)

Tha an àireamh iomlan de phreantasachdan air a dhol sìos beagan, a' cur taic ri tairgse nas soilleire do luchd-fastaidh agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gu bheil na cuspairean a th' ann mar-thà fhathast air an gabhail a-steach. Bidh Meta-sgilean freumhaichte anns a h-uile preantasachd, a' toirt taic do dhaoine fa leth a bhith a' leasachadh, agus atharrachadh agus a bhith a' dèanamh adhartas nan dreuchdan.

Tha sinn ag obair gu dlùth le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) agus le buidheann Aonta nam Preantasachdan gus ceann-latha a dhaingneachadh airson faotainneachd nan teisteanasan co-cheangailte.

**Gealltanais 2.9** Dèan cinnteach gu bheil solar sgilean sùbailte agus freagairteach a thaobh iarrtas san àm ri teachd agus gu bheil e a' toirt comas do dhaoine cothroman a ghabhail.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha am Prògram Sgioba-obrach Sgileil aig an Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aig daoine a dh'fheumas iad aig a h-uile ìre de bheatha gus dreuchdan buannachdail a bhith aca agus gus feumalachdan eaconamaidh agus comann-sòisealta a tha a' sìor atharrachadh a choileanadh agus gum bi fastaichean a' tasgadh anns an luchd-obrach sgileil a dh'fheumas iad gus fàs a thoirt air na gnìomhachasan aca. Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil an siostam foghlaim is sgilean sùbailte agus a' freagairt air feumalachdan eaconamach ar roinnean agus raointean. Mar phàirt de seo, san Ògmhios 2023, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an aithisg dheireannach air an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cruth-tìre Libhrigeadh Sgilean a chaidh a sgrìobhadh le James Withers, Comhairliche Neo-eisimeileach. Tha an Lèirmheas a' comharrachadh dùbhlain taobh a-staigh an t-siostaim làithrich agus a' dèanamh mholaidhean air mar a bu chòir dha atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh airson an àm ri teachd.

- Tha Plana Gnìomh Sgìlean airson Alba Dhùthchail (2019-21) a' mìneachadh na dòigh-obrach ro-innleachdail, com-pàirteachail againn gus feumalachdan sgìlean na h-eaconamaidh dùthchail a choileanadh an-dràsta agus san àm ri teachd. Chaidh adhartas mòr a dhèanamh thar nan còig raointean prìomhachais sa Phlana. Tha Riaghaltas na h-Alba agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba fhathast dealasach a thaobh dòigh-obrach ro-innleachdail, com-pàirteachail gus taic a thoirt do dh'fheumalachdan sgìlean na h-eaconamaidh dùthchail aig an àm seo agus san àm ri teachd agus tha iad a' leantainn orra a' cumail sùil air stòrasan airson libhrigeadh na h-obrach seo. Tha iad a' dèanamh cinnteach gun tèid na beagan ghnìomhan a tha air fhàgail sa Phlana a chrìochnachadh. Tha e coltach gum bi an suidheachadh poileasaidh nas fharsainge ag atharrachadh ri linn na h-obrach air a' Phlana Libhrigeadh Dùthchail (agus an eileamaid mu fhoghlam is sgìlean ann), ri linn ath-sgrùdadh neo-eisimeileach air cruth-tìre libhrigeadh sgìlean agus an lèirmheis air Plana Gnìomh Sgìlean Èiginn na Gnàth-shìde agus eile. Gus dèanamh cinnteach gu bheil co-òrdanachadh agus libhrigeadh sgìlean ann an Alba dhùthchail buntainneach agus a' gabhail a-steach co-dhùnaidhean na h-obrach seo leanaidh sinn oirnn ann an suidheachadh eadar-amail fhad 's a tha sinn a' cruthachadh ar modh-obrach seasmhach, fad-ùine.
- Chuir an Coimisean Neo-eisimeileach aig Riaghaltas na h-Alba gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air ionnsachadh stèidhichte air fearann an aithisg aca gu Ministearan na h-Alba san Fhaoilleach 2023. Tha 22 moladh ann air mar a thrusar agus a leasaichear slighean ionnsachaidh gus barrachd dhaoine uidheamachadh leis na sgìlean agus an eòlas a tha a dhìth airson a bhith ag obair ann an roinnean stèidhichte air fearann agus tuathanas-uisge na h-Alba. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn beachdachadh air an aithisg agus freagairt a thoirt seachad ann an 2023. Bheachdaich an lèirmheas air mar a bheirear cothroman agus teisteanasan tro thràth-bhliadhnaichean, sgoil, colaiste, oilthigh agus ionnsachadh san àite-obrach do bharrachd dhaoine, agus gu sònraichte barrachd bhoireannaich is dhaoine òga, a bhith ag obair ann an roinnean stèidhichte air fearann agus tuathanas-uisge.
- Tha Aonta Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-steach prògram Rural Skills Accelerator a bhios a' gabhail a-steach Acadamaidh STEM gluasadach a bhios a' frithealadh choimhearsnachdan eileanach agus iomallach san sgìre.
- Leasaichidh prògram Eileanan Tàlantach aig Aonta Fàs nan Eilean foghlam agus sgìlean thar gach roinn ann am prògram Aonta nan Eilean, gu sònraichte anns na roinnean cothromachadh carboin agus ath-nuadhachail.

Chaidh Pròiseact Sgìlean is Àrdachadh-sluaigh nan Eilean a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Buidheann-obrach Sluaigh aig CoHI (faic gealltanais 1.1) a mhaoinich conaltradh le coimhearsnachdan eileanach gus dèiligeadh ri iarrtas nach deach a choileanadh, gus taic a thoirt do thrèanadh agus gus deuchainn a dhèanamh air cnapan-starra a thaobh togail sgìlean a bheir buaidh air glèidheadh choimhearsnachdan agus air tàladh dhaoine. Thèid na chaidh ionnsachadh bhon phileat a sgrùdadh agus fiosraichidh seo co-dhùnaidhean san àm ri teachd.

Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) cuideachd a' cur ri Plana Gnìomh Sòn Fàs-shluaigh Uibhist agus a' cumail taic ri cruthachadh [Prògram TalEntEd Islands](#), a tha na phàirt de dh'Aonta Fàs nan Eilean, ag amas air foghlam, sgilean agus tionnsgalachd àrdachadh, anns na h-eileanan. Am measg chom-pàirtichean pròiseict eile tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh Raibeirt Ghòrdain agus Oilthigh Heriot Watt.

Tro libhrigeadh a' phròiseict Pathfinder Heat Decarbonisation, tha SDS ag obair còmhla ri OGE agus buidhnean eile ann an Sealtainn gus atharrachaidhean a chur an gnìomh anns an tairgse foghlaim is sgilean a bheir taic do dhì-charbonachadh teasachadh dachaigheil is coimeirsealta.

Tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba a' co-obrachadh le Riaghaltas na RA, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus com-pàirtichean gus an Làn-aonta aontachadh airson libhrigeadh pròiseict. Bidh seo a' gabhail a-steach leasachadh agus aontachadh air na sgrìobhainnean làn-aonta riatanach (buileachadh, riaghladh, agus planaichean ionmhais) agus cunntas a thoirt air cùisean gnìomhachais airson gach pròiseact a tha air a ghabhail a-steach ann an aonta nan Cinn-teirmean. Tha deagh adhartas ga dhèanamh agus tha co-miann ann an Làn-aonta a dhèanamh cho luath 's a ghabhas.

**Gealltanais 2.10** Tog air Plana Mara Nàiseanta na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun toir iasgach agus gnìomhan eaconamach eile co-cheangailte ris a' mhuir cothroman a bharrachd do choimhearsnachdan eileanach, ach aig an aon àm, gun tèid seo a dhèanamh ann an dòigh sheasmhach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh lèirmheas reachdail air [Plana Mara na h-Alba](#) fhoillseachadh sa Mhàrt 2021. Cho-dhùin e ged a tha am plana fhathast èifeachdach, gu bheil leasachaidhean nàiseanta is cruinneil a' sealltainn gu bheil feum air ùrachadh agus air plana ùr. Tha Ministearan na h-Alba air beachdachadh air co-dhùnaidhean an Ath-sgrùdaidh, agus chur iad an cèill gun robh iad an dùil Plana Nàiseanta na Mara ùr a chruthachadh san t-Sultain 2022 anns a' Phrògram Riaghlaidh. Tha Rùnaire a' Chaibineit airson Cothromachadh Carboin agus Eadar-ghluasad Cothromach air an rùn seo ath-dhaingneachadh ann an [Ro-shealladh Poileasaidh a' Phrìomh Mhinisteir](#) sa Ghiblean 2023 agus air gealltainn plana mara nàiseanta ùr fhoillseachadh agus tòiseachadh air a chur an gnìomh, a rèir Lèirsinn na h-Eaconamaidh Guirm, ro 2026.

### Riaghladh Iasgach a' Chladaich agus Coimhearsnachdan air a' Chosta

Tha an dòigh-obrach leantainneach againn a bhith a' faighinn chothroman iasgaich tro cho-rèiteachadh eadar-nàiseanta ag amas air na buannachdan as motha fhaighinn bho iasgach do na coimhearsnachdan ionadail againn agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair iasgaich ga dhèanamh aig ìrean seasmhach. Tha seo a' gabhail a-steach mòran de na coimhearsnachdan iasgaich againn a tha stèidhichte sna h-eileanan. Tha an cuota a gheibhear aig ìre eadar-nàiseanta a' cuideachadh le bhith a' cumail suas agus a' toirt fàs air gnìomhachasan ionadail, a' toirt seachad cothroman cosnaidh aig muir agus air tìr.

Tha an [Ro-innleachd Riaghladh Iasgaich](#) againn ag amas air piseach a thoirt air seasmhachd stoc an èisg. Ann an 2023, rinn sinn co-chomhairle mu bhith a' sgaoileadh a-mach siostaman tracadh is sgrùdaidh shoithichean do bhàtaichean iasgaich fo 12m a bhios mas as trice ri iasgach ann an uisgeachan a' chladaich. Cuidichidh an teicneòlas seo le bhith a' togail ar bunait fianais airson farsaingeachd de stocan èisg, agus bheir e piseach air ar co-dhùnaidhean ann an àrainneachd na mara.

Tha Plana Nàiseanta na Mara 2 (NMP2) ùraichte ga ullachadh agus thèid a dhealbhadh còmhla ri luchd-ùidh. Bheir e dhuinn frèam dealbhaidh airson riaghladh seasmhach den spàs mara cho-roinnte againn, a' cumail taic ri ar gealltanasan a thaobh cothromachadh carboin, dìon àrainneachd na mara, tèarainteachd lùths is bìdh, agus coimhearsnachdan soirbheachail.

Bidh NMP2 a' cleachdadh dòigh-obrach eaconamaidh ghorm, a' beachdachadh air ar n-eaconamaidh mara, coimhearsnachdan ionadail, agus an àrainneachd còmhla. Cuidichidh seo gus am frèam dealbhaidh ceart a chur an sàs gus aghaidh a chur air an àrdachadh ann am farpais airson spàs mara, agus aig an aon àm a' dìon roinnean mara seasmhach agus ag aithneachadh cho cudromach 's a tha roinnean sònraichte, leithid iasgach, do ar coimhearsnachdan cladaich is eileanach.

**Gealltanas 2.11** Dèan cinnteach gu bheil cleachdadh fearainn seasmhach a' gabhail a-steach àiteachas agus coilltearachd fhathast a' toirt seachad obraichean agus cothroman do choimhearsnachdan eileanach.

Faic gealltanas 1.8 airson barrachd fiosrachaidh mu chroitreachd agus iomairtean air am brosnachadh le Coimisean na Croitearachd.

Tha obair a' leantainn air buileachadh plana gnìomh sgìlean roinn na coilltearachd agus air a bhith a' cruthachadh ionad trèanaidh teicnigeach, iomairt eadar an roinn phoblach is phrìobhaideach a bhios a' stèidheachadh companaidh neo-phrothaid gus aghaidh a chur air fàilligeadh sa mhargaidh ann an raointean sònraichte de thrèanadh teicnigeach leis an amas fàs a thoirt air gnìomhachasan coilltearachd air feadh na h-Alba - a' gabhail a-steach sna h-eileanan.

Tha sinn cuideachd air maoinachadh a thoirt do ghrunn bhuidhnean choilltean coimhearsnachd a tha a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh agus a' cumail suas obraichean ann an coimhearsnachdan eileanach. Mar eisimpleir, tro Mhaoin Coimhearsnachd Coilltearachd na h-Alba, thug sinn taic do Leasachadh Iar-dheas Mhuile agus Eilean Ì (SWMID) le bhith a' stèidheachadh muileann-sàbhaidh ann an Coille Coimhearsnachd Thìr Òdhraìn. Chan e a-mhàin gu bheil am muileann-sàbhaidh a' toirt cothrom dhan choimhearsnachd barrachd den fhiodh aca fhèin a chleachdadh, chaidh neach-obrach ùr fhastadh cuideachd mar thoradh air seo.

Tha maoinachadh Coilltearachd na h-Alba cuideachd air cothrom a thoirt do Chomann nan Coilltean Coimhearsnachd gus sgeama meantoraidh a ruith. Tha SWMID/Coille Choimhearsnachd Thìr Òdhraìn agus Companaidh Coille Coimhearsnachd Iar-thuath Mhuile le chèile nam buill agus gheibh iad cothrom air taic coilltearachd theicnigeach an-asgaidh.

Tha taic ionmhais do Chomann Lotaichean-coille na h-Alba air barrachd comhairle a thoirt do SWMID/Coille Choimhearsnachd Thìr Òdhraìn mu bhith a' stèidheachadh lotaichean-coille san eilean. Ma thèid a bhuileachadh, bheireadh e taic do dhachaighean ionadail agus do ghnìomhachasan beaga, a bharrachd air a bhith na

bhuannachd do dh'ùachdarain tro riaghladh choilltean gnìomhach agus silviculture leantainneach.

Bidh Coilltearachd agus Fearann Alba a' toirt seachad cosnadh ionadail gu dìreach anns na h-eileanan agus a' cumail taic ri cothroman cosnaidh tro chùmhnanntan airson gnìomhan leithid leagail chraobhan, a' cur agus cumail suas chraobhan.

**Gealltanas 2.12** Obraich còmhla ri luchd-obrach agus luchd-ùidh gus turasachd a dhèanamh nas seasmhaiche agus gus am bi i ann tron bhliadhna air fad, agus gus gnothaichean turasachd a bhiodh a' ruith fad na bliadhna a chur air dòigh thairis air barrachd eileanan, a bhiodh a' toirt seachad bhuannachdan eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Gus taic a chumail ri ath-bheothachadh fad-ùine ann an gnìomhachas turasachd is aoigheachd na h-Alba, chaidh Prògram Ath-bheothachadh na Turasachd (10 pròiseactan a thug deagh bhuidheann air feadh na h-Alba) a chrìochnachadh sa Mhàrt 2022. Chaidh na deich pròiseactan a dhealbhadh gus taic a thoirt do na ceithir builean (Gnìomhachasan Iomadaichte, Daoine Dioghrasach, Gnàth-eòlasan as Fhiach Cumail air Chuimhne agus Àiteachan Soirbheachail) a chaidh ainmeachadh ann an Scotland Outlook 2030. Aig àm nuair a tha sinn a' gluasad seachad air na dùbhlain sa gheàrr-ùine a bha an lùib a' ghalair lèir-sgaoilte, feumaidh an gnìomhachas agus an riaghaltas cumail orra ag obair còmhla gus prìomhachasan Scotland Outlook 2030 a cho-thaobhadh ris an Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET). Tha com-pàirtichean a-nis ag obair còmhla tro Bhuidheann Ceannardas Gnìomhachas na Turasachd is Aoigheachd (ILG) a bheir seachad stiùireadh ro-innleachdail gus miann na h-Alba a chur air adhart a bhith air thoiseach air càch ann an turasachd chruinneil san 21mh linn. Bheir an ILG stiùireadh ro-innleachdail seachad gus cuideachadh le bhith ag àrdachadh luach eaconamach agus ag àrdachadh buannachdan turasachd, agus aig an aon àm a' libhrigeadh a' chuid as fheàrr do luchd-tadhail, gnìomhachasan agus coimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

[Tha Scotland Outlook 2030](#), ro-innleachd turasachd nàiseanta na h-Alba, a' mìneachadh an àrd-mhiann choitchinn airson Alba, gum bi i air thoiseach aig ìre an t-saoghail airson turasachd chunntachail agus gum bi i air aon de na cinn-uidhe as seasmhaiche gu h-eaconamach, gu h-àrainneachdail agus gu sòisealta san t-saoghal.

Tha Buidheann Ceannardas Gnìomhachas na Turasachd (ILG) air a bheil Ministear nan Gnìomhachasan Beaga, Ùr-ghnàthachas, Turasachd agus Malairt na cathraiche, a' toirt seachad stiùireadh ro-innleachdail gus an t-àrd-amas seo a choileanadh. Ann an 2023, stèidhich an ILG còig miseanan gus cuideachadh le bhith a' coileanadh an amais. 'S iad sin:

- Daoine moiteil, le luach ga chur annta ag obair airson Alba
- A' gabhail ri atharrachadh teicneòlais luath
- Turasachd air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd
- Cothromachadh carboin nas luaithe
- Còmh-dhail sheasmhach

Tha na iomairtean seo uile cudromach do na coimhearsnachdan eileanach agus do dh'fhàs seasmhach na turasachd ann an eileanan na h-Alba. San àm ri teachd, cleachdaidh an ILG na h-iomairtean sin gus na gnìomhan ro-innleachdail cruth-atharrachail a chomharrachadh agus gus buaidh a thoirt orra gus tasgadh a thoirt air adhart agus am bi fàs seasmhach ann.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt prìomh mhaoineachadh do VisitScotland, ar buidheann turasachd nàiseanta, gus cuideachadh le bhith ag àrdachadh luach na turasachd air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach sna eileanan againn. Ann a bhith a' cur ri luach na h-eaconamaidh luchd-tadhail, tha VisitScotland a' cuimseachadh air turasachd a shìneadh air feadh na dùthcha agus air feadh na bliadhna, a' cur ri riarachadh – am measg luchd-tadhail, luchd-còmhnaidh is ghnìomhachasan – agus a bhith a' cruthachadh turasachd chunntachail.

Tha VisitScotland an sàs ann a bhith a' cruthachadh phrògraman agus pròiseactan Aonta Fàs a bheir taic dhan eaconamaidh luchd-tadhail, leithid [prògram Leasachadh Chinn-uidhe nan Eilean Siar](#) agus [pròiseact Geata a-steach gu Dualchas na Cruinne Arcaibh](#). Bidh e ag obair gu dlùth le Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil gus planaichean turasachd àrd-amasach a chruthachadh agus a libhrigeadh agus gus taic a thoirt do chom-pàirtichean gus ro-innleachdan turasachd a libhrigeadh anns na h-eileanan againn. Tha sgiobaidhean sònraichte aice air grunn eileanan, le taic bho ghoireas agus eòlas nàiseanta gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a ghnìomhachdan. Tha e a' toirt taic shònraichte do ghnìomhachasan turasachd agus iomairtean coimhearsnachd anns na h-eileanan gus tursan àrd-chàileachd a chruthachadh, a' togail comas didseatach, a' ruighinn mhargaidhean ùra agus a' gluasad a dh'ionnsaigh chleachdaidhean nas seasmhaiche.

Tha dòigh-margaideachd VisitScotland a' brosnachadh cothroman turasachd ann an eileanan na h-Alba fad na bliadhna, thairis air gnìomhan margaidheachd eadar-mheadhanach agus do choinsiumairean.

Ann an 2023, bha iomairt Spiorad na Gàidhealtachd agus nan Eilean, ann an com-pàirteachas le High Life na Gàidhealtachd, na dheagh eisimpleir den obair aige gus eileanan a bhrosnachadh agus turasachd chunntachail a bhrosnachadh. Bhrosnaich an iomairt luchd-tadhail gus coimhead air àiteachan air nach bi an uiread de dhaoine a' tadhal agus gus a bhith a' dol dhan sgìre aig amannan nas sàmhhaiche den bhliadhna.

Thathar a' tuigsinn gun urrainn turasachd cur ri bhith a' glèidheadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig agus a cultar a bharrachd air a bhith a' cumail taic ri fàs eaconamach ann an coimhearsnachdan eileanach. Chaidh [Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig na h-Alba 2024-2029](#), fhoillseachadh sa Ghearran 2024. Airson barrachd fiosrachaidh, faic gealltanais 2.22.

## **Turasachd àiteachais**

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn suas ri £443,000 de thaic a thoirt do dh'iomairt na h-Alba gus Prògram Tuathanas Monatair Turasachd Àiteachais ùr a stèidheachadh eadar 2023-2024 agus 2024-2025. Tha sinn den bheachd gum bi Turasachd Àiteachais na h-Alba seasmhach san àm ri teachd, a bhios a' toirt seachad turasan de dh'àrd-chàileachd do luchd-tadhail agus a bheir fìor bhlas de dh'Alba dhaibh, le biadh is deoch aig cridhe seo. Faodaidh àiteachas-turasachd cur ri

seasmhachd tuathanasan teaghlaich le bhith a' cruthachadh theachd a-steach agus a' cur ri eaconamaidhean nan eileanan againn le bhith a' cumail iomadh ginealach de theaghlaichean tuathanachais ann an cosnadh.

Tha Bòrd Buileachaidh Turasachd Àiteachais – le Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan mar cho-chathraiche – a' toirt còmhla buidhnean leasachaidh eaconamach, an riaghaltas (ionadail is nàiseanta) agus an roinn phrìobhaideach gus sùil a chumail air buileachadh ro-innleachd Turasachd Àiteachais na h-Alba 2021. Thug Riaghaltas na h-Alba £35,000 seachad cuideachd ann an 2022-2023 gus comas a thoirt do Thurasachd Àiteachais na h-Alba ròl stiùiridh a bhith aca a thaobh na ro-innleachd, le £35,000 a bharrachd air aontachadh airson 2023-2024.

## **Prògram nan Eilean – Co-ionad Chanaigh agus Ionad Luchd-tadhail Cò Leis Thu?**

Tro chuairt maoinachaidh 2023-2024 aig Prògram nan Eilean, thabhainn sinn tabhartas suas ri £298,900 do Chomhairle na Gàidhealtachd gus seann stòras guail ri taobh cidhe Chanaigh ath-leasachadh gus ionad fàilteachaidh agus goireasan ruigsinneach a chruthachadh gus taic a chumail ri fàs seasmhach eaconamaidh an eilein. Cuidichidh an togalach le bhith a' cumail taic ri àireamh luchd-turais a tha a' sìor fhàs mar phàirt mhòr de dh'eaconamaidh an eilein.

A bharrachd air sin, chaidh suas ri £55,000 a thoirt do Chomhairle nan Eilean Siar gus obair RIBA Ìre 3 agus 4 a chrìochnachadh gus na goireasan a th' ann an Seallam! a leasachadh agus a leudachadh. Thèid ionad luchd-tadhail *Cò Leis Thu?* ùrachadh gus am bi deagh cheann-ùidhe ann do luchd-turais ann an ceann a deas na Hearadh, a tha leis, agus air a ruith leis, a' choimhearsnachd. Tha cruaidh fheum air goireas de a leithid.

## **Moladh airson cìs air bàtaichean turas-mara**

Dh'iarr COSLA gum biodh ullachadh ann am Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba) a bheireadh cumhachd do chomhairlean gus cìs ionadail a thoirt a-steach co-cheangailte ri bàtaichean-turais, nam biodh iad ag iarraidh sin. Mar sin, ghairm Riaghaltas na h-Alba buidheann-obrach as t-samhradh 2023 le COSLA agus riaghaltas ionadail gus obrachadh a-mach dè a bhiodh a dhith gus seo a dhèanamh.

Tha sinn air gealltainn co-chomhairleachadh poblach a chumail air cìs bàtaichean turais-mara, aon uair 's gu bheil molaidhean air ìre leasachaidh iomchaidh a ruighinn, gus beachdan an luchd-ùidh iomchaidh uile a chluinntinn, coimhearsnachdan eileanach nam measg.

Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gu bheil gnìomhachas nan tursan-mara gu sònraichte cudromach do chuid de choimhearsnachdan eileanach. Mar sin, cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail nì sinn Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach gus dèanamh cinnteach gun tèid molaidhean airson cìs den t-seòrsa seo a chruthachadh tro cho-obrachadh dlùth agus brìoghmhor le coimhearsnachdan eileanach.

A rèir toradh agus clàr-ama na h-obrach agus a' cho-chomhairleachaidh sin, tha Riaghaltas na h-Alba fhathast fosgailte atharrachaidhean a chur air adhart air cìs air shoithichean turais aig ìre 2 de Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba), no a bhith a' beachdachadh air dòigh reachdail iomchaidh eile an àite seo.



**Gealltanais 2.13** Dèan cinnteach gun lean croitearachd mar dhòigh gus obair a chruthachadh agus gus cothroman a thoirt do choimhearsnachdan eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air a' toirt seachad taic gus gnothachasan croite a chumail seasmhach. Tha oifigearan fhathast a' beachdachadh air atharrachaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh air Sgeama Thabhartasan Àiteachais na Croitearachd, a' gabhail a-steach leudachadh air an raon gnìomhachd a gheibh taic bho thabhartasan.
- Fhuair Coimisean na Croitearachd àrdachadh air a' bhuidseit aige ann an 2022/23, a' toirt cothrom dha cuir ris an luchd-obrach aige, a' gabhail a-steach an Sgioba Leasachaidh Croitearachd aige a tha stèidhichte sna h-Eileanan Siar. Tha 6 luchd-obrach ùr aig a' choimisean a tha stèidhichte sna h-Eileanan againn. Tha an Coimisean an dùil ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo san àm ri teachd, agus gus beachdachadh air dreuchdan eile ann an sgìrean croitearachd eileanach eile.

Faic gealltanais 1.8 airson barrachd fiosrachaidh mu chroitearachd agus iomairtean air am brosnachadh le Coimisean na Croitearachd.

### Bile Àiteachais agus Choimhearsnachdan Dùthchail

Chaidh Bile Àiteachais is Choimhearsnachdan Dùthchail a thoirt a-steach do Pàrlamaid na h-Alba san t-Sultain 2023. Tha e ag amas air frèam a thoirt do dh'Alba san àm ri teachd a bheir taic do thuathanaich is chroitearan gus barrachd de na feumalachdan bìdh againn a choileanadh gu seasmhach, agus cuideachd a bhith a' cur ri oidhirpean gus ar targaidean a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde a choileanadh. Thèid na cumhachdan sa Bhile a chleachdadh gus prìomh bhuilean Lèirsinn na h-Alba airson Àiteachas, a chaidh fhoillseachadh san Lùnastal 2022, a thoirt air adhart: a' dèanamh biadh de dh'àrd-chàileachd, lasachadh agus freagarrachd gnàth-shìde, ath-nuadhachadh nàdair agus leasachadh dùthchail nas fharsainge. Bidh co-dhealbhadh le com-pàirtichean dùthchail agus eileanach na bhunait ann a bhith a' cruthachadh structaran taic agus libhrigeadh.

### Bile na Croitearachd

Anns a' Phrògram Riaghlaidh airson 2023-2024, thathar a' gealltainn gun cruthaich Riaghaltas na h-Alba molaidhean airson ath-leasachadh lagh na croitearachd agus gun tèid co-chomhairle a chumail air seo. Chaidh Buidheann Bile na Croitearachd a-steidheachadh sa Chèitean 2022 agus chùim iad 14 coinneamhan ro dheireadh na Dùbhlachd 2023. Tha a' Bhuidheann air a dèanamh suas de luchd-ùidh a' gabhail a-steach Caidreachas Croitearachd na h-Alba, Coimisean na Croitearachd, Comann Lagh na h-Alba agus Aonadh Tuathanaich Nàiseanta na h-Alba. Tha e i a' gabhail a-steach chroitearan à sgìrean eileanach cuideachd.

Bheir Bile na Croitearachd barrachd soilleireachd air an lagh gus cur ri gnìomhachd chroitearachd air feadh nan eilean agus nan sgìrean croitearachd eile. Bidh e cuideachd na dhòigh air an reachdas a th' ann mar-thà a dhèanamh nas sìmplidhe, a' toirt comas do Choimisean na Croitearachd a bhith a' riaghladh agus a' toirt taic do chroitearachd ann an dòigh nas èifeachdaiche agus nas sùbailte, agus mar sin a' brosnachadh luchd-inntrigidh ùra gu croitearachd agus a' neartachadh choimhearsnachdan croitearachd.

**Gealltanais 2.14** Libhrig iomairt Cead-siubhail nan Eilean, a bhrosnaicheas an cothrom tadhal air barrachd eileanan air a bheil sluagh, a’ brosnachadh luchd-tadhail tro gach ràith agus le còmh-dhail phoblach, agus mar sin a’ libhrigeadh chothroman eaconamach do choimhearsnachdan eileanach.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2022. Faic [Aithris Bhliadhna air Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 2.15** Obraich còmhla ri gnìomhachas a’ bhìdh is na dighe gus an comas eaconamach aige a chleachdadh agus gus coimhead air mar a ghabhas cuid de na buannachdan aige a cho-roinn le coimhearsnachdan eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn a’ toirt seachad taic luach £5m ann an 2023/34 a dh’ionnsaigh obair na Ro-innleachd ùire airson Gnìomhachas na Bidhe is na Dighe. Chaidh an ro-innleachd a chur air bhog san Ògmhios 2023 agus tha i a’ cur air adhart amasan agus gnìomhan dhan roinn thairis air na bliadhnaichean ri thighinn gus gnìomhachasan bìdh is dighe air feadh na h-Alba a chuideachadh gus an comas eaconamach aca a thoirt gu buil.

Fhuair Biadh is Deoch na h-Alba £5m de mhaoineachadh gus gnìomhan a stiùireadh sa chiad bhliadhna de Ro-innleachd Gnìomhachas Bidhe is Deoch na h-Alba [Sustaining Scotland Supplying the World](#)”. Am measg nam prìomh thachartasan, bha tachartas taisbeanadh aig Taigh na h-Alba, Lunnainn le riochdairean bho Bhuidhnean Bidhe Roinneil Arcaibh, Innse Gall agus Bhòd an làthair. A bharrachd air seo, chaidh taisbeanadh de thoraidhean eileanach Albannach (còrr is 40 brandd eileanach Albannach) a chur air dòigh aig tachartas comharrachaidh Latha Fhèill Anndrais a chaidh a chur air dòigh leis an Oifis Fhraingich aig Riaghaltas na h-Alba agus SDI aig Ambasaid Bhreatainn ann am Paris.

Tha sinn ag obair le com-pàirteachas Biadh is Deoch na h-Alba gus beachdachadh air roghainnean maoinachaidh airson na ro-innleachd ann an 2024/2025.

**Gealltanais 2.16** Feuch ri cur ris an fharsaingeachd de bhuannachdan eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a bhios coimhearsnachdan eileanach a’ faighinn bho choilltearachd.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Coilltearachd na h-Alba orra ag obair le raon de chom-pàirtichean gus na buannachdan a gheibhear bho choilltean nan eilean a mheudachadh a’ gabhail a-steach: glacadh carboin agus maothachadh atharrachadh gnàth-shìde; ag àrdachadh agus a’ dìon bith-iomadachd bheartach na h-Alba; a bhith a’ toirt fàs air eaconamaidh dhùthchail in-ghabalach agus seasmhach; agus a’ cuideachadh muinntir na h-Alba le bhith a’ freagairt ri gnàth-shìde chaochlaideach agus gus an slàinte agus an sunnd adhartachadh.

Le tabhartas de £9,500 bho Choilltearachd na h-Alba agus barrachd taic-airgid bho Urras Coilltean na h-Alba, lean Urras Goireasan Shealtainn air adhart a' fàs chraobhan òga, a' freagairt air iarrtas a bha a' sìor fhàs, gu sònraichte bho chroitèaran ionadail. Thug Coilltearachd na h-Alba tabhartas luach còrr is £20,000 seachad cuideachd gus cha mhòr 30 cilemeatair de shlighean aig Caisteal Leòdhais a chumail suas. Tha an gàradh fo sheilbh na coimhearsnachd agus tha an t-àite a' còrdadh an dà chuid ri luchd-turais agus muinntir an àite.

Tha Comann nan Coilltean Coimhearsnachd (CWA), le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba agus Coilltearachd na h-Alba, air cothrom a thoirt do Phròiseact Coille Ratharsair gus fiodh a chaidh a bhuain gu h-ionadail a thoirt do choimhearsnachd an eilein air cosgais nas ìsle. Tha seo, air cuideachadh gus aghaidh a chur ri bochdainn connaidh, a' cur ri riaghladh seasmhach air coilltean agus a' toirt bhuannachdan corporra is inntinn do shaor-thoilich ionadail.

Air a mhaoineachadh le Coilltearachd na h-Alba, tha an CWA cuideachd air taic a thoirt do dh'Urras Dualchais Eilean Eige gus dòighean eadar-dhealaichte a rannsachadh gus teachd-a-steach a dhèanamh agus gus planadh airson na h-ath chuairt de bhuain agus ath-stocadh airson nan coilltean a th' aca agus a tha iad a' riaghladh. Is e an t-amas dèanamh cinnteach gu bheil coilltean a' toirt buannachd dhan choimhearsnachd agus tha iad ag amas air solar connaidh fiodha fhaighinn gus taic a chumail ri siostaman teasachaidh losgadh-fiodha agus lùghdachadh air cleachdadh gual san eilean.

Tha Coilltearachd is Fearann Alba air cumail orra a' stiùireadh Coilltean agus Fearann Nàiseanta Ministèaran na h-Alba sna h-Eileanan. Tha an obair aca a' cur ri taic do dh'eaconamaidhean ionadail (tro ghnìomhachd stiùireadh coille dìreach, tro chur-seachadan a-muigh agus turasachd fiadh-bheatha co-cheangailte riutha), a' meudachadh bith-iomadachd ionadail agus a' toirt chothroman do dhaoine a bhith a' faighinn cothrom air agus a' cleachdadh choilltean ionadail ann an eileanan.

Mar eisimpleir, tro aonta-màil coimeirsealta, tha Coilltearachd is Fearann Alba a' cumail taic ri obrachadh agus fàs Goireas Còmhdhail Fiodha Cidhe Fhisnis, a tha a' toirt seachad fuasglaidhean loidistigeach gus cur ri cothroman margaidheachd fiodha agus ri gluasadan fiodha bho Mhuile gu grunn àiteachan giullachd air feadh na h-Alba agus na RA. Tha FLS cuideachd a' cuideachadh le togail chrainn Shared Rural Networks air an fhearann a tha e a' stiùireadh ann am Muile, a chuireas ri ceanglaichean 4G air feadh an eilein. Tha e cuideachd a' cumail taic ri cleachdadh coimhearsnachd de na stòrasan aige san eilean. Tha a bhith a' toirt còraichean iasgaich seachad air màl a' toirt taic do thurasachd iasgaich san eilean cuideachd.

Tha FLS a' leantainn air adhart a' ruith [Sgeama Gluasad Stòras Coimhearsnachd](#) a' toirt chothroman do choimhearsnachdan fearann a cheannach no fhaighinn air màl gus taic a chumail ri amasan ionadail, agus tha e ag obair le grunn choimhearsnachdan eileanach air a bhith a' cruthachadh iarrtasan gluasad so-mhaoin.

**Gealltanais 2.17** Dèan ath-sgrùdadh air an Fhrèam Planaidh Nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd gu leòr ann airson feumalachdan nan eilean, a' gabhail a-steach nan dòighean as fheàrr gus feumalachdan taigheadais a choileanadh.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2022. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 2.18** Dèan cinnteach gun tèid feart a thoirt air Plana Nàiseanta nan Eilean agus seallaidhean roinneil iomchaidh anns an Ath-sgrùdadh air an Fhrèam Planaidh Nàiseanta agus ann a bhith ag ullachadh Frèam Planaidh Nàiseanta 4.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2022. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 2.19** Beachdaich, rè obair ullachaidh air Plana Tasgaidh Bun-structair 2020, air a' bhuidhe aig Plana Nàiseanta nan Eilean air feumalachdan bun-structair san àm ri teachd.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 2.20** Ag aithneachadh nan seirbheisean a bhios taighean-spadaidh eileanach a' toirt seachad do na coimhearsnachdan anns a bheil iad, obraich le com-pàirtichean iomchaidh gus na seirbheisean seo a libhrigeadh gu seasmhach ann an dòigh a bhios ion-obrachail gu h-eaconamach.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 2.21** Dèan cinnteach gu bheil reachdas agus poileasaidh a thaobh cùram-chloinne a rèir feumalachdan nan eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' conaltradh le luchd-ùidh eileanach ann an cruthachadh poileasaidh agus reachdas Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach far a bheil sin iomchaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cumail air ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le COSLA ann an libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus gu sònraichte air a' phrògram a tha ag amas air buannachdan an [leudachaidh de 1,140 uair a thìde](#) ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt gu buil. Ann a bhith ag obair le riaghaltas ionadail gus seirbheisean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan choimhearsnachdan eileanach air an tuigsinn agus air an coileanadh.

Bho 2021, tha sinn air a bhith a' toirt a-steach foirmle maoineachaidh mean air mhean a bhios a' cumail sùil nas mionaidiche air feumalachdan ionadail dearbhte agus a' toirt feart air sgìrean dùthchail agus air tomhasan bochdainn, a bharrachd air àireamhan na cloinne ion-roghnach ann an sgìre shònraichte. Ann an rèiteachadh 2024-2025 tha modh-obrach na foirmle sgaoilidh ga chleachdadh airson na bliadhna mu dheireadh den ùine buileachaidh trì-bliadhna aige.

Ann an 2023-24, thasgaich sinn timcheall air £1 billean ann an libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte agus ann an 2024-25 cumaidh sinn oirnn a' tasgadh an aon ìre de mhaoineachadh ann an libhrigeadh a' phrògram.

Tha sinn cuideachd air gealltanais a bharrachd a dhèanamh airson 2024-25 gun toir sinn seachad £16 millean a bharrachd tron bhliadhna do dh'ùghdarrasan ionadail gus ar gealltanais sa Phrògram Riaghlaidh a libhrigeadh gus àrdachadh pàighidh gu £12 san uair a thoirt do luchd-obrach san roinn PVI a tha a' libhrigeadh Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne maoinichte bhon Ghiblean 2024.

Gus taic a chumail ri libhrigeadh a' phrògram 1,140, thug Riaghaltas na h-Alba £476 millean de mhaoineachadh calpa do dh'ùghdarrasan ionadail gus suidheachaidhean sgoil-àraich a th' ann mar-thà ùrachadh, a chur gu feum ùr agus a leudachadh, a bharrachd air còrr is 120 goireas ùr a bhith ann air feadh na h-Alba.

Bha seo a' gabhail a-steach mu 9 millean a chaidh a thasgadh ann an Arcaibh, Sealtainn agus sna h-Eileanan Siar. Tha ùghdarrasan ionadail fa leth air a bhith cunntachail airson a bhith a' co-dhùnadh ciamar a thèid am maoineachadh seo a chleachdadh, stèidhichte air feum ionadail, a tha air a dhearbhadh. Tha am prògram calpa a-nis 96% crìochnaichte le 854 pròiseact calpa air an libhrigeadh (ron Dùbhlachd 2023).

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne do chlann aois sgoile do phàrantan, gu sònraichte an fheadhainn a tha ann am bochdainn. Thairis air an ath bhliadhna cumaidh sinn oirnn a' togail air obair nar coimhearsnachdan a ghabh ris a' phrògram seo gu tràth, a' gabhail a-steach Sealtainn. Nì sinn sgrùdadh air feumalachdan theaghlaichean le clann bho aois naoi mìosan gu deireadh na bun-sgoile airson a bhith a' fiosrachadh siostaman ionadail de chùram-chloinne maoinichte do na teaghlaichean as motha a tha feumach air.

Bhon Lùnastal 2023, tha a h-uile pàiste a chuireas dàil air a bhith a' tòiseachadh ann an Clas 1 sa bhun-sgoil air a bhith comasach air bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte fhaighinn. Leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air an àireamh chloinne ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a tha air dàil a chur air tòiseachadh ann an Clas 1 gus tuigse fhaighinn air eadar-dhealachaidhean sam bith eadar sgìrean ùghdarras ionadail. Nuair a thòisicheas an Cunntas-sluaigh ùr air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, bidh cothrom ann barrachd mion-sgrùdadh dàta a dhèanamh air feartan chloinne a tha a' cur dàil air tòiseachadh ann an Clas 1 leithid feumalachdan taic a bharrachd, cinneadh agus SIMD.

**Gealltanais 2.22** Dèan cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air cothroman gus cor na Gàidhlig a leasachadh agus àireamh an luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh àrdachadh mar phàirt de leasachadh eaconamach seasmach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' rannsachadh agus a' cruthachadh raon farsaing de chothroman a bhrosnaicheas agus a chumas taic ris a' Ghàidhlig air feadh na h-Alba thairis air grunn roinnean. Tha buaidh eaconamach cudromach aig na gnìomhan sin uile, tro bhith a' cruthachadh obair gu dìreach agus a' tàladh luchd-tadhail agus aig an aon àm a' cumail taic ri coimhearsnachdan, cleachdadh cànan sa choimhearsnachd agus maith na Gàidhlig.

Tha grunn bhuidhnean a tha an sàs ann an leasachadh eaconamach air planaichean Gàidhlig fhoillseachadh agus air co-obrachadh ann an cruinneachaidhean leithid Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (CoHI) agus Cruinneachadh Adhartais nas luaithe.

Faic gealltanais 1.6 airson barrachd fiosrachaidh mu bhrosnachadh agus glèidheadh na Gàidhlig.

### Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS)

Tha SDS ag obair gus dàrna webinar Gàidhlig a chruthachadh, a leantainn air an fhear a chaidh a chumail sa Ghearran 2023. Bha an webinar mu dheireadh ag amas air pàrantan agus luchd-cùraim, agus bidh an ath fhear a' cuimseachadh air luchd-buaidh eile, leithid sgoilearan, tidsearan, tidsearan treòrachaidh agus fastaichean.

Rinneadh Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach air [Plana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba airson 2022-2025](#) agus chaidh aontachadh.

Tha Leasachadh Sgilean Alba an dùil trèanadh Gàidhlig a sgaoileadh do a luchd-obrach tràth ann an 2024.

### Ro-innleachd turasachd na Gàidhlig

Dh'obraich VisitScotland le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus [Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig airson Alba 2024-2029 a chruthachadh](#), a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2024.

A bharrachd air a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig, cuiridh an ro-innleachd ri buannachdan eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha an ùidh a tha a' sìor fhàs anns a' Ghàidhlig agus a' cultar, an dà chuid bho luchd-tadhail eadar-nàiseanta agus às an dùthaich seo fhèin, a' cruthachadh chothroman ùra do ghniomhachasan turasachd is thachartasan air feadh na h-Alba gus a' Ghàidhlig fhisge a-staigh dhan tairgse turasachd againn, a' cruthachadh tursan gun samhail den t-seòrsa a tha luchd-tadhail ag iarraidh, a bheir fìor bhlasad de dh'Alba dhaibh, agus aig an aon àm a tha a' cumail taic ri obraichean do luchd-labhairt na Gàidhlig agus a' neartachadh choimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha prìomhachasan a' gabhail a-steach a bhith a' cur ri mothachadh luchd-tadhail air a' Ghàidhlig, a' cur ri cothrom air goireasan Gàidhlig airson gnìomhachas na turasachd, agus a' toirt taic do ghnìomhachasan gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do na seirbheisean/bathar aca.

**Gealltanais 2.23** Thoir taic do bhoireannaich ann an àiteachas ann an eileanan na h-Alba gus soirbheachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh com-pàirt ann am Prògram Leasachaidh Boireannaich ann an Àiteachas.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Brosnaichidh sinn libhrigeadh chùrsaichean Prògram Leasachaidh Boireannaich ann an Àiteachas a tha gu sònraichte do na h-Eileanan rè 2023.
- Bheir sinn seachad taic chuimsichte do Mhaoineachadh Trèanaidh Practaigeach gus an gabh cùrsaichean trèanaidh a chumail ann an eileanan.
- Bheir sinn seachad cosgaisean siubhal is bith-beò a bharrachd do bhoireannaich eileanach airson a dhol gu cùrsaichean air Tìr Mòr.
- Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh trèanadh air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh do bhoireannaich ann an eileanan na h-Alba.
- Brosnaichidh sinn buidhnean Boireannaich ann an Àiteachas gus lionrachadh a chur air adhart sna h-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn taic àrdachadh suas ri £600,000 sa bhliadhna thar beatha na Pàrlamaid seo gus fuasglaidhean practaigeach a libhrigeadh gus piseach a thoirt air beatha boireannaich a tha a' fuireach agus ag obair ann an àiteachas, a' gabhail a-steach leigeil le boireannaich gnìomhachasan nas seasmaiche a thogail. Tha an taic seo ri fhaighinn dhan a h-uile boireannach a tha a' fuireach agus ag obair ann an eileanan na h-Alba.

Ann an 2023, chaidh maoineachadh a thoirt seachad airson a' chùrsa leasachaidh pearsanta *Be Your Best Self* (BYBS) mu dheireadh. Tha an cùrsa air-loidhne seo so-ruigsinneach agus bha com-pàirtichean ann a tha stèidhichte ann an eileanan na h-Alba. A bharrachd air seo, libhrig Prògram Leasachaidh Boireannaich ann an Àiteachas barrachd trèanaidh phractaigeach tron Mhaoin Trèanaidh Practaigeach - air a rianachd le Lantra, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do bhoireannaich bho choimhearsnachdan eileanach. Bha e comasach dhuinn taic a bharrachd a thabhand do na boireannaich seo gus cosgaisean siubhal is àite-fuirich a phàigheadh do bhoireannaich a dh'fheumadh siubhal far nan eileanan gus an cùrsa trèanaidh a fhrithealadh.

Ann an 2024, cuiridh sinn air bhog prògram Sgilean Gnìomhachais ùr, anns a bheil dà chùrsa: "Knowing your Finances" (cùrsa aig ìre inntigidh) agus "Knowing your Business". Chaidh am prògram seo a dhealbh gus na sgilean a thoirt do bhoireannaich a tha an sàs ann an àiteachas gus an cuid eòlas agus misneachd àrdachadh a thaobh gnìomhachas, prothaid, planadh gnìomhachais èifeachdach, atharrachadh na gnàth-shìde, iomadachadh agus a bhith a' cur ri coileanadh gnìomhachais san fharsaingeachd. Leis gum bi seo air a libhrigeadh air-loidhne, bidh cothrom aig a h-uile boireannach stèidhichte sna h-eileanan air.

Ann an 2023, thug sinn seachad maoinachadh bhon taobh a-muigh de £8,500 gus taic a thoirt dhan bhuidhinn ballrachd Boireannaich ann an Àiteachas Alba (WiAS) gus tachartasan lìonraidh a chur an comas agus gus leigeil le boireannaich bho air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach nan eileanan, gus ceanglaichean ùra a dhèanamh. Bidh a' bhuidheann WiAS a' cumail tachartasan lìonraidh fosgailte tràth ann an 2024 ann an Arainn agus san Eilean Sgitheanach, le tachartasan eile san amharc nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

**Gealltanais 2.24** Obraich le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus planaichean gnìomh ullachadh airson roinn a' bhìdh is na dighe gus taic a chumail ri fàs na roinne sin ann an eileanan, a' gabhail a-steach fòcas air roinn ro-chudromach an Uisge-beatha.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le stiùirichean roinne air feadh Riaghaltas na h-Alba agus leis an luchd-ùidh aca sa ghnìomhachas air a' Phlana Gnìomh air Obrachadh le Gnothachas gus gnìomhan a chomharrachadh a ghabhadh a dhèanamh gus cuideachadh le bhith a' lùghdachadh na buaidh aig gainnead luchd-obrach air gnìomhachasan agus gus ath-bheothachadh eaconamach a bhrosnachadh. Cumaidh sinn oirnn a' biathadh an fhiosrachaidh seo a-steach dhan leasachadh leantainneach air a' phrògram Trusadh is Glèidheadh Tàlant.

Faic gealltanaisan 1.2 agus 2.2 airson barrachd fiosrachaidh mu phlanadh sgilean, Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich airson Alba, agus glèidheadh ceumnaichean.

### Buidhnean Bìdh Ionadail

Tha na Buidhnean Bìdh Roinneil air grunn iomairtean a libhrigeadh gus fàs gnìomhachasan fa leth ann an eileanan a thoirt air adhart agus tha seo uile air cur ri fàs luach roinn bìdh is dighe na h-Alba san fharsaingeachd.

Am measg nam prìomh thachartasan tha tachartas taisbeanadh aig Taigh na h-Alba, Lunnainn le riochdairean bho Bhuidhnean Bìdh Roinneil Arcaibh, Innse Gall, Bhòid is Arainn an làthair. A bharrachd air seo, chaidh taisbeanadh de thoraidhean eileanach Albannach (còrr is 40 brandd eileanach Albannach) a chur air dòigh aig tachartas comharrachaidh Latha Fhèill Anndrais a chaidh a chur air dòigh leis an Oifis Fhraingich aig Riaghaltas na h-Alba agus SDI aig Ambasaid Bhreatainn ann am Paris. Thug e cothrom do luchd-ceannaich, luchd-mhalairt, luchd-sgaoilidh, luchd-naidheachd a' ghnìomhachais, agus còcairean dàimhean a thogail agus bathar ùr a thaisbeanadh bho air feadh na h-Alba.

Bha riochdairean bho Bhuidhnean Bìdh Roinneil Arcaibh, Arainn agus Bhòid an làthair air turas ionnsachaidh anns a' Chòrn a chuidich le bhith a' co-roinn eòlas agus deagh chleachdadh.



**Gealltanais 2.25** Obraich le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus am brosnachadh gus barantas Biadh airson Beatha fhaighinn gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh solar ionadail anns an roinn phoblaich.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do libhrigeadh Prògram *Biadh airson Beatha* le fòcas air biadh-sgoile agus tha Comann na h-Ùir ag amas air ùghdarrasan ionadail na h-Alba uile a bhrosnachadh gus cur a-steach airson barantas tron sgeama. Thathar a' dèanamh seo tro phròiseas foghlaim, agus togail dhàimhean, agus tha 17 comhairlean ann aig a bheil creideas FFL a-nis, a' gabhail a-steach Arcaibh is Sealtainn a fhuair creideas ìre umha ann an 2020/21 agus 2021/22. Tha ar taic am-bliadhna a' gabhail a-steach maoinachadh airson Pileat Leudachadh san Roinn Phoblaich ann an Glaschu gus biadh ùr, ionadail agus seasmhach a thoirt gu suidheachaidhean ùra san roinn phoblaich air feadh a' bhaile, leis an amas ionnsachadh bho sin agus am prògram a leudachadh ann an sgìrean eile de dh'Alba.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do libhrigeadh a' Phrògram Biadh airson Beatha (FFL) a tha gu sònraichte ag amas air biadh sgoile, le barantachadh aig 17 Comhairlean Albannach aig an àm seo. Tha seo a' gabhail a-steach Arcaibh is Sealtainn. Tha duaisean FFL umha aig an dà chuid.

Ann an suidheachadh far a bheil buidseatan ùghdarrasan ionadail a' sìor thighinn fo chuideam, tha Comann na h-Ùir a' leantainn orra ag obair le comhairlean aig nach eil barantas Biadh airson Beatha fhaighinn gus tagradh a dhèanamh gus seo fhaighinn, agus leis an fheadhainn aig a bheil an inbhe seo mar-thà gus an cuideachadh le bhith cumail suas agus/no ag ùrachadh an teisteanachaidh aca.

# Còmhdhail

## Amas Ro-innleachdail 3 – A’ toirt piseach air seirbheisean còmhdhail

**Gealltanais 3.1** Dèan cinnteach gun tèid làn dìon-eileanach a dhèanamh air gach poileasaidh, ro-innleachd agus seirbheis còmhdhail aig an àm seo agus san àm ri teachd gus am bi iad a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Ann an 2022, rinn Còmhdhail Alba [Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach](#) airson nan gnìomhan sa chiad Phlana Lìbhrigeadh Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta (2020-2022), còmhla ri measaidhean buaidh eile. Cumaidh sinn oirnn a bhith a’ dèanamh Mheasaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach airson gnìomh iomchaidh sam bith air a bheil sinn a’ beachdachadh, a’ gabhail a-steach ro-innleachdan agus poileasaidhean san àm ri teachd agus nì sinn barrachd co-chomhairle le luchd-ùidh eileanach air cuspairean sònraichte nuair a bhios feum air seo.
- Cumaidh Còmhdhail Alba air le com-pàirteachadh le coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail air prìomh phròiseactan a’ gabhail a-steach STPR2, Lèirmheas Faraidhean Cothromach agus siubhal lasaichte.

### Pròiseact Neptune

Chaidh [Aithisg Conaltradh Coimhearsnachd Pròiseact Neptune](#) fhoillseachadh san Ògmhios 2023 agus tha i a’ cur an cèill sreath de mholaidhean agus bheachdan choimhearsnachdan eileanach air riaghladh aiseagan san àm ri teachd.

Thèid barrachd obrach a dhèanamh air a bhith a’ toirt piseach air riaghladh agus cunntachalachd thairis air seirbheisean aiseig na h-Alba mar phàirt den obair a tha a dhìth gus coimhead air buileachadh cùmhnant Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall do ChalMac.

### Lèirmheas air Faraidhean Cothromach

Tha an Lèirmheas air Faraidhean Cothromach, a rinneadh gus coimhead air roghainnean gus dèiligeadh ri ceistean co-cheangailte ri cosgais agus cothrom air seirbheisean còmhdhail phoblach, a-nis air aithris do Mhinistearan air na co-dhùnaidhean, na moidhean agus na gnìomhan a tha iad airson faicinn. Thathar a’ beachdachadh gu faiceallach orra seo ann an co-theacs Buidseit na h-Alba a chaidh a mhineachadh air 19 Dùbhlachd a tha gu bhith air fhoillseachadh anns na seachdainean a tha romhainn.

Stèidhichidh an Lèirmheas air Faraidhean Cothromach frèama air an tèid togail agus sinn a’ gluasad air adhart le obair nas fharsainge gus ar lèirsinn airson Còmhdhail Phoblach san àm ri teachd a libhrigeadh. Bidh an Lèirmheas cuideachd a’ soilleireachadh nan dùbhlannan a tha mu choinneamh còmhdhail phoblach agus a’ taisbeanadh roghainnean airson gnìomhan sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine gus ar tairgse còmhdhail làithreach ath-leasachadh gus an gabh a libhrigeadh nas èifeachdaiche.

## Faraidhean Aiseig

Bidh subsadaidh mòr air faraidhean aiseig tro ar cùmhnantan airson seirbheisean aiseig Chluaidh is Innse Gall agus airson nan Eileanan a Tuath agus tha sgaoileadh Cìs Co-ionann ri Rathaid air lùghdachadh mòr a bharrachd a thoirt air faraidhean.

Gus taic a chumail ri daoine agus gnìomhachasan nar coimhearsnachdan eileanach, chaidh faraidhean aiseig a reòthadh air lìonraidhean nan Eilean a Tuath agus Chluaidh is Innse Gall ann an 2023 gu deireadh a' Mhàirt 2024.

## Plana Ceangailteachd nan Eilean (Islands Connectivity Plan - ICP)

Bha na beachdan a fhuaras bho choimhearsnachdan ann an grunn chonaltraidhean is co-chomhairlean le Còmhdhail Alba agus Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba air leth cudromach ann a bhith a' fiosrachadh cruthachadh [Dòigh-obrach Ro-innleachdail Plana Ceangailteachd nan Eilean](#).

A bharrachd air sin, chaidh fios air ais bho phrìomh luchd-ùidh a thoirt a-steach do [Phlana nan Soithichean is nam Port](#) às dèidh foillseachadh na sgrìobhainn tùsail san Dùbhlachd 2022.

Aig an aon àm, thathar a' dèanamh Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach gus cruthachadh Plana Ceangailteachd nan Eilean san fharsaingeachd fhiosrachadh. Tha am pròiseas seo ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil a' glacadh agus a' beachdachadh air a' bhuidh air coimhearsnachdan eileanach ann an leasachadh nam poileasaidhean agus nam planaichean a tha air am mìneachadh ann an dreachd Phlana Ceangailteachd nan Eilean. Dh'fhosgail a' cho-chomhairle air a' phlana iomlan sa Gherran agus thathar an dùil an-dràsta gun dùin e air 3 Cèitean 2024.

Tha sinn an dùil beachdan iarraidh is fhoillseachadh air Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach eadar-amail mus tèid Plana Ceangailteachd nan Eilean a chrìochnachadh.

Thathar a' dèanamh Measadh Buaidh Choimhearsnachd Eileanach cuideachd an-dràsta air an ath Chùmhnant Aiseagan Chluaidh is Innse Gall.

## Siubhal Lasaichte

Tro na sgeamaichean siubhail lasaichte againn tha còrr is dà mhillean neach ann an Alba, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga fo aois 22, daoine ion-roghnach air a bheil ciorram agus a h-uile duine aois 60 agus nas sine, airidh air siubhal bus an-asgaidh.

Dh'ainmich sinn cuideachd gun tèid sgeama lasachaidhean nan aiseag a leudachadh, a tha a' tabhann ceithir tursan aiseig singilte an-asgaidh gach bliadhna gu tìr-mòr, do luchd-còmhnaidh eileanach fo aois 22. Aig an àm seo, tha an sgeama a' gabhail a-steach daoine aois 16 gu 18 agus saor-thoilich làn-ùine ion-roghnach suas ri aois 26. Bidh e comasach do bharrachd dhaoine eàrlasan aiseig fhaighinn mar thoradh air an atharrachadh seo.

## Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair

Tha a' cho-chomhairle phoblach air-loidhne mu chruthachadh ro-innleachd itealain air tighinn gu crìch agus tha sinn air [mion-sgrùdadh neo-eisimeileach](#) fhoillseachadh de na freagairtean. Tha obair a' dol air adhart thar Riaghaltas na h-Alba gus freagairt ullachadh dhan cho-chomhairle seo.

Bha a' cho-chomhairle a' gabhail a-steach barrachd cheanglaichean eadar-nàiseanta agus bathar-adhair, an gluasad gu soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimiseanan, ceanglaichean dachaigheil agus rèiteachaidhean riaghlaidh ann an sgìre na Gàidhealtachd is nan Eilean.

## Prògram nan Eileanan - Toglaichean Puirt-adhair

Tro phrògram nan eileanan 2023-24, thug sinn £216,307 do chomhairle Arcaibh airson toglaichean puirt-adhair ùra aig Papa Westray agus Stronsay. Tha na leasachaidhean a' gabhail a-steach ruigsinneachd nas fheàrr, àiteachan feitheimh sònraichte, taighean-beaga ùr-nodha, Wi-Fi, barrachd pàirceadh le puingean teàirrdsidh dealain, agus cothrom airson baidhsagalan air mhàl a dh'fhaodadh a bhith air a riaghladh leis na coimhearsnachdan.

**Gealltanais 3.2** Dèan conaltradh ri ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-obrachaidh còmhdaile ann a bhith ag ullachadh riaghailtean agus stiùireadh airson riaghailtean airson seirbheisean bus fo Achd na Còmhdaile (Alba) 2019, a tha ag amas air comas a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail freagairt nas fheàrr a thoirt air feumalachdan ionadail.

## Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Às dèidh co-chomhairle a thàinig gu crìch anmoch ann an 2021, tha Còmhdaile Alba air cumail oirre ag obair le com-pàirtichean air buileachadh nan ullachaidhean bus ann an Achd na Còmhdaile (Alba) 2019. Chaidh [anailis na co-chomhairle](#) fhoillseachadh air 11 Màrt 2022. Bhon Ògmhios 2022, tha cumhachdan air a bhith aig ùghdarrasan còmhdaile ionadail gus na seirbheisean ionadail aca fhèin a ruith, a bharrachd air a' chomas a th' aca mar-thà gus subsadaidh a thoirt do sheirbheisean bus ionadail. Thàinig riaghailtean an gnìomh air 1 Giblean 2023 gus piseach a thoirt air a' phròiseas co-roinn fiosrachaidh nuair a bhios companaidhean còmhdaile ag atharrachadh no a' cur dheth seirbheis. Nas fhaide air adhart am-bliadhna, tòisichidh sinn air fo-reachdas a thoirt a-steach gus an gabh na h-ullachaidhean bus mu dheireadh san Achd (com-pàirteachasan agus ceadachd) a chur an sàs. Cumaidh Còmhdaile Alba air adhart ag obair le com-pàirtichean fhad 's a thathar a' cruthachadh nan riaghailtean sin.

Tha Riaghaltas na h-Alba a-nis air a h-uile cumhachd bus taobh a-staigh Achd 2019 a libhrigeadh agus a-nis is urrainn do dh'ùghdarrasan còmhdaile ionadail beachdachadh air na cumhachdan uile a tha ann dhaibh. Tha seo a' gabhail a-steach obair com-pàirteachais, ceadan-ruith agus seirbheisean air an ruith le ùghdarrasan ionadail, a bhios ann còmhla ris a' chomas aca a bhith a' toirt subsadaidh do sheirbheisean. Thèid barrachd riaghailtean agus stiùireadh a chur an gnìomh ann an 2024, a bheir làn bhuidh do na cumhachdan sin Cumaidh sinn oirnn le conaltradh luchd-ùidh fhad 's a tha sinn gan sgrìobhadh.

**Gealltanais 3.3** Cruthaich plana fad-ùine agus prògram tasgaidh airson aiseagan ùra agus leasachadh air puirt gus seasmhachd, earbsachd, agus comas a leudachadh agus gus eimiseanan a lùghdachadh gus misneachd a thoirt do choimhearsnachdan eileanach mun dealas leantainneach againn.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Fiosrachaidh an dàrna [Lèirmheas air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail](#) (STPR2) tasgadh còmhdhail aig Riaghaltas na h-Alba ann an Alba airson an ath 20 bliadhna. Tha STPR2 a' cur air adhart 45 moladh airson tasgadh san àm ri teachd ann an lìonra còmhdhail ro-innleachdail na h-Alba. Tha sinn an dùil Plana Lìbhrigidh a chruthachadh gus barrachd soilleireachd a thoirt seachad air prìomhachadh molaidhean STPR2.
- Chaidh dreachd Plana Fad-ùine aig Còmhdhail Alba airson Soithichean is Puirt a cho-roinn le prìomh luchd-ùidh agus fhoillseachadh air làrach-lìn Còmhdhail Alba air 30 Dùbhlachd 2022. Nì sinn ath-sgrùdadh air an dreachd seo ann an 2023.

Mar phàirt de chruthachadh Plana Ceangailteachd nan Eilean, tha [Plana nan Soithichean is nam Port](#) ùraichte a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air amasan Riaghaltas na h-Alba airson Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus Seirbheisean Aiseig nan Eileanan a Tuath ris a bheil Riaghaltas na h-Alba an urra gu dìreach.

Tha Plana nan Soithichean is nam Port na dhreach ùraichte den dreachd Phlana Fad-ùine airson Soithichean is Puirt a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2022, agus a tha cuideachd a' gabhail a-steach fios air ais bho luchd-ùidh. Tha Plana nan Soithichean is nam Port na phlana fad-ùine, gu 2045, airson tasgadh ann an shoithichean is puirt a thathar a' meas riatanach gus dèiligeadh ris na prìomh dhùbhlain a thaobh earbsachd agus ath-leumachd.

Nuair a bhios e deiseil, bidh Plana Ceangailteachd nan Eilean a' gabhail a-steach Dòigh-obrach Ro-innleachdail fharsaing, le taic bho ghrunn phlanaichean lìbhrigidh, agus tha Plana nan Soithichean is nam Port air aon dhiubh.

Is iad Plana nan Soithichean is nam Port, còmhla ris an Dòigh-obrach Ro-innleachdail, a' chiad dà eileamaid de Phlana Ceangailteachd nan Eilean a chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairle foirmeil, a thathar an dùil a bhios a' ruith gu 3 Cèitean 2024.

**Gealltanais 3.4** Cruthaich Plana Aiseagan ùr gus cur ri libhrigeadh nan amasan aig ro-innleachdan nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba mar a tha air an cur an cèill ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail agus anns a' Phlana Nàiseanta seo airson nan Eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' deasachadh Plana Ceangailteachd nan Eilean (*Islands Connectivity Plan* - ICP) a bhios a' dol an àite Plana nan Aiseagan 2013-22. Bidh an ICP a' gabhail a-steach amasan stèidhichte air taic ri libhrigeadh NTS2 agus Plana Nàiseanta nan Eilean, agus nì sinn molaidhean gus na h-amasan sin a choileanadh a tha a' toirt seachad luach an airgid. Thathar an dùil gun tèid an obair seo a dhèanamh ann an 2023.

Chaidh Dòigh-obrach Ro-innleachdail Plana Ceangailteachd nan Eilean agus Plana nan Soithichean is nam Port ùraichte fhoillseachadh airson co-chomhairleachadh poblach air 1 Gearran 2024.

Bha am Plana stèidhichte air fios air ais bho choimhearsnachdan agus tha e a' suidheachadh treòir ro-innleachdail airson ceanglaichean còmhdhail eileanach san àm ri teachd.

Tha am [pàipear Dòigh-obrach Ro-innleachdail](#) a' cur air adhart sealladh farsaing airson ceanglaichean còmhdhail eileanach a tha buntainneach do na coimhearsnachdan eileanach uile. Tha seo a' gabhail a-steach seirbheisean is stòrasan air an toirt seachad le ùghdarrasan ionadail, companaidhean prìobhaideach is eile. Tha e cuideachd a' cur air adhart Lèirsinn, a tha a' faighinn taic bho cheithir phrìomhachasan airson seirbheisean aiseig na h-Alba san àm ri teachd. Tha seo taobh a-staigh a' cho-theacs poileasaidh a tha air a mhìneachadh san [Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta](#) agus ann am [Plana Nàiseanta nan Eilean](#).

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phlana Ceangailteachd nan Eilean faic gealltanais 3.1.

**Gealltanais 3.5** Mar phàirt den ath Phlana Aiseagan, dèan sgrùdadh air a' bhuidhe air RET agus beachdaich air na roghainnean poileasaidh a thaobh faraidhean aiseig san àm ri teachd a bhios a' coileanadh feumalachdan nan eileanach agus a chumas taic ri eaconamaidhean eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Fiosraichidh aithisg Measaidh RET a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2021 an sruth-obrach air ath-sgrùdadh air faraidhean a tha ga dhèanamh mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean (ICP) agus Ath-sgrùdadh nam Faraidhean nas fharsainge.

Tha Poileasaidh Faraidhean, prìomh eileamaid de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, a' cur air adhart mholaidhean gus faraidhean ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-aiseagan againn seasmhach a thaobh ionmhais agus gu bheil faraidhean nas ìsle air an cuimseachadh air an fheadhainn as motha a tha feumach orra. Chaidh obair air faraidhean a dhèanamh thar ar modhan còmh-dhail poblach uile bho chionn ghoirid – a' gabhail a-steach aiseagan – tro Lèirmheas Faraidhean Cothromach Còmh-dhail Alba. Bidh an lèirmheas ag aithris a dh'aithghearr. Togaidh e air grunn mheasaidhean neo-eisimeileach air RET, molaidhean aig Comataidh Cumhachd, Còmh-dhail agus Cothromachadh Carboin gus conaltradh a dhèanamh le luchd-ùidh gus raon de roghainnean airson atharrachadh a thoirt seachad agus gus beachdachadh orra.

Tha oifigearan Còmh-dhail Alba a' cruinneachadh bheachdan tro cho-chomhairlean air-loidhne agus tachartasan ann an coimhearsnachdan a tha an eisimeil aiseagan. Bidh barrachd obrach a dhìth le gnìomhaichean le companaidhean còmh-dhail agus luchd-ùidh gus planaichean buileachaidh a chruthachadh.

Thèid barrachd obair leasachaidh mionaideach a dhèanamh air faraidhean aiseig às dèidh an Lèirmheis air Faraidhean Cothromach agus sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e misneachd a thogail nar gnìomhachasan eileanach agus a bhith a' toirt taic do leasachadh agus fàs eaconamach in-ghabhalach, seasmhach.

**Gealltanais 3.6** Mar phàirt de Phlana nan Aiseagan cuideachd, dèan ath-sgrùdadh agus cuir air adhart amalachadh eadar aiseagan agus modhan còmh-dhail eile air tìr-mòr agus eileanan, le sùil cleachdadh còmh-dhail ghnìomhach, phoblach no cho-roinnte a dhèanamh nas fheàrr airson turasan slàn, no pàirtean de thursan gu no bho eileanan ann an dòigh ruigsinneach agus air prìs reusanta.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha an obair seo ga toirt air adhart mar eileamaid de Phlana Ceangailteachd nan Eilean. Thèid Plana Gnìomh Siubhal air Adhart is Ceangailte (OCT) ullachadh ann an 2023, an co-cheangail ri fo-eileamaidean eile de Phlana Ceangailteachd nan Eilean.
- Thèid na prìomhachasan a tha air an comharrachadh gus ceanglaichean a leasachadh a thoirt air adhart mar phrògram leantainneach bho 2024 ann an co-obrachadh le luchd-ruith aiseagan, solaraichean còmh-dhail eile, agus luchd-ùidh nas fharsainge iomchaidh a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail.

Nì sruth-obrach “*siubhal air adhart is ceanglaichean*” (*onward and connecting travel* - OCT) ann am Plana Ceangailteachd nan Eilean ath-sgrùdadh agus an uair sin brosnachidh e amalachadh/ceangailteachd nas fheàrr eadar na lionraidhean aiseig againn agus modhan còmh-dhail eile. Gu sònraichte, modhan gnìomhach (baidhsagal, coiseachd agus cuibhleachadh), còmh-dhail poblach, agus modhan nas seasmhaiche eile (màl charbadan/co-roinn charbadan is msaa) an dà chuid air tìr-mòr agus sna h-eileanan.

Tha sruth-obrach OCT ga leasachadh agus tha sinn a' cur fàilte air beachdan air dè bu chòir a bhith nam prìomh ghnìomhachdan gus an t-eadar-dhealachadh as motha a dhèanamh ann a bhith a' cur ri ceangailteachd. Dh'fhaodte gum bi iad eadar-dhealaichte ann an diofar àiteachan ach tha e coltach gum bi na leanas am measg tèaman leasachaidh:

- Fiosrachadh nas fheàrr mu roghainnean còmhdhail phoblach agus siubhal gnìomhach - aig puirt, air soithichean, agus tro àrd-ùrlaran didseatach (an fheadhainn aig gnìomhaichean agus aig treas phàrtaidhean);
- Roghainnean nas fheàrr airson faraidhean amalaichte agus tiogaidean thar mhodhan (m.e. tiogaidean “rèile is bàta” nas fheàrr), a dh'obraicheas le tiogaidean tapaidh san àm ri teachd;
- A' coimhead air cothroman airson culaidhean-brosnachaidh ionmhasail no eile gus còmhdhail phoblach no modhan siubhail gnìomhach a chleachdadh, seach a bhith a' toirt charbadan prìobhaideach air bòrd aiseagan;
- Làn cho-òrdanachadh eadar companaidhean aiseig agus companaidhean còmhdhail poblach eile air clàran-ama gus iomlaid a chur an comas, agus gus seirbheisean càch a chèile a bhrosnachadh mar roghainnean siubhail co-òrdanaichte;
- Goireasan nas fheàrr air soithichean agus aig puirt airson siubhal gnìomhach, mar eisimpleir, racaichean bhaidhsagal, mapaichean de shlighean iomchaidh dhan phort, puingeann teàirrdsidh airson e-baidhsagalan;
- A' cur an comas seirbheisean leithid baidhsagalan is càraichean air mhàl aig puirt, gu sònraichte far a bheil còmhdhail phoblach duilich a thoirt seachad.

**Gealltanais 3.7** Dh'aontaich sinn gun cruthaicheamaid agus gun toireamaid a-steach siostam clàraidh agus siostam thiocaidean ùr airson aiseagan Chluaidh agus Innse Gall, le comas Tiocaidean Tapaidh a chleachdadh, an àite an sgeama a th' ann aig an àm seo.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Thèid an gnìomh seo a libhrigeadh ann an trì ìrean. Thèid a' chiad ìre beò air 16 Cèitean 2023. Thathar ag obair air clàr-ama airson nan ìrean eile an-dràsta agus thèid ùrachaidhean a thoirt seachad fhathast.

Chaidh siostam clàraidh air-loidhne ChalMac (Ar Turas) a chur air bhog air 17 Cèitean 2023. Choilean seo an gealltanais gus seo a dhèanamh ann an cùmhnan Chluaidh is Innse Gall. Tha siostam thiocaidean is clàraidh ùr - “Ar Turas” air a mhaoineachadh le Còmhdhail Alba.

Tha buannachdan Ar Turas a' gabhail a-steach riaghladh 'beò' nas fheàrr air rùm air an deic, conaltradh nas fheàrr mu bhuaireadh, seirbheis choitcheann, ruigsinneach, le comas didseatach an dà chuid air-loidhne agus air aplacaidean, agus dòigh air tiogaidean a cheannach agus atharrachaidhean a chur an gnìomh sa bhad.



**Gealltanais 3.8** Cleachd na beachdan a fhuaras anns a' cho-chomhairle air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhalach ann an ullachadh Plana Lìbhrigidh Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhalach a bhios a' feuchainn ri aghaidh a chur air na diofar dhùbhlain còmhdhail a tha a' toirt buaidh air sgìrean agus roinnean diofraichte na h-Alba, a' gabhail a-steach eileanan.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithris Bhliadhna air Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 3.9** Aontaich tasgaidhean còmhdhail ro-innleachdail bho na coimhearsnachdan eileanach againn tro STPR2 – a dh'fhiosraicheas cuideachd an dàrna Plana Aiseagan aig Còmhdhail Alba.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh STPR2 fhoillseachadh air 8 Dùbhlachd 2022 agus tha sinn air 45 moladh a chur air adhart ann airson tasgadh ann an lìonra còmhdhail ro-innleachdail na h-Alba san àm ri teachd. Thàinig a' cho-chomhairle gu crìch air 15 Giblean 2022 Fhuaradh 424 freagairtean, a' gabhail a-steach 159 neach fa leth, 165 freagairt bhuidhnean agus 100 far nach deach innse an e buidhnean no neach fa leth a bh' anna. Tha freagairtean na co-chomhairle, gu h-àraidh an ìre de thaic do na molaidhean fa leth, cuideachd air biathadh a-steach dhan phròiseas gus prìomhachasan a shuidheachadh. Thèid Plana Lìbhrigidh a chruthachadh gus barrachd soilleireachd a thoirt seachad air prìomhachadh molaidhean STPR2.

## Lèirmheas Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail 2 (STPR2)

Am-bliadhna, foillsichidh sinn am plana lìbhrigidh bun-structair còmhdhail airson STPR2, a' mìneachadh prìomhachasan tasgaidh agus a' toirt seachad sealladh a bharrachd air prògramadh nan 45 molaidhean ann an STPR2. Tha obair a' dol air adhart gus 38 molaidhean a lìbhrigeadh, agus thathar a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air na seachd molaidhean eile a chur an gnìomh. Tha grunn mholaidhean ann co-cheangailte ri coimhearsnachdan eileanach, nam measg:

- Moladh 18: A' toirt taic do thursan ceangailte aig ionadan-aiseig gus piseach a thoirt air goireasan iomlaid airson a h-uile turas aig cinn-uidhe, gu sònraichte tursan nas fhaide, a' toirt seachad roghainnean siubhail nas fhasa agus a' cruthachadh sheirbheisean, gu sònraichte dhaibhsan nach bidh a' siubhal le càr. (Inbhe: tha e a' dol air adhart mar-thà).
- Moladh 22: Frèam airson lìbhrigeadh co-ionadan gluasadachd (*mobility hubs*) gus togail air an stiùireadh a th' ann mar-thà a chaidh ullachadh le Collaborative Mobility UK, mu dheasachadh frèam lìbhrigidh airson co-ionadan gluasadachd, ann an co-obrachadh le luchd-ùidh, gus cruthachadh co-ionadan gluasadachd àrd-inbhe a dhèanamh air feadh na h-Alba. (Inbhe: cha do thòisich seo fhathast).
- Moladh 24: Ag ath-nuadhachadh agus ag ùrachadh aiseagan, agus gan dì-charbonachadh mean air mhean Tha am moladh seo a' gabhail a-steach ùrachadh agus ath-nuadhachadh shoithichean CHFS agus NIFS a' gabhail a-steach dì-charbonachadh mean air mhean ro 2045. (Inbhe: tha e a' dol air adhart mar-thà).

- Moladh 28: Carbadan gun eimiseanan agus tar-ghluasad bun-structair. Is e amas a' mholaidh seo taic a chumail ris a' ghluasad a dh'ionnsaigh lìonra-rathaid le cothromachadh carboin, tro atharrachadh teicneòlasach. Tha seo deatamach gus eimiseanan CO2 bho chòmhdhail rathaid a lùghdachadh gus amas cothromachadh carboin Riaghaltas na h-Alba a choileanadh. (Inbhe: tha e a' dol air adhart mar-thà).
- Moladh 41: A' coimhead air ceangal stèidhichte air Caolas na Hearadh agus Caolas Bharraigh agus eadar Muile agus tìr-mòr na h-Alba. Tha STPR 2 a' moladh gun dèanar barrachd obrach air cùisean gnìomhachais gus tuigse fhaighinn air na buannachdan, cosgaisean agus dùbhlain a bhiodh an lùib ceangal stèidhichte air Caolas na Hearadh, Caolas Bharraigh agus eadar Muile agus tìr-mòr na h-Alba. (Inbhe: cha do thòisich seo fhathast).
- Moladh 42: Tasgadh ann am bun-structair puirt gus taic a thoirt do dh'ath-nuadhachadh shoithichean agus soithichean ùra, agus dì-charbonachadh mean air mhean a' gabhail a-steach prògram tasgaidh ann am bun-structair puirt aiseig, a' gabhail a-steach solar cumhachd cladaich do dh'aiseagan, gus taic a chumail ri Moladh 24 ann an STPR2 a tha air a mhìneachadh gu h-àrd. (Inbhe: tha e a' dol air adhart mar-thà).

**Gealltanais 3.10** Obraich ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan airson a bhith a' leasachadh bun-structair coiseachd is baidhsagal, dealbhadh àite agus ruigsinneachd air baidhsagalan, goireasan, adhartachadh agus foghlam gus coiseachd is baidhsagal a dhèanamh mar an roghainn as mòr-chòrdte airson turasan làitheil goirid a' gabhail a-steach tursan mar phàirt de thursan ioma-mhodh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Còmhdhail Alba air taic-airgid a thoirt do Cycling UK gus leantainn air adhart leis a' phrògram Rural Connections ann an 2023 a bheir taic do dhaoine ann an Sealtainn, Arcaibh, agus coimhearsnachdan eileanach gus rothaireachd, coiseachd is cuibhreachadh airson tursan làitheil, cur-seachad agus spòrs. Tha am prògram ga mhaoineachadh mar phàirt den fhreagairt againn do dh'Fharpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne, agus tha e a' tabhann raon farsaing de ghnìomhachd rothaireachd is coiseachd airson gach comais.
- Dh'fhosgail am portal air-loidhne airson tagraidhean gu Àiteachan dha na h-Uile air 25 Iuchar 2022. Chaidh seo a shanasachd dhan a h-uile ùghdarras ionadail a bha ion-roghnach gus tagradh a dhèanamh airson maoineachadh airson bun-structair coiseachd is baidhsagail ùr tron mhaoin. Thèid pròiseactan a thoirt air adhart ann an 2023.
- Tha oifigearan Sustrans a-nis air am fastadh ann an Arcaibh agus Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh, agus cumaidh iad orra a' toirt taic do na h-ùghdarrasan ionadail sin leis na ro-innleachdan agus pròiseactan siubhail gnìomhach aca.

Bidh Còmhdhail Alba a' maoineachadh bun-structair, atharrachadh giùlain, agus ruigsinneachd air baidhsagalan do dh'ùghdarrasan eileanach gu dìreach no tro thagraidhean coimhearsnachd is chom-pàirtichean airson sgeamaichean siubhail gnìomhach gus siubhal seasmhach a thoirt air adhart.

Thug Còmhdhail Alba seachad tabhartasan dìreach de £461,000 do Shlighean Coiseachd is Rothaireachd nas Sàbhailte ann an 2023-24 (còmhla ri cuibhreann de mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle na Gàidhealtachd) gus sgeamaichean siubhail gnìomhach a libhrigeadh sna h-eileanan. Tha iad nan cuibhreann pro-rata den tabhartas iomlan de £35 millean. Chaidh seo a riarachadh do na h-eileanan mar a leanas: Fhuair Comhairle nan Eilean Siar £170,000, fhuair Comhairle Shealtainn £147,000 agus fhuair Comhairle Arcaibh £144,000. Cuideachd, fhuair Zetrans £350,000 gus pròiseactan a dhealbh mar phàirt de mhaoineachadh dìreach bho Chòmhdhail Alba gu Ùghdarrasan Còmhdhail Roinneil.

Tha cuid de na prìomh phròiseactan a chaidh a libhrigeadh tro mhaoineachadh CWSR anns na bliadhnaichean roimhe air leantainn air adhart agus tha iad a' gabhail a-steach solais ann an sgìre Nis ann an Leòdhas agus libhrigeadh shoidhnichean gus taic a thoirt do raointean 20 mìle san uair ùra timcheall air deich sgoiltean ann an Arcaibh.

Bidh Còmhdhail Alba a' toirt maoineachadh do Sustrans gach bliadhna gus prògram siubhal gnìomhach Àiteachan do na h-Uile a chur an gnìomh. Ann an 2023-24, chaidh còrr is £1 millean a riarachadh do phròiseactan ann an diofar àiteachan eileanach leithid An t-Eilean Sgitheanaich, Arcaibh, Barraigh, Bòd, Ìle, agus Diùra, a' gabhail a-steach obair dealbhadh is togail.

Mar thoiseach tòiseachaidh air gluasad air falbh bho PfE a dh'ionnsaigh maoineachadh nas diriche gu ùghdarrasan ionadail, dh'fhosgail Còmhdhail Alba Maoin Cruth-atharrachaidh ùr ann an 2023-24 agus thug sinn £385,000 do Chomhairle nan Eilean Siar agus £107,000 do Chomhairle Shealtainn às a seo.

Bidh Sustrans a' toirt taic do Chomhairle Arcaibh agus do Chomhairle na Gàidhealtachd tro Oifigearan Stèidhichte a bhios a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh ro-innleachdan agus slighean siubhail gnìomhach, agus tagraidhean maoineachaidh.

Tha barrachd maoineachaidh airson Siubhal Gnìomhach air taic a chur an comas do sgeamaichean siubhail is sàbhailteachd nas gnìomhaiche air prìomh rathaidean, gu h-àraidh san Eilean Sgitheanach, a' gabhail a-steach leasachaidhean aig Àrd-sgoil Phort Rìgh le cruth nan cinn-rathaid air a dhèanamh nas sìmplidhe agus comharran trafaig le slighean-coiseachd le solasan air an cur a-steach, a chosg £325,000. Dh'fhaodadh sgeamaichean air a bheilear a' beachdachadh airson na h-ath bhliadhna ionmhais leudachadh a dhèanamh air an t-slighe-coiseachd ann an Sgonnsair agus crois-rathaid do luchd-coiseachd a chur ris aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Bidh Paths for All, tro mhaoin Slighean Ian Findlay, a' toirt piseach air slighean ionadail gus siubhal gnìomhach a bhrosnachadh. Chaidh Pròiseact Ath-sgeadachaidh Àrdnais, san Eilean Sgitheanach, a libhrigeadh ann an 2023, agus iad ag ùrachadh frith-rathad 1km nach robh ruigsinneach do na h-uile. Tha am frith-rathad ùr a' ceangal Breacais Àrd is Ìosal agus Achadh a' Chuirn agus e a' toirt seachad slighe siubhail sàbhailte, gnìomhach gu àiteachan-obrach agus prìomh ghoireasan san Ath Leathann.

Tha sinn a' leantainn air adhart a' libhrigeadh measgachadh de phrògraman atharrachadh giùlain anns na h-eileanan, a' gabhail a-steach àrdachadh ann an ìrean cleachdaidh trèanadh baidhsagal do chloinn is inbhich. Tha Comhairle nan Eilean Siar, Arcaibh agus Sealtainn air £30,000 fhaighinn airson trèanadh Bikeability a libhrigeadh anns a h-uile bun-sgoil ann an 2023-24, agus còrr is £350,000 bho 2012.

Tha prògram Cycling Friendly air còrr is £300,000 de mhaoineachadh a thoirt seachad airson cothrom air sgeamaichean baidhsagal agus stòradh ann an coimhearsnachdan eileanach, le £158,000 airson goireasan a chur a-steach thairis air 10 làraichean aig NHS nan Eilean Siar, agus iad uile ag obair a dh'ionnsaigh creideas Fastaiche a tha Càirdeil ri Rothaireachd gus rothaireachd a bhrosnachadh do luchd-obrach air feadh nan Eilean Siar.

A bharrachd air seo, chaidh £587,900 a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach ann an 2023-24 tro Phrògram Smarter Choices Smarter Places gus barrachd thursan a bhrosnachadh tro choisreachd, air cuibhlichean, còmhdhail phoblach agus siubhal seasmhach. Ghabh seo a-steach £50,000 an urra airson:

- Comhairle nan Eilean Siar gus dreuchd a mhaoineachadh a bheir taic do ghnìomhachd brosnachaidh siubhal gnìomhach agus còmhdhail phoblach air feadh nan Eilean Siar;
- Comhairle Arcaibh gus seirbheisean bus feasgair a libhrigeadh gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh, barrachd cleachdaidh de chòmhdhail doras gu doras dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd;
- Tha Comhairle Shealtainn a' leantainn orra leis an iomairt Love to Ride agus a' cumail suas làrach-lìn a tha a' comasachadh tagradh agus in-ghabhail agus a' toirt seachad an fhiosrachaidh as ùire gus dèiligeadh ri bacaidhean agus gus cur ri misneachd.

Ann an 2023-24, thug sinn £1 millean do Cycling UK gus Pròiseact Ceanglaichean Dùthchail a ruith, a' cur ri ruigsinneachd bhaidhsagalan ann an sgìrean eileanach leithid Sealtainn agus Arcaibh. Tha seo a' cumail taic ri stòradh bhaidhsagalan, cumail suas agus trèanadh ann an coimhearsnachdan gun bhùitean càraidh, ag amas air cur ri roghainnean iasad baidhsagail agus rothairean atharraichte a thabhann do dhaoine air a bheil ciorram.

## **Prògram nan Eilean – Pàirc a' Mhuilinn Dathaidh**

Tro Phrògram nan Eilean 2023/24, thug sinn £220,625 do Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath airson pàirce bhaidhsagalan ruigsinneach aig A' Mhuileann Dathaidh ann an Arainn gus rothaireachd a chur an comas, a' brosnachadh fàs coimhearsnachd, agus a' leasachadh sgìlean.

**Gealltanais 3.11** Coimhead air dòighean gus am feum air siubhal a lùghdachadh le bhith a' cleachdadh an t-siostam dealbhaidh gus àiteachan a bhrosnachadh a tha a' toirt dhaoine is sheirbheisean còmhla.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh gabhail ri Frèam Planaidh Nàiseanta 4 (NPF4) sa Ghearran 2023 agus tha e a-nis an gnìomh. Tha NPF4 a' gabhail a-steach poileasaidh ùr air beatha ionadail a' gabhail a-steach prionnsapal nàbachdan 20-mionaid a bhios a' ceangal dhaoine ri raon de ghoireasan agus sheirbheisean faisg air an dachaigh agus ag aithneachadh gur e dòigh-obrach shùbailte a th' ann a ghabhas a chleachdadh ann an diofar dhòighean air feadh na dùthcha agus ann an diofar bhailtean ann an dòigh a fhreagras air a' cho-theacsa. Chaidh dreachd cho-chomhairleachaidh de stiùireadh air Beatha Ionadail agus Coimhearsnachdan 20 Mionaidean fhoillseachadh as t-Earrach 2023, gus taic a chumail ri buileachadh NPF4. Mar phrìomhachas, bheir sinn air adhart buileachadh agus sgrùdadh NPF4 tron [Phrògram Lìbhrigidh | A' Toirt Cruth-atharrachadh air Planadh](#)

## Frèam Planaidh Nàiseanta 4

Tha Frèam Planaidh Nàiseanta 4 (NPF4), ris an deach gabhail sa Ghearran 2023, mar phàirt den phlana leasachaidh airson co-dhùnaidhean làitheil san t-siostam dealbhaidh agus tha e a' fiosrachadh ullachadh phlanaichean leasachaidh ionadail air feadh nan eilean. Tha e a' mìneachadh sia prionnsapalan spàsail, agus tha e na bhunait dhan ro-innleachd spàsail nàiseanta agus do phoileasaidhean dealbhaidh: eadar-ghluasad cothromach, glèidheadh agus ath-chuairteachadh stòrasan, beatha ionadail, dlùth-fhàs ann am bailtean-mòra, ath-chothromachadh air leasachadh agus ath-bheothachadh dùthchail.

Tha ro-innleachd spàsail NPF4 a' cuimseachadh air costa an Iar-thuath agus air na h-Eileanan agus a' co-thaobhadh ri Plana Nàiseanta nan Eilean gus builean nas fhèarr a libhrigeadh do dh'eileanaich. Tha e ag amas air ath-leumachd agus fèin-sheasmhachd a thogail san fhad-ùine le bhith a' lùghdachadh an fheum air siubhal agus a bhith cuideachd a' cumail suas coimhearsnachdan sgapte agus pàtrain leasachaidh dùthchail.

Bidh poileasaidhean NPF4 a' brosnachadh còmhhdhail sheasmhach, dòighean-obrach stèidhichte air àite gus eisimeileachd air càraichean a lùghdachadh agus gus tuigse thràth fhaighinn air feumalachdan bun-structair agus a' bhuidh aig bun-structair air àite. Bidh seo a' cumail taic ri bhith a' cur an sàs coimhearsnachdan 20 mionaid agus dòigh-obrach beatha ionadail gus am faigh coimhearsnachdan cothrom air seirbheisean ionadail ann an dòigh nas seasmhaiche.

Tha NPF4 cuideachd a' toirt aire do Ro-innleachd Còmhhdhail Nàiseanta 2, ag amas air dealbhadh còmhhdhail is cleachdadh fearainn fhilleadh a-steach nas fheàrr agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd còmhhdhail agus lùghdachadh air an fheum a bhith a' siubhal nam feartan bunaiteach a thaobh far an tachair leasachaidh. Tha e a' leabachadh Rangachadh na Còmhhdhail Seasmhaich agus Rangachd Tasgadh Seasmhach aig NTS2 ann an co-dhùnaidhean dealbhaidh agus dealbhadh leasachaidhean.

## Stiùireadh air Planaichean Leasachaidh Ionadail

Air fhoillseachadh sa Chèitean 2023, tha an Stiùireadh a' mìneachadh nan earrannan buntainneach ann an NPF4, Achd Dealbhadh Bailteil is Dùthchail (Alba) 1997 mar a chaidh atharrachadh agus Riaghailtean Dealbhaidh Leasachaidh co-cheangailte riutha. Bidh seo a' brosnachadh siostam air a stiùireadh le plana far a bheil planaichean stèidhichte air àite, stèidhichte air daoine agus le fòcas air libhrigeadh. Bidh planaichean san stoidhle ùr a' cur ris an fhòcas air conaltradh coimhearsnachd agus a' freagairt air a' cho-theacsa ionadail a tha gu sònraichte iomchaidh do choimhearsnachdan eileanach leis an t-suidheachadh sònraichte aca.

**Gealltanais 3.12** Le ùmhlachd do riatanasan mar a tha air am mìneachadh ann an cùmhnantan Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus cùmhnantan Seirbheis Aiseag nan Eileanan a Tuath, feuchaidh sinn an-còmhnaidh ri cùisean co-cheangailte ri bathar a leasachadh agus thèid sinn an sàs gu for-ghnìomhach le companaidhean aiseig, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh mar a bhios iomchaidh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Còmhdhail Alba a' cumail orra ag obair gu dlùth le Stòras Mara Cailleannach Eta (CMAL) agus le luchd-ruith nan aiseagan againn gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain a tha mu choinneamh lìonra nan aiseagan againn, agus leanaidh iad orra a' coimhead air bàtaichean ath-làimhe iomchaidh ma bhios iad rim faighinn air prìs reusanta agus le teirmichean iomchaidh.

Tha ar companaidhean aiseig ag obair le prìomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an roinnean tuathanachais is tuathanais-uisge, gus riaghladh èifeachdach a dhèanamh air sgaoileadh bathair air feadh an lìonraidh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt bathar gu tìr-mòr agus an caochladh, a' dèanamh cinnteach gun ruig bathar is seirbheisean ro-chudromach na coimhearsnachdan eileanach againn. Tha Còmhdhail Alba a' cumail orra ag obair le CMAL agus na companaidhean gluasad bathair gus sùil a chumail air comasan-libhrigidh bathair. Tha eisimpleirean de seo bho chionn ghoirid a' gabhail a-steach mar a fhuair am MV Arrow, agus an MV Alfred air mhàl.

# Taigheadas

## Amas Ro-innleachdail 4 - Gus taigheadas a leasachadh

**Gealltanais 4.1** Dèan cinnteach gum bi Taigheadas gu 2040 a rèir feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach.

**Gealltanais air a choileanadh** - Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhna air Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 4.2** Dèan cinnteach gu bheil molaidhean airson riaghailtean air an cur an sàs airson àiteachan còmhnaidh air mhàl airson ùine ghoirid, gus gabhail ri suidheachadh air leth nan coimhearsnachdan eileanach agus gus ullachaidhean sònraichte a chur air dòigh dhaibh far a bheil seo a dhìth.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn air riaghladh àiteachan-fuirich air màl gearr-ùine a thoirt a-steach tro sgeama ceadachd a tha a-nis an sàs. Feumaidh luchd-aogheachd àiteachan-fuirich air mhàl gearr-ùine cead fhaighinn mus gabh iad ri clàraidhean agus mus bi aoghean aca. Gus cead fhaighinn, feumaidh luchd-aogheachd cumail ri cumhachan riatanach (a bhuineas do gach àite-fuirich air màl gearr-ùine ann an Alba) agus ri cumhachan a bharrachd sam bith a chuireas ùghdarrasan ionadail an sàs mar fhreagairt air feumalachdan agus ceistean ionadail. Tha seo a' toirt dearbhadh do dh'aoghean gu bheil a h-uile àite-fuirich air mhàl fad ùine-ghoirid a rèir inbhean sàbhailteachd cunbhalach.
- Cumhachdan do dh'ùghdarrasan ionadail gus sgìrean smachd air àiteachan air màl fad ùine ghoirid a stèidheachadh gus an àireamh de dh'àiteachan air mhàl san sgìre aca a riaghladh. Chomharraich Comhairle Dhùn Èideann sgìre na comhairle gu lèir mar raon smachd air 5 Sultain 2022. Bho àm an t-sònrachaidh tha e a' ciallachadh gur e atharrachadh susbainteach a th' ann an atharrachadh cleachdaidh gu màl gearr-ùine agus gum bidh feum air cead dealbhaidh airson seo an-còmhnaidh.

Dh'fhosgail sgeamaichean ceadachd san Dàmhair 2022 agus feumaidh luchd-aogheachd ùra a-nis cead fhaighinn mus gabh iad ri clàrachaidhean no mus bi aoghean aca. Fhuair aoghean a chuir na h-àiteachan còmhnaidh aca a-mach air mhàl ron Dàmhair 2022 barrachd tìde gus iarrtas a dhèanamh. Dh'fheumadh tagraidhean cead a bhith air an cur a-steach ro 1 Dàmhair 2023 airson a bhith ion-roghnach air cumail a' dol mar àiteachan còmhnaidh air mhàl fhad 's a bha co-dhùnadh air a dhèanamh air an tagradh. Dh'aithnich an leudachadh seo na duilgheadasan a bha aig luchd-aogheachd, gu sònraichte ann an sgìrean dùthchail agus eileanach, le bhith a' faighinn cunnadairean gus obair riatanach a dhèanamh.

Sgrìobh Ministear airson Taigheadais gu Comataidh Taigheadas, Planadh agus Riaghaltas Ionadail san Fhaoilleach 2024 gus adhartas gu ruige seo a cho-roinn agus bheir sinn ùrachadh foirmeil dhan Phàrlamaid air buileachadh ceadachd ron t-samhradh 2024.

**Gealltanais 4.3** Dèan rannsachadh air mar a ghabhadh Maoin Taigheadais Dùthchail agus Eileanach atharrachadh san àm ri teachd gus cur ris an fharsaingeachd de roghainnean a th' ann gus taic a chumail ri leasachadh taigheadais ann an sgìrean dùthchail agus iomallach;

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 4.4** Cùm oirnn a bhith a' toirt seachad ghrantaichean do chroitèaran gus taighean croite a thogail agus a leasachadh

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 4.5** Dèan am feum as fheàrr air an stoc taigheadais uile, a' gabhail a-steach toglaichean trèigte agus roghainnean airson ceannachd èigneachail.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tro [Housing to 2040](#) tha sinn air gealltainn raon de cheuman a ghabhail gus am bi dachaighean falamh air an cleachdadh a-rithist. Is e a' chiad fhear dhiubh sin sgrùdadh a dhèanamh gus fiosrachadh mar a libhrigeas sinn na gnìomhan eile. Mar sin tha sinn air rannsachadh neo-eisimeileach a bharantachadh mu sgèile, feartan agus suidheachadh thaighean falamh, agus air èifeachdas eadar-theachdan gus an toirt air ais gu feum. Tha sinn an dùil toraidhean na h-aithisg fhoillseachadh nas fhaide air adhart am-bliadhna agus ar freagairt a thoirt seachad, a' gabhail a-steach gnìomhan. Tha sinn a' leantainn air adhart cuideachd a' maoineachadh obair Com-pàirteachas Dachaidhean Falamh na h-Alba a tha air cuideachadh le bhith a' toirt còrr is 8,000 dachaigh air ais gu bhith air an cleachdadh mar dhachaighean bho 2010.
- Anns a' Ghiblean 2023 chuir sinn co-chomhairle air bhog air molaidhean gus a' chis chomhairle àrdachadh air dàrna dachaighean agus dachaighean falamh san ùine fhada. Bidh a' cho-chomhairle a' ruith gu 11 Iuchar 2023 agus a' moladh gun tèid cumhachdan ùra a thoirt a-steach gus leigeil le comhairlean suas ri 100% de chis chomhairle a bharrachd a chur air dàrna dachaighean bhon Ghiblean 2024.

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba a [Phlana Gnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach](#) san Dàmhair 2023. Tha am plana a' comharrachadh gum feumar am feum as fheàrr a dhèanamh de dhachaighean a th' ann mar-thà agus air modhan gus an t-amas seo a choileanadh. Tha ceumannan a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-staigh fo-reachdas gus leigeil le comhairlean suas ri 100% a bharrachd a chur air reataichean cìs chomhairle airson dàrna dachaighean bhon Ghiblean 2024, agus ag obair le ùghdarrasan ionadail gus sùil a chumail air a bhith a' sònrachadh raointean smachd



àiteachan air màil airson ùine ghoirid agus ag obair còmhla ri Com-pàirteachas Dachaighean Falamh na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, agus luchd-seilbh gus barrachd thaighean falamh ann an sgìrean dùthchail agus eileanach a chur gu feum a-rithist.

Tha cumhachdan ceannach èigneachail farsaing aig ùghdarrasan ionadail mar-thà a ghabhas cleachdadh airson iomadh diofar adhbhair, a' gabhail a-steach a bhith a' cur thogalaichean tràigte gu feum a-rithist. Anns a' Phrògram Riaghlaidh againn, tha sinn air gealltainn reachdas ceannach èigneachail ath-leasachadh agus ùrachadh gus an siostam a dhèanamh nas cothromaiche, nas luaithe agus nas èifeachdaiche. Tòisichidh obair ann an 2024 le stèidheachadh buidheann comhairleachaidh eòlaichean gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh roghainnean airson ath-leasachadh.

**Gealltanais 4.6** Thoir piseach air ruigsinneachd nas fheàrr air dachaighean do dhaoine a tha ag iarraidh a dhol a dh'fhuireach ann an coimhearsnachdan eileanach, no a bhith a' tilleadh do choimhearsnachdan eileanach. Beachdaichidh sinn air na dòighean as fheàrr gus cothrom nas fheàrr a thoirt do dhaoine air dachaighean airson daoine a tha ag iarraidh fuireach no tilleadh gu coimhearsnachdan eileanach, ag obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh iomchaidh; nì sinn sgrùdadh air na roghainnean seo uile gus seo a dhèanamh, a' dèanamh deagh fheum air na dachaighean a th' ann mar-thà agus air dachannan ùra.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn air gealltainn 110,000 dachaigh air prìs ruigsinneach a libhrigeadh ro 2032, le 70% dhiubh sin airson màl sòisealta, agus 10% ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.
- Gus na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' fastadh agus a' cumail luchd-obrach ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach aithneachadh, nì sinn cinnteach gum bi suas ri £25 millean ri fhaighinn bhon bhuidseit againn airson solar taigheadais air prìs reusanta thar na h-ùine 2023-2028. Bheir am maoineachadh taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus do dh'uachdarain shòisealta clàraichte gus togalaichean iomchaidh a th' ann mar-thà a cheannach a dh'fhaodar a chur air màl gu dìreach no air màl do luchd-fastaidh gus dachaighean a sholarachadh do luchd-fastaidh airson phrìomh luchd-obrach.
- Foillsichidh sinn Plana Gnìomh Taigheadais Iomallach, Dùthchail is Eileanach anns an Ògmhios 2023 gus feumalachdan taigheadais nan coimhearsnachdan sin a choileanadh, agus gus daoine a ghlèidheadh sna coimhearsnachdan sin agus gus daoine a tharraing annta.

Tha taigheadas ro-chudromach do choimhearsnachdan eileanach, gan cuideachadh gus soirbheachadh, a' glèidheadh dhaoine òga, agus a' toirt taic do ghnothachasan is sheirbheisean gus luchd-obrach a thàladh. Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' cuimseachadh air an targaid againn gus 110,000 dachaigh a libhrigeadh air prìs ruigsinneach, le 10% dhiubh sin ann an sgìrean dùthchail agus eileanach.

Tha [Plana Gnìomh Taigheadais Dùthchail is Eileanach](#) ag aithneachadh gum feum luchd-fastaidh a bhith comasach air am prìomh luchd-obrach a tha a dhìth orra a thàladh, chan ann a-mhàin gus taic a chumail ri libhrigeadh seirbheis ach cuideachd gus taic a thoirt do dh'fhàs eaconamach agus beartas.

Tha gealltanais anns a' Phlana Gnìomha gun tèid suas ri £25 millean a thoirt seachad, bho bhuidseit Phrògram Solarachaidh Taigheadais air Prìs Ruigsinneach, a rèir iarrtas bho 2023-2028. Thèid seo a libhrigeadh ann an cruth Maoin Dachaighean Dùthchail air Prìs Ruigsinneach do Phrìomh Luchd-obrach agus leigidh e le ùghdarrasan ionadail agus uachdarain sòisealta clàraichte togalaichean freagarrach a cheannach, a' gabhail a-steach dachaighean falamh, do phrìomh luchd-obrach a tha feumach air taighean air prìs reusanta far an deach a chomharrachadh gu bheil feum air seo.

Eadar 2016-2017 agus 2022-2023, tron Phrògram Solarachaidh Taigheadais air Prìs Ruigsinneach nas fharsainghe, chaidh taic a thoirt do chòrr is 10,000 dachaigh air prìs ruigsinneach thar sgìrean dùthchail agus eileanach, còrr is 1,100 dhiubh sin ann an coimhearsnachdan eileanach.

## **Prògram nan Eilean – Pròiseact Àite-fuirich Luchd-obrach Tobar Mhoire**

Ann an cuairt Prògram nan Eilean 2023-2024, thug sinn £700,000 do Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid airson bun-structair ann am Muile airson àiteachan-fuirich a thogail do luchd-obrach. Cuiridh am pròiseact gu mòr ri bhith a' coileanadh prìomhachasan stèidhichte air àite sa choimhearsnachd ionadail, a chuireas fàs ionadail agus ath-leumachd air dòigh nas luaithe.

**Gealltanais 4.7** Dèan cinnteach gun tèid beachdachadh air a' bhuidhe air coimhearsnachdan Gàidhlig nuair a thathar a' cruthachadh poileasaidhean taigheadais.

### **Mapa Slighe Buileachaidh 2023**

- Thathar an dùil gum bi Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail a' toirt seachad fianais air mar a thug conaltradh agus co-chomhairle coimhearsnachd buaidh air bhuilean, gus prìomhachasan, planaichean agus targaidean nàiseanta a libhrigeadh, agus mar a tha Prionnsapal an Àite ga chleachdadh gus atharrachadh a libhrigeadh taobh a-staigh choimhearsnachdan agus gus na builean a thathar ag iarraidh a choileanadh.

Tha an [stiùireadh air Ro-innleachd Taigheadais Ionadail](#) a' gabhail a-steach fòcas làidir air co-ionannachdan agus feumaidh gach ùghdarras ionadail Measadh Buaidh Co-ionannachd ullachadh gus taic a chumail ri cruthachadh ro-innleachdan taigheadais ionadail gus prìomhachasan agus builean fhiosrachadh.

Bheir Bile nan Cànan Albannach cothrom do dh'ùghdarrasan ionadail Sgìrean Cànan Sònraichte ainmeachadh taobh a-staigh sgìre an ùghdarras. Thathar an dùil gun obraich na Sgìrean Cànan Sònraichte seo gu dlùth leis an Ro-innleachd Ghàidhlig agus na h-Inbhean Gàidhlig nuair a bhios iad air an cruthachadh. Tha comas ann dhaibhsan a bhios a' cruthachadh poileasaidhean taigheadais beachdachadh air ceumannan a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig agus adhartachadh na Gàidhlig san sgìre aca.

# Bochdainn Connaidh

## Amas ro-innleachdail 5 – Lùghdaich ìrean bochdainn connaidh

**Gealltanais 5.1** Dèan ath-sgrùdadh air mar as urrainn sgeamaichean libhrigidh obrachadh nas fheàrr aig an ìre ionadail agus dèan ath-sgrùdadh air maoinachadh do choimhearsnachdan eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha an sgeama a thig às dèidh sgeama Dachaighean nas Blàithe Alba ga sholarachadh an-dràsta, agus tha e gu bhith a' dol beò ann an 2023. Mar phàirt de dhealbhadh an sgeama a thèid an àite sgeama Dachaighean Nas Blàithe Alba, chaidh buidheann-obrach ion-roghnachd a stèidheachadh a rinn ath-sgrùdadh air dhòighean anns an gabhadh ìrean ion-roghnachd agus pròiseasan atharrachadh gus taic a chuireadh nas fheàrr air dachaighean a tha a' fulang bho bhochdainn connaidh. Tha slatan-tomhais ion-roghnachd a-nis air an suidheachadh agus thèid an sgeama a thig às a dhèidh a chur air bhog san Dàmhair 2023

Chaidh sgeama Dachaighean Nas Blàithe Alba a chur air bhog às ùr san Dàmhair 2023, le fòcas làidir air dì-charbonachadh, barrachd cheumannan a ghabhail anns gach taigh agus le luach cùmhnant nas motha. Chaidh slatan-tomhais ion-roghnachd airson an sgeama a shuidheachadh an co-bhonn ri Pannal Comhairleachaidh Bochdainn Connaidh (FPAP).

Tha 9 luchd-stàlaidh eileanach ann an-dràsta a-mach à 35 uile gu lèir gu nàiseanta: 4 anns na h-Eileanan an Iar, 2 ann an Arcaibh agus 3 ann an Sealtainn. Bhon Fhaoilleach 2019, b' e na cosgaisean stàlaidh/libhrigidh iomlan airson nan eilean £12,032,235.14 (gun VAT).

Ann an 2022-2023, mheudaich na sia comhairlean eileanach an àireamh de cheumannan èifeachdas lùths a libhrig iad agus an uiread de thabhartas a fhuair iad tro Sgeamaichean Stèidhichte air Sgìre. Fhuair na sia comhairlean £9.6 millean ann an cosgaisean san geama, mu £3 a bharrachd na ann an 2021-22 agus libhrig iad cha mhòr 300 leasachaidhean a bharrachd.

Bho 2013, tha na sia sgìrean comhairle air mu 18% de thasgadh iomlan Riaghaltas na h-Alba fhaighinn agus tha iad air 18,000 leasachaidhean a libhrigeadh, no mu 18,000 den na leasachaidhean uile aig prògram ABS. Tha am modail riarachaidh stèidhichte air ìrean bochdainn connaidh agus toglaichean a tha “doirbh làimhseachadh” mar a chaidh aontachadh le Ceannardan Comhairle agus Ministearan na h-Alba.

**Gealltanais 5.2** Cruthaich Àrdachadh air Slat-tomhais airson na Teachd a-steach as Ìsle airson sgìrean dùthchail iomallach, bailtean beaga iomallach agus airson eileanan, leis an àrdachadh gu bhith air a dhearbhadh air leth bhuaithe.

**Gealltanais air a choileanadh** – Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 5.3** Cruthaich Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach air an dreachd deireannach de Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdairean bho ùghdarrasan ionadail nan eilean an sàs gu mòr anns an obair deasachaidh

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2022. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 5.4** Dèan rannsachadh agus mion-sgrùdadh a rèir riatanasan Achd Bochdainn Connaidh (Targaidean, Mineachadh agus Ro-innleachd) (Alba) 2019 a chuireas ri ar tuigse mu chosgaisean bith-beò a tha mu choinneimh teaghlaichean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

# Ceangailteachd Dhidseatach

## Amas Ro-innleachdail 6 – Gus Ceangailteachd Dhidseatach a leasachadh

**Gealltanais 6.1** Thoir cruth atharrachadh air càileachd nan seirbheisean bann-leathann a tha rim faighinn air feadh nan eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £384 millean ann an cùmhnant Ruighinn 100% (R100) North a tha a' gabhail a-steach a' mhòr-chuid de na h-eileanan Albannach air a bheil sluagh. San Lùnastal 2022, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gu bheil iad a' tasgadh £20.2 millean a bharrachd, còmhla ri £9.4 millean de mhaoineachadh bho Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, gus bann-leathann làn fibre ann an cùmhnant an R100 a Tuath a leudachadh gu 1,488 togalach eile air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid, nan Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn.
- Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' cur ìmpidh air Riaghaltas na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil planaichean an sàs gus ceanglaichean fìor-luath a thabhann do thogalaichean a tha Riaghaltas na RA a' meas 'Glè Doirbh a Ruigsinn' air adhbharan Pròiseact Gigabit.
- Cumaidh sinn oirnn a' toirt air adhart prògram beàrn-lìonadh 4G (S4GI) Riaghaltas na h-Alba, leis na 55 làraichean gu lèir a tha rin libhrigeadh tron phrògram suidhichte ann an sgìrean dùthchail no eileanach na h-Alba.

Tron phrògram *Ruighinn 100%* againn (R100), tha sinn a' cur ri ruigsinneachd bun-structair didseatach a bhios freagarrach airson an àm ri teachd air feadh eileanan na h-Alba. Thathar an dùil gum faigh còrr is 12,000 toglaichean eileanach ceangal mar thoradh air an tasgadh de £404 millean aig Riaghaltas na h-Alba ann an cùmhnant R100 a Tuath, cho math ri £17.5 millean de thasgadh bho Riaghaltas na RA. Bidh na ceanglaichean uile a thèid a libhrigeadh tro cùmhnant R100 a Tuath freagarrach airson fibre dhan togalach (*Fibre to the Premises* - FTTP) a bhios comasach air astar luchdaidh a-nuas de ghigabit a libhrigeadh, còrr is 30 tursan nas luaithe na an gealltanais tùsail againn airson bann-leathann fìor-luath.

Tha Sgeama Eàrlas Bann-leathann na h-Alba againn cuideachd a' toirt buaidh air eileanan na h-Alba le 189 ceanglaichean air an libhrigeadh ro 1 Dùbhlachd 2023 mar thoradh air an sgeama.

Lean obair libhrigidh air prògram In-lìonadh 4G na h-Alba (S4GI) de luach £28.75 millean tro 2023 le 55 crann air an cur an sàs gus 4G a libhrigeadh ann an sgìrean dùthchail agus eileanach na h-Alba ro dheireadh na Dùbhlachd 2023, a' toirt 4G gu àiteachan far nach robh siognail ann roimhe, agus tha libhrigeadh a' phrògram a-nis deiseil.

Tha seo a' gabhail a-steach 17 cruinn ann an eileanan (Tìr-mòr Arcaibh, Stromness, Stronsay, Tìr-mòr Shealtainn, Foula, Leòdhas is na Hearadh, Uibhist a Tuath,

Muile, an t-Eilean Sgitheanach agus Diùra) air cosgais £10.02 millean, còrr is an treas cuid de thasgadh iomlan prògram S4GI. Tha S4GI a' cur ri beatha làitheil nan coimhearsnachdan a tha na crainn againn a' frithealadh, a' toirt taic dhìreach do phlanaichean nas fharsainge airson turasachd ionadail agus a' toirt cothrom do mhuinntir an àite air seirbheisean didseatach agus a bhith a' conaltradh le teaghlaichean is caraidean.

**Gealltanais 6.2** Ùghdarraich ceangailteachd le comas gigabit gu àiteachan eileanach air an sònrachadh tro phrògram R100, le barrachd choimhearsnachdan eileanach gu bhith a' faighinn buannachd às nuair a bhios cùmhnantan air an crìochnachadh nas fhaide dhan bhliadhna seo.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Rinn na cùmhnantan R100, còmhla ri Sgeama Eàrlas Bann-leathann na h-Alba againn cinnteach gun urrainn ceangal bann-leathann fìor-luath a bhith aig neach sam bith a dh'fheumadh e ro dheireadh na Dùbhlachd 2021. Tha prògram R100 air 16 càballan fibre optic fon mhuir a libhrigeadh, a' toirt seachad ceangailteachd seasmhach do 15 eileanan Albannach airson an àm ri teachd. Tha seo a bharrachd air 20 càball fon mhuir a chaidh a libhrigeadh tron phrògram dìleib againn, DSSB. Bidh a' mhòr-chuid de dh'obair togail cùmhnant R100 a' libhrigeadh fibre dhan togalach (Fibre to the premises - FTTP), comasach air astar gigabit a libhrigeadh - a' cur choimhearsnachdan eileanach ann an Alba air thoiseach air càch, fiù 's an taca ri mòran sgìrean bailteil.
- Tro chùmhnant an R100 a Tuath, cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh le còrr is 12,000 togalach ann an coimhearsnachdan eileanach an dùil ceangal comasach air gigabit fhaighinn.

Thòisich obair talmhainn ann an 2023 gus togalaichean a cheangal ri càballan fon mhuir agus chaidh timcheall air 1,400 togalach eileanach a cheangail ro dheireadh na Samhna tro chùmhnantan R100 a Tuath. Bidh na pròiseactan uile fo chùmhnant R100 a Tuath nam pròiseactan fibre dhan togalaich (FTTP) le comas gigabit.

Tha mar a chaidh ceangailteachd didseatach nas fheàrr a thoirt dhan Fair Isle ann an Sealtainn mu dhà bhliadhna na bu luaithe na bha dùil na eisimpleir de cho cruth-atharrachail 's a tha prògram R100. Gheibhear barrachd fiosrachaidh gu h-ìosal [an seo](#).

**Gealltanais 6.3** larr air Riaghaltas na RA prìomhachas tràth a chur air tasgadh ann an eileanan na h-Alba mar phàirt de na planaichean aca gus bann-leathann fibre a sgaoileadh a-mach ro 2025.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le Ministearan na RA gus dèanamh cinnteach gum faigh Alba cuibhreann cothromach de mhaoineachadh Pròiseact Gigabit, a' cur iompaidh Riaghaltas na RA ìre maoineachaidh a riarachadh a chuireas an comas tasgadh tràth ann an eileanan na h-Alba
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £20.2 millean a bharrachd, còmhla ri £9.4 millean de mhaoineachadh bho Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, gus bann-leathann làn fibre ann an cùmhnan an R100 a Tuath a leudachadh gu 1,488 togalach eile air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid, nan Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn. Thathar an dùil gun cuir seo crìoch air obair ann an ceithir eileanan - 's iad sin Westray, Rousay, Hoy agus Eday.

Airson barrachd fiosrachaidh mun phrògram R100, faic gealltanaisan 6.1 agus 6.2.

San t-Samhain 2023, dh'fhoillsich sinn co-dhùnaidhean ar [Lèirmheis Phoblaich](#), a chaidh a chleachdadh gus togalaichean a chomharrachadh a tha airidh air eadar-theachd tro Phròiseact Gigabit. Tha sinn air a bhith ag obair le Building Digital UK (BDUK), agus tha sinn air conaltradh a dhèanamh le solarachaidhean bun-structair bann-leathann, gus grunn sholarachaidhean Pròiseact Gigabit a thoirt air adhart ann an Alba. Tha na toraidhean tùsail a' sealltainn gur dòcha gu bheil ùidh aig luchd-solarachaidh ann an grunn sgìrean air feadh na h-Alba a' gabhail a-steach Arcaibh is Sealtainn.

Thathar an dùil gun tèid na ciad sholarachaidhean Pròiseact Gigabit ann an Alba a chuir air bhog ann mean air mhean tro 2024. Tron co-obrachadh seo, leanaidh sinn oirnn a' cur ìmpidh air Riaghaltas na RA ìre maoineachaidh a ghealltainn a leigeas le Pròiseact Gigabit libhrigeadh air feadh na h-Alba air fad, a' gabhail a-steach a coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

**Gealltanais 6.4** larr air Ofcom aghaidh a chur air na duilgheadasan a tha mu choinneamh nan coimhearsnachdan eileanach nuair a thathar a' dealbhadh riaghladh agus poileasaidhean a thaobh tele-chonaltraidh. Dh'aontaich sinn cuideachd coinneamh a ghairm le Ofcom agus riochdairean eileanach gus coimhead air mar a ghabhadh uidheaman-smachd riaghlaidh (m.e. rùpan speactraim) a chleachdadh gus cur ri còmhachadh fhòn-làimhe agus bann-leathann) agus gus dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan nan eileanan a thoirt fa-near do Roinn Didseatach, Cultair, Meadhanan agus Spòrs (DCMS) ann an leasachadh poileasaidh aig ìre na RA.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leanaidh sinn oirnn ag obair le com-pàirtichean eileanach a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan agus gnìomhachas gus fianais a chruinneachadh mu fheumalachdan nan eilean a thaobh còmhach fòn-làimhe is bann-leathann.
- Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast ag obair gu dlùth le riochdairean OFCOM gus dèanamh cinnteach gu bheil leas na h-Alba air a riochdachadh agus gu bheil cùisean buntainneach sam bith air an togail. Tha seo cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' co-òrdanachadh ceangal cunbhalach eadar OFCOM agus riochdairean DCMS leis an luchd-conaltraidh singilte aithnichte againn aig an ùghdarras ionadail airson ceangal didseatach, a' gabhail a-steach riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach.

Fhuair sinn £17.5 de mhaoineachadh tro Phròiseact Gigabit Riaghaltas na RA gus cùmhnant R100 North a shìneadh is a leudachadh. Thathar a' cleachdadh seo, cho math ri £404 millean de mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba, gus an cùmhnant R100 a leudachadh gu còrr is 1,400 toglaichean eileanach eile.

Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair le com-pàirtichean eileanach a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan agus gnìomhachas gus cur ri còmhach fòn-làimh is bann-leathainn.

Bidh sinn cuideachd ag obair gu dlùth le riochdairean OFCOM gus dèanamh cinnteach gu bheil leas na h-Alba air an riochdachadh agus gu bheil ceistean sam bith air an togail gu sgiobalta agus gu for-ghnìomhach. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' co-òrdanachadh conaltradh cunbhalach eadar OFCOM agus riochdairean bho Roinn Saidheans agus Teicneòlais Riaghaltas aig Riaghaltas na RA (DSIT) leis an luchd-conaltraidh singilte aithnichte aig an ùghdarras ionadail airson ceanglaichean didseatach, a' gabhail a-steach riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Chaidh seisean mionaideach mu cheangailteachd dhidseatach a chumail aig coinneamh Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean san t-Samhain 2023.

Bidh sinn cuideachd a' co-chomhairleachadh, agus a' brosnachadh, Plana Obrach Ofcom agus co-chomhairlean riaghlaidh conaltraidh agus poileasaidh iomchaidh gu cunbhalach do riochdairean eileanach agus a' cleachdadh nan cothroman sin gus feart a thoirt air draghan sam bith a bhuineas gu sònraichte do dh'eilean.



**Gealltanais 6.5** Tro Ionad 5G na h-Alba, tog air na deuchainnean 5G RuralFirst a tha a' dol air adhart ann an Arcaibh an-dràsta, agus ag obair le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Ofcom, dh'aontaich sinn argamaidean a chur air adhart airson 5G dùthchail gus aghaidh a chur air an sgaradh eadar sgìrean dùthchail is bailteil a' cleachdadh teicneòlas 5G.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Ag obair le Ionad 5G na h-Alba, agus ann an com-pàirteachas le Pròiseact New Thinking 5G, cumaidh sinn oirnn a' sgrùdadh adhartas air deuchainnean air lìonra leabaidh-deuchainn 5G ioma-eileanach (a' gabhail a-steach ruigsinneachd stèidhichte gun uèir agus co-roinn speactraim) agus prìomh thagraidhean cùise cleachdaidh 5G agus Eadar-lìon nan Nithean (Internet of Things - IoT) (a' gabhail a-steach lùths agus biadh is deoch), agus nì sinn sgrùdadh air mar a ghabhas toraidhean na deuchainn agus na leasan a dh'ionnsaichear àbhaisteachadh agus mar as urrainn dhaibh poileasaidh gus dèiligeadh ris an sgaradh didseatach dùthchail fhiosrachadh.
- Chaidh lìonraidhean prìobhaideach 5G a thogail ann am Westray agus Papa Westray, agus ann am Flotta agus Hoy, ag obair còmhla ri com-pàirtichean ionadail sna h-eileanan: Cloudnet IT Services agus Comhairle Arcaibh. Chaidh seachd ionadan lìonra prìobhaideach 5G dùthchail a stàladh uile gu lèir, a' toirt ceanglaichean do 68 luchd-deuchainn thar nan diofar choimhearsnachdan eileanach seo. Chaidh prìomh lìonra 5G a stèidheachadh le siostam sgrùdaidh lìonra a chaidh a chruthachadh airson gnìomhachd an lìonraidh. Thàinig gnìomhachd stàlaidh fhiosaigeach gu crìch sa Mhàrt 2022, ach, bhon uair sin, tha sgioba a' phròiseict air an lìonra a chumail suas agus a ruith, agus tha e air innleadaireachd a bharrachd a dhèanamh gus am bi sgòp ann airson pròiseactan tionnsgalach eile.

Tha obair a' dol air adhart a thaobh com-pàirteachadh agus cur an gnìomh pròiseict ann an Arcaibh.

Tro phròiseact Wave 1 dùthchail aig Ionad 5G na h-Alba (agus ann an com-pàirteachas le pròiseact 5G New Thinking bho 2019-2022, fhuaradh uidheamachd gus lìonraidhean prìobhaideach 5G a thogail ann an Westray agus Papa Westray, agus ann am Flotta agus Hoy, ag obair le com-pàirtichean sna h-eileanan Cloudnet IT Services agus Comhairle Arcaibh. Chaidh seachd ionadan lìonra prìobhaideach 5G dùthchail a stàladh uile gu lèir, a' toirt ceanglaichean do luchd-deuchainn thar diofar choimhearsnachdan eileanach.

Bho thàinig gnìomhachd stàlaidh fhiosaigeach gu crìch sa Mhàrt 2022, tha sgioba a' phròiseict ann an Arcaibh air an lìonra a chumail suas agus a ruith, agus tha e air innleadaireachd a bharrachd a dhèanamh gus barrachd pròiseactan ùr-ghnàthach a thoirt air adhart agus chaidh iarrtasan maoinachaidh a cur gu DSIT, UK Space Agency agus InnovateUK.

**Gealltanais 6.6** Obraich còmhla ri com-pàirteachasan ath-leumachd ionadail agus solaraichean tele-chonaltraidh gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air ath-leumachd cheanglaichean dàta gu agus bho na h-eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair le com-pàirteachasan ath-leumachd iomchaidh agus, tron cho-obrachadh seo, comharraichidh iad dùbhlann sam bith a thaobh ath-leumachd cheanglaichean dàta gu/bho na h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air a bhith a' toirt piseach air ceanglaichean dàta gu agus bho na h-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £600m an anns na cùmhnan R100 a tha a' libhrigeadh fibre le comas gigabit gu togalaichean air feadh Alba dhùthchail. Thathar an dùil gun ceangail na trì cùmhnan R100 co-dhiù 114,000 togalach ann an cuid de na sgìrean as duilghe a ruighinn ann an Alba.

Tha an tasgadh againn de £28.75 millean ann am prògram In-lionadh 4G na h-Alba (S4GI) air bun-structair fòn-làimh 4G a libhrigeadh, a bhios seasmhach san àm ri teachd, do 55 "notspots" fòn-làimh, a' cur ri còmhdachadh fòn-làimhe 4G ann an sgìrean dùthchail is eileanach.

**Gealltanais 6.7** Cruthaich prògram sgilean didseatach, a bhios air a dhealbhadh le coimhearsnachdan eileanach gus na feumalachdan aca a choileanadh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le coimhearsnachdan eileanach gus na feumalachdan aca a thaobh sgilean didseatach a thuigsinn.
- Ionnsaichidh sinn bho phrògraman làithreach a tha gan libhrigeadh ann an coimhearsnachdan eileanach agus bheir sinn taic ri bhith gan cur an gnìomh air feadh nan eilean.
- Nì sinn conaltradh le solaraichean agus buidhnean foghlaim agus ùghdarrasan ionadail gus barrachd tuigse fhaighinn air dè na prògraman sgilean a thathar a' cur an gnìomh air feadh nan eilean.

Faic gealltanais 6.8 airson barrachd fiosrachaidh mu iomairtean a rinneadh a thaobh sgilean didseatach.

## Ionad Tionnsgalachd Lab an Dàta

Tha Ionad Tionnsgalachd Deuchainnlann an Dàta (TDL) air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Iomairt na h-Alba. Bidh e a' faighinn mhaoineachadh bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba tro phrògram nan Ionadan Tionnsgalachd.

Tha TDL agus Riaghaltas na h-Alba cuideachd air obrachadh còmhla gus Caidreachas AI na h-Alba a stèidheachadh. Tha buidhnean air feadh Sealtainn, Arcaibh, nan Eileanan Siar agus an Eilein Sgitheanaich air cothrom fhaighinn air dàta agus cùrsaichean AI air am brosnachadh le TDL.

Tha TDL air a bhith ag obair còmhla ri Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus dèanamh cinnteach gu bheil na pròiseactan aca ann do dhaoine air feadh na sgìre, le buidheann de dh'oileanaich is òraidichean bho OGI a' faighinn taic airson a bhith an làthair aig an tachartas trusaidh Tàlant Dàta bliadhnail.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean cuideachd air taic a thoirt do bhuidhnean poblach is prìobhaideach gus turas ionnsachaidh a ghabhail dhan Cho-labhairt Dàta bhliadhnail ann an Dùn Èideann, taisbeanadh eadar-nàiseanta de dhàta agus ùr-ghnàthachadh AI.

**Gealltanas 6.8** Cuir ri faotainneachd clubaichean còdachaidh agus prògraman in-ghabhalach coimhearsnachd a sgaoileadh air feadh nan eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Ionnsaichidh sinn bho na prògraman a tha gan lìbhrigeadh mar-thà ann an coimhearsnachdan eileanach agus bheir sinn taic ri bhith gan cur an gnìomh air feadh nan eilean.

Thairis air a' bhliadhna ionmhais 2022-23, thug sinn taic do [Silicon Croft](#) airson conaltradh agus co-obrachadh le luchd-foghlaim air feadh Sealtainn leis an amas a bhith a' co-roinn ghoireasan, a' cur ri mothachadh agus a' leasachadh sgilean didseatach.

Tha am pròiseact seo ag amas air siostam a chruthachadh a tha a' ceangal ghoireasan a th' ann mar-thà ri chèile gus lìonra ionnsachaidh a chruthachadh a leigeas le buill Silicon Croft sealbh fhaighinn air a bhith a' leasachadh nan sgilean didseatach aca. Tha an dòigh-obrach a' cuimseachadh air conaltradh agus co-obrachadh luchd-foghlaim, agus aig an aon àm a' co-roinn raon farsaing de ghoireasan gus mothachadh àrdachadh agus sgilean didseatach a leasachadh. Is e an t-amas sgilean didseatach fhilleadh a-steach thar a' churraicealaim agus taic a chumail ri leasachadh eaconamaidhean dùthchail didseatach.

Tha seo a' leantainn leis an adhartas a rinneadh ann an 2022, tro bhith a' cumail Clubaichean Còd agus a' com-pàirteachadh le sgoiltean ann an leasachadh sgilean air feadh Shealtainn, le amas ri bhith a' leudachadh a' mhodail libhrigeadh air feadh Arcaibh, an Eilein Sgitheanaich agus nan Eileanan Siar. Tha am pròiseact a' conaltradh gu gnìomhach le solaraichean foghlaim àrd-ìre agus adhartach, agus Leasachadh Sgilean na h-Alba gus coimhead air mar a thèid am pròiseact seo a cho-thaobhadh ri bun-phreantasachdan nua-phreantasachdan, agus dreuchdan didseatach san àm ri teachd.

# Slàinte is Cùram Sòisealta agus Sunnd

## Amas ro-innleachdail 7 – thoir piseach air agus brosnach slàinte agus sunnd

**Gealltanais 7.1** Obraich le Bùird Seirbheis na Slàinte, Ùghdarrasan Ionadail agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta ann dhaibhsan sna h-eileanan

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha eileanan uile na h-Alba ceangailte ri Ùghdarrasan Amalachaidh a tha a' frithealadh feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach sin. Cumaidh Co-bhùird Amalachaidh orra ag obair gu dlùth le Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta gus dèanamh cinnteach gun tèid an suidheachadh sònraichte aig gach eilean aithneachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air plana lìbhrigidh Còmhdhail gu Slàinte a chruthachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh nan dùbhlann sònraichte a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach agus thar na bliadhna mu dheireadh de lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean tha sinn air a bhith dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic do, agus a' leasachadh Bun-chùram dùthchail.

Tràth ann an 2023, dh'ullaich Riaghaltas na h-Alba Plana Lìbhrigidh Còmhdhail gu Slàinte a tha a' mìneachadh nan gnìomhan àrd-ìre le fòcas air ruigsinneachd air cùram-slàinte, le gealltanais tarsainn air obair Slàinte is Cùram Sòisealta agus Còmhdhail Alba. Tha gnìomhan maoinachaidh a' gabhail a-steach dealas leantainneach a thaobh Barantas Teachd-a-steach is Cosgaisean airson Dotairean Teaghlaich. Thaisgich sinn £23 millean a bharrachd gus dèanamh cinnteach nach bhiodh lùghdachadh sam bith aig gin de na h-ionadan slàinte air an teachd a-steach aca.

Chùm sinn oirnn cuideachd a' maoinachadh Bùird Eileanach gus taic a chumail ri buileachadh Planaichean Leasachaidh Bun-chùram a bharrachd air maoinachadh dhan charthannas BASICS (British Association of Immediate Care) gus trèanadh agus taic cùram èiginneach ro-ospadal a lìbhrigeadh, goireas ro-chudromach do luchd-obrach meidigeach a tha ag obair ann an sgìrean dùthchail. Chaidh maoinachadh a thoirt do NHS na Gàidhealtachd gus taic a chumail ri lìbhrigeadh cùram èiginneach ro-ospadal ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Tha sinn cuideachd air taic a thoirt do dh'ionadan slàinte a bhios a' toirt a-mach chungaidhean leighis, goireas fìor chudromach ann an sgìrean dùthchail. Chaidh Mion-rannsachaidh air Toirt a-mach Cungaidhean Leighis a chur air dòigh ann an 2022 agus chaidh buidheann-obrach a stèidheachadh gus na molaidhean a thoirt air adhart. Tha a' chiad mholadh a bhith a' cruthachadh ghoireasan teagaisg dhan fheadhainn a bhios a' toirt a-mach chungaidhean leighis na dheagh eisimpleir de dh'obair an Ionaid Nàiseanta.

## Misean Nàiseanta nan Drogaichean

Ann an 2023, bha sinn lethach slighe tron [Mhisean Nàiseanta còig-bliadhna air Drogaichean](#) a tha ag amas air bàsan a lùghdachadh agus air piseach a thoirt air beatha le bhith a' lùghdachadh cron, a' brosnachadh ath-shlànachadh, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a t-seòrsa leigheas agus ath-shlànachadh ann aig an àm cheart. cho fad 's a tha feum air seo air feadh na h-Alba.

Am-bliadhna tha gluasad air a bhith ann an lìbhrigeadh a' mhisein bho bhith a' suidheachadh bhunaitean a dh'ionnsaigh buileachadh seasmhach agus libhrigeadh cuid de phrìomh phrògraman mar a chaidh aithris ann am [Misean Nàiseanta air Drogaichean: aithisg bhliadhnail 2022-2023](#).

Tha [suirbhidh bliadhnail Com-pàirteachas Deoch Làidir is Drogaichean na h-Alba \(ADP\)](#) a' toirt seachad fiosrachadh mun ghnìomhachd a tha gach Com-pàirteachas Deoch Làidir is Drogaichean (ADP) a' dèanamh agus a' toirt fianais air adhartas a' Mhisean Nàiseanta. Tha an gealltanais gus £250 millean de mhaoineachadh a bharrachd a thoirt seachad tro bheatha na Pàrlamaid seo gus an àireamh de bhàsan co-cheangailte ri drogaichean ann an Alba a lùghdachadh, agus gus piseach a thoirt air beatha dhaoine air leantainn agus tha seo air a dhol gu dìreach gu sgìrean ionadail tro Chom-pàirteachasan Deoch Làidir is Dhrogaichean ionadail.

Tro bhliadhna a' mhìosachain 2023, tha Bùird Eileanach air mu £1.7 millean de thasgadh fhaighinn eatorra, gus taic a chumail ri seirbheisean deoch-làidir is dhrogaichean a' gabhail a-steach buileachadh nan [Inbhean Làimhseachaidh le Cuideachadh bho Chungaidh-leigheis \(MAT\)](#), [Ath-ghnàthachadh Còmhnaidh](#) agus Pannalan Eòlas Beatha. Bidh Bunait Corra a' rianachd airgead às leth Riaghaltas na h-Alba gus taic a thoirt do Mhisean Nàiseanta nan Drogaichean, tha [Aithisg Maoinean Misean Nàiseanta Dhrogaichean 2021-2023](#) a' soilleireachadh builean, adhartas, dùbhlain agus soirbheachas nam pròiseactan. Fhuair còig pròiseactan anns na h-eileanan taic-airgid luach £324,000 ann an 2023-2024.

**Gealltanais 7.2** Comharraich agus brosnach deagh chleachdadh, gu sònraichte a thaobh leasachadh sheirbheisean ann an eileanan agus sgìrean iomallach eile.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' buileachadh nam molaidhean bho aithisg '[A' Cumadh an Àm ri Teachd Còmhla: Buidheann-obrach nan Dotairean Teaghlach Iomallach is Dùthchail](#)'.
- Tha obair a' leantainn gus crìoch a chur air a' chùis gnìomhachais airson an Ionad Nàiseanta airson Slàinte is Cùram Sòisealta Iomallach is Dùthchail, a bha mar fhear de na molaidhean bhon aithisg A' Cumadh an Àm ri Teachd Còmhla.

Bho 2018, tha sinn air a bhith a' libhrigeadh prògram ùr-ghnàthach ScotGem – a' chiad prògram bhun-ìre Ceumnaiche ann an Leigheas - ann an com-pàirteachas le Oilthighean Chill Rìmhinn agus Dhùn Dè. Tha fòcas aig ScotGem air dotairean teaghlach agus obair dhùthchail. Tha sinn cuideachd air ar Bursaraidh Trèanadh Speisealachaidh do Dhotairean Teaghlach luach £20,000 a libhrigeadh (ris an canar uaireannan Sgeama Fastadh Leasaichte Targaidte - *Targeted Enhanced Recruitment Scheme* 'TERS'), a bhios a' brosnachadh trèanadh ann an àiteachan far a bheil e

doirbh dotairean fhaighinn, gu tric ann an àiteachan dùthchail. A bharrachd air sin, tha sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh ar caidreachas dùthchail àbhaisteach do Dhotairean Teaghlaich, a' toirt seachad trèanadh agus taic a bharrachd do dhotairean teaghlaich a tha ag iarraidh barrachd eòlais air a bhith ag obair ann an suidheachadh dùthchail.

Chaidh teisteanas ann an slàinte dhùthchail (cùram neo-sgeidealach agus èiginneach) a chruthachadh le Foghlam NHS na h-Alba agus chaidh e an uair sin aontachadh leis a' Chomhairle Mheidigeach Choitcheann (GMC). Chaidh an teisteanas seo a chur ri làrach-lìn an GMC a-nis agus tha obair a' dol air adhart gus gluasad dhan ìre libhrigidh.

## **A' neartachadh comas-libhrigidh an luchd-obrach**

Tha grunn cheumannan an gnìomh gus taic a chumail ri bhith a' fastadh agus a' cumail luchd-obrach taobh a-staigh nan sgìrean eileanach againn. Tha Cuibhreann Eileanan Iomallach na h-Alba na phàigheadh neo-pheinnseanachaidh pàighte do Luchd-obrach NHS a tha ag obair ann an eileanan. Thèid a phàigheadh gus cuideachadh le cosgaisean siubhail gu tìr-mòr agus air ais agus tha e na dhòigh gus daoine a bhrosnachadh gus obair a ghabhail anns na coimhearsnachdan sin. Tha an cuibhreann air àrdachadh a rèir àrdachadh pàighidh AfC gach bliadhna. Èifeachdach bhon Ghiblean 2023, is e a luach (gach bliadhna):

- £2,256 airson Sealtainn
- £1,504 airson Arcaibh
- £1,279 do na h-Eileanan Siar, Tiriodh, Diùra, Ìle, Colla agus Colbhasa.

Tha comas aig bùird NHS (a rèir riaghailt HMRC) gus cosgaisean imrich a phàigheadh air ais. Seo ceum as urrainn do Bhùird cleachdadh gus daoine a bhrosnachadh gus imrich bho àiteachan eile san RA. 'S ann a tha e an urra ri Bùird fa leth co-dhùnadh a bheil iad airson cosgaisean gluasad a thairgsinn.

Tha am pàigheadh Suim Fàilte de £10,000 a' brosnachadh Dotairean Teaghlaich gu bhith a' gabhail dreuchdan ion-roghnach ann an ionadan slàinte dùthchail, agus tha sgeama Rediscover the Joy do Dhotairean Teaghlaich - a tha a' ruith an-dràsta ann an Sealtainn, Arcaibh, na h-Eileanan Siar agus sgìre Comhairle na Gàidhealtachd - a' toirt taic do dhotairean teaghlaich ann an ionadan le trioblaidean a thaobh seasmhachd.

Tha a' Bhuidheann-obrach Glèidhidh Dotairean Teaghlaich againn an-dràsta a' beachdachadh air cùisean glèidhidh agus dh'fhaodadh iad atharraichean a mholadh san dòigh-obrach nàiseanta. Tha sinn an dùil gum bi seo a' gabhail a-steach iomairtean glèidhidh sònraichte airson dotairean teaghlaich ann an sgìrean dùthchail.

Tha sinn a' cumail oirnn a' tasgadh ann an slighean foghlaim is trèanaidh do dhaoine fa leth a tha airson fuireach agus obair ann an sgìrean dùthchail.

Tha an t-Oilthigh Fhosgailte a' toirt slighe do luchd-obrach taic cùram slàinte na h-Alba gus trèanadh fhaighinn mar nursaichean clàraichte agus iad fhathast san sgioba-obrach ann an sgìre a' Bhùird ionadail aca.

Ann an Fhaoilleach 2024, tòisichidh an treas buidheann de dh'òileanaich bho air feadh na h-Alba air prògram ionnsachaidh banas-glùine nas giorra air astar aig Oilthigh Napier Dhùn Èideann. Tha am prògram seo a' toirt cothrom do dhaoine a tha nam banaltraman inbheach mar-thà làn theisteanas fhaighinn mar mhnathan-glùine ann an dìreach 20 mìosan. Cumaidh iad orra ag obair sna sgìrean dachaigheil aca tro àm seo, a' gabhail a-steach Bùird Slàinte ann an ceann a tuath na h-Alba.

Ann an [Ro-innleachd Sgioba-obrach Nàiseanta airson Slàinte is Cùram Sòisealta](#), a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2022, gheall sinn Ro-innleachd Trusaidh Luchd-obrach Dùthchail a chruthachadh ro dheireadh 2024. Bidh an ro-innleachd seo na fhrèam a bheir taic do luchd-fastaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh feumalachdan slàinte is cùram sòisealta nan daoine a tha a' fuireach sna coimhearsnachdan dùthchail againn le bhith a' toirt taic do bhùird slàinte agus fastaichean cùram sòisealta anns na coimhearsnachdan sin gus luchd-obrach fhasadh agus a chumail.

Faic gealltanais 7.4 airson fiosrachadh mun Ionad Nàiseanta airson Slàinte is Cùram Iomallach is Dùthchail,

**Gealltanais 7.3** Cùm taic ri leudachadh NHS Near Me agus iomairtean slàinte didseatach eile, gus siubhal nach eil a dhìth a lùghdachadh, agus gus an tèid barrachd cùraim a thoirt seachad anns na h-eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Thèid NHS Near Me a chleachdadh fhathast gus barrachd sùbailteachd a thoirt seachad, agus cuideachd gus taic a thoirt do dh'obair air astar, a' lùghdachadh an fheum air siubhal agus a' brosnachadh barrachd ruigsinneachd air seirbheisean sònraichte.
- Tha obair solarachaidh air fuasgladh didseatach 'Aon Turas a-mhàin do dh'Alba' airson foghlam agus rianachd tinneas an t-siùcair seòrsa 2 leantainneach agus tha e na phàirt de dh'obair cruth-atharrachadh didseatach nas fharsainge air a stiùireadh le ANIA, a bhios a' coimhead air cùis gnìomhachais airson Fuasgladh Didseatach airson Tinneas an t-Siùcair Seòrsa 2 agus airson a bhith a' cur bacadh air.

Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh gum bu chòir roghainn agus guth a bhith aig a' phoball a thaobh a' chùraim a gheibh iad. Tha sin a' ciallachadh gum bi measgachadh de roghainnean ann dhaibh.

Tha buannachdan an lùib agallamhan bhidio *Near Me* tro bhith a' sàbhaladh ùine agus airgead le bhith a' lùghdachadh feum air siubhal. Tha iad rim faighinn dhan a h-uile Bòrd Slàinte. Tha iomairtean eile gus suidheachaidhean slàinte a riaghladh a' gabhail a-steach Connect Me airson sùil a chumail air suidheachaidhean bhon dachaigh agus tha leigheasan didseatach fhathast gan sgaoileadh air sgèile mhòr gus taic a thoirt do bharrachd dhaoine gus smachd a ghabhail air an cuid sunnd aig an taigh.

Tha cruthachadh Ionad Sàr-mhathais Dùthchail airson Slàinte is Cùram Didseatach ann am Moireibh cudromach airson a bhith a' cur aghaidh ri cùisean slàinte is cùraim thar sgìrean dùthchail a' gabhail a-steach a bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan dàta

saoranaich agus a' toirt taic do chùram stèidhichte air àite sa choimhearsnachd. Tha cothrom ann do sgìrean eileanach agus sgìrean dùthchail eile dèanamh cinnteach gun coilean seo a chomas agus gun tarraing e tasgadh agus fàs eaconamach san àm ri teachd.

Tha Plana [Ro-innleachd Lìbhrigidh Slàinte is Cùram Didseatach na h-Alba](#)) a' cur air adhart àrd-mhiann airson seirbheisean didseatach air feadh na h-Alba le dùil ri plana ùr ann an 2024.

**Gealltanais 7.4** Obraich le luchd-ùidh gus molaidhean a chur ri chèile airson ionad nàiseanta a stèidheachadh airson sàr-mhathas ann an slàinte agus cùram sòisealta ann an àiteachan dùthchail agus iomallach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Ann am Prògram Riaghlaidh 2022 tha sinn air gealltainn gun dèan sinn cinnteach nach bi na h-eileanan agus na sgìrean dùthchail againn air dheireadh air càch agus tha sinn ag obair gus seirbheisean slàinte a leasachadh le bhith a' cruthachadh ionad sàr-mhathais airson seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, le obair sgòpaidh a' tòiseachadh am-bliadhna. Thathar air a' chùis ghnìomhachais mu dheireadh a chruthachadh.

Chaidh an t-Ionad Nàiseanta airson Slàinte is Cùram Iomallach is Dùthchail a chur air bhog san Dàmhair 2023, agus tha e ga libhrigeadh le Foghlam NHS na h-Alba (NES). Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad maoinachadh de £3m gu 2026.

Bha a bhith a' cruthachadh Ionad Nàiseanta na mholadh san aithisg [A' Cumadh an Àm ri Teachd Còmhla](#), a chaidh fhoillseachadh le [Buidheann-obrach nan Dotairean Teaghlach Iomallach is Dùthchail](#) san Fhaoilleach 2020. Chaidh a' Bhuidheann, le Sir Lewis Ritchie sa chathair, a stèidheachadh gus taic a thoirt do bhuileachadh cùmhnant dotairean teaghlach 2018 ann an sgìrean dùthchail agus eileanach. Chaidh an Aithisg fhiosrachadh le conaltradh farsaing luchd-obrach agus luchd-cleachdaidh thar choimhearsnachdan dùthchail.

Rinn an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus NES obair com-pàirteachadh le luchd-ùidh rè obair sgòpaidh is leasachaidh air an Ionaid agus cumaidh NES air leis an obair com-pàirteachais sin fhad 's a bhios an t-Ionad a' libhrigeadh a chuid obrach.

Chaidh an t-Ionad a stèidheachadh mar Dhearbhadh air a' Bhun-bheachd le fòcas tùsail air bun-chùram. Thathar an dùil fuasglaidhean innleachdach dùthchail is eileanach agus modailean lìbhrigidh a chruthachadh tro cheithir sruthan-obrach le fòcas dùthchail is eileanach sònraichte. Is iad sin Foghlam is Trèanadh, Fastadh is Glèidheadh, Rannsachadh is Luachadh, agus Ceannardas is Cleachdadh as Fheàrr.

Bidh an t-Ionad na ghoireas a chumas taic ri Bùird Slàinte agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta leis na dleastanasan aca agus a nì leasachaidhean ann an seasmhachd, agus a bhios cuideachd a' cur ris a' chomas airson libhrigeadh seirbheisean bun-chùram agus cùram coimhearsnachd.



**Gealltanais 7.5** Obraich le luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun ullaich sinn plana gus taic iomchaidh a thoirt dhan t-sluagh a tha a' fàs nas sine ann an coimhearsnachdan eileanach, gus am bi iad fhathast gnìomhach, ceangailte, a' gabhail pàirt ann an cùisean, agus gum bi deagh chothroman aca;

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bidh Ùghdarrasan Amalachaidh a' leantainn orra ag obair gu dlùth leis na coimhearsnachdan aca gus planaichean ro-innleachdail ullachadh airson nan seirbheisean slàinte is cùram-sòisealta as fhreagarraiche do dh'fheumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan a libhrigeadh.

Tha Ùghdarrasan Amalachaidh air leantainn orra ag obair gu dlùth leis na coimhearsnachdan aca gus planaichean ro-innleachdail ullachadh airson nan seirbheisean slàinte is cùram-sòisealta as fhreagarraiche do dh'fheumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan a libhrigeadh.

### Prògram nan Eilean – Ionad Cùram Coimhearsnachd Thiriodh

Thug sinn suas ri £450,000 do Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid tro Phrògram nan Eilean 2023-2024 airson pròiseact Co-ionad Cùram Coimhearsnachd Thiriodh, le fòcas air ùrachadh agus ath-dhealbhadh Dachaigh-chùraim Tigh a Rudha. Tha am pròiseact seo ag amas air dèiligeadh nas fheàrr ri feumalachdan cùraim san latha an-diugh agus san àm ri teachd, a' cumail taic ri planaichean fàs sluaigh. Nithear co-ionad sùbailte ùr-nodha de Thigh a Rudha le àiteachan-fuirich do phrìomh luchd-obrach, goireasan cùraim, agus leapannan aig dotairean teaghlaich.

**Gealltanais 7.6** Cùm taic ri ùghdarrasan ionadail iomchaidh gus goireasan spòrs a dhealbhadh agus a leasachadh anns na h-eileanan a tha a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh **spòrsalba** air le conaltradh ro-innleachdail le ùghdarrasan ionadail (tro na pròiseasan planaidh calpa aca) agus le coimhearsnachdan nan Eilean a thaobh cothroman gus solar ghoireasan ionadail nas fheàrr a libhrigeadh airson spòrs is gnìomhachd chorpóra.
- Tha **spòrsalba** agus Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' còmhradh ri Comhairle Arcaibh a thaobh tasgadh ann an goireasan ro-innleachdail a libhrigeas goireasan ionadail nas fheàrr mar phàirt den ullachadh airson Geamannan nan Eilean ann an Arcaibh 2025 agus nas fhaide air adhart.

**Tha spòrsalba**, a' bhuidheann nàiseanta againn airson spòrs, a' cumail air a' conaltradh gu ro-innleachdail le ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan eileanach gus cothroman a chomharrachadh gus solar ghoireasan ionadail nas fheàrr a libhrigeadh airson spòrs is gnìomhachd chorpóra.

San Ògmhios 2023, thug **spòrsalba** £55,000 do dh'Urras Dualchais Eilean Ghiogha gus ghoireas raon-cluiche ioma-chleachdaidh a-muigh le solais (*multi-use games*

area - MUGA) a chruthachadh. Tha a' choimhearsnachd ag obair gu dlùth le sgioba leasachaidh Spòrs agus Sgoiltean Gnìomhach Earra-Ghàidheal is Bhòid gus prògram gnìomhachd a dhealbhadh bhon sgoil gu inbhich agus gus cothroman oideachadh choidsean a leasachadh. Bheir am MUGA ùr buaidh mhòr air ìrean gnìomhachd sna h-eilean. Airson a dhol dhan ghoireas eile as fhaisge, feumar a dhol air turas dà uair a thìde tro chòmhdhail phoblach, air aiseag agus bus dhan Tairbeart no Ceann Loch Chille Chiarain.

San t-Samhain 2023, thug **spòrsalba** £50,000 do dh'Urras Ronaldsay a Tuath ann an Arcaibh tron Mhaoin Goireasan Spòrs aca. Bidh an goireas seo, ann an co-obrachadh le Comhairle Arcaibh a' cur ris a' chothrom a th' aig a' choimhearsnachd eileanach air farsaingeachd de gnìomhan agus tachartasan corporra gus ceangailteachd agus sunnd a bhrosnachadh.

Tha **spòrsalba** cuideachd air £29,138 a bharrachd a thasgadh tro Mhaoin Goireas Rothaireachd airson Goireas Baidhsagal-beinne Àrd-sgoil Arainn a chaidh a mhaoineachadh roimhe seo. Cuidichidh an duais leasachail seo le bhith a' lughdachadh nan cosgaisean a bharrachd a tha an lùib a bhith a' cruthachadh pròiseact calpa ann an eilean. Nì e cinnteach cuideachd gun urrainn dhan phròiseact a làn chomas a thoirt gu buil gus goireas rothaireachd seasmhach a chruthachadh, air am faigh sgoilearan agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd agus luchd-tadhail cothrom, a bharrachd air luchd-tadhail gu Arainn.

**Gealltanais 7.7** Brosnaich com-pàirteachadh ann an spòrs agus gnìomhachd chorporra le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman nàiseanta leithid Sgoiltean Gnìomhach agus Co-ionadan Spòrs Coimhearsnachd a' frithealadh choimhearsnachdan eileanach, agus a' leantainn Sgeama Duais Siubhail Lùth-chleasaichean nan Eilean.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithris Bhliadhna Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 7.8** Obraich le Comhairle Arcaibh agus com-pàirtichean eile gus na Geamaichean Eileanach ann an Arcaibh ann an 2023 a chleachdadh gus leasachadh spòrs adhartachadh anns an eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh **spòrsalba** air a' toirt taic do Chomhairle Arcaibh, Comataidh Eagrachaidh Arcaibh agus comainn spòrs ionadail gus luach a chur ri Geamannan Eadar-nàiseanta nan Eilean ann an 2025 a bhith ann an Arcaibh tro bhith a' cruthachadh bun-structair ionadail de dhaoine, àiteachan agus cothroman adhartachaidh.
- Cumaidh **spòrsalba** air ag obair leis an Oifigear Co-ionad Spòrs Coimhearsnachd agus le Comataidh Co-òrdanachaidh Gheamannan Arcaibh gus prògram foghlaim is leasachadh oidean a libhrigeadh stèidhichte air feumalachdan airson oidean agus oifigearan.

Ann an 2025, thèid 25mh Geamaichean Eadar-nàiseanta nan Eilean a chumail ann an Arcaibh. Tha ceangal soilleir ann eadar libhrigeadh soirbheachail nan Geamannan agus gealltanasan **spòrs**alba a thaobh [Bhuilean Frèam Alba Ghnìomhach](#) agus [Plana Nàiseanta nan Eilean](#).

Bidh **spòrs**alba a' libhrigeadh eòlas teicnigeach agus taic luchd-obrach, agus a' cumail thachartasan planaidh do Buidhnean Riaghlaidh Spòrs na h-Alba gus com-pàirteachasan a neartachadh a dh'fheumar gus planaichean gnìomh thachartasan spòrs a libhrigeadh. San t-Samhain 2023, thug iad cuireadh do na 13 spòrsan uile a tha air an riaghladh le Buidhnean Riaghlaidh Spòrs na h-Alba agus a tha gu bhith a' farpais, gu Arcaibh airson turas dà latha a thug cothrom do riochdairean coinneachadh ri clubaichean eagrachaidh agus Manaidsearan Farpais Spòrs. Thadhail riochdairean Buidhnean Riaghlaidh Spòrs na h-Alba air làraichean gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air an taic a tha a dhìth airson Geamannan Arcaibh. Tha **spòrs**alba a-nis air an riochdachadh air Comataidh Arcaibh 2025, rud a tha deatamach a thaobh an dà chuid a bhith a' cur luach ris agus a bhith a' cumail sùil air tasgadh sam bith a chaidh a dhearbhadh a bheir taic do libhrigeadh agus dìleab nan Geamannan Eileanach.

Tha Comhairle Arcaibh, Buidhnean Riaghlaidh Spòrs na h-Alba agus clubaichean spòrs agus **spòrs**alba air pasgan tasgaidh is stòras suas ri £850,000 a dhearbhadh thairis air ceithir raointean cuspaireil:

- Com-pàirteachasan - Riaghladh, taic poilitigeach agus ro-innleachdail;
- Daoine - subsadaidh airson trèanadh agus leasachadh nan saor-thoileach, coidsichean agus oifigearan;
- Àiteachan - Àrdachadh mòr air goireasan, uidheamachd agus taic theicnigeach; agus
- Coileanadh - Taic do lùth-chleasaichean agus coidseachan.

Bidh an comas-libhrigidh agus na goireasan a bharrachd seo agus neartachadh a' bhunstructair a' cur ris soirbheas nan geamannan, cruthachaidh iad deagh bhuidhnean san fhad-ùine, agus brosnachaidh iad barrachd com-pàirteachadh ann an spòrs agus gnìomhachd chorporra.

**Gealltanais 7.9** Obraich leis na com-pàirtichean againn gus cur às do leth-bhreith, sàrachadh agus fòirneart mì-laghail agus gus ceumannan a ghabhail gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh co-ionannachd agus a' coileanadh nan diofar fheumalachdan aig daoine.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bheir Bairns' Hoose - stèidhichte air modail “Barnahus” ann an Innis Tìle - seirbheisean còmhla ann an dòigh-obrach ‘ceithir seòmraichean’ le seirbheisean dìon chloinne, slàinte, ceartas agus seirbheisean ath-bheothachaidh uile rim faighinn tro dhòigh-obrach co-òrdanaichte a chaidh a dhealbhadh gus an àireamh de thursan a bhios aig clann gus na dh’fhiosraich iad innse do dhiofar phroifeiseantaich a lùghdachadh. Tha Bairns' Hoose a' toirt cothrom do dh'Alba dòigh-obrach a tha dha-rìribh stèidhichte air leanabh a thoirt seachad a thaobh a bhith a' libhrigeadh ceartas, cùram agus slànachadh do chloinn a tha air eòlas fhaighinn air trauma, a' gabhail a-steach, ach chan e a-mhàin, droch dhìol feiseil chloinne. Bidh cothrom aig clann fo aois uallach eucoireach, a dh'adhbharaich cron leis an dol-a-mach aca, air na seirbheisean a bheir e seachad cuideachd. Tha buileachadh nam Bairns' Hoose na phrìomh ghnìomh a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Buileachaidh Cumail a' Ghealltanais. Chaidh Inbhean Bairns' Hoose Nàiseanta fhoillseachadh 31 Cèitean 2023. Tha Inbhe 3.4 ag ràdh “gum faod clann ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach cothrom fhaighinn air Bairns' Hoose ann an dòigh a tha ceart dhaibh.” Bhon t-Sultain 2023, bidh na h-Inbhean Nàiseanta seo air an cur an gnìomh air feadh na h-Alba le grunn chom-pàirteachasan Treòrach. Mar a chaidh a mhìneachadh nar n-aithisg [Bairns' Hoose Project Plan Progress Report and Pathfinder Delivery Plan \(2023 - 25\)](#), bidh na pròiseactan Treòrach mar dhearbhadh air a' bhun-bheachd agus mar phàirt de phròiseas leasachadh càileachd agus dealbhadh seirbheis. Comharraichidh na pròiseactan Treòrach mar a ghabhas na h-Inbhean a chur an sàs ann an diofar cho-theacsan, a' gabhail a-steach ann an sgìrean iomallach no eileanach. Thèid an ìre Threòrach a leantainn le ìre pileit, agus an uair sin bidh sgaoileadh nàiseanta ann.
- Tha am Modail Agallamh Cloinne Albannach ùr airson Co-agallamhan Rannsachaidh (*Child Interview Model of Joint Investigative interviews*), ga thoirt a-steach gu nàiseanta bho 2021 gu 2024 agus bidh e air fhaicinn mar ‘sheòmar ceartais’ a' Bhairns' Hoose. Bha Fo-bhuidheann Iomallach is Eileanan a' coinneachadh tro 2021 agus bha e feumail ann a bhith a' toirt còmhla an fheadhainn ann an coimhearsnachdan eileanach gus beachdachadh air cuid de na prìomh dhùbhlain a bh' ann a bhith a' buileachadh Modail Agallamh Cloinne na h-Alba. Dh'aithnich an Sgioba JII nàiseanta gun robh na fuasglaidhean airson dùbhlain buileachaidh eadar-dhealaichte anns gach ùghdarras ionadail agus mar sin, bho thràth ann an 2022, tha iad air a bhith ag obair le gach sgìre fa leth a tha air a riochdachadh air an Fho-bhuidhinn Iomallach is Eileanan (Comhairle na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal is Bòd, Na h-Eileanan an Iar, Arcaibh agus Sealtainn) agus chan eil iad air an fho-bhuidheann ath-ghairm. Tha sgioba nàiseanta nan Co-agallamhan Rannsachaidh a' cumail orra a' conaltradh le gach tè de na sgìrean sin, agus le Arcaibh is Sealtainn, mar chomhairlean fa leth, a' toirt taic dhaibh gus beachdachadh air mar a nì iad cinnteach gum faigh clann a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan iomallach agus eileanach cothrom air Modail Agallamh Cloinne na h-Alba.

- Is e prògram atharrachadh giùlain a th' anns an t-Siostam Chailleanaich a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta airson atharrachadh giùlain airson daoine a nì droch dhiol san dachaigh a tha a' gabhail a-steach a bhith ag obair leis an teaghlach gu lèir gus cunnart croin a lùghdachadh do bhoireannaich is do chloinn. Thathar a' beachdachadh air na leasan a chaidh ionnsachadh aig àm COVID-19 agus mu fheumalachdan choimhearsnachdan eileanaich. Bidh sinn fhathast a' tasgadh ann an eadar-theachdan a bheir seachad fianais gun urrainn dhuinn beachdan eucoirich atharrachadh. Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh rannsachadh le Ceartas Coimhearsnachd na h-Alba air an dòigh as sàbhailte agus as èifeachdaiche san urrainn dhuinn gus cur ri ruigsinneachd an t-Siostaim Chailleanaich air feadh na h-Alba.

## Dìon Chloinne

Tha sinn air gealltainn dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan dìon chloinne làidir an sàs air feadh na h-Alba, agus gu bheilear gan leantainn fad na h-ùine. Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [Stiùireadh Nàiseanta ath-sgrùdaichte airson Dìon Chloinne ann an Alba](#) san Lùnastal 2023. Tha an stiùireadh a' toirt cunntas air dleastanasan agus dùilean gach neach a tha ag obair còmhla ri clann, daoine òga agus an teaghlaichean ann an Alba. Chaidh ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e co-chòrdail ris an fhrèam reachdail agus poileasaidh agus leasachaidhean cleachdaidh làithreach. Tha e a' gabhail a-steach ùrachaidhean a thàinig bho na chaidh ionnsachadh bho bhuileachadh Stiùireadh 2021.

## Bairns' Hoose

Chaidh Inbhean Bairns' Hoose Nàiseanta fhoillseachadh 31 Cèitean 2023. Tha Inbhe 3.4 ag ràdh "Faodaidh clann ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanaich faighinn gu Bairns' Hoose ann an dòigh a tha ceart dhaibh".

A' lìbhrigeadh aon de na gealltanasan a rinneadh nar Prògram Riaghlaidh, chuir sinn air bhog Bairns' Hoose Pathfinders san Dàmhair 2023, a thèid a bhuileachadh air feadh Alba le grunn chom-pàirteachasan Pathfinder. Tha seo a' gabhail a-steach Baile Obar Dheathain, Siorrachd Obar Dheathain, Fìobha, Srath Chluaidh a Tuath, na h-Eileanan Siar, agus Taobh Tatha.

Tha Siorrachd Àir, Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh, Sycamore Partnership (Dùn Èideann, Lodainn an Ear agus Lodainn Mheadhanach), agus a' Ghàidhealtachd air dhol nan Com-pàirteachasan Co-cheangailte.

Comharraichidh na pròiseactan mar a ghabhas na h-Inbhean a chur an sàs ann an diofar cho-theacsan, a' gabhail a-steach ann an sgìrean eileanaich.

**Gealltanais 7.10** Cuir aghaidh air beàrn dàta sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd, slàinte is sunnd a thaobh, mar eisimpleir, boireannaich is nigheanan, torrachas agus màthaireachd, ath-shònrachadh gnè agus taobhadh feise.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Dh'fhoillsich Cobhair nam Ban Alba toraidhean na co-chomhairle aca [Participating in Equally Safe in the Highlands and Islands](#). Thèid beachdachadh air an aithisg seo mar phàirt den ath eagra de Shàbhailte gu Co-ionann (Equally Safe). Bidh sinn a' co-obrachadh le com-pàirtichean air a bhith a' beachdachadh air molaidhean na h-aithisg.
- Tha a bhith ag obair còmhla ri daoine ann an coimhearsnachdan iomallach no eileanach na prìomhachas aig maoin Lìbhrigeadh Sàbhailte gu Co-ionann. Ruithidh a' mhaoin bhon Dàmhair 2021 dhan Mhàirt 2025.
- A bharrachd air seo, tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn ath-sgrùdadh maoin eachaidh ro-innleachdail neo-eisimeileach a dhèanamh gus coimhead air mar a tha seirbheisean speisealach nàiseanta is ionadail do boireannaich is clann a tha a' fulang bho fhòirneart stèidhichte air gnè air an coimiseanadh agus air am maoin eachadh air feadh na h-Alba. Chaidh co-dhùnaidhean an ath-sgrùdaidh seo fhoillseachadh air 6 Ògmhios 2023 agus beachdaichidh sinn a-nis, còmhla ri COSLA, com-pàirtichean ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh nas fharsaing, gus dèanamh cinnteach gu bheil bunait sheasmhach airson maoin eachadh air a chruthachadh airson an àm ri teachd.

Chaidh [Ro-innleachd Sàbhailte gu Co-ionann](#) na h-Alba ùrachadh san Dùbhlachd 2023 agus tha i a' mìneachadh ar lèirsinn airson Alba shoirbheachail far a bheil boireannaich is nigheanan saor bho gach seòrsa fòirneart, droch dhìol agus mì-ghnàthachadh - agus bho na beachdan a chuidicheas gus na rudan sin a chumail suas.

Tha Sàbhailte gu Co-ionann a' gabhail ris gur dòcha gum bi dùbhlain eadar-dhealaichte mu choinneamh boireannaich a tha a' fuireach ann an diofar choimhearsnachdan cruinn-eòlach - a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Mar eisimpleir, tha an t-astar eadar taighean ann an sgìrean dùthchail gu tric nas motha na e ann an sgìrean bailteil, a' fàgail gum faodadh luchd-fulaing droch dhìol a bhith ann an suidheachadh nas iomallaiche agus gum bi an cron nas fhalaichte. Dh'fhaodte gum bi e doirbh taic fhaighinn no seirbheisean eadar-theachd a ruigsinn a chionn 's gur dòcha gum bi seirbheisean suidhichte mìltean air falbh. Dh'fhaodte gum bi barrachd chunnartan mu choinneamh boireannaich ann an coimhearsnachdan dùthchail no eileanach beaga nuair a tha iad a' sireadh taic, no a' fàgail suidheachadh le droch-dhìol, leis nach eil prìobhaideachd ann, no comas a bhith gun urra. Chan eil mòran slighean gu sàbhailteachd ann agus tha iad gu math poblach, a' fàgail gu bheil teansa nas motha ann gun tèid sùil a chumail orra no gun tèid bacadh a chur orra leis na daoine a tha a' dèanamh droch-dhìol orra, Dh'fhaodte nach bi àiteachan far am faigh boireannaich fasnachadh no taic nuair a tha iad ann an cunnart.

Foillsichidh sinn Plana Lìbhrigeadh Sàbhailte gu Co-ionann as t-earrach 2024.

Tha maoin Lìbhrigeadh Sàbhailte gu Co-ionann a' toirt seachad £19 millean sa bhliadhna gu 121 buidhnean gus cuideachadh le cur an gnìomh pròiseact Sàbhailte gu Co-ionann. Tha sinn a' maoineachadh deich buidhnean agus com-pàirtichean a bhios a' toirt seachad seirbheisean do choimhearsnachdan eileanach, le luach faisg air £3m. Tha na buidhnean seo a' gabhail a-steach Cobhair nam Ban Arcaibh, Rape Crisis Centre nan Eilean Siar, Rape Crisis Shealtainn agus Com-pàirteachas Earra-Ghàidheal is Bhòid mu Fhòirneart an-aghaidh Bhoireannaich is Chaileagan.

Tha e ro-chudromach gun dèan sinn am feum as fheàrr againn de ghoireasan gus cumail oirnn a' cur aghaidh ris a' chuspair seo. Tha Bòrd Pròiseact Maoineachadh Seasmhach air Fòirneart an-aghaidh Bhoireannaich is Nighnean (VAWG) gu bhith air stèidheachadh gus ar gealltanais a chur an gnìomh gus modail maoineachaidh sùbailte is seasmhach a chruthachadh a nì cinnteach gum bi fòcas air casg agus air seirbheisean àrd-inbhe, ruigsinneach a thaobh fòirneart an aghaidh bhoireannaich is nigheanan.

**Gealltanais 7.11** Beachdaich air a' cho-chomhairle againn air cùram taobh a-muigh na sgoile tro bheil sinn air beachdan a chruinneachadh bho phàrantan mu na dùbhlain a tha ann le bhith a' faighinn cothrom air cùram-chloinne agus air raon de gnìomhachdan airson clann aig aois sgoile ann an coimhearsnachdan eileanach. Bidh freagairtean dhan cho-chomhairle againn, cho math ri conaltradh leantainneach, a' fiosrachadh obair leasachaidh air frèam ro-innleachdail san àm ri teachd a thèid fhoillseachadh ro dheireadh na teirm pàrlamaidich seo.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn ag ullachadh pròiseactan cùram-chloinne dùthchail a dh'fhaodadh a bhith ann an coimhearsnachdan eileanach a tha ag amas air modalan lìbhrigidh a sgrùdadh a ghabhas lìbhrigeadh agus as urrainn an t-sùbailteachd a thoirt seachad a dh'fheumas an luchd-obrach, a' gabhail a-steach boireannaich ann an àiteachas.

## Clann aig Aois na Sgoile

Anns an Dàmhair 2023, dh'fhoillsich sinn [Frèam Lìbhrigeadh Cùram Cloinne aig Aois Sgoile](#) a tha a' mìneachadh ar gealltanais gus cùram-chloinne aig aois sgoile a tha ruigsinneach agus air prìs ruigsinneach a lìbhrigeadh, a bhios air a mhaoineachadh do na teaghlaidhean as motha a tha feumach air.

Tha am Frèam Lìbhrigidh againn a' mìneachadh nan raointean gnìomh againn airson an ath dhà gu trì bliadhna agus a' mìneachadh a' mhodh-obrach againn, a tha stèidhichte air daoine agus air àite, a thèid a chleachdadh airson a bhith a' dealbhadh agus a' togail siostam ùr de chùram-chloinne aig aois sgoile. Tha seo a' ciallachadh gun tèid an siostam agus na seirbheisean anns an tairgse cùram-chloinne aig aois sgoile airson an àm ri teachd a cho-dhealbhadh le luchd-cleachdaidh agus solaraichean.

Tha earrann anns an Fhrèam air coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach, a tha a' toirt geàrr-chunntas air an fhianais a tha sinn air cruinneachadh mu na dùbhlain a tha romhpa ann a bhith libhrigeadh siostaman cùram-chloinne fad na bliadhna. Tha e a' cur air adhart an dleastanais againn a bhith a' feuchainn fhuasglaidhean a tha a' cumail taic ri seasmhachd seirbheisean cùram-chloinne aig aois na sgoile ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

Mar phàirt den obair dealbhaidh againn a tha stèidhichte air daoine agus stèidhichte air àite, tha sinn air dà phròiseact co-dhealbhte a dhèanamh a tha a' taisbeanadh cur an gnìomh na dòigh-obrach againn.

Bha a' chiad fhear a' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim a tha, no a dh'fhaodadh a bhith, a' cleachdadh, siostam cùram-chloinne aois sgoile. Chaidh am pròiseact seo a libhrigeadh ann an 2022 ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Sealtainn, Dùn Dè, Peairt, Fìobha agus Glaschu far an robh 100 pàrant is neach-cùraim agus 30 solaraiche a' co-roinn fiosrachaidh mu bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean toinnte mu obair, teaghlach, cùram-chloinne agus ionmhas. Thug e sealladh dhuinn air mar as urrainn cùram-chloinne taic a thoirt do theaghlaichean gus obair a ghabhail no a bhith a' fuireach ann an obair.

Anns an dàrna fear bha clann an sàs bho sgoiltean ann an coimhearsnachdan bailteil, dùthchail agus eileanach, agus le diofar bheathannan air feadh na h-Alba. Thug e cothrom dhuinn [Cairt Nàiseanta do Chloinn airson Cùram-chloinne Aois Sgoile ann an Alba](#) a cho-dhealbhadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air feumalachdan agus beachdan chloinne mu chùram-chloinne aig aois sgoile. Tha Cairt Nàiseanta na Cloinne a' cur an cèill beachdan na cloinne air carson a tha feum againn air cùram-chloinne aig aois sgoile, mar a ghabhas e ruith agus cò bhios ga ruith, càite am bu chòir a chumail, agus dè na gnìomhan a bu chòir a bhith air an tabhann. Tha e cuideachd a' mìneachadh sia prionnsapalan a dh'aontaich clann a bu chòir a bhith air an leantainn ann an suidheachaidhean cùram-chloinne aois sgoile. Is iad sin caoimhneas, coimhearsnachd, cothromachd, sonas, spòrs agus roghainn. Chaidh cùmhnantan ionadail a cho-chruthachadh ann an grunn sgìrean air feadh na h-Alba - Sealtainn nam measg - gus an dòigh-obrach againn a tha stèidhichte air àite fhiosrachadh agus gus taic a chumail ris.

Tro na Coimhearsnachdan a Ghabh ris gu Tràth, tha sinn a' dèanamh deuchainn air modailean ùra de sholarachadh cùram-chloinne cuimsichte mar phàirt den mhisean nàiseanta againn gus aghaidh a chur air bochdainn cloinne. Tha sinn air gealltainn obair ann an coimhearsnachdan sònraichte ann an sia sgìrean ùghdarras ionadail gus am bun-structair ionadail agus na seirbheisean a tha a dhìth a chruthachadh gus cùram-chloinne a sholarachadh do na teaghlaichean as motha a tha feumach air.

Ann am Prògram Riaghlaidh 2023, dh'ainmich sinn gun deach Coimhearsnachd a Ghabh Ris a' Phrògram gu Tràth a stèidheachadh ann an Sealtainn, ag aithneachadh nan dùbhlain sònraichte a tha an lùib stèidheachadh agus cumail suas solar cùram-chloinne ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Taobh a-staigh a' phròiseict seo, obraichidh sinn le coimhearsnachdan comharraichte ann an Sealtainn far nach eil seirbheisean cùram-chloinne aois sgoile ann aig an àm seo. Chaidh co-òrdanaiche ionadail sònraichte fhasadh gus gnìomhan com-pàirteachaidh agus sgòpaidh a dhèanamh gus feumalachdan gach coimhearsnachd a rannsachadh agus a thuigsinn. Bidh seo a' gabhail a-steach feumalachdan cùram-chloinne aig teaghlaichean fa leth, bun-structair ionadail sònraichte, agus an raon de sheirbheisean



a dh'fheumar gus cùram-chloinne do theaghlaichean a chumail suas - a' gabhail a-steach dùbhlain co-cheangailte ri còmhdaile agus luchd-obrach.

Tha sinn cuideachd air airgead a chuir a-steach dhan Mhaoin Calpa airson Àiteachan Cùram-chloinne Tionnsgalach do Chlann Aois Sgoile, a tha a' libhrigeadh leasachaidhean air an oighreachd ionnsachaidh a bheir taic do sholar Cùram-chloinne aig Aois Sgoile. Tha pròiseactan soirbheachail agus ùghdarrasan ionadail a' coimhead air dòighean ùr-ghnàthach gus an oighreachd ionnsachaidh a leasachadh (an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh) gus clubaichean às dèidh na sgoile a dhèanamh nas fheàrr, gu sònraichte a' chlann aig aois bun-sgoile bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal air a bheilear a' cuimseachadh. Tha Sealtainn air taic-airgid a thoirt seachad gus piseach a thoirt air na goireasan agus na h-àiteachan-fuirich airson trì seirbheisean air feadh nan eilean a bheir comas cùram-chloinne àrd-inbhe do chloinn agus do dhaoine òga anns na coimhearsnachdan sin timcheall air an latha sgoile agus tro na saor-làithean.

Thairis air 2023-2024, tha sinn cuideachd air cumail oirnn le taic do naoi pròiseactan Cothrom air Cùram-chloinne. Chaidh a' Mhaoin Ruigsinneachd air Cùram-chloinne a stèidheachadh ann an 2020 gus modalan ùr-ghnàthach de chùram-chloinne aois sgoile a dhearbhadh do na teaghlaichean as motha a tha ann an cunnart bochdainn, a' toirt seachad àiteachan cùram-chloinne air prìs ìosal no an-asgaidh. Tha na pròiseactan a' coimhead air modalan ùra de Chùram-chloinne aig Aois Sgoile, a' gabhail a-steach solar saor-làithean, libhrigeadh sùbailte, seirbheisean sònraichte do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd, taic dhan teaghlaich air fad agus solar air a' bhàr a-muigh.

Tha fear de na pròiseactan sin air a stiùireadh le [Hame Fae Hame](#), solaraiche cùram-chloinne dùthchail a tha stèidhichte ann an Sealtainn. Tha am maoin eachadh air taic a thoirt dhaibh gus an raon a-muigh aca a leasachadh, àiteachan sùbailte a thabhann le subsadaidh agus seirbheis fàgail is togail a thoirt seachad aig Bun-sgoil Scalloway. Tha an t-seirbheis seo air buannachd mhòr a thoirt do theaghlaichean ionadail mar thoradh air poileasaidh clàraidh sùbailte, nach eil feumach ach air rabhadh goirid. Tha seo a' toirt na buaidh as dìriche air seasmhachd agus sunnd teaghlaich, a' toirt cothrom do theaghlaichean am feumalachdan cùram-chloinne a dhealbhadh a rèir am pàtrain obrach agus mar sin gus smachd nas fheàrr a chumail air an ionmhas. A bharrachd air sin, thuir 100% de theaghlaichean a chuir suirbhidh crìochnaichte air ais, gun robh e comasach dhaibh obair fhaighinn no na h-uairean obrach aca àrdachadh, cuir ri sunnd an teaghlaich agus an teachd-a-steach dachaigh mìosail àrdachadh mar thoradh air cùram-chloinne Hame Fae Hame.

Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh maoineachadh a chaidh a sholarachadh do phròiseactan stèidhichte ann an eileanan na h-Alba bho chaidh Plana Nàiseanta nan Eilean fhoillseachadh san Dùbhlachd 2019,

Pròiseact	2020-2022 (Ìre a h-aon den pròiseact)	2022-2023	2023-2024
Hame Fae Hame	£88,400.00	£58,399.63	£63,352.00
Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ìdhe	£174,440.83		
Maoin calpa ISACS Sandwich Junior HS			£131,000.00
Maoin calpa ISACS Sgoil Scalloway			£34,550.00
Coimhearsnachdan a Ghabh ris gu Tràth, Sealtainn			£12,956.50
<b>IOMLAN BLIADHNAIL</b>	<b>£262,840.83</b>	<b>£58,399.63</b>	<b>£241,858.50</b>
<b>IOMLAN</b>	<b>£563,098.96</b>		

**Gealltanais 7.12** Dèan cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte, cùram sòisealta agus sunnd rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig gus taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig eileanach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Thèid na gealltanais aig NHS na Gàidhealtachd a thaobh na Gàidhlig a mhineachadh sa Phlana Ghàidhlig ùraichte aca airson 2023-2028.
- Tha NHS nan Eilean Siar ag ath-sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig aige agus cuiridh iad a-steach do Bòrd na Gàidhlig e a dh'aithghearr. Bidh gealltanais NHS nan Eilean Siar a thaobh na Gàidhlig cuideachd air am mìneachadh sa Phlana Ghàidhlig aige nuair a thèid seo aontachadh. Tha BnG cuideachd air sgrùdadh a choimiseanadh a thaobh Gàidhlig agus sunnd. Bidh seo ri fhaighinn nas fhaide air adhart am-bliadhna le molaidhean.

Tha slàinte agus foghlam nan raointean far an gabh Gàidhlig a bhrosnachadh agus tha na gealltanais a tha air am mìneachadh ann am planaichean Gàidhlig a' sealltainn mar as urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

Mar thoradh air an adhartas a rinneadh gu ruige seo, tha bùird slàinte ionadail comasach air seirbheisean leithid teicneòlas taic cainnte a thabhann tron Ghàidhlig. Tha Bòrd na Gàidhlig, tron sgeama thabhartasan coimhearsnachd - Taic Freumhan Coimhearsnachd - air maoineachadh a thoirt do phròiseactan mar Chòmhradh Ghàidhlig agus Fàs na Gàidhlig aig Alzheimer's Alba. Chleachd na pròiseactan seo a' Ghàidhlig gus ceangal a dhèanamh eadar daoine san Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Taobh Siar Rois air a bheil seargadh-inntinn agus bun-sgoiltean

Gàidhlig na sgìre. Bha a' Ghàidhlig na mheadhan gus an iomallachd sòisealta aig buidheann sònraichte a lùghdachadh agus chaidh ceanglaichean eadar ginealaich a bhrosnachadh taobh a-staigh na coimhearsnachd. Tha na h-eisimpleirean seo nam bunait airson obair a bharrachd air fianais air buannachdan sòisealta is slàinte na Gàidhlig.

A bharrachd air na seirbheisean a th' ann mar-thà, tha molaidhean san [Aithisg air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig](#), a chaidh fhoillseachadh san Ògmhios 2023, airson barrachd feum a dhèanamh den Ghàidhlig ann an roinnean slàinte is cùram sòisealta. Tha comas aig Bile nan Cànan Albannach, a chaidh a thoirt a-steach bho chionn ghoirid cuideachd gus piseach a thoirt air solar ann an sgìrean eileanach.

**Gealltanais 7.13** Co-thaobhaich ar n-amas cur às do bhochdainn cloinne leis a' Phlana le bhith a' leantainn air adhart ag obair le ùghdarrasan ionadail eileanach agus bùird slàinte gus togail air an tuigse a bh' aca air bochdainn cloinne nan sgìrean - a' cuideachadh le bhith a' cuimseachadh oidhirpean air teaghlachan a thogail a-mach à bochdainn agus cur an aghaidh na buaidh milltich a th' aig a' bhochdainn orra.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Dh'fhoillsich sinn an dàrna [Plana Lìbhrigidh gus Dèiligeadh ri Bochdainn Cloinne](#) sa Mhàrt 2022. Tha am Plana a' toirt cunntas air na gnìomhan cruth-atharrachail a nì sinn còmhla ris na com-pàirtichean lìbhrigidh againn - a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail eileanach agus bùird slàinte - gus am misean nàiseanta againn gus aghaidh a chur air bochdainn cloinne a libhrigeadh.
- Bidh riathanas fhathast air ùghdarrasan ionadail agus bùird-slàinte eileanach ri Aithisgean Gnìomh Bochdainn Cloinne Ionadail ullachadh fo chumhachan Achd Bochdainn na Cloinne (Alba) 2017, agus leanaidh an obair le com-pàirtichean nàiseanta a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal gus obair ionadail fhiosrachadh.

### A' Cur an Aghaidh Bochdainn Cloinne - Gnìomhan Dùthchail is Eileanach

Ann an 2023, lean Riaghaltas na h-Alba air ag obair ann an com-pàirteachas leis an t-Seirbheis Leasachaidh gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail agus bùird-slàinte eileanach gus togail air an tuigse air bochdainn cloinne anns na sgìrean aca. A' leantainn air an [Dòigh-obrach Stèidhichte air dealbhadh airson a bhith a' tuigsinn agus a' toirt aghaidh air Bochdainn Cloinne Dùthchail](#) ann an 2022, tha obair air leantainn gus taic a chumail ri deagh chleachdadh a thaobh roinneadh dàta agus gus a cho-roinn agus cleachdadh dàta gus seirbheisean fhiosrachadh. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach obair le beagan ùghdarrasan ionadail agus iomairt *Scalable Approach to Vulnerability through Interoperability* (SAVVI) gus coimhead air mar a dh'fhaodadh ùghdarrasan dùthchail agus eileanach a bhith a' co-roinn dàta.

Chùm Lìonra Bochdainn Cloinne Dùthchail is Eileanach air a' coinneachadh ann an 2023 gus bruidhinn air cuspairean anns a bheil ùidh aig na h-ùghdarrasan agus bùird slàinte sin agus gus cleachdadh agus ionnsachadh inntinneach a cho-roinn. Tha a' bhuidheann air cuideam làidir a chumail air co-roinn dàta agus iad cuideachd a' leudachadh an fhòcais gus còmhraidhean a chur an comas air cuspairean leithid còmhaidh agus gus dèanamh cinnteach gun cluinnear guth an fheadhainn le eòlas beatha agus gun tèid feart a gabhail air seo ann an co-theacsan dùthchail.

[Tro Mhaoin Luathachaidh Cleachdadh Bochdainn Cloinne](#) (*Child Poverty Practice Accelerator Fund - CPAF*), tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do raointean gus deuchainn a dhèanamh air cuid de na fuasglaidhean a thig bhon lìonra. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do dh'Earra-Ghàidheal is Bòd gus deuchainn a dhèanamh air dè cho feumail 's a tha seataichean-dàta treas-phàrtaidh airson a bhith a' comharrachadh coimhearsnachdan a tha feumach air taic ionmhais.

## Maoin Èiginn Cosgaisean nan Eilean

Ann an 2023-24, tha Riaghaltas na h-Alba air £1 millean a bharrachd a sholarachadh do Mhaoin Èiginn Cosgaisean nan Eilean gus taic a thoirt do dh'eileanaich aig a bheil cosgaisean connaidh, bìdh is lùths àrda gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri cuideaman cosgais bith-beò. Bha seo a' togail air an £1.4 millean a chaidh a thoirt seachad ann an 2022-23.

**Gealltanais 7.14** Obraich còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta, a' leantainn air adhart a' co-roinn deagh chleachdadh a chaidh a chomharrachadh air feadh Alba a dh'fhaodadh buntainn ri bochdainn cloinne ann an coimhearsnachdan nan eilean againn.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn ag obair le com-pàirtichean nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil eòlas agus deagh chleachdadh air a cho-roinn agus gus taic a thoirt do, agus piseach a thoirt air, freagairtean ionadail gus dèiligeadh ri bochdainn cloinne, a' gabhail a-steach sna coimhearsnachdan eileanach againn.
- Gheall Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba a bhith ag obair gu dlùth le co-oibrichean Bochdainn Cloinne gus am frèam tomhais nas fharsainge airson lìbhrigeadh poileasaidh eileanach atharrachadh – a' dèanamh cinnteach gu bheil fianais làidir ann agus gu bheil e a' co-thaobhadh ri agus mar phàirt den obair agus aithris a tha air a stiùireadh le Aonad Cur An-aghaidh Bochdainn Cloinne agus air a stiùireadh leis [a' Phlana Leasachaidh ùr airson Cur An-aghaidh Bochdainn Cloinne](#).

Tha Riaghaltas na h-Alba air cumail air ag obair le com-pàirtichean nàiseanta – a' gabhail a-steach na Seirbheis Leasachaidh, Slàinte Poblach na h-Alba, COSLA, Aonad Rannsachaidh Bochdainn is Neo-ionannachd na h-Alba, Buidheann Gnìomh Bochdainn Cloinne agus Caidreachas na Bochdainn – gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail agus bùird slàinte gus an dòigh-obrach aca a thaobh a bhith a' cruthachadh Aithisgean Gnìomh Bochdainn Cloinne Ionadail.

San t-Sultain 2023, chùm Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan deasbad bòrd-cruinn air bochdainn cloinne ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach gus deagh chleachdaidhean, beàrnan agus cothroman airson barrachd co-obrachaidh eadar com-pàirtichean lìbhrigidh a chomharrachadh gus am bi builean nas fheàrr ann do theaghlachan.

Ann an 2022-23, thug Riaghaltas na h-Alba £29,000 seachad gus taic a thoirt do mheasadh pròiseact Shetland Anchor. Mar thoradh air soirbheas a' mhodail seo a bha stèidhichte sa choimhearsnachd, chaidh Anchor for Families a sgaoileadh air feadh Shealtainn gu lèir. Thàinig an treas measadh, an luachadh mu dheireadh, gu

crìch san Fhaoilleach 2024. Bha seo gus tuigse fhaighinn air buaidh a' phròiseict, dè cho seasmhach 's a tha a' bhuidh sin agus mar a ghabhas ionnsachadh a cho-roinn nas fharsainghe. Thèid plana gus ionnsachadh a sgaoileadh le sgìrean dùthchail agus eileanach fhoillseachadh às dèidh ath-sgrùdadh bhon taobh a-staigh tràth ann an 2024.

**Gealltanais 7.15** Obraich le eileanaich gus cur, far an urrainn dhuinn, ri cruthachadh nàisein nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte airson na h-Alba air fad le bhith a' toirt taic do obair na buidhne de Riaghaltasan Eaconamaidh Sunnd (WEGo).

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn a' cumail oirnn ag ionnsachadh bho agus a' co-obrachadh le dùthchannan agus buidhnean eile tro WEGo, agus nas fharsainghe, gus gluasad gu eaconamaidh cothromach, uaine, a tha na h-eaconamaidh sunnd a tha a' cur daoine air thoiseach, agus tha a' frithealadh nan ginealaichean làithreach agus ri teachd. Tha sin a' ciallachadh a bhith a' toirt cumhachd do ar coimhearsnachdan eileanach gus barrachd com-pàirt a ghabhail san eaconamaidh, a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan, agus ag amas air dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh na cothroman a ghlacadh bhon eadar-ghluasad chothromach gu cothromachadh carboin gus barrachd beartas agus barrachd sunnd a libhrigeadh.

Tha eaconamaidh a tha cothromach, uaine agus a tha a' fàs, a tha buannachdail do choimhearsnachdan is sluagh na h-Alba air fad, deatamach do na trì miseanan eadar-cheangailte aig Riaghaltas na h-Alba, Co-ionannachd, Cothrom agus Coimhearsnachd. Tha soirbheachas eaconamach a' ciallachadh a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr de na goireasan air leth beairteach a th' againn agus gan cleachdadh gus eaconamaidh a thogail a bhios ag obair do dhaoine, seach an caochladh. Agus sinn a' cruthachadh Eaconamaidh Sunnd, bidh sinn a' conaltradh gu dìreach le coimhearsnachdan agus a' leantainn air adhart ag ionnsachadh bho, agus a' co-obrachadh le, buidhnean eile gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan eileanach agus gus cothroman a chruthachadh do na h-uile.

**Gealltanais 7.16** Obraich le ar com-pàirtichean gus beachdachadh air raon de roghainnean airson dèanamh cinnteach gu bheil cùram slàinte inntinn iomchaidh ri fhaighinn, agus aig an aon àm a' toirt aire do cho sònraichte 's a tha coimhearsnachdan nan eilean againn.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn air gealltainn gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air Ro-innleachd Slàinte Inntinn 2012-2027. Tha ath-sgrùdadh na Ro-innleachd a' toirt dhuinn cothrom gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na gealltanasan eile a th' againn an-dràsta agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean againn a thaobh slàinte inntinn dhùthchail fhathast iomchaidh dhaibhsan a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail agus eileanach ann an Alba.

- Cumaidh sinn oirnn ag obair le Fòram Nàiseanta na Slàinte Inntinn Dùthchail gus dèanamh cinnteach gun tuig sinn na feumalachdan a tha a' tighinn am bàrr aig coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail a thaobh ath-bheothachadh Covid-19 agus gu sònraichte gus fuasglaidhean stèidhichte sa choimhearsnachd a sgaoileadh gus taic a chumail do dheagh shunnd. Coimheadaidh seo air an ròl aig àite agus air cothroman leasachaidh air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd san àm ri teachd gus taic a thoirt do dh'ath-leumachd sna Coimhearsnachdan againn ann an com-pàirteachas le càch.

## Ro-innleachd Slàinte is Sunnd Inntinn

Dh'fhoillsich sinn ar [Ro-innleachd Slàinte Inntinn is Sunnd](#) ùr, a chaidh a chruthachadh ann an co-bhonn le COSLA, san Ògmhios 2023. Chaidh seo a leantainn, san t-Samhain 2023, le [Plana Lìbhrigidh](#) agus [Plana Gnìomh Sgioba-obrach](#). Tha an Ro-innleachd a' cur air adhart lèirsinn de dh'Alba a tha saor bho stiogma agus neo-ionannachd, far am bi a h-uile duine a' coileanadh na còrach aca gus an t-slàinte inntinn is an sunnd as fheàrr 's a ghabhas a bhith aca. Tha na planaichean a tha na cois a' mìneachadh gnìomhan a tha air an dealbh gus adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh na lèirsinn seo agus gus dèiligeadh ri neo-ionannachd slàinte inntinn.

Dh'obraich sinn gu dlùth le luchd-ùidh gus fianais a chruinneachadh agus gus aontachadh air gnìomhan le co-ionannachdan agus còraichean daonna aig an cridhe, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha dòigh-obrach a tha fiosraichte le trauma agus a tha air a stiùireadh le eòlas beatha. Tha seo air gabhail a-steach a bhith ag obair gu dlùth leis an Fhòram Co-ionannachd is Còraichean Daonna againn, le buill a' gabhail a-steach Fòram Nàiseanta na Slàinte Inntinn Dùthchail.

Tha fios againn gu bheil feum againn air taic, seirbheisean, cùram agus leigheas leis an neach aig a' chridhe, a tha mothachail gu cultarail, a tha iomchaidh airson aois, làn in-ghabhalach agus ri fhaighinn ann an diofar chruthan. Sin as adhbhar gun do chuir sinn Clàr Gnìomh Neo-ionannachd anns a' Phlana Lìbhrigidh againn, ag aithneachadh gu bheil feumalachdan eadar-dhealaichte aig diofar dhaoine. Tha an clàr a' sealltainn trì prìomh raointean a tha fios a bheir buaidh air slàinte inntinn agus sunnd dhaoine a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail: aonaranachd, stiogma agus neo-ionannachdan cruinn-eòlasach. Tha grunn gnìomhan anns a' Phlana Lìbhrigidh gus aghaidh a thoirt air na dùbhlain sin, leithid leudachadh air solar slàinte inntinn coimhearsnachd, a' toirt piseach air taic slàinte inntinn ann am bun-chùram agus leudachadh air na dòighean anns am faigh daoine cothrom air taic nuair a tha feum aca air.

[Tha Creating Hope Together](#), ar ro-innleachd 10-bliadhna gus casg a chur air daoine bho bhith a' cur làmh nam beatha fhèin, ag amas air an àireimh de dhaoine a' cur làmh nam beatha fhèin ann an Alba, agus aig an aon àm a bhith a' dèiligeadh ris na neo-ionannachdan a tha a' cur ri fèin-mharbhadh. Is e fear de na prionnsapalan treòrachaidh san ro-innleachd ar dealas gus dèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair iomchaidh do choimhearsnachdan bailteil, dùthchail agus eileanach.

Tha sinn a' toirt air adhart obair dian le Samaritans Alba ann an taobh siar na Gàidhealtachd agus san Eilean Sgitheanach gus ar tuigse mu bhith a' sireadh cuideachaidh am measg luchd-obrach iomallach ann an sgìrean dùthchail agus eileanach a leasachadh, agus a bhith a' cleachdadh sin gus modalan taic san àm ri teachd a dhealbhadh. A bharrachd air sin, tha pileatan ann airson seirbheisean do

dhaoine a chall cuideigin a chuir làmh air am beatha fhèin ann an sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, Siorrachd Àir agus Arainn, sgìrean anns a bheil ìrean àirde de dhaoine a tha a' cur làmh air am beatha fhèin. Bheir an obair seo sealladh dhuinn air mar as urrainn dhuinn ar dòigh-obrach gus casg a chur air daoine a bhith a' cur làmh nam bheatha fhèin a dhèanamh freagarrach do choimhearsnachdan eileanach..

## Mind to Mind

Air a chur air bhog sa Chèitean 2022, tha [Mind to Mind](#) na ghoireas didseatach a tha ag amas air taic a chumail ri sunnd inntinn an t-sluaigh san fharsaingeachd ann an Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

Tha e a' taisbeanadh deagh chomhairle bho dhaoine le eòlas beatha air dùbhlain slàinte is sunnd inntinn agus a' soilleireachadh nan rudan practaigeach as urrainn do dhaoine dèanamh gus iad fhèin a chuideachadh ge b' e far a bheil iad a' fuireach no ag obair. Tha e air a dhealbhadh gus cur ri seirbheisean slàinte inntinn is sunnd pearsanta air feadh Alba. Chan eilear an dùil gun tèid e nan àite.

Tha Mind to Mind air a chumail air NHS Inform a tha na làrach air a' gheal-liosta. Cha bhi luchd-tadhail a' cleachdadh an cuid dàta fòn-làimhe no eadar-lìn nuair a thadhlas iad air an làraich. Tha oifigearan ann an Riaghaltas na h-Alba agus NHS 24 air a bhith ag obair le buidhnean air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach sgìrean eileanach, gus susbaint a chruthachadh agus barrachd ghoireasan a chomharrachadh airson in-ghabhail.

## Maoin Coimhearsnachdan Slàinte Inntinn is Sunnd do dh'Inbheach

Bho 2021, tha sinn air £51m a thasgadh anns a' Mhaoin Slàinte Inntinn is Sunnd Coimhearsnachd do dh'inbhich, le timcheall air 3,300 tabhartas air an toirt do phròiseactan ionadail air feadh na h-Alba anns a' chiad dà bhliadhna a-mhàin gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri buaidh iomallachas sòisealta, aonaranachd agus neo-ionannachd slàinte inntinn. air a dhèanamh nas miosa leis a' ghalair lèir-sgaoilte agus an èiginn nan cosgaisean bith-beò.

Tha fòcas làidir aig a' Mhaoin air casg agus eadar-theachd thràth, a' toirt prìomhachas do raon de bhuidhnean 'ann an cunnart' a' gabhail a-steach na daoine sin a tha fo anacothrom a thaobh suidheachadh cruinn-eòlasach (gu sònraichte ann an eileanan agus sgìrean dùthchail). Tha fòcas aice air an fheadhainn a tha fo ana-cothrom sòisio-eaconamach a tha air an dèanamh nas miosa le èiginn nan cosgaisean bith-beò.

Tha a' Mhaoin a' cumail taic ri buidhnean aig ìre na coimhearsnachd gus ath-leumachd a thogail, agus tha e ag amas air an fheum air eadar-theachdan clionaigeach a lùghdachadh le bhith a' cumail taic ri iomairtean air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus tro sheirbheisean taic ionadail.

Tha Aithisg Sgrùdaidh Bliadhna 2 a' sealltainn gun robh daoine a bha fo ana-cothrom a thaobh suidheachadh cruinn-eòlasach am measg nam buidhnean targaid as cumanta, le 1,239 pròiseact a' gabhail a-steach fòcas air aonaranachd shòisealta.

Chaidh còrr is £4.8 millean a riarachadh gus taic a thoirt do phròiseactan ann an raointean a tha còmhdaichte le Plana Nàiseanta nan Eilean, bho chaidh a' Mhaoin a stèidheachadh. ann an 2021.

Chaidh còrr is 700 duais a thoirt do phròiseactan coimhearsnachd a tha a' cumail taic ri daoine fo ana-cothrom mar thoradh air an suidheachadh cruinn-eòlasach (a' gabhail a-steach ann an sgìrean dùthchail). Mar eisimpleir, tha Pròiseact Assist, a tha stèidhichte ann am Beàrnaraigh anns na h-Eileanan an Iar, ag amas air aonaranachd sòisealta a lùghdachadh.

## **Fòram Nàiseanta airson Slàinte Inntinn Dùthchail**

Bho 2016, tha Riaghaltas na h-Alba air tabhartasan bliadhna de £50,000 a thairgsinn airson Change Mental Health gus taic a thoirt do dh'obair [Fòram Nàiseanta na Slàinte Inntinn Dùthchail](#). Bidh seo a' cur fòcas air a bhith ag iomlaid eòlas, air gnàth-eòlas agus ionnsachadh mu shlàinte inntinn agus sunnd ann an sgìrean dùthchail, a' toirt cothrom do chom-pàirtichean tuigse nas fheàrr fhaighinn air, agus taic a thoirt do, choimhearsnachdan dùthchail. Bidh am Fòram a' co-roinn bheachdan agus deagh chleachdadh gu fosgailte, a' togail bunait fianais a bhios a' fiosrachadh poileasaidh.

Ann an com-pàirteachas leis an Fhòram, tha sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann agus ann an deagh àm aig coimhearsnachdan dùthchail air seirbheis slàinte inntinn agus tha sinn a' toirt taic do dh'oidhirpean Bùird NHS gus cleachdadh ruigsinneachd didseatach air seirbheisean do choimhearsnachdan dùthchail a bhrosnachadh.

Tha am Fòram a' toirt taic do chleachdadh ùr-ghnàthach tro, mar eisimpleir, am Pròiseact Com-pàirteachaidh Coimhearsnachd Dùthchail, a bhrosnaicheas ath-shlànachadh slàinte inntinn do dhaoine aig a bheil neo-ionannachd a bharrachd, a' gabhail a-steach fògarraich agus luchd-siridh comraich, luchd-cùraim òga agus a' choimhearsnachd LGBTI+.

## **Taic Slàinte Inntinn coimhearsnachd do Chloinn is Òigridh**

Thug Riaghaltas na h-Alba £15 millean a bharrachd do dh'ùghdarrasan ionadail am-bliadhna gus am b' urrainn dhaibh cumail orra a' lìbhrigeadh taic is seirbheisean slàinte inntinn stèidhichte sa choimhearsnachd do chloinn, daoine òga agus an teaghlaichean. Tha na seirbheisean sin ag amas air casg agus eadar-theachd thràth agus tha iad a' gabhail a-steach taic airson deagh shlàinte inntinn agus sunnd a bharrachd air suidheachaidhean èiginn a thaobh droch shlàinte inntinn. Tha am maoineachadh a' toirt comas do chomhairlean taicean agus seirbheisean a chur an gnìomh a rèir phrìomhachasan ionadail, a' fàgail gun urrainnear dèiligeadh nas fheàrr ri feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach.

Am measg nan eisimpleirean de thaicean agus seirbheisean a tha an sàs, tha leigheas ealain anns na h-Eileanan an Iar gus clann agus daoine òga aois 5-18 a chuideachadh le bhith ag obair tro dhuilgheadasan agus cuideachd a' toirt àite sàbhailte dhaibh gus rudan a chur an cèill tro ealain nach urrainn dhaibh tro bhith a' bruidhinn, agus trèanadh slàinte-inntinn do luchd-obrach agus saor-thoilich aig Camanachd an Eilein Sgitheanaich gus misneachd agus fèin-spèis a thogail tro spòrs.

## **Seirbheisean Slàinte Inntinn agus Coileanadh**

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast dealasach a thaobh taic do sheirbheisean slàinte inntinn aig Bùird Eileanach gus an luchd-obrach aca a leasachadh, solar seirbheis àrdachadh agus gus dèanamh cinnteach gum faigh an fheadhainn a tha feumach air cùram an cùram sin aig an àm cheart agus san àite cheart.



Bidh oifigich Riaghaltas na h-Alba a' coinneachadh ri Ceannardan Slàinte Inntinn ann am Bùird Slàinte nan Eilean gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh a rèir inbhean amannan feitheimh slàinte-inntinn. Tha sinn ag aithneachadh ged a tha coileanadh ionadail eadar-dhealaichte, gu bheil dùbhlain choitcheann ann airson bùird dhùthchail. Bidh oifigearan a' toirt cothrom air comhairle phroifeiseanta, agus a' toirt taic do cho-obraichean slàinte inntinn eileanach gus obrachadh còmhla gus deagh chleachdadh a chur an gnìomh.

Ann an 2022-23, riarach sinn maoinachadh de £46 millean air feadh na h-Alba tro Fhrèam Toraidhean Slàinte Inntinn 2022-23 gus càileachd agus lìbhrigeadh sheirbheisean slàinte inntinn a leasachadh do na h-uile. Bha seo a' gabhail a-steach bun-ìre riatanach de ghoireasan airson Bùird Eileanach gus an urrainn dhaibh cumail orra a' fastadh agus a' cumail suas seirbheisean le deagh luchd-obrach.

### **A' toirt taic do dhaoine ann an èiginn**

Tha ar modail taic ùr-ghnàthach [Distress Brief Intervention](#) (DBI) a' tabhann taic fuasgladh-dhuilgheadasan stèidhichte sa choimhearsnachd do dhaoine ann an èiginn. Tha e ri fhaighinn gu nàiseanta tro NHS24 (do dhuine sam bith nas sine na aois 16) agus tha sinn a' cumail oirnn le taic do bhùird NHS gus am modail DBI a leabachadh ann an seirbheisean ionadail, a' gabhail a-steach ann an coimhearsnachdan eileanach.

Tha modail DBI an sàs mar-thà ann an Arainn, Arcaibh agus Sealtainn, agus thèid a thabhann a dh'aithghearr anns na h-Eileanan an Iar. Faodar modail taic DBI atharrachadh gus freagairt air feumalachdan choimhearsnachdan ionadail, mar a chithear leis a' chom-pàirteachas ùr-ghnàthach eadar Blide Trust agus Penumbra gus seirbheis DBI Arcaibh a lìbhrigeadh.

# Leas-Àrainneachd agus Bith-thèarainteachd

## Amas ro-innleachdail 8 - Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri tèarainteachd àrainneachdail

### Gealltanais 8.1 Dìon bith-iomadachd nan eilean

#### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha [Aithisg Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) a' toirt cunntas air sreath de phròiseactan a tha a' cumail taic ris a' ghealltanais seo aig an àm seo agus a chumas orra a' toirt taic do bhith-iomadachd eileanach san àm ri teachd.

Ann an 2023, thug Sgeama Gnàth-shìde Àiteachais-àrainneachdail (AECS) taic do stiùireadh fearainn mar a leanas:

#### Clàr 1: CUAIRT TAGRAIDH AECS AIRSON 2022

	Eileanan	Alba air fad
<b>tagraidhean air an cur a-steach</b>	<b>288</b>	1028
<b>iarrtasan a chaidh aontachadh</b>	<b>245</b>	701
<b>cùmhnantan ris an deach gabhail</b>	<b>233</b>	681
<b>sgìre fo roghainnean ath-theachdail bliadhnail</b>	<b>70k ha</b>	218k ha
<b>maoin iomlan air a ghealltainn tro bheatha nan cùmhnantan</b>	<b>£9.3m</b>	£43m
glusadan àiteachais-àrainneachail	£8.8m	
biadh organach	£0.5m	

**Clàr 2: Cùmhnantan AECS an gnìomh ann an 2023**

	<b>Eileanan</b>	Alba air fad
<b>cùmhnantan an sàs</b>	<b>700</b>	2245
<b>sgìre fo roghainnean ath-theachdail bliadhna</b>	<b>181k ha</b>	816k ha
<b>pàigheadh ri phàigheadh ann am bliadhna tagraidh 2023</b> (dh'fhaodadh an t-suim mu dheireadh a thèid a phàigheadh an da-rìribh a bhith beagan nas ìsle mas e is nach deach cuid de dh'obraichean air adhart)	<b>£6.1m</b>	£31m
gluasadan àiteachais-àrainneachail	£5.2m	
biadh organach	£0.5m	
tancaichean sitig	£0.4m	

**Gnèithean air an Oir**

'S e com-pàirteachas air a stiùireadh le NàdarAlba a th' ann an [Gnèithean air an Oir](#) a bhios ag obair còmhla ri seachd buidhnean glèidhteachais eile gus am bi trithead 's a seachd de na gnèithean cladaich is eileanach a tha ann an cunnart seasmhach san àm ri teachd A bharrachd air a bhith a' dèanamh glèidhteachais gu dìreach, tha am prògram ag obair le coimhearsnachdan ionadail gus diofar chothroman a thoirt dhaibh a bhith an sàs ann a bhith a' dìon na fiadh-bheatha sònraichte aca. Tha e cuideachd a' cruthachadh dhòighean ùra airson co-obrachadh le com-pàirtichean às dèidh beatha a' phròiseict.

Bidh Gnèithean air an Oir ag obair thairis air seachd raointean pròiseict gus naoi planaichean libhrigidh multi-taxa a libhrigeadh. Tha na gnèithean prìomhachais uile gu mòr an eisimeil àrainnean cladaich is eileanach agus a' gabhail a-steach raon farsaing de thaxa. Tha iad a' gabhail a-steach: an steàrn, an steàrnag chumanta, an steàrnag beag, na h-ialtagan cumanta, agus ialtagan Daubenton, an seillean-mòr buidhe, dealan-dè nam boglaichean, an gorman beag, ceithir gnèithean de leòmann bùrnaid, an t-sòbhrach Albannach agus am mogairlean-bachlach bàn.

Tha sgioba de dh'Oifigearan Pròiseict agus Oifigearan Com-pàirteachaidh aig a' phrògram a tha stèidhichte ann an sgìrean a' phròiseict. Thòisich libhrigeadh tràth ann an 2023 agus leanaidh e gus am Màrt 2027. Tha Gnèithean air an Oir gnìomhach ag obair ann an ceithir sgìrean eileanach - Sealtainn, Arcaibh, na h-Eileanan Siar agus Earra-Ghàidheal is na h-Eileanan a-staigh - a bharrachd air a' Chosta a Tuath, an costa an ear agus Linne Shalmhaigh. Tha Species on the Edge a' faighinn £4.2 millean bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta agus uile gu lèir, tha buidseat aca de chòrr is £6.5 millean. Am measg an luchd-maoineachaidh eile tha Riaghaltas na h-Alba, Bunait Esmee Fairbairn agus Urras Dulverton.

## Sgeamaichean geòidh

Tha àite cudromach aig eileanan na h-Alba ann a bhith a' cumail taic ri cruinneachadh de gheòidh imrich a tha a' geamhrachadh air sgàth 's gu bheil iad suidhichte air an t-slighe-adhair eadar-nàiseanta. Ann an àiteachan far a bheil geòidh ri imrich ag adhbharachadh milleadh mòr air àiteachas, tha sgeamaichean riaghlaidh an sàs. Tha seo a' gabhail a-steach Ìle, Colla, Tiriodh, Uibhist agus Walls a Deas.

Is urrainn geòidh ghlasa milleadh àiteachais adhbharachadh cuideachd, gu sònraichte ann an sgìrean croitearachd. Tha Riaghaltas na h-Alba agus NàdarAlba air taic a thoirt do dh'iomairtean gus an àireamh de gheòidh-ghlasa ann an Tiriodh, Colla, Uibhist, Leòdhas, Na Hearadh agus Arcaibh a lùghdachadh.

Tha buidseat de chòrr is £1 millean ann aig an àm seo airson stiùireadh geòidh, gu sònraichte anns na h-eileanan. Tha NàdarAlba air taic-airgid a thoirt do phròiseactan a tha a' cur aghaidh air Cnatan Mòr nan Eun a thug buaidh mhòr air àireamhan geòidh ann an Ìle.

## Sgeama Stiùiridh nan Iolairean-mara

Tha aontaidhean an sàs tro Sgeama Stiùiridh nan Iolairean-mara (SEMS) gus taic a thoirt do mhanaidsearan fearainn aig a bheil duilgheadasan le iolairean-mara a tha a' creachadh stoc. Ged a tha poileasaidh nàiseanta ann airson iolairean-mara, tha tòrr aca sna h-eileanan - gu h-àraidh Muile, an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar. Ann an 2023, bha 120 Tuathanachas, Croitean no Clubaichean Stoc Chaorach ann an àiteachan eileanach a' faighinn taic bhon SEMS (74 tacan san Eilean Sgitheanach is Ratharsair, 19 ann am Muile, 11 ann an Leòdhas is na Hearadh, 8 ann an Uibhist is Beinn na Faoghla, dà an urra ann an Eige, Ìle, Barraigh agus Lios Mòr).

## Cathag dhearg-chasach- Ìle agus Colbhasa

Chùm NatureScot air a' toirt biadh a bharrachd do cathagan dearg-chasach òga air spirisean sònraichte ann an Ìle is Colbhasa. B' e seo a' chiad bhliadhna a ghabh eòin Chalbhasa ris a' bhìadhadh, rud a tha eòin ann an Ìle air a bhith a' dèanamh fad iomadh bliadhna. Tha sgrùdaidhean a' sealltainn gur e na tha ri fhaighinn de bhìadh anns a' chiad mhìosan às dèidh do dh'eòin a bhith ag itealaich am factar as cudromaiche ann a bhith mairsinn tron chiad bhliadhna. Ann an 2022 agus 2023, chlàraich NatureScot cathagan dhearg-chasach bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois a mhair tron gheamhradh agus tha sinn an dòchas gum bi na h-eòin seo nam pàirt den t-sluagh briodachaidh a dh'aithghearr. Tha a' mhòr-chuid de thuathanasan a tha a' toirt taic do làraichean neadachaidh is cladaich fo stiùireadh, le taic bho aontaidhean riaghlaidh AECS no NàdarAlba. Tha atharrachadh ann an cò a tha a' fuireach ann an tuathanachasan agus co leis a tha iad air mì-chinnt adhbharachadh a thaobh riaghladh cuid de làraichean airson cathagan dearg-chasach san àm ri teachd. Tha NatureScot a' toirt comhairle do na custamairean seo mu riatanasan riaghlaidh agus na sruthan maoinachaidh a tha rim faighinn.

## Maoin Ath-bheothachaidh Nàdair

Tha sgeamaichean farpaiseach Maoin Ath-nuadhachadh Nàdair (NRF) air còrr is £16 millean a thoirt seachad bho chaidh an stèidheachadh ann an 2021-2022, a' gabhail a-steach taic airson ochd pròiseactan sna h-eileanan ann an 2023 le tasgadh iomlan de £602,000. B' iad na pròiseactan a fhuair taic:

- Bith-thèarainteachd airson eileanan eun-mara na h-Alba. RSPB Alba (2023-2026)
- Cruthachadh, deuchainnean air agus libhrigeadh modh-obrach airson ìre *mop-up* gus cur às do neasan ann an Arcaibh. RSPB Alba
- “An Gleann” – Ath-nuadhachadh Àrainnean ann an Gleann Mhac Lothaidh, Arainn
- Ath-nuadhachadh Àrainn nan eun grunnachaidh ann an Eileanan a Tuath Arcaibh. RSPB Alba
- Pròiseact an Lìonra Uaine.. Oighreachd Dhùghraidh, Arainn
- Turning the Tide - A' Togail Calpa Nàdarra agus Ag Ath-nuadhachadh Nàdar thairis air cruth-tìre Luing agus Sgarba. Cadzow Brothers
- A' dìon Coilltean Ghiogha. Urras Dualchais Eilean Ghiogha
- Ceannach soitheach rannsachaidh agus uidheamachd eile airson a chleachdadh ann am Sgìre Mara Dìonta Arainn a Deas agus ann an Sòn Gun lasgaich Eilean MoLaise. COAST

Bho chaidh a stèidheachadh ann an 2021-2022, tha an NRF cuideachd air £17m de mhaoin eachadh dìreach a thoirt do phròiseactan bith-iomadachd a tha air an stiùireadh le Ùghdarrasan Ionadail agus Pàircean Nàiseanta. Ann an 2023-34 bha seo a' gabhail a-steach:

- £123,000 airson pròiseactan sna h-Eileanan Siar
- £53,000 airson pròiseactan ann an Arcaibh
- £81,000 airson pròiseactan ann an Sealtainn.

Ann an 2023-2024, chaidh taic a bharrachd a thoirt seachad le suim a bharrachd co-ionann ris an riarachadh NRF gus cur ri obair gus lìonraidhean nàdair ionadail a thoirt seachad air feadh na h-Alba.

**Gealltanais 8.2** Cuir aghaidh air bith-thèarainteachd ann an dòigh iomlan agus aonaichte mar dhòigh chan ann a-mhàin gus cur ri leas na h-àrainneachd, ach cuideachd gus cur ri leasachadh eaconamach seasmhach ann an eileanan na h-Alba.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh pròiseactan eileanach sònraichte far a bheil sin a dhìth gus ceumannan a chur an sàs gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd ann an dòigh amalaichte, a' gabhail a-steach anns na h-eileanan as cudromaiche airson briodadh eòin-mhara.

## Bith-iomadachd airson Beatha

Thàinig am pròiseact [Bith-thèarainteachd airson Beatha](#), maoinichte le maoin EU LIFE agus NàdarAlba, gu crìch san Iuchar 2023. Am measg nam prìomh ghnìomhan, bha comhairle mu bhith-thèarainteachd air bàtaichean, beothachaidhean bith-thèarainteachd ann an trì cànanan agus pasgan ghoireasan sgoile air a dhealbhadh le sgoilearan bun-sgoile bho sgoiltean eileanach agus cladaich na h-Alba.

Tha [Bith-thèarainteachd airson Alba](#) a' togail air dìleab a' phròiseict LIFE le maoineachadh bho Mhaoin Ath-nuadhachadh Nàdair aig Riaghaltas na h-Alba gu ruige am Màrt 2026. Tha dà Oifigear Bith-thèarainteachd Eileanach ag obair còmhla ri manaidsèaran eileanach, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile le uallach airson sgrùdaidhean bith-thèarainteachd agus ceumannan thairis air 38 eileanan no buidhnean eileanan a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta a thaobh briodadh eòin-mhara. Is urrainn dhaibh cuideachd seirbheisean [Jinx an cù lorgaidh](#) a chleachdadh, a chaidh a thrèanadh gus radain a lorg ann am bathar a tha gu bhith a' dol do na h-eileanan.

## Tèarmann Nàdair Rùm

Mar thoradh air draghan mu bhriseadh a-mach de Chnatan Mòr nan Eun (HPAI), tha NàdarAlba air a bhith ag obair còmhla ri eòlaichean gus modail àireamhan eòin-mhara a chruthachadh agus dòigh tracadh radain ùr a chruthachadh gus sùil a chumail air gnìomhachd radain ann an colonaidhean eòin-mhara cudromach. Dh'fhaodadh àireamhan mòra de dh'eòin bàsachadh mar thoradh air HPAI, agus dh'fhaodadh àireamhan nan radan fhàs mar thoradh air sin. A bharrachd air a bhith a' cumail sùil air na h-eòin, bidh e comasach buaidh HPAI sam bith a thogail agus dèiligeadh ri atharrachaidhean sam bith ann an gnìomhachd radain.

Thòisich toirt air falbh *Rhododendron ponticum* aig làrach iomallach ann am Papadal tràth ann an 2023, mar phàirt de phlana nas fharsainghe gus smachd a chumail air *Rhododendron* air feadh an eilein. Tha obair thòiseachail air a dhol air adhart a-nis sa mhòr-chuid de sgìrean san eilean a-nis

## Pròiseact Fiadh-bheatha Dùthchasach Arcaibh

Thòisich Pròiseact [Fiadh-bheatha Dùthchasach Arcaibh](#) ann an 2018 le còrr is £6 millean de mhaoineachadh bho Mhaoin Beatha an AE agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta a bharrachd air maoin eachadh co-ionann bho NatureScot agus RSPB Alba. Tha am pròiseact ag amas air fiadh-bheatha dhùthchasach shònraichte Arcaibh a dhìon le bhith a' dèiligeadh ris a' chunnart bho neasan. Tha am pròiseact air còrr is 5,500 neasan a thoirt air falbh agus tha obair sgrùdaidh a' sealltainn ath-bheothachadh ann an gnèithean eile.

## Pròiseact Mionc Innse Gall

Thòisich Pròiseact [Mionc Innse Gall](#) ann an 2001 leis an amas eòin a tha a' neadachadh air an talamh a dhìon bho chreachadairean le bhith a' cur às do mhionc Ameireaganach. Tha am pròiseact air àireamh nam mionc a lùghdachadh gu soirbheachail, a' leigeil leis na gnèithean eòin a tha a' neadachadh air an talamh na h-àireamhan aca a chumail suas agus, ann an cuid de chùisean, gus ath-bheothachadh.

## Pròiseact Fiadh-bheatha Dùthchasach Uibhist

A' tòiseachadh ann an 2001, tha am pròiseact seo air a h-uile buidheann aithnichte de ghràineagan ann an Uibhist a Tuath a thoirt air falbh agus tha an t-eilean air an inbhe seo a chumail fad nan còig bliadhna a dh'fhalbh. Tha am pròiseact air a dhol tro phròiseas de sgrùdaidhean ion-dhèantachd gus faighinn a-mach a bheil e comasach cuir às do ghràineagan ann an Uibhist buileach glan agus tha e faisg air deiseil air Planadh Obrachaidh airson deuchainn gus gràineagan a thoirt air falbh à Beinn nam Faoghla le comas an uair sin cumail a' dol a dh'Uibhist a Deas aon uair 's gum bi e air dearbhadh gun gabh seo dèanamh.

**Gealltanais 8.3** Stèidhich Fòram Eileanach tro Zero Waste Scotland, mar phàirt de chur an gnìomh Sgeama Eàrlais Bhotal/Chanaichean, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt feart air na prìomh cheistean airson eileanan (agus coimhearsnachdan dùthchail san fharsaingeachd). Bidh am Fòram seo a' cur bheachdan a-steach, chan ann a-mhàin dhan phlana reachdail airson an sgeama, ach nì e cinnteach cuideachd gu bheil na prìomh cheistean airson coimhearsnachdan eileanach air am fighe a-steach dhan phlanadh mu bhith ga chur an gnìomh;

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 8.4** Obraich le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air mar as urrainn dhaibh cur ris an eaconamaidh chearcallach tro sgeamaichean paidhleat beag, mar eisimpleir, tro bhith a' cumail taic ri bhith a' dèanamh biadh gu h-ionadail.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Zero Waste Scotland (ZWS) a' leantainn air adhart ag obair gu gnìomhach san raon seo, a' gabhail a-steach a bhith na chathraiche air Highland Adapts, com-pàirteachas freagarrachadh sgìreil na Gàidhealtachd. Tha e cuideachd ag obair air a' phàirt a th' aig eaconamaidh chearcallach ann am freagarrachadh, a' gabhail a-steach sineirgidhean trade off.
- Tha ZWS ag obair còmhla ri HIE gus Dùbhlann Atharrachadh Connaidh a libhrigeadh le fòcas roinneil. Prògram leasachaidh cuimsichte a' toirt air daoine òga a dhol an sàs ann an gnìomhan a thaobh na gnàth-shìde.
- Tha ZWS cuideachd a' toirt taic do chom-pàirtichean ann an sgeama ath-chleachdadh chupannan na Gàidhealtachd agus tha e a' libhrigeadh bhùthan-obrach agus taic leantainneach air eaconamaidh chearcallach le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Shealtainn.

Chaidh Bile na h-Eaconamaidh Chearcallaich (Alba) a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba san Ògmhios 2023 agus bha mion-fhiosrachadh ann mun [Mheasadh Buaidh Eileanach](#). Dh'fhoillsich sinn co-chomhairle thòiseachail air an Eaconamaidh Chearcallaich agus Mapa slighe airson Sgudal sa Chèitean 2022 còmhla ri [Measadh Sgrionaidh Coimhearsnachdan Eileanach](#), a' foillseachadh [mion-sgrùdadh co-chomhairleachaidh](#) ann an 2023.

Chaidh [dreachd Mapa Slighe gu 2030](#) ùraichte agus [measadh sgrionaidh air coimhearsnachdan eileanach](#) fhoillseachadh air 18 Faoilleach 2024. Tha an dreachd Mapa Slighe a' mìneachadh ar dealas gus crìoch a chur air cleachdadh sgudal bith-chnàmhach a chur gu lìonadh-fearainn bho 2025, agus tha sinn a' leantainn air adhart ag obair le ùghdarrasan ionadail, tro Zero Waste Scotland, gus taic a thoirt dhaibh gus fuasglaidhean ùra a chur an sàs gus an sgudal aca a riaghladh.

## Eilean Rùm

Tha NàdarAlba a' toirt taic do dh'Eilean Rùm le grunn phròiseactan beaga, a' gabhail a-steach a bhith a' sgrùdadh roghainnean gus siheann fèidh ionadail a reic ann am bùth ionadail air sgèile bheag a bharrachd air còmhradhean le buidhnean ionadail le ùidh sa chùis a dh'fhaodadh a bhith airson cothroman gnìomhachais siheann a chruthachadh dhaibh fhèin. Bidh NàdarAlba a' reic chloisichean do mhuinntir an àite airson an cleachdadh fhèin mar-thà.

Bidh gnìomhachas ionadail a' reic cheadan stalcaireachd ann an Rùm, a tha a' cur ri eaconamaidh nan Eileanan Tarsaing tro bhith a' meudachadh àireamhan luchd-turais agus aig an aon àm a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh amasan nàdair le bhith a' stiùireadh nam fiadh fiadhaich aig ìre sheasmhach.

## Prògram nan Eilean - COPE agus pròiseactan Growing Space Nesting

Tro chuairt 2023-2024 de Phrògram nan Eilean, thug sinn tabhartas suas ri £653,613 do Chomhairle Shealtainn gus ruigsinneachd agus buaidh Dachaigh Shetland Home aig COPE a leudachadh, a tha na ionad ath-chleachdadh a bhios a' reic àirneis, bathar dealain agus bathar-dachaigh am measg nithean eile. Tha bathair dealanach nach gabh a reic air am pròiseasadh agus air am briseadh sìos airson ath-chuairteachadh. Bheir am pròiseact taic dhan eaconamaidh chearcallaich, amasan Cothromachadh Carboin na h-Alba agus bheir e deagh bhuaidh air daoine air a bheil ciorramachdan ionnsachaidh.

Tron aon mhaoin, tha Comhairle Shealtainn air £75,202 a bhuileachadh air a' phròiseact Growing Space Nesting, a tha ag amas air àite fàs coimhearsnachd agus pàirc a chur air talamh falamh, a bhios a' togail sgilean, a' toirt fàs air biadh agus a' cur ri obair shaor-thoileach. Bheir e aghaidh air iarrtas a chaidh a chomharrachadh gu h-ionadail airson àite fàs coimhearsnachd gus biadh a dhèanamh agus cuiridh e ri ruigsinneachd chunbhalach air biadh ùr air prìs ruigsinneach, le roghainnean airson fàs co-roinnte, ruigsinneach dhan phoball a-muigh agus fo-chòmhdach gus an urrainnear measan is glasraich a dhèanamh.



**Gealltanais 8.5** Cùm oirnn le agus ùraich Maoin Bun-structair na Turasachd Dùthchail, a tha air buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan eileanach tro bhith a' toirt seachad bun-structair gus cur an aghaidh na buaidh aig fàs ann an turasachd agus a' cur ri coimhearsnachdan agus àrainneachd nan eilean.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 8.6** Obraich le Buidheann-ghnìomha nan Gnèithean Neo-dhùthchasach aig Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, gus barrachd fiosrachadh poblach a sgaoileadh mu bhith a' lùghdachadh gluasad de ghnèithean ionnsaigheach fìor chunnartach ann an eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Nì sinn co-chomhairle le Buidheann-ghnìomha nan Gnèithean Neo-dhùthchasach agus NatureScot air:
  - dè na gnèithean a bu chòir a bhith ann; agus
  - an dòigh as fheàrr air aire poblach àrdachadh.

Tha obair a' dol air adhart gus Plana Gnìomh Gnèithean Ionnsaigheach Neo-dhùthchasach a chruthachadh gus cuimseachadh nas fheàrr agus gus stòrasan a phrìomhachasadh gus casg a chur air gnèithean ùra bho bhith gan stèidheachadh agus gus smachd a chumail air/cuir às do ghnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach far a bheil iad stèidhichte mar-thà. Bidh am Plana Gnìomh airson na h-Alba air fad, ach feuchaidh e ri ionnsachadh bho na dh'fhiosraich na pròiseactan gnèithean neo-dhùthchasach agus bith-thèarainteachd a chaidh ainmeachadh na bu tràithe san aithisg seo gus Plana Gnìomh a chur ri chèile a tha cunbhalach agus a ghabhas a choileanadh, an dà chuid airson tìr-mòr agus nan eilean.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus NatureScot ag obair còmhla ri Buidheann-ghnìomha nan Gnèithean Neo-dhùthchasach gus an t-eòlas a tha a dhìth gus am Plana Gnìomh a chruthachadh a thoirt còmhla.

**Gealltanais 8.7** Obraich le com-pàirtichean eileanach gus fuasglaidhean a dhealbhadh a chuireas aghaidh air atharrachadh gnàth-shìde tro fhuasglaidhean stèidhichte air nàdar aig am bi grunn bhuanachdan a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, dìon agus ath-nuadhachadh mòintich agus làthaich sàile.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' cumail taic ri co-obrachadh leantainneach le com-pàirtichean eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean stèidhichte air nàdar air an cleachdadh gus dèiligeadh ri bagairt leantainneach bho atharrachadh gnàth-shìde.

## Peatland Action

Ann an 2023, thairg [Peatland ACTION](#) maoinachadh gus ceithir pròiseactan ath-nuadhachadh talamh mònach a libhrigeadh ann an Sealtainn le beagan a bharrachd air 250 heactair agus thathar an dùil gum bi luach de chòrr is £500,000 aig seo. Tha Peatland ACTION a' cumail orra le grunn phròiseactan ath-leasachaidh eile air feadh eileanan na h-Alba.

Tha 1.6 Oifigear Pròiseict FTE ann an Sealtainn an-dràsta, agus dà Oifigear Pròiseict FTE stèidhichte anns na h-Eileanan an Iar, a tha ag obair gus pròiseactan ath-leasachadh talamh mònach a libhrigeadh. A bharrachd air sin, tha dà Oifigear Pròiseict FTE ag obair ann an Earra-Ghàidheal, le eileanan mar phàirt den raon-ùghdarras aca.

Ann an 2023, chaidh tachartasan trèanaidh a libhrigeadh ann an Sealtainn, Leòdhas agus san Eilean Sgitheanach gus na sgilean a thoirt do chunradairean, àidseantan agus luchd-dealbhadh ùra a tha a dhìth orra gus pròiseactan ath-leasachadh talamh mònach ùr a dhealbhadh agus a libhrigeadh. Ghabh còrr is 100 duine pàirt anns na cothroman trèanaidh sin.

Bha Peatland ACTION an sàs ann an dusan tachartas eile ann an eileanan na h-Alba gus conaltradh a dhèanamh le prìomh bhuidhnean luchd-ùidh. Ghabh seo a-steach a bhith an làthair aig fèilltean àiteachais ionadail, bòrd aig Co-labhairt Bhliadhna CLS (san Eilean Sgitheanach) a bharrachd air a bhith a' bruidhinn ri croitearan agus manaidsearan fearainn aig tachartasan Seirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanasan (FAS) ann an Leòdhas agus san Eilean Sgitheanach.

Chaidh pannalan mìneachadh a chur ann aig làrach ath-nuadhachaidh mòinteach ann an Sealtainn agus aig dà làraich san Eilean Sgitheanach, a' brosnachadh bhuannachdan ath-nuadhachadh talamh mònach dhan mhòr-shluagh.

## Ionad Cothromachadh Carboin nan Eilean

Air a mhaoineachadh tro Aonta Fàs nan Eilean (faic gealltanas 1.1), tha [Ionad nan Eilean airson Cothromachadh Carboin](#) (ICNZ) a' co-òrdanachadh oidhirpean dì-charbonachadh air feadh nan Eilean Siar, Sealtainn agus Arcaibh. Tha dèiligeadh ri eimiseanan co-cheangailte ri cleachdadh fearainn air aon de na prìomh raointean fòcais aig ICNZ.

## Highland Adapts

Tha [Highland Adapts](#) a' toirt còmhla coimhearsnachdan, gnìomhachasan, manaidsearan fearainn agus an roinn phoblaich gus gnìomhan cruth-atharrachail a dhèanamh a dh'ionnsaigh sgìre Comhairle na Gàidhealtachd a tha beairteach agus a tha ullachaidh a thaobh na gnàth-shìde – a' gabhail a-steach nan coimhearsnachdan eileanach aice. Tha prionnsapalan stiùiridh a' chom-pàirteachais a' gabhail a-steach ceartas gnàth-shìde agus sòisealta, co-obrachadh, seasmhachd, agus cumhachd do choimhearsnachd.

Anns a' chiad trì bliadhna aige, tha Highland Adapts air co-roinn fiosrachaidh a chur an comas taobh a-staigh agus eadar roinnean, air taic a thoirt do ghnìomhachd gnàth-shìde coimhearsnachd, agus air a' chiad [Measadh Cunnart is Chothroman Gnàth-shìde dhan Ghàidhealtachd](#) a chruthachadh. Tron Mheasadh seo, tha Highland

Adapts a' toirt air adhart dòigh-obrach ùr a thaobh fulangas gnàth-shìde stèidhichte air àite, air a stiùireadh le eòlas beatha bho air feadh na sgìre. Tro Story Map Aimsir is Gnàth-shìde na Gàidhealtachd, tha daoine fa leth air na cunntasan pearsanta aca air buaidhean agus atharrachaidhean gnàth-shìde anns na coimhearsnachdan aca a chur an cèill. Tha sia de na sgeulachdan sin a' buntainn ri cùisean gnàth-shìde san Eilean Sgitheanach. Bha iad sin a' gabhail a-steach tuiltean agus gaothan mòra agus a' bhuidh a thug iad air còmhail aiseig agus rathaid.

## **Eileanan Earra-Ghàidheal**

Tha Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid ag obair a dh'ionnsaigh Plana Gnìomh Atharrachaidh, Lasachadh agus Com-pàirteachaidh a thaobh Atharrachadh na Gnàth-shìde airson Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Is e a' bhuil a bhios ann san fhad-ùine gum bi Earra-Ghàidheal is Bòd chan ann a-mhàin na sgìre le cothromachadh carboin, ach bidh e cuideachd a' glacadh tòrr carboin do dh'Alba air fad, agus tha e ann an deagh shuidheachadh gus aghaidh a chur air gnàth-shìde agus na buaidh aige. Tha an CPP air stòrasan fhaighinn agus air Manaidsear Pròiseict Atharrachadh Gnàth-shìde fhastadh gus an urrainn obair air a' phròiseact tòiseachadh.

# Atharrachadh na Gnàth-shìde agus Cumhachd

## Amas ro-innleachdail 9 – Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh

**Gealltanais 9.1** Obraich le coimhearsnachdan eileanach gus taic a chumail ris na miannan aca a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bheir co-ionadan gnàth-shìde coimhearsnachd air feadh nan eileanan cumhachd do choimhearsnachdan na gnìomhan as freagarraiche a chomharrachadh a tha a rèir nam feumalachdan aca agus gus taic a thoirt seachad sna sgìrean ionadail aca. Cuidichidh iad buidhnean gus feum a dhèanamh air cothroman maoineachaidh agus brosnachaidh iad co-obrachadh eadar pròiseactan. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do chruthachadh aon no dhà cho-ionadan gnìomh gnàth-shìde coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gum bi làn chòmhdach air feadh nan eilean.
- Gabhaidh pròiseact Eileanan le Cothromachadh Carboin ris a' chothrom aig coimhearsnachdan eileanach a bhith air thoiseach air càch le bhith a' coileanadh àrd-amasan atharrachadh gnàth-shìde na h-Alba. Le bhith a' toirt taic dhìreach do 6 eileanan air an t-slighe a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin ro 2040, chan e a-mhàin gum bi e na bhuannachd dhan àrainneachd ach bheir e taic do dh'eaconamaidhean ionadail, goireasan agus sunnd coitcheann tro thasgadh ann an coimhearsnachdan.
- Rinneadh sgrùdadh carboin anns gach eilean a' coimhead air eimiseanan bho chumhachd, còmhdhail, sgudal, fearann agus àiteachas. Chaidh sùil a thoirt air cùisean mara cuideachd agus far a bheil sin iomchaidh, thèid tuilleadh dearbhaidh a dhèanamh air an dàta seo am-bliadhna.
- Chaidh Plana Gnìomh Coimhearsnachd airson Atharrachadh Gnàth-shìde airson gach eilean fhoillseachadh san Ògmhios 2023 agus tha iad uile a' gabhail a-steach beachdachadh air freagarrachadh. Bidh gach Plana a' cur prìomhachasan agus liostaichean de gnìomhan is phròiseactan air adhart bho shealladh eileanach.

### Eileanan le Cothroman Carboin

Tha pròiseact Eileanan le Cothromachadh Carboin a' leantainn air adhart a' toirt taic do shìa coimhearsnachdan eileanach (Barraigh, Cumaradh, Hoy, Ìle, Ratharsair agus Yell) air an t-slighe a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin ann an dòigh chothromach.

San Ògmhios 2023, dh'fhoillsich gach eilean Plana Gnìomh Coimhearsnachd airson Atharrachadh na Gnàth-shìde (CCAPan) às dèidh sgrùdaidhean carboin agus stèidheachadh structaran air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd a thachair sa bhliadhna ionmhais roimhe.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Oifigearan Leasachaidh Coimhearsnachd a tha os cionn libhrigeadh a' phròiseict anns gach eilean. Anns a' bhliadhna ionmhais 2023-2024, tha sinn air tasgadh calpa de £1m a sholarachadh gus taic a thoirt do libhrigeadh nan CCAPan.

Tha sinn cuideachd air tòiseachadh a' rannsachadh dhòighean anns an urrainn dhan phròiseact ionnsachadh agus deagh chleachdaidhean a cho-roinn le eileanan eile ann an Alba. Ged a tha am pròiseact fhathast a' cumail taic dhìreach ri sia eileanan, tha e air leth cudromach gun gabh an aon rud a dhèanamh ann an àiteachan eile. Thèid iomlaid eòlais agus deagh chleachdaidhean a thig bhon phròiseact a cho-roinn gu eileanan eile air feadh na h-Alba. Tha ar com-pàirtiche libhrigidh Cumhachd Coimhearsnachd Alba a' dèanamh com-pàirteachadh farsaing thar nan eileanan gus tuigse fhaighinn air mar as urrainn dhuinn ruigsinneachd a' phròiseict a leudachadh agus taic a thoirt do dh'eileanan eile ann an dòigh bhrìoghmhor.

Gus amasan nan CCAPan a libhrigeadh, anns a' bhliadhna ionmhais a tha romhainn, cruthaichidh sinn ro-innleachdan tasgaidh le fòcas air libhrigeadh a' phròiseict san fhad-ùine.

## Co-ionadan Gnàth-shìde

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air a' toirt taic do lìonra nan Co-ionadan Gnìomh Gnàth-shìde gus coimhearsnachdan a chuideachadh gus obair air a' gnàth-shìde a thoirt air adhart sna sgìrean aca, le maoinachadh air a riarachadh ann an 2023-2024 le luach £4.3 millean.

Tha lìonra Co-ionadan Gnìomh Gnàth-shìde air leudachadh agus tha 20 co-ionad a-nis ann air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach [Co-ionad Gnàth-shìde na Gàidhealtachd is nan Eilean](#), a tha a' gabhail a-steach Arcaibh is Sealtainn, [Co-ionad Gnìomh Gnàth-shìde nan Eilean Siar](#) agus [Co-ionad Gnìomh Gnàth-shìde Earra-Ghàidheal is Bhòid](#). Tha na co-ionadan sin a' toirt taic fìor chudromach do ghnìomhachd gnàth-shìde stèidhichte air àite, a' brosnachadh ionnsachadh co-leithid, agus a' stèidheachadh lìonraidhean gnìomh gnàth-shìde ionadail.

Chuir Co-ionad Gnàth-shìde na Gàidhealtachd is nan Eilean air dòigh [Fèis Gnàth-shìde na Gàidhealtachd is nan Eilean t](#) san t-Sultain 2023. Chomharraich an fhèis seo gnìomhan, iomairtean agus buidhnean a tha càirdeil dhan ghnàth-shìde san sgìre agus iad cuideachd a' brosnachadh com-pàirteachadh gnìomhach ann an oidhirpean gnàth-shìde coimhearsnachd ionadail. Bha e na dheagh dhòigh gus bith-beò beag-carbon seasmhach a bhrosnachadh agus thog e ìomhaigh na Gàidhealtachd, Arcaibh, agus Sealtainn mar stiùirichean ann an gnìomh gnàth-shìde fo stiùir coimhearsnachd agus mar luchd-tagraidh airson sgìre le beatha, obair agus turasachd seasmhach.

Chùm CIC Climate Hebrides, a tha a' stiùireadh libhrigeadh Co-ionad Gnìomh Gnàth-shìde nan Eilean Siar, Co-chruinneachadh [Gnàth-shìde Gàidhlig](#) san t-Samhain 2023. Bha an tachartas ag amas briathrachas atharrachadh gnàth-shìde sa Ghàidhlig a thoirt a-steach a bharrachd air a bhith a' cumail taic ri leasachadh poileasaidh air

planaichean eadar-ghluasad cothromach Riaghaltas na h-Alba. Tha an Co-ionad ag obair le luchd-ùidh nas fharsainghe gus plana freagarrachaidh ullachadh airson nan Eilean Siar, a' togail comas gus sgrùdaidhean GHG a lìbhrigeadh gu h-ionadail. Tha an Co-ionad cuideachd ag obair còmhla ri Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGI) gus trèanadh sgrùdaidh a bhith mar phàirt den phrògram seasmhachd aca.

Tha co-ionad Gnìomh Gnàth-shìde Earra-Ghàidheal is Bhòid ag obair a dh'ionnsaigh bogadh poblach aig an àm seo.

## Local Energy Scotland

Tha [Maoin nan Coimhearsnachdan Far a' Ghriod Dealain](#) air taic-airgid a thoirt gus coimhearsnachdan a chuideachadh gus na griodan dealain neo-eisimeileach ionadail aca a dhì-charbonachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach airson an àm ri teachd.

A bharrachd air seo, tha [Maoin nan Toglaichean Coimhearsnachd](#) a' toirt seachad prògram leantainneach de thaic do choimhearsnachdan, carthannasan agus buidhnean creideimh air feadh na h-Alba a' gabhail a-steach ann an coimhearsnachdan eileanach, gus na togalaichean aca a dhì-charbonachadh, agus gus na cunntasan lùths aca a lughdachadh.

**Gealltanais 9.2** Obraich le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air dòighean eile airson a bhith a' riaghladh sgudal, gu sònraichte a thaobh Ro-innleachd Eaconamaidh Cearcallach na h-Alba.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Anns a' Phrògram Riaghlaidh gheall sinn mapa slighe a chruthachadh gus ar targaidean ath-chuartachaidh agus sgudail airson 2025 agus às dèidh sin a choileanadh. Rinn sinn co-chomhairle air seo an-uiridh, a' gabhail a-steach [Measadh Buaidh Coimhearsnachdan nan Eilean](#). Thèid am mapa slighe mu dheireadh fhoillseachadh am-bliadhna. Tha sinn cuideachd air aontachadh Bile na h-Eaconamaidh Cearcallaich a thoirt a-steach ann an 2023 agus nì sinn Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach mar phàirt de seo.

Chaidh Bile na h-Eaconamaidh Cearcallaich (Alba) a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba san Ògmhios 2023 agus bha [Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach](#) na lùib.

Dh'fhoillsich sinn co-chomhairle thòiseachail air an Eaconamaidh Cearcallaich agus Mapa Slighe airson Sgudal sa Chèitean 2022 còmhla ri [Measadh Sgrìonaidh Coimhearsnachdan Eileanach](#), a' foillseachadh [mion-sgrùdadh co-chomhairleachaidh](#) ann an 2023. Chaidh dreachd Mapa Slighe gu 2030 ùraichte agus [measadh sgrìonaidh air coimhearsnachdan eileanach](#) fhoillseachadh air 18 Faoilleach 2024.

Tha an dreachd Mhapa Slighe a' mìneachadh ar dealas gus crìoch a chur air cleachdadh sgudal bith-chnàmhach a chur gu lìonadh-talmhainn bho 2025, agus tha sinn a' leantainn air adhart ag obair le ùghdarrasan ionadail, tro Zero Waste Scotland, gus taic a thoirt dhaibh gus fuasglaidhean ùra a chur an sàs gus an sgudal aca a riaghladh.

**Gealltanais 9.3** Obraich le ùghdarrasan ionadail gus an cuideachadh gus na targaidean ro-innleachdail aca a choileanadh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Ged nach eil targaidean reachdail aig ùghdarrasan ionadail fa leth airson atharrachadh na gnàth-shìde, tha targaidean nàiseanta airson atharrachadh gnàth-shìde agus tha àite cudromach aca ann a bhith a' cur ri seo. Tha grunn phrògraman agus sruthan maoineachaidh ag amas air ùghdarrasan ionadail san raon seo agus sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do seo, a' gabhail a-steach maoin bun-structair teàirrdseadh carbadan dealain, taic agus maoineachadh tro Aonad Taic nan Lìonraidhean Teas, Ro-innleachdan Teas Ionadail, taic airson ath-dhealbhan toglaichean/Teas ann an Togalaichean agus maoineachadh tro phrògram nan Oighreachdan Ionnsachaidh.

### Frèam Lìbhrigeadh na Gnàth-shìde

Tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba agus COSLA ag obair còmhla gus Frèam Lìbhrigeadh Gnàth-shìde (CDF) a chruthachadh agus a chur air bhog tràth ann an 2024. Tha Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas Ionadail ag aontachadh gum bu chòir dhuinn co-obrachadh àrach, goireasan a cho-roinn gus am bi barrachd luach ann, agus ùghdarrasan nàiseanta is ionadail a thoirt còmhla gus aghaidh a chur ri beàrnan agus gus buaidh a thoirt.

### Seirbheis Fiosrachaidh Gnàth-shìde

Tha sinn a-nis air Seirbheis Fiosrachaidh Gnàth-shìde na h-Alba (SCIS) a stèidheachadh, air a cho-mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail, a chuidicheas comhairlean gus comas a thogail gus eimiseanan air feadh na sgìre a lùghdachadh. Bheir an SCIS an fhianais, an lèirsinn agus an fhiosrachadh do na 32 ùghdarrasan ionadail uile, le fianais air fhiosrachadh le dàta den t-seòrsa a tha a dhìth orra airson leasachadh leantainneach air na planaichean gnìomh gnàth-shìde aca, agus na sgilean, eòlas agus misneachd gus na lèirsinnean sin a thaisbeanadh agus a chleachdadh gu h-èifeachdach gus an tèid an lìbhrigeadh air feadh na h-Alba. Bidh àite ro-chudromach aig an SCIS cuideachd ann a bhith a' toirt taic do Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail le bhith a' coileanadh nam molaidhean bho rannsachadh Inbhean Àrainneachdail na h-Alba bho chionn ghoirid air dleastanasan ùghdarrasan ionadail a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.

### A' cruthachadh stiùireadh reachdail ùr

Tha sinn a' cruthachadh Stiùireadh Reachdail ùr do bhuidhnean poblach, gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' cur an dleastanasan a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde an gnìomh. Tha sinn an dùil co-chomhairleachadh poblach air an dreachd stiùiridh fhosgladh as t-earrach 2024, le foillseachadh foirmeil air an stiùireadh ron Mhàrt 2025.

**Gealltanais 9.4** Obraich a dh'ionnsaigh a bhith a' cruthachadh eileanan le cothromachadh carboin agus a bhith a' toirt seachad ceannardas air atharrachadh na gnàth-shìde.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Às dèidh foillseachadh nam planaichean gnìomh atharrachadh gnàth-shìde coimhearsnachd aig pròiseact CNI san Ògmhios 2023, cuiridh sinn fòcas air buileachadh nam Planaichean Gnìomha Atharrachadh nan Gnàth-shìde agus air a bhith a' cruthachadh ro-innleachdan tasgaidh a tha ag amas air sruthan ionmhais a chleachdadh gus taic a chumail ris a' phròiseact.
- Tha sinn air obrachadh le riaghaltas Mhalta agus air buaidh a thoirt air a bhith a' cruthachadh poileasaidh air cumhachd aig muir dhan dùthaich. Tha sinn cuideachd air dàimh làidir a thogail le com-pàirtichean eileanach eile air feadh an t-saoghail agus tha sinn air Co-labhairt Rannsachadh Lùths Nòrdach airson Cothromachadh Carboin a chur air dòigh ann an Sealtainn sa Chèitean 2023.

Faic gealltanais 9.1 airson barrachd fiosrachaidh mu Eilean le Cothromachadh Carboin

Thairis air 2023, chùm sinn oirnn le conaltradh le com-pàirtichean eadar-nàiseanta gus eòlas nan eileanan Albannach a bhrosnachadh agus gus co-ionnsachadh a bhrosnachadh.

Anns a' Chèitean 2023, chuir Riaghaltas na h-Alba agus Rannsachadh Lùths Nòrdach (NER) sreath de bhùithtean-obrach dà latha air dòigh ann an Lerwick – ann an com-pàirteachas le Comhairle Shealtainn agus Ambasaid Innis Tìle dhan RA – gus iomlaid eòlais a dhèanamh a chur an comas eadar eòlaichean Albannach is Nòrdach air dùbhlain agus àrd-amasan coitcheann a thaobh comas lùths beag-carboin nan eilean. Dh'fhosgail Rùnaire a' Chaibineit Gougeon an tachartas. Tha còmhraidhean a' dol air adhart a-nis air mar as urrainn dhuinn togail air an tachartas agus dèanamh cinnteach gu bheil Alba fhathast an sàs ann an iomairtean air am brosnachadh le Lìonra nan Eileanan le Cothromachadh Carboin a chaidh a ghairm le NER.

Tha sinn cuideachd air co-obrachadh le Riaghaltas Vanuatu, a tha air ùidh a nochdadh ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mu theicneòlas agus sgilean cumhachd ath-nuadhachail stèidhichte ann an eilean na h-Alba. Tha sinn a' coimhead air dòighean gus taic a chumail ri co-obrachadh san fhad-ùine le Vanuatu air dì-charbonachadh eileanach.

A' togail air an obair a rinn sinn san fhad-ùine air obair na Buidhne Co-obrachaidh agus Leasachaidh Eaconamach (OECD) ann an eileanan agus sgìrean dùthchail, bha sinn sa chathair aig a' chiad bhùth-obrach de phròiseact ùr an OECD air Eaconamaidhean Eileanach ann an 2023.

A bharrachd air sin, chùm sinn bùth-obrach san Dàmhair 2023 far an robh oifigearan bho riaghaltas na h-Èireann, na Fionnlainn agus Croatia an làthair gus coimhead air cothroman ro-innleachdail gus eòlas a cho-roinn mu bhith a' cur an gnìomh phoileasaidhean agus reachdas a tha gu sònraichte do dh'eileanan.



**Gealltanais 9.5** Cuir planaichean freagarrachaidh seasmhach an sàs air eileanan a tha ann am barrachd cunnart bho atharrachadh gnàth-shìde, gan ceangal gu làidir ri planaichean leasachaidh airson nan eileanan sin.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh [Dynamic Coast 2](#), a tha a' comharrachadh pìosan den chosta a tha ann an cunnart bho bhleith mara, fhoillseachadh san Lùnastal 2021. Tha an obair seo a' beachdachadh air mar a dh'fhaodadh àrdachadh ann an ìre na mara san àm ri teachd cur ri bleith cladaich agus tuiltean cladaich air a dhèanamh nas miosa le bleith. Tha sinn a' brosnachadh chomhairlean gus planaichean freagarrachaidh cladaich ullachadh a' cleachdadh fianais bho Dynamic Coast. Chaidh buidseit a chuidicheas comhairlean le bhith a' planadh agus a' gabhail ceumannan gus freagarrachadh ri atharrachadh cladaich a sgaoileadh gu comhairlean anns an rèiteachadh tabhartais calpa coitcheann aca bho 2022-23.
- Chaidh [Stiùireadh Freagarrachadh Atharrachadh a' Chosta](#) fhoillseachadh ann an 2023. A' cumail air a bhith an sàs tro Phrògram Freagarrachaidh Alba le Compàirteachas Plana Coimhearsnachd Innse Gall agus Climate Hebrides gus taic a chumail ri leasachadh freagarrachaidh air a stiùireadh gu h-ionadail air feadh nan eilean. Conaltradh leantainneach le luchd-ùidh eileanach eile tro phròiseactan agus tachartasan togail comais nàiseanta.
- Tha eileamaid freagarrachaidh ann am planaichean gnìomh atharrachadh gnàth-shìde coimhearsnachd tro phròiseact Eileanan le Cothromachadh Carboin a chaidh fhoillseachadh san Ògmhios 2023.

Ann an 2023, tha prògram [Adaptation Scotland](#), a tha air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, air leantainn air adhart a' toirt taic do choimhearsnachdan eileanach agus ùghdarrasan ionadail le bhith:

- A' brosnachadh bhuidhnean poblach iomchaidh gus na dh'ionnsachadh iad mu atharrachadh na gnàth-shìde a cho-roinn tro Lìonra Atharrachadh Gnàth-shìde na Roinne Poblach. Am measg buill an lìonra tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle Shealtainn, agus Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean.
- A' cumail oirnn a' gabhail pàirt ann am Buidheann-obrach Atharrachadh na Gnàth-shìde aig Compàirteachas Plana Coimhearsnachd Innse Gall.
- A' comharrachadh agus a' faighinn maoinachadh ùr bhon taobh a-muigh airson obair fulangas gnàth-shìde ann an Innse Gall, a' gabhail a-steach gnìomhan mapaidh com-pàirteachail gus eòlas beatha air buaidhean gnàth-shìde agus prìomhachasan freagarrachaidh a ghlacadh.

Eadar am Faoilleach agus am Màrt 2023, dh'obraich Sniffer ann an com-pàirteachas le Cumhachd Coimhearsnachd Alba agus Oifigearan Leasachaidh Coimhearsnachd eileanach tro phrògram Adaptation Scotland, gus taic a chumail ri bhith a' gabhail a-steach freagarrachadh agus fulangas na gnàth-shìde ann am Pròiseact nan Eilean le Cothromachadh Carboin. Bha seo a' gabhail a-steach:

- Togail comais gus feumalachdan eileanach a stèidheachadh/tuigse air buaidhean agus freagarrachadh gnàth-shìde.

- A' coimiseanadh mion-sgrùdadh gnàthaichte air atharrachadh gnàth-shìde agus cladaich airson gach eilean, air a sholarachadh ann an cruth ruigsinneach, a tha furasta a mhìneachadh.
- A' cuideachadh le bùthan-obrach mapaidh eadar-ghnìomhach gus buaidhean gnàth-shìde agus prìomhachasan freagarrachaidh a sgrùdadh le buill coimhearsnachd.
- A' toirt seachad £3,000 de mhaoineachadh airson gach eilean airson gnìomhan co-cheangailte ri freagarrachadh agus ath-leumachd. Am measg nan gnìomhan maoinichte bha pròiseact gus bilearach-mara, sgeamaichean bìdh coimhearsnachd, goireasan airson a bhith a' tiormachadh fiodha ionadail agus stèiseanan sìde airson sgoiltean ionadail.

## Dynamic Coast

Chaidh Stiùireadh airson Planaichean Freagarrachaidh Atharrachadh Cladaich fhoillseachadh sa Ghearran 2023 agus tha e ri fhaighinn air làrach-lìn [Dynamic Coast](#).

Ann an 2022-2023, fhuair Comhairlean Earra-Ghàidheal is Bhòid, na Gàidhealtachd, Arcaibh agus Shealtainn £160,000 de mhaoineachadh calpa airson pròiseactan atharrachadh cladaich. Ann an 2023-2024, tha Comhairle nan Eilean Siar air £150,000 fhaighinn.

**Gealltanais 9.6** Obraich gu dlùth le com-pàirtichean eileanach, sealbhadair na lìonra agus an luchd-ùidh cudromach uile, gus na molaidhean a tha ann mar-thà gus ceanglaichean sgaoilidh dealain a chruthachadh ri tìr-mòr na h-Alba a chur an gnìomh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh gu dlùth le ùghdarrasan ionadail eileanach agus le gnìomhachas gus na cunnartan agus na cothroman a mheasadh fhad 's a tha pròiseactan cumhachd gaoithe eileanach a' teannadh air ceann-latha cuairt riarachadh Contract for Difference (CfD) na bliadhna-sa.
- Cumaidh Ministearan na h-Alba orra a' dèanamh soilleir do Ofgem gum feum na co-dhùnidhean aige air ceanglaichean eileanach aire nas mionaidiche a thoirt air an riatanas gum feum cothromachadh carboin a bhith ann, agus dòigh-obrach nas sùbailte a bhith ann air tasgaidhean ro-innleachdail ro-chudromach mar seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair leis a h-uile neach-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil ath-leasachaidhean agus leudachadh air a' ghriod dealain làidir agus gu bheil e ag obair a chùim maith na h-Alba, a' gabhail a-steach ar coimhearsnachdan eileanach.

Tha riaghladh lìonraidhean dealain glèidhte do riaghaltas na RA. Chan eil ròl sam bith aig Riaghaltas na h-Alba ann an riaghladh lìonraidhean ach a-mhàin sa phròiseas ceadachaidh reachdail. Ach, tha sinn a' conaltradh le Riaghaltas na RA, luchd-riaghlaidh, ESO a' Ghriod Nàiseanta agus Sealbhadairean Tar-chuir na h-Alba gus an tèid bun-structair lùths ro-chudromach a libhrigeadh ann an deagh àm (a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an Arcaibh, san Eilean Sgitheanach agus sna h-Eileanan an Iar).

Cumaidh ceanglaichean tar-chuir nan Eilean Siar (1.8 GW), Shealtainn (600 MW) agus Arcaibh (220 MW) taic ri fàs leantainneach ann an cumhachd ath-nuadhachail agus dì-charbonachadh choimhearsnachdan anns na h-eileanan, agus bidh seo cuideachd a' cruthachadh grunn bhuannachdan eaconamach is àrainneachdail air feadh nan eilean.

**Gealltanais 9.7** Obraich le Com-pàirteachasan Seasmhachd agus solaraichean lùths gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air seasmhachd lìonraidhean solar lùths nan eileanan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leanaidh Buidheann-stiùiridh Ro-innleachdail Lìonraidhean Lùths Riaghaltas na h-Alba (*Energy Networks Strategic Leadership Group*) air adhart mar fhòram cudromach airson beachdachadh air leasachadh lìonraidhean lùths na h-Alba.
- Tha sinn a' feitheamh ri toraidhean dreachd phlanaichean gnothaich a chuirear a-steach gu Ofgem san Dùbhlachd a bheir buaidh air an dòigh-obrach againn sa bhliadhna ri teachd.

Ged a tha poileasaidh agus riaghladh a thaobh lìonraidhean dealain glèidhte do Riaghaltas na RA, tha iad seo nan cùisean ro-chudromach do Riaghaltas na h-Alba. Bidh sinn a' conaltradh gu cunbhalach leis na companaidhean lìonraidh a thaobh am planaichean gnìomhachais, agus mu an gnìomhachd san fharsaingeachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir poileasaidhean agus àrd-amasan Riaghaltas na h-Alba. Bha seo a' gabhail a-steach planaichean RIIO - ED2 a chaidh a dhearbhadh le Ofgem san t-Samhain 2022 airson na h-ùine smachd prìsean bho 1 Giblean 2023 gu 31 Màrt 2028.

**Gealltanais 9.8** Obraich le luchd-ùidh co-cheangailte ri còmhhdail gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean còmhhdail air feadh nan eilean cho lùths-èifeachdach agus math dhan àrainneachd 's a ghabhas.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Còmhhdail Alba air co-chomhairle a dhèanamh mu bhith a' cruthachadh ro-innleachd air seirbheisean adhair (dhùin seo air 21 Faoilleach 2022). Cuidichidh na freagairtean sinn gus co-dhùnadh ciamar a ghabhas na gealltanais a chaidh a chomharrachadh air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a thoirt air adhart:
- Tha sinn air aontachadh tursan adhair sgeidealichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040.
- Amas a' chiad sgìre adhair gun eimiseanan a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL).
- A' sgrùdadh a' chomais gus itealan gun eimiseanan/beag-eimisein a cheannach.

- Cùm oirnn a' sgrùdadh a' chomais airson stòrasan lùths haidhbrid is carbon ìosal a chleachdadh ann an cabhlach mara na roinne poblaich mar phàirt den phrògram shoithichean ùra againn.
- A bharrachd air seo, mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, nì sinn rannsachadh agus co-chomhairle air slighean gu aiseagan beag-eimisein/gun eimiseanan.
- Bheir sinn taic do gach ùghdarras eileanach gus ro-innleachd agus planaichean leasachaidh a chruthachadh airson teàirrdseadh poblach do charbadan dealanach.
- Tro sgeamaichean leithid Maoin Bun-structair nan Carbadan Dealain, bheir sinn taic do dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' gabhail a-steach sgìrean dùthchail agus eileanach gus gluasad a dh'ionnsaigh còmhdhail rathaid gun eimiseanan.

San Ògmhios 2023, dh'fhoillsich sinn [A Network Fit For The Future: Vision for Scotland's Public electric Vehicle Charging network](#), a tha a' mìneachadh a' chruth a dh'fhaodadh a bhith air lìonra teàirrdsidh do càraichean is bhanaichean dealanach, le feumalachdan choimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail ionadail aig cridhe seo.

Tha na sia ùghdarrasan ionadail Albannach le uallach airson eileanan air ro-innleachd teàirrdseadh EV poblach agus planaichean leudachaidh a chruthachadh agus a chur gu Còmhdhail Alba. Tha na ro-innleachdan sin a' sealltainn gu bheil grunn dhòighean-obrach gan cleachdadh gus an urrainn dhan roinn phrìobhaidich obrachadh le ùghdarrasan ionadail gus tasgadh a dhèanamh ann an teàirrdseadh poblach do charbadan dealanach, a' sealltainn nan dùbhlain le bhith a' tàladh na h-ìre de thasgadh san roinn phrìobhaidich a dh'fheumar gus riatanasan teàirrdsidh nan carbadan dealan san àm ri teachd a choileanadh.

Leanaidh Còmhdhail Alba agus a com-pàirtichean orra ag obair le ùghdarrasan ionadail gus dèiligeadh ris na dùbhlain sin, a' gabhail a-steach nan suidheachaidhean sònraichte aca, a' dèanamh cinnteach nach bi coimhearsnachdan eileanach air am fàgail air dheireadh nuair a bhios lìonra teàirrdseadh poblach na h-Alba a' fàs agus a' leasachadh.

Mar phàirt den taic a tha ri fhaighinn, tha an Energy Saving Trust air [lùl bun-structair carbadan dealanach](#) a chruthachadh, le goireas air-loidhne a gheibh duine sam bith aig a bheil ùidh no an a tha an sàs ann a bhith a' dealbhadh agus a' stàladh teàirrdseadh carbadan dealanach.

**Gealltanais 9.9** Lean air obrachadh gus an comas aig cumhachd ath-nuadhachail a choileanadh, an dà chuid gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus mar nì a bhios a' cur air adhart fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh an dreachd Ro-innleachd Lùths agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach (ESJTP) fhoillseachadh airson co-chomhairle san Fhaoilleach 2023. Tha an dreachd ESJTP a' cur air adhart còrr is 150 gnìomh, a bharrachd air a bhith a' dèanamh co-chomhairle air gnìomhan eile, gus cuideachadh le bhith a' meudachadh an eadar-ghluasaid gu cothromachadh carboin. Tha e ag amas air eadar-ghluasad lùths cothromach a lìbhrigeadh a bhios na bhuannachd do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach, agus a' toirt seachad obraichean àrd-inbhe agus buannachd eaconamach, prìsean ruigsinneach, agus a' dìon ar n-àrainneachd agus tèarainteachd lùths. Thèid Measadh Buidh Eileanach a dhèanamh airson an ESJTP mu dheireadh.

Tha sinn a' toirt fàs air lùths ath-nuadhachail agus a' gabhail cheumannan gus cruth atharrachadh agus leudachadh a thoirt air roinn dèanamh lùths na h-Alba. Tha na sgilean, tàlant agus stòrasan nàdarra uile aig Alba a dh'fheumas i airson a bhith na prìomh dhùthaich ann an lùths ath-nuadhachail aig ìre na cruinne. Dh'fhaodadh ar n-àrd amas airson 20GW a chur ri lùths ath-nuadhachail ann an Alba cumhachd a thoirt do gach taigh ann an Alba airson còrr is 7 bliadhna.

Chaidh dreachd [Ro-innleachd Lùths agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach](#) farsaing fhoillseachadh airson co-chomhairle air 10 Faoilleach 2023, a' mìneachadh ar lèirsinn airson siostam lùths le cothromachadh carboin san àm ri teachd. Tha sinn an dùil gum foillsichear an ro-innleachd mu dheireadh ron t-samhradh 2024.

Tron phròiseas dealbhaidh mara roinneil againn, tha sinn a' cumail oirnn ag obair le luchd-ùidh gus beachdachadh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig cuairtean màil ScotWind agus INTOG air àrainneachd na mara agus roinnean mara eile, a bharrachd air a' mhaothachadh agus an lasachadh a bhios a dhìth.

**Gealltanais 9.10** Obraich le coimhearsnachdan, croitearan, tuathanaich agus uachdarain-fearainn gus coilltean a mheudachadh sna h-eileanan, ag aithneachadh amasan nas fharsaingeach airson cleachdadh fearainn.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Coilltearachd Alba air a' toirt taic do chruthachadh choilltean seasmhach anns na h-eileanan tro Sgeama Thabhartasan Coilltearachd.
- Cumaidh Coilltearachd na h-Alba air cuideachd a bhith ag obair le raon de chom-pàirtichean a' gabhail a-steach an Woodland Trust agus Urras An Rubha agus Shanndabhaig a libhrigeadh Pròiseact Coilltean Croite, a tha a' còmhachadh gach eilean a' gabhail a-steach Earra-Ghàidheal agus Arainn, a' toirt seachad comhairle agus taic do chroitearan.

## Coilltearachd Alba

Tha Sgeama Thabhartasan na Coilltearachd a' leantainn air adhart a' cumail taic do chruthachadh choilltean seasmhach. Ann an 2023, chaidh cùmhnanan tabhartais a shoidhnigeadh airson naoi sgeamaichean cruthachadh choilltean anns na h-Eileanan a Tuath agus an Iar: trì ann an Sealtainn, dà ann an Leòdhas, dà san Eilean Sgitheanach, tè ann an Uibhist a Tuath agus tè anns na Hearadh. Cruthaichidh na sgeamaichean seo còrr is 30 heactair de choille ùr agus bidh luach iomlan aig seo de cha mhòr £270,000.

Tha Sgeama Thabhartasan na Coilltearachd a' gabhail a-steach prìomh roghainn shònraichte do chroitearan anns na h-Eileanan a Tuath, na h-Eileanan Siar agus siorrachdan croitearachd, far a bheil e gu tric nas daoire craobhan a chur.

Tha Coilltearachd Alba a' cumail air ag obair le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Urras nan Coilltean agus Urras an Rubha is Shanndabhaig, gus Pròiseact Coilltean Croite a libhrigeadh, a tha a' gabhail a-steach nan eilean air fad agus a tha a' tabhann comhairle agus taic an-asgaidh do chroitearan gus coilltean a chur agus a stiùireadh. Tha am pròiseact air taic a thoirt do leudachadh nach beag ann an cur choilltean le croitearan.

Tha Coilltearachd Alba cuideachd a' toirt taic dhan Integrating Trees Network, lìonra taisbeanaidh de thuathanaich is chroitearan air feadh na h-Alba a tha air craobhan a chur, a bhios a' toirt seachad fiosrachadh agus taic do thuathanaich is do chroitearan eile a tha a' beachdachadh air craobhan a chur, a' gabhail a-steach an fheadhainn sna h-eileanan.

## Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn

Air fhoillseachadh sa Mhàrt 2021, tha an treas [Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn](#) do dh'Alba a' mìneachadh lèirsinn agus amasan fad-ùine Riaghaltas na h-Alba airson cleachdadh fearainn seasmhach. Tha an Ro-innleachd seo a' gabhail a-steach dòigh-obrach ùr aig ìre cruth-tìre gus coimhead air cùisean co-cheangailte ri cleachdadh-fearainn, a' toirt seachad sealladh nas coileanta air na dòighean anns a bheil sinn an eisimeil fearann ann an Alba agus a' sealltainn nan diofar iarrtasan agus buannachdan a gheibh sinn bhon fhearann againn. Tha an dòigh-obrach seo ag aithneachadh gur ann dìreach tro bhith a' tuigsinn nan diofar dhàimhean, a tha uaireannan a' strì

ri chèile, as urrainn dhuinn coimhead air a' chothromachadh a dh'fheumar gus an urrainn dhan fhearann againn cur gu seasmhach ri ar prìomhachasan fad-ùine nàiseanta.

Thathar an dùil an ceathramh tionndadh de Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn na h-Alba fhoillseachadh tràth ann an 2026 agus tòisichidh obair air seo as t-earrach 2024.

**Gealltanais 9.11** Cuir na tèaman a bhith a' coileanadh thargaidean a thaobh eimiseanan agus a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde aig cridhe na h-obair deasachaidh air Frèam Planaidh Nàiseanta 4.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2022. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2022](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 9.12** Cùm taic ri atharrachadh gnìomhachas tuathanachas-uisge agus iasgach na h-Alba.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdairean iasgaich nan eilean a' cur ri cruthachadh ro-innleachd agus prìomhachasan co-rèiteachaidh iasgach bliadhnail.

## Co-rèiteachaidh Iasgaich

Thàinig co-rèiteachadh le com-pàirtichean a tha nan Stàitean Costa gus crìochan glacaidh agus ceumannan riaghlaidh a shuidheachadh airson stocan air an co-riaghladh ann an 2024 gu crìch san Dùbhlachd 2023.

Ann an co-rèiteachaidhean, 's e ar prìomhachas as motha daonnan a bhith a' dìon leas na h-Alba le bhith a' faighinn chothroman glacaidh seasmhach. Tha na h-aontaidhean a chaidh a ruighinn airson 2024 a' gabhail a-steach grunn deagh bhuilean do dh'Alba, a' toirt deagh chothroman do shoithichean agus coimhearsnachdan cladaich, agus a' togail air soirbheas nan còmhruidhean an-uiridh.

Mar as àbhaist, bha dlùth chonaltradh le luchd-ùidh thar gach roinn ro-chudromach ann an shoirbheachas nan còmhruidhean. Rinn oifigearan co-chomhairle le raon farsaing de luchd-ùidh ro, agus rè, na còmhruidhean, agus bha na beachdan aca cudromach ann a bhith a' cruthachadh ar seasamhan agus ro-innleachdan barganachaidh. Cumaidh oifigearan orra a' conaltradh ri luchd-ùidh gu cunbhalach tron bhliadhna, a' dèanamh seo tro ghrunn diofar fhòraman. Tha seo a' gabhail a-steach Buidheann Riaghladh agus Glèidhteachas Iasgaich (FMAC), co-chomhairle foirmeil is neo-foirmeil, agus frithealadh aig làn sheiseanan a chaidh a chumail aig àm nan co-rèiteachaidhean.

## Lèirsinn Eaconamaidh Ghorm

Dh'ainmich Ministearan na h-Alba gu bheil iad am beachd Plana Mara Nàiseanta (NMP2) ùr a chruthachadh anns a' Phrògram Riaghlaidh a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2022.

Agus e a' co-thaobhadh le [Lèirsinn Eaconamaidh Ghorm na h-Alba](#), cuidichidh NMP2 gus dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde agus nàdair na cruinne le bhith a' libhrigeadh riaghladh seasmhach air ar n-àite mara co-roinnte mòr airson math na h-Alba air fad. Bidh NMP2 a' cleachdadh dòigh-obrach eaconamaidh ghorm, a' beachdachadh air ar n-eaconamaidh mara, coimhearsnachdan ionadail, agus an àrainneachd còmhla. Cuidichidh seo gus am frèam planaidh ceart a chur an sàs gus aghaidh a chur air an àrdachadh ann am farpais airson spàs mara, agus aig an aon àm a' dìon roinnean mara seasmhach agus ag aithneachadh cho cudromach 's a tha roinnean sònraichte, leithid iasgach, do ar coimhearsnachdan cladaich is eileanach.

## Tuathan-uisge agus lasgach mar Chur-seachad

Chaidh an [Lèirsinn airson Tuathan-uisge Seasmhach](#) fhoillseachadh san Iuchar 2023. Tha e ag amas air taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach tro bhith a' cuimseachadh air buannachdan sòisealta is eaconamach maireannach.

Bidh feum air tasgadh ann an teicneòlasan agus cleachdaidhean obrach ùra, a chuidicheas gus seasmhachd ghnìomhachasan is choimhearsnachdan eileanach a thogail. Thèid seo a choileanadh tro ùr-ghnàthachadh agus co-obrachadh gus grunn bhuilean a thoirt gu buil a tha a' gabhail a-steach libhrigeadh ann an lùghdachadh eimiseanan a rèir targaidean gnàth-shìde, a' cruthachadh planaichean seasmhachd gnàth-shìde, a' cleachdadh stuthan biadhaidh bho thùsan freagarrach agus a' cruthachadh barrachd cleachdaidhean airson sgudal san eaconamaidh chearcallaich.

Cumaidh sinn oirnn a' sgrùdadh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde air tuathanachas-èisg agus air lasachaidhean tron Fhrèam Slàinte Èisg Tuathanais againn, le fòcas air àrdachadh mairsinneachd èisg agus lùghdachadh call eaconamach tro thachartasan co-cheangailte ri atharrachadh na gnàth-shìde leithid blàthan ailgeach a nì cron.

## Riaghladh Iasgaich

Mar phàirt de [Ro-innleachd Riaghladh Iasgach na h-Alba](#), tha sinn air gealltainn plana gnìomh atharrachadh na gnàth-shìde a chruthachadh airson iasgach mara ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh. Tha sinn air farsaingeachd de rannsachadh bun-loidhne a dhèanamh, agus tha sinn air aontachadh buidheann luchd-ùidh atharrachadh na gnàth-shìde a stèidheachadh gus gnìomhachd a chuimseachadh agus gus prìomh ghnìomhan a chomharrachadh gus adhartas a dhèanamh. Tha sinn cuideachd air maoin eachadh a ghealltainn tro Mhaoin Mara na h-Alba gus taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachadh agus leasachadh air fuasglaidhean gus soithichean atharrachadh gus am bi iad nas fheàrr a thaobh na h-àrainneachd.

Tha sinn ag obair còmhla ri luchd-foghlaim agus luchd-ùidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhunait dàta agus eòlais againn air a leasachadh gus ar cuideachd gus tuigsinn mar a dh'fhaodadh feum a bhith againn ar poileasaidhean agus ar cleachdaidhean iasgaich atharrachadh san àm ri teachd, gus am bi an roinn ath-leumach a thaobh na gnàth-shìde. Chan e rud a



tha seo as urrainn do Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh leis fhèin. Bidh dòigh-obrach co-stiùiridh againn gus na fuasglaidhean ceart a chomharrachadh agus a chur an gnìomh.

Tha neartachadh na bunait fianais airson freagarrachadh na gnàth-shìde air leth cudromach airson buileachadh poileasaidh agus ann a bhith a' coileanadh amasan poileasaidh freagarrachaidh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde. Ann an 2023, choimisean sinn rannsachadh bho ClimateXChange (CXC) a bha ag amas air poileasaidhean iasgaich na h-Alba fhiosrachadh a tha a' feuchainn ri dèiligeadh ris a' bhuaidh a tha a' sìor fhàs bhon ghnàth-shìde agus searbhadh nan cuantan air iasgach na h-Alba. Bheir an rannsachadh seo lèirsinnean luachmhor agus fianais shaidheansail dhuinn a chuireas ri bhith a' cruthachadh modhan riaghlaidh freagarrachaidh làidir ann an Alba.

**Gealltanais 9.13** Obraich le raon de luchd-ùidh gus plana gnìomha a chruthachadh gus seasmachd thogalaichean a tha ann an cunnart bho thuiltean a leasachadh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh sinn oirnn ag obair le luchd-ùidh gus Plana Gnìomh *Living with Flooding*, a chaidh ath-sgrùdadh ann an 2021 a libhrigeadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail orra le taic do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach gus an cunnart bho thuiltean do choimhearsnachdan a lùghdachadh. Tha sinn air £38 millean de mhaoineachadh a thoirt do Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath airson Sgeama Dìon Tuiltean Costa Phort a' Mhuillein ann an Eilean Chumaraidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' toirt seachad maoinachadh do [dh'Fhòram Thuiltean na h-Alba](#) a bhios a' toirt comhairle agus fiosrachadh do dhaoine fa leth air feadh na h-Alba gus an cuideachadh gus an dachaighean a dhìon bho thuiltean (no gus faighinn seachad air tuiltean).

Bidh sinn a' co-chomhairleachadh air Ro-innleachd Seasmachd Thuiltean ùr do dh'Alba ann an 2024. Tha an Ro-innleachd ag amas air cruth-atharrachaidh a thòiseachadh air stiùireadh thuiltean gus dèanamh cinnteach gum bi ìre sheasmach de dhìon tuiltean aig Alba.

**Gealltanais 9.14** Obraich le ùghdarrasan ionadail gus seirbheisean ath-chuairteachaidh agus seirbheisean sgudal bìdh a neartachadh ann an coimhearsnachdan eileanach

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- A' leantainn air adhart le cruthachadh mapa slighe airson targaidean sgudail is ath-chuairteachaidh na h-Alba gu 2025 agus nas fhaide air adhart a bhios a' gabhail a-steach Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach agus do choimhearsnachdan gus càileachd is meud ath-chuairteachaidh àrdachadh agus gus ruigsinneachd air goireasan is seirbheisean ath-chleachdadh is ath-chuairteachaidh

a leudachadh. Tha sinn a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail a tha stèidhichte sna h-eileanan gus pròiseactan leantainneach a libhrigeadh bhon Mhaoin Leasachaidh Ath-chuartachaidh (RIF) luach £70m. Chaidh maoineachadh de £846,012 a thoirt do Chomhairle nan Eilean Siar gus comas sgudail is ath-chuartachaidh a bharrachd a thoirt seachad le bhith a' cur ri faotainneachd bhionaichean agus bhancaichean glainne dhan phoball, a bharrachd air carbad dealain gus leudachadh a thoirt air ath-chuairteachadh ann an sgìrean dùthchail. Tha libhrigeadh a' phròiseict a-nis deiseil agus thathar an dùil measadh a dhèanamh air a' bhuaidh.

Fhuair Comhairle Shiorrachd Àir a Tuath £74,535 gus taic a chumail ri obair leasachaidh air Ionad Ath-chuartachaidh Sgudail Taighe (a' gabhail a-steach Tràigh a' Chaisteil ann an Eilean Arainn). Fhuair Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid £891,945 gus taic a chumail ri leasachaidhean air bun-structair ath-chuairteachaidh aig sia ionadan Ath-chuartachaidh Sgudail Taighe, a' gabhail a-steach còig ionadan eileanach ann an Ìle, Muile, Colla, Colbhasa agus Tiriodh. Chaidh maoineachadh de £4,875 air a thoirt do Chomhairle Arcaibh cuideachd gus bun-structair ath-chleachdaidh aig Ionad Ath-chuartachaidh Hatston a leasachadh.

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am [Bile na h-Eaconamaidh Cearcallaich \(Alba\)](#), tha sinn cuideachd an dùil pròiseas co-dhealbhachaidh ùr a chur air bhog airson Còd Cleachdaidh Ath-chuartachaidh Dachaigheil Àrd-inbhe ath-sgrùdaichte, a thèid a chur air stèidh reachdail. Ag obair còmhla ri luchd-ruith sheirbheisean agus dachaighean, bheir seo feart air suidheachadh ionadail agus feumalachdan choimhearsnachdan eileanach gus inbhean seirbheis a dhealbhadh. Bidh am pròiseas seo a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh ar gealltanais gus co-chomhairle a chumail air an t-saoradh dùthchail làithreach agus air riatanasan seòrsachaidh bidh airson cruinneachadh sgudal bìdh.

**Gealltanais 9.15** Obraich gu dlùth le prìomh luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun cluinnear guthan muinntir nan eilean, a' coileanadh eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh carboin, agus gum faigh eileanan buannachd às an iomadh cothrom a tha co-cheangailte ri eaconamaidh uaine agus seasmhach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Nì sinn conaltradh air dreachd de Ro-innleachd Lùths nan Eilean a mhinicheas dòigh-obrach airson dì-charbonachadh airson coimhearsnachdan Eileanach na h-Alba.
- Tha sinn air aontachadh Plana Eadar-ghluasad Cothromach fhoillseachadh mar phàirt den Ro-innleachd Lùths ùraichte – bidh seo a' gabhail a-steach conaltradh farsaing leis an fheadhainn air am faodadh eadar-ghluasad lùths buaidh a thoirt, a' gabhail a-steach sna h-eileanan.
- Foillsichidh sinn cuideachd plana roinneil airson Eadar-ghluasad Cothromach airson Cleachdadh Fearainn agus Àiteachas, a thèid a dhèanamh ann an co-bhonn le luchd-ùidh iomchaidh. Bidh buaidh air eileanan na prìomh cheist.

Faic gealltanais 9.9 airson barrachd fiosrachaidh mun [dreachd Ro-innleachd airson Lùths agus Eadar-ghluasad cothromach](#).

## **Eileanan le Cothroman Carboin**

Tha pròiseact nan Eileanan le Cothromachadh Carboin a' leantainn air adhart ag obair gu dìreach le sia eileanan gus tuigse fhaighinn air na ceumannan a tha iad airson a ghabhail gus dì-charbonachadh. Tha an dòigh-obrach bhon bhonn suas air a bhith na phrìomh phàirt den phròiseact. Tha sinn a' toirt taic do bhuidheann "acair" anns gach eilean a bhios a' fastadh Oifigearan Leasachaidh Coimhearsnachd gus a dhol an sàs leis na coimhearsnachdan aca agus gus cur ri libhrigeadh a' phròiseict.

Taobh a-staigh an structair seo tha gach eilean air Plana Gnìomh Coimhearsnachd airson Atharrachadh Gnàth-shìde a cruthachadh, ag aithneachadh guth gach eilein agus mar a bhiodh iad fhèin airson dì-charbonachadh.

## **Plana Cleachdadh Fearainn agus Eadar-ghluasad Cothromach do dh'Àiteachas**

Bidh am Plana Cleachdadh Fearainn agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach do dh'Àiteachas, a tha ga chruthachadh an-dràsta, a' cuimseachadh air bith-beò, sgilean, slàinte, agus sunnd nan daoine a tha ann, agus a tha an eisimeil, roinn fearainn is àiteachais na h-Alba airson am beòshlaint agus an sunnd, a bharrachd air a bhith ag amas air cumail suas agus a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach a tha soirbheachail. Mar phàirt de ghealltanais Riaghaltas na h-Alba a thaobh co-dhealbhaidh agus co-leasachadh, tha sreath farsaing de thachartasan is bhùithtean-obrach, gach cuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne, air tachairt air feadh na dùthcha. Bha seo a' gabhail a-steach 11 bùithtean-obrach stèidhichte sa choimhearsnachd, tè dhiubh air a cumail ann Arainn agus tè eile anns na Hearadh. Leanaidh conaltradh air adhart le luchd-ùidh dùthchail agus eileanach nuair a bhios am Plana a' dol air adhart. Thathar an dùil gun tèid an dreachd phlana fhoillseachadh airson co-chomhairle ann an 2024.

## **Planadh Roinneil airson Eadar-ghluasad Cothromach**

Tha sinn air gealltainn planaichean eadar-ghluasad cothromach roinneil a chruthachadh rè na pàrlamaid seo agus bidh sinn a' mìneachadh na dòigh-obrach a tha san amharc againn ann an 2024. Obraichidh sinn le prìomh chom-pàirtichean, a' gabhail a-steach Coimisean an Eadar-ghluasaid Chothromaich, com-pàirteachasan roinneil a th' ann mar-thà, Ùghdarrasan Ionadail, buidhnean coimhearsnachd, luchd-obrach agus gnìomhachais.

Bidh planaichean eadar-ghluasad cothromach ag amas air dùbhlain agus cothroman a tha mu choinneamh roinnean a mhìneachadh, a' feuchainn ri gnìomhan iomchaidh a chomharrachadh gus an lasachadh agus an toirt gu buil. Bidh seo stèidhichte air gealltanais a bhith a' dèanamh conaltradh farsaing agus a bhith a' co-dhealbhaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn air an toir an t-eadar-ghluasad a' bhuidh as motha, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-obrach, an sàs tron phròiseas air fad.

# Coimhearsnachdan Eileanach le Cumhachd agus Com- pàirteachasan Ionadail Làidir

## Amas ro-innleachdail 10 – Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte

**Gealltanais 10.1** Dh'aontaich sinn an t-Ath-sgrùdadh air Riaghladh Ionadail a thoirt air adhart le COSLA gus siostam de dheamocrasaidh ionadail a chruthachadh a bhios in-ghabhalach agus a bheir deagh bhuaidh air beathannan dhaoine;

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha an dealas fhathast ann a bhith a' crìochnachadh a' Cho-Lèirmheas Riaghladh Ionadail (LGR) le COSLA agus gus na co-dhùnaidhean a bhuileachadh tro Bhile taobh a-staigh na pàrlamaid seo. Tha an Lèirmheas air Riaghladh Ionadail na phrìomh phàirt den dòigh-obrach iomlan againn a thaobh Ath-leasachadh Seirbheisean Poblach agus an dàimh ri riaghaltas ionadail san àm ri teachd. Tha sinn a' dèanamh adhartas le bhith a' libhrigeadh rùintean poileasaidh farsaing an Lèirmheis air Riaghladh Ionadail tro ghrunn diofar shlighean. Tha an Cùmhnant Ùr airson Riaghaltas Ionadail agus gealltanaisan ùra air Cìs Luchd-tadhail Ionadail agus cìs comhairle air dàrna dachaighean/seilbh a tha falamh san ùine fhada uile nan atharrachaidhean susbainteach a bheir cumhachd do riaghaltas ionadail. Tha cuid de na h-ath-leasachaidhean sin gan toirt air adhart, mar a tha iomchaidh, tro na dòighean reachdail sònraichte aca fhèin.
- Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' cumail orra ag obair le com-pàirtichean ionadail ann an Arcaibh agus sna Eileanan an Iar gus sgrùdadh a dhèanamh air na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an cois mhodailean Ùghdarras Shingilte. Tha an obair seo a dh'fhaodadh buaidh fharsaing a thoirt, aig ìre thràth agus tha sinn mothachail gum faodadh ùidh a bhith aig comhairlean eile ann.

Tha am Prògram airson Riaghaltas 2023-2024 a' mìneachadh na ceumannan a tha sinn an dùil a ghabhail gus an Lèirmheas Riaghlaidh Ionadail a thoirt air adhart. Dhaingnich sinn gun obraich sinn le ùghdarrasan ionadail eileanach le àrd-amas rèiteachaidhean riaghlaidh eile a chruthachadh, a' gabhail a-steach modailean leithid Ùghdarrasan Singilte, agus gus ath-leasachaidhean sònraichte airson àiteachan a bheir seachad an comas as motha piseach a thoirt air builean do mhuinntir an àite. Dhaingnich sinn cuideachd gun cuir sinn crìoch air a' chòmhradh nàiseanta *Democracy Matters* agus gun cleachd sinn na co-dhùnaidhean gus rèiteachaidhean ùra aontachadh gus co-dhùnaidhean in-ghabhalach nar bailtean-mòra, bailtean-beaga agus nàbachdan.

Tha comhairlean Earra-Ghàidheal is Bhòid, Arcaibh agus nan Eilean Siar uile air ùidh a nochdadh ann a bhith a' cruthachadh mhodailean riaghlaidh gus co-dhùnaidhean mu sheirbheisean poblach deatamach amalachadh barrachd ann an dòighean a fhreagras

air suidheachaidhean ionadail. Obraichidh sinn le com-pàirtichean ionadail anns gach suidheachadh gus rèiteachaidhean eile a chruthachadh a sheallas comas làidir airson piseach a thoirt air builean do mhuintir an àite, neo-ionannachd a lughdachadh agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd ionmhasail ann san fhad-ùine.

Tha an còmhradh *Democracy Matters* ag iarraidh air daoine air feadh na h-Alba beachdachadh air mar a dh'fhaodadh rèiteachaidhean ùra airson co-dhùnaidhean nar coimhearsnachdan obrachadh anns na h-àiteachan as aithne dhaibh fhèin. Chuir Riaghaltas na h-Alba agus COSLA an dàrna ìre den chòmhradh air bhog san Lùnastal 2023 a mhaireas fad 6 mìosan. Tha maoin thabhartasan beaga air coimhearsnachdan a chuideachadh gus an còmhradh aca fhèin a chumail. A bharrachd air seo, tha Ionad Leasachaidh Coimhearsnachd na h-Alba agus Comann Urrasan Leasachaidh na h-Alba a' cur chòmhradh air dòigh le beagan choimhearsnachdan eadar-mheasgte, nam measg coimhearsnachdan ann am Muile agus san Eilean Sgitheanach. Foillsichidh sinn co-dhùnaidhean nan tagraidhean uile a gheibhear as t-earrach 2024.

**Gealltanais 10.2** Thoir taic do phròiseasan com-pàirteachaidh gus guth làidir a thoirt do choimhearsnachdan eileanach ann an cur an gnìomh a' Phlana.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sinn a' cumail oirnn ag obair leis a' Bhuidhinn Ro-innleachdail Nàiseanta air Buidseatadh Com-pàirteachail, a tha na buidheann neo-eisimeileach a tha an urra ri fiosrachadh a chruthachadh air Buidseatadh Com-pàirteachail agus a bhith a' togail comas air feadh na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil an cleachdadh as fheàrr ann. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh gach ràithe.
- Tha sinn a' cumail oirnn ag obair leis a' bhuidhinn ro-innleachdail gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a ghabhas buidseatadh com-pàirteachail a chleachdadh mar inneal conaltraidh ùr-ghnàthach gus dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri slàinte is sunnd, foghlam, taigheadas agus ceartas na gnàth-shìde.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair ann an com-pàirteachas le COSLA gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh a' ruighinn an targaid gum bi co-dhiù 1% den bhuidseat aca gan toirt seachad tro bhuidseatadh com-pàirteach, a' toirt guth dìreach do dhaoine ionadail air mar a thèid faisg air £100m a chosg.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air adhart a' toirt taic do sgioba com-pàirteachaidh poblach COSLA, aig an robh fòcas sònraichte air a bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh CONSUL, bathar-bog com-pàirteachaidh saoranach. Chaidh CONSUL eadar-theangachadh dhan Gàidhlig, ga dhèanamh comasach pròiseasan conaltraidh coimhearsnachd air-loidhne a chumail sa Ghàidhlig.
- Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum feum cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brìoghmhor, adhartach agus seasmhach. Leanaidh sinn oirnn le co-chomhairleachadh agus co-obrachadh cunbhalach leis na coimhearsnachdan eileanach againn.

- Tha an dà chuid [Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean](#) agus [Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Chaidh Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean buntainneach ann a bhith a' dealbhadh fhuasglaidhean do na dùbhlain a tha ro eileanaich, agus bidh a' Bhuidheann Lìbhrigidh a' dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh air adhart ann an dòigh cho-obrachail a tha an dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth leis an dà bhuidhinn seo a thaobh libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

## Buidseatadh com-pàirteachail

San Iuchar 2023, dh'ainmich COSLA ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba gun do ràinig ùghdarrasan ionadail a' chlach-mhìle gu bheil 1% den prìomh buidseat air a thoirt seachad tro bhuidseatadh com-pàirteachail. Bho 2021, tha còrr air 110,000 neach air pàirt a ghabhail ann am pròiseasan com-pàirteachaidh agus air co-dhùnadh gu dìreach mar a chaidh bhuidseatan comhairle le luach £154 millean a chosg.

Tha sinn a' cumail oirnn ag obair ann an com-pàirteachas le COSLA air leasachadh agus libhrigeadh CONSUL, bathar-bog com-pàirteachaidh saoranach.

## Rèiteachadh Riaghaltas Ionadail

Anns an rèiteachadh buidseit a tha fìor dhùbhlannach, tha sinn a' toirt seachd còrr is £14 billean ann an Rèiteachadh an Riaghaltais Ionadail. Tha sinn ag àrdachadh nan stòrasan a tha rim faotainn do Riaghaltas Ionadail le còrr is £795.7 millean, co-ionann ri àrdachadh de 6% ann an teirmean airgid (4.3% a' gabhail a-steach na h-atmhorachd).

Tha e na phoileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh caitheamh ùghdarrasan ionadail a bhith a' toirt saorsa ionmhais do dh'ùghdarrasan ionadail a bhith ag obair san dòigh a thogras iad fhèin. Mar sin, tha a' mhòr-chuid den mhaoineachadh air a thoirt seachad tro mheall-grant. Tha e an uair sin an urra ri ùghdarrasan ionadail fa leth na buidseatan aca fhèin a riaghladh agus na goireasan ionmhais iomlan a tha rim faotainn dhaibh a riarachadh, a rèir feumalachdan agus prìomhachasan ionadail, às dèidh dhaibh an dleastanasan reachdail agus an seata de phrìomhachasan nàiseanta is ionadail a chaidh aontachadh a choileanadh an toiseach.

## Co-chomhairle air an Lèirmheas air Plana Nàiseanta nan Eilean

Tha a' chiad [Phlana Nàiseanta nan Eilean](#) a-riamh ann an Alba, a chaidh fhoillseachadh ann an 2019, a-nis ga ath-sgrùdadh mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean (Alba) 2018 a tha ag ràdh gum feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh taobh a-staigh 5 bliadhna bhon chiad fhoillseachadh. Mar sin tha an lèirmheas seo a' toirt cothrom do Riaghaltas na h-Alba agus an com-pàirtichean meòrachadh air atharrachaidhean ann an suidheachadh nan coimhearsnachdan eileanach bho 2019.

Bheir ath-sgrùdadh air an t-eagran làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean sealladh farsaing dhuinn air a' bhuidheann a bh' aige bho chaidh fhoillseachadh agus fiosrachaidh e eagran ùr de Phlana Nàiseanta ùr nan Eilean (ma dh'innseas an lèirmheas dhuinn gu bheil feum againn air a leithid)

Tha na h-eileanan againn air leth fhèin cudromach agus tha Riaghaltas na h-Alba gu làidir den bheachd gum bu chòir dhan ath-sgrùdadh seo a bhith air a stiùireadh le beachdan nan eileanach chun na h-ìre as motha 's a ghabhas.

[Chaidh Co-chomhairle Lèirmheas Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a chumail bho 18 Iuchar 2023 gu 7 Samhain 2023. A' gabhail a-steach an dà chuid co-chomhairle air-loidhne agus 16 bùithtean-obrach, le 13 air an lìbhrigeadh aghaidh ri aghaidh sna h-eileanan agus 3 air-loidhne, dh'fheuch sinn ri dhèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine le ùidh ann an eileanan na h-Alba am beachdan a thoirt seachad.

## Bùitean-obrach Eileanach

Eige, 21 Sultain 2023

Griomasaigh, 26 Sultain 2023

Leòdhas, 27 Sultain 2023

Cumaradh, 28 Sultain 2023

An t-Eilean Sgitheanach: 19 Dàmhair 2023

Colbhasa, 24 Dàmhair 2023

Arainn, 25 Dàmhair 2023

Muile, 26 Dàmhair 2023

An Gearasdan, (Pàrlamaid Dhùthchail is Eileanan na h-Alba), 1 Samhain 2023

Bressay, 1 Samhain 2023

Brae, Tìr-mòr Shealtainn, 2 Samhain 2023

Stromness, Tìr-mòr Arcaibh, 6 Samhain 2023

Westray, 7 Samhain 2023

Thathar a' dèanamh sgrùdadh neo-eisimeileach air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh agus thèid aithisg fhoillseachadh as t-earrach 2024.

## Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean

Bidh [Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean](#), a chaidh a stèidheachadh ann an 2016, a' beachdachadh air cùisean a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan eileanach air a bheil daoine a' fuireach ann an Alba agus a' dèanamh cinnteach gum bi barrachd conaltraidh eadar ùghdarrasan ionadail agus eileanan gus cuideachadh le bhith ag aithneachadh agus a' dealbhadh fhuasglaidhean gus na feumalachdan agus na dùbhlain mu choinneamh na coimhearsnachdan sin a choileanadh.

Tha ballrachd na buidhne air a dhèanamh suas de Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan, Ceannardan Chomhairlean agus Àrd-oifgearan bho gach ùghdarras ionadail anns a bheil eileanan.

Choinnich a' bhuidheann dà uair ann an 2023 agus bheachdaich iad air raon farsaing de chùisean a' gabhail a-steach Maoin Èiginn Cosgaisean nan Eilean, còmhdhail, taigheadas (a' gabhail a-steach Plana Gnìomh Taigheadais Iomallach, Dùthchail is Eileanach), atharrachadh na gnàth-shìde, bochdainn cloinne, èiginn nan cosgaisean bith-beò, imrich. agus gainnead luchd-obrach sgileil.

## Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean

Dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba buidheann a stèidheachadh gus sùil gheur a chumail air lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus air [a' Mhapa Slighe Buileachaidh](#) na chois. Air a stèidheachadh ann an 2021, agus a' tighinn bho

Amas Ro-innleachdail 13 den Phlana, tha [Buidheann Libhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a' cumail taic ri buileachadh a' phlana, a' dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan eileanach leabaichte san libhrigeadh.

Tha feum air co-obrachadh agus com-pàirteachas làidir gus plana cothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhalach a libhrigeadh. Bidh a' Bhuidheann-libhrigidh a' coinneachadh gu cunbhalach airson a bhith na spàs obrachaidh co-obrachail, gus adhartas a sgrùdadh agus gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh phrìomhachasan gus gealltanasan Plana Nàiseanta nan Eilean a choileanadh.

Tha ballrachd na buidhne a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, ùghdarras ionadail, com-pàirtichean san treas roinn, buidhnean coimhearsnachd, Bòrd na Gàidhlig, COSLA, Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba, sgoilearan agus eòlaichean cuspair iomchaidh.

Choinnich a' Bhuidheann dà thuras ann an 2023 gus beachdachadh air cùisean a' gabhail a-steach, am measg rudan eile, lùths agus eadar-ghluasad cothromach, togail beartas coimhearsnachd agus co-chomhairle air an ath-sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan eilean.

**Gealltanais 10.3** Coimhead air dòighean gus guth nan coimhearsnachdan eileanach a neartachadh ach a ghabhas cuideachd ris na diofaran eadar eileanan ann an dèanamh cho-dhùnaidhean aig an ìre ionadail is nàiseanta.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha obair air tòiseachadh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015 – gealltanais ann am Prògram Riaghlaidh 2021 – far am beachdaich sinn air mar as urrainn dhuinn barrachd guth a thoirt do choimhearsnachdan ionadail air mar a thathar a' cleachdadh stòrasan poblach ionadail – co-dhiù a tha sin a' gabhail ri sealbh no riaghladh fearainn no thogalaichean, libhrigeadh sheirbheisean do bhuill den choimhearsnachd aca, no barrachd conaltraidh leis an roinn phoblaich gus barrachd guth a bhith aca air mar a tha seirbheisean air an libhrigeadh, maoin air an cleachdadh agus goireasan air an riarachadh. Chaidh an lèirmheas a chuir air bhog le Tom Artair, a bha aig an àm na Mhinistear airson Ionmhas Poblach, Planadh, agus Beartas Coimhearsnachd aig Co-ionad Coimhearsnachd Loch Nis air 21 Iuchar 2022. Nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi e fhathast iomchaidh agus beachdaichidh sinn air mar as urrainn dhuinn barrachd guth a thoirt do mhuintir an àite anns na rudan a tha cudromach dhaibh sa choimhearsnachd aca. Tha an t-ath-sgrùdadh air Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan a' togail air an t-soirbheachas a chaidh a choileanadh bho thug Riaghaltas na h-Alba an reachdas eachdraidheil seo a-steach, le barrachd is barrachd dhaoine ionadail a' togail an guthan mu bhuilean seirbheisean poblach, agus le barrachd is barrachd den fhearann is de na togalaichean poblach againn a' gluasad a-null gu smachd coimhearsnachd. Tha sinn a' toirt an ath-sgrùdaidh air adhart ann an co-obrachadh leis an roinn phoblaich, an treas roinn agus coimhearsnachdan le fòcas sònraichte air a' bhuidheann a bheir an reachdas air coimhearsnachdan fo anacothrom.



- Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum feum cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana gus dèanamh cinnteach gun adhbharach Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brìoghmhor, adhartach agus seasmhach. Leanaidh sinn oirnn le co-chomhairleachadh agus co-obrachadh cunbhalach leis na coimhearsnachdan eileanach againn.
- Tha an dà chuid [Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean](#) agus [Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Chaidh Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean buntainneach ann a bhith a' dealbhadh fhuasglaidhean do na dùbhlain a tha ro eileanaich, agus bidh a' Bhuidheann Lìbhrigidh a' dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh air adhart ann an dòigh cho-obrachail a tha an dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth leis an dà bhuidhinn seo a thaobh libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Thug Riaghaltas na h-Alba a-steach Iarrtasan Com-pàirt (*Participation Requests*), a chuidicheas daoine gus conaltradh a thòiseachadh mu na rudan a tha cudromach dhan choimhearsnachd aca le sùil an guth a bhith air a chluinntinn ann an leasachadh poileasaidh agus seirbheis. Tha Iarrtasan Com-pàirt air cothrom a thoirt seachad airson com-pàirteachadh coimhearsnachd airson cùisean leithid sàbhailteachd cidheachan, leasachadh rathaidean ionadail, oifisean poileis ionadail san àm ri teachd agus leasachaidhean air tallaichean coimhearsnachd.

Ann an 2023, dh'iarr sinn air ar buidhnean com-pàirteachais coimhead air na chaidh ionnsachadh bho Iarrtasan Com-pàirt agus a bhith ag obair leis na lìonraidhean aca air feadh na h-Alba – a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach – gus cùisean a rannsachadh. Tha seo a' co-thaobhadh leis an ath-sgrùdadh againn air [Achd Cumhachdachadh Coimhearsnachd](#) a tha a' dol air adhart an-dràsta. Tha dùil ri co-dhùnaidhean am-bliadhna fhathast agus cuidichidh iad sin gus fiosrachadh mar a ghabhas cumhachdachadh choimhearsnachdan a neartachadh gus dèanamh cinnteach gun toir sinn barrachd cumhachdan do choimhearsnachdan agus buidhnean ionadail a thaobh na thachras dhaibh san am ri teachd.

**Gealltanais 10.4** Obraich le coimhearsnachdan eileanach agus ùghdarrasan ionadail com-pàirteach ann a bhith ag ullachadh agus a' toirt a-steach Bile Cìs Luchd-tadhail Sealach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh Bile Cìs an Luchd-tadhail (Alba) a thoirt a-steach dhan Phàrlamaid air 24 Cèitean 2023 a' togail air an obair leasachadh poileasaidh mòr a rinneadh ron ghalar lèir-sgaoilte. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha sinn air conaltradh le raon de luchd-ùidh, a' gabhail a-steach buidhnean riochdachaidh gnìomhachais agus tha sinn air obrachadh gu dlùth le Riaghaltas Ionadail tro bhuidheann-obrach air a ghairm le COSLA anns an robh oifigearan bho raon de dh'ùghdarrasan ionadail an sàs.

## Chaidh an gealltanas seo a choileanadh

Chaidh Bile Cìs Luchd-tadhail Sealach a thoirt a-steach dhan Phàrlamaid sa Chèitean 2023. Chaidh cruthachadh a' Bhile fhiosrachadh le com-pàirteachadh nach beag le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachasan ann an gnìomhachas. Bha seo a' gabhail a-steach seiseanan conaltraidh pearsanta le coimhearsnachdan agus gnìomhachasan ann am Muile, san Eilein Sgitheanaich, ann an Tìr-mòr Arcaibh agus Tìr Mòr Shealtainn. Chaidh [Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach](#) a dhèanamh agus fhoillseachadh leis a' Bhile.

Mar thoradh air conaltradh le coimhearsnachdan eileanach, tha am Bile a' toirt sùbailteachd do dh'ùghdarrasan ionadail ann an diofar raointean gus an urrainn dhaibh cìs luchd-tadhail sam bith a dhèanamh freagarrach do shuidheachadh nan eileanan aca. Tha seo a' gabhail a-steach comas eileanan a thoirt a-steach no a fhàgail a-mach à sgeama, an ìre sa cheud atharrachadh a rèir sgìre, agus daoine no seòrsaichean àite-fuirich ainmeachadh a thèid a shaoradh bhon chis. Tha am Bile cuideachd a' toirt air ùghdarrasan ionadail co-chomhairle a chumail le coimhearsnachdan ionadail, gnìomhachasan agus buidhnean turasachd mus stèidhich iad cìs, a' toirt cothrom do chomhairlean a bhith a' conaltradh le coimhearsnachdan eileanach agus sùbailteachd iomchaidh sam bith a chomharrachadh.

Ann a bhith a' beachdachadh air cleachdadh nan cumhachdan ùra seo, fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, feumaidh ùghdarras ionadail cumail ris an dleastanas aca feart a thoirt air coimhearsnachdan eileanach agus far a bheil e iomchaidh Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach a dhèanamh ma thèid a' chis a thathar a' moladh a chomharrachadh mar nì a bheireadh buaidh gu math eadar-dhealaichte air coimhearsnachd eileanach an taca ri coimhearsnachdan eile.

**Gealltanas 10.5** Coimhead air dòighean gus cumhachd agus taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach gus cur ris an ath-leumachd aca le bhith a' cruthachadh iomairtean agus phlanaichean ionadail ann an com-pàirteachadh le Seirbheisean Èiginn na h-Alba;

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sgioba nan Coimhearsnachdan Ath-leumach a' beachdachadh air pròiseact an-dràsta gus bun-loidhne de ghniomhachd ath-leumachd coimhearsnachd a stèidheachadh agus tha iad ag obair le luchd-ùidh eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil sealladh nan coimhearsnachdan eileanach mar phàirt de dhealbhadh a' phròiseict.

Lìbhrig sinn sreath de cheithir bùithtean-obrach nàiseanta air-loidhne air Ath-leumachd Coimhearsnachd ann an Suidheachaidhean Èiginn eadar an Giblean agus an t-Ògmhios 2023. Bha com-pàirtichean a' gabhail a-steach daoine bho choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus fhuair iad àite gus beachdachadh air dè bha ath-leumachd coimhearsnachd a thaobh suidheachaidhean èiginn a' ciallachadh sa cho-theacsa aca, agus dè na ceuman a b' urrainn dhaibh a ghabhail gus na coimhearsnachdan aca a dhèanamh nas seasmhaiche. Bha na bùithtean obrach a' gabhail a-steach seiseanan:

- Na bunaitean do choimhearsnachdan air ath-leumachd coimhearsnachd ann an suidheachaidhean èiginneach;

- Airson luchd-obrach ath-leumachd, air a bhith a' co-roinn deagh chleachdadh agus lèirsinn mu bhith a' toirt taic do agus ag obair le coimhearsnachdan ionadail;
- Air togail cheanglaichean agus com-pàirteachasan thairis air freagairtean ri suidheachaidhean èiginn, air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus freagarrachadh san fhad-ùine; agus
- Air in-ghabhaltachd ann an ath-leumachd coimhearsnachd.

Ged nach robh na bùithtean-obrach do dh'eileanan gu sònraichte, chaidh am fòrmat air-loidhne a thaghadh gus am b' urrainn do dhaoine air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach eileanaich, pàirt a ghabhail ann. Chaidh aithisg shlàn a cho-roinn leis a h-uile com-pàirtiche.

Ann an 2024-2025, tha sinn an dùil prìomhachas a thoirt do cho-obrachadh le luchd-ùidh sna h-eileanan gus coimhead air mar a ghabhas an obair seo a thoirt air adhart ann an co-theacs nan eilean.

**Gealltanais 10.6** Thoir a-steach Riaghailtean a bheir comas do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach, ann an co-chomhairleachadh leis na coimhearsnachdan aca, iarraidh air Ministearan na h-Alba reachdas a thoirt a-steach a tha a' tiomnadh foincsean dhaibh, no gun toir Ministearan na h-Alba foincsean, dleastanas no uallach a bharrachd dhaibh. Tha na riaghailtean seo ag aithneachadh gu bheil suidheachadh gach coimhearsnachd eileanach air leth agus nach eil an aon rud daonnan iomchaidh airson a h-uile eilean.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 10.7** Dèan cinnteach gun tèid 'dìon-eileanach' a dhèanamh air poileasaidhean agus planaichean a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba agus gu bheil manaidsèar sam bith de stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' cumail taic ri cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean mar a bhios iomchaidh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Obraichidh sgioba Aonad Oighreachd a' Chrùin Alba le Oighreachd a' Chrùin Alba agus le daoine a dh'fhaodadh a bhith nam manaidsèaran ùra, air stèidh cùis fa leth, gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean nas fharsainge a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba agus na molaidhean eadar-ghluasaid agus/no tiomnaidh aca air Measadh Buaidh nan Eilean a dhèanamh agus gun toir iad aire do Phlana Nàiseanta nan Eilean mar a bhios iomchaidh.

Aig an àm seo, is e Oighreachd a' Chrùin Alba an aon mhanaidsear air Stòrasan Oighreachd a' Chrùin ann an Alba agus 's e pàirt den dleastanas seo dèanamh cinnteach gu bheil 'dìon eileanach' air a dhèanamh air poileasaidhean agus pròiseactan eileanach le bhith a' cumail taic ri Plana Nàiseanta nan Eilean agus a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh Measaidhean Buaidh Eileanach far a bheil sin iomchaidh.

Tha Oighreachd a' Chrùin Alba a' cruthachadh a' Phlana Chorpóra ùr aca airson 2025-2030 agus tha iad a' leantainn orra a' gabhail feart air Plana Nàiseanta nan Eilean mar phàirt den leasachadh.

**Gealltanas 10.8** Dèan cinnteach gum bi luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach air am brosnachadh agus a' faighinn taic gus iad fhèin a chur an cèill tro mheadhan na Gàidhlig.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba am Plana Gàidhlig ùr aca airson 2022-2027 san Dàmhair 2022. Tha tairgse fhosgailte sa Phlana a bhith a' conaltradh tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin, tha Riaghaltas na h-Alba toilichte gabhail ri iarrtasan sgrìobhte sa Ghàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn barrachd sheirbheisean a thoirt seachad tron Ghàidhlig agus a' bhith a' leudachadh chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean làitheil agus suidheachaidhean foirmeil. Mar phàirt den phròiseas gus an ath eagrain de Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a sgrìobhadh, cho-obrach sgioba na Gàidhlig agus na h-Albais le diofar oifisean aig Riaghaltas na h-Alba sna h-eileanan gus beachdachadh air dè an t-ullachadh a bharrachd as urrainn dhaibh dèanamh airson na Gàidhlig. Tha planaichean Gàidhlig an gnìomh aig na trì ùghdarrasan ionadail Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aca agus tha oifigearan leasachaidh Gàidhlig aca gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chuideachadh.
- Tha Foghlam Alba air Plana Gàidhlig ath-sgrùdaichte fhoillseachadh airson 2022 - 2027. Tha seo mar phàirt den ro-innleachd còig-bliadhna aig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam Gàidhlig, a bheir buaidh cuideachd air eileanan. Mar phàirt de seo, cumaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh orra a' toirt seachad measaidhean sònraichte air dè cho math 's a tha ionadan agus suidheachaidhean a' coileanadh ann an grunn phrìomh raointean. Bheir sinn seachad am measadh speisealach seo airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus airson co-theacsan eileanach. Bheir sinn air adhart amasan àrd-ìre ùra cuideachd gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

Tha [Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba](#) a' cur dleastanas air a' bhuidheann gabhail ri conaltradh Gàidhlig agus an uair sin freagairt a thoirt seachad sa Ghàidhlig. Is e gealltanas a tha seo a th' air a bhith ann bho chionn fhada agus a thèid a chumail. Mar an ceudna, tha pròiseas stèidhichte ann airson a bhith a' cur a-mach sgrìobhainnean riaghaltais dà-chànanach, le cùisean co-cheangailte ris na h-eileanan am measg an fheadhainn a tha a' faighinn prìomhachas airson eadar-theangachadh Gàidhlig.

Thug co-chomhairleachadh Bile nan Cànan Albannach cothrom do luchd-freagairt pàirt a ghabhail gu tur sa Ghàidhlig, nan robh iad airson sin a dhèanamh. Chùm Roinn na Gàidhlig is na h-Albais aig Riaghaltas na h-Alba tachartasan Gàidhlig aghaidh ri aghaidh ann an Leòdhas is Uibhist a bharrachd air seiseanan air-loidhne le coimhearsnachdan eileanach. Bha an àireamh de fhreagairtean Gàidhlig a fhuair eadhon brosnachail agus - tro cho-obrachadh le co-oibrichean ann am Pàrlamaid na h-Alba - bidh ìrean eile de leasachadh a' Bhile cuideachd a' brosnachadh com-pàirt sa Ghàidhlig.

Chuir Riaghaltas na h-Alba taic ri Co-chruinneachadh Gnàth-shìde na Gàidhlig a chaidh a chumail ann an Cnoc Soilleir san t-Samhain 2023. Chaidh an co-chruinneachadh a chuir air dòigh le Climate Hebrides agus tha e na phàirt de phròiseact leantainneach gus dèanamh cinnteach gun urrainn do luchd-còmhnaidh nan Eilean Siar a dhol an sàs ann am poileasaidhean gnàth-shìde Riaghaltas na h-Alba tro mheadhan na Gàidhlig. Tha e na fhòcas cudromach san obair aige cothrom a thoirt do choimhearsnachdan a bhith a' dèanamh stuthan a thaobh gnàth-shìde sa Ghàidhlig - a' dèanamh cinnteach gu bheil briathrachas gnàth-shìde bhon phoball a' fiosrachadh foillseachaidhean oifigeil. Bidh fòcas mar seo cuideachd a' cuideachadh gus cuideam a chur air na cunnartan sònraichte bho atharrachadh na gnàth-shìde do choimhearsnachdan Gàidhlig a tha sna h-eileanan.

Bha pròiseact Cosgais Latha na Sgoile ri fhaighinn sa Ghàidhlig gus com-pàirt sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh. Nithear barrachd obair den t-seòrsa seo agus thèid beachdachadh air barrachd chothroman gus dèanamh cinnteach gun urrainn do roinn FtG a dhol an sàs ann am prògraman nàiseanta tro mheadhan na Gàidhlig.

# Ealainean, Cultar agus Cànan

## Amas ro-innleachdail 11 – Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan

**Gealltanais 11.1** Dèan tasgadh anns na stòrasan cultarach agus eachdraidheil againn, gus dèanamh cinnteach gun tèid eileanaich a bhrosnachadh gus com-pàirteachadh ann an cultar agus na h-ealainean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bidh mòran phròiseactan leantainneach leithid Ceòlas, Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, am Fòram Dualchais agus ionadan mar An Lanntair, Taigh-tasgaidh Chill Donnain, Taigh Chearsabhagh, Sabhal Mòr Ostaig agus Urras Oighreachd Gabhsainn a' cur ris an amas seo.
- Ag obair còmhla ri com-pàirtichean, cumaidh EventScotland air a' togail cliù na h-Alba mar an t-àite as fheàrr do thachartasan le bhith a' cumail taic ri agus a' glèidheadh portfolio de thachartasan agus a' leasachadh gnìomhachas nan tachartasan. Cumaidh EventScotland air a bhith mothachail air/a' co-thaobhadh ri iomairtean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland a tha ag amas air na h-eileanan.
- Tha 'Bliadhnaichean Cuspaireil' a' toirt dhuinn àrd-ùrlar co-obrachail gun samhail gus an urrainn grunn chom-pàirtichean co-obrachadh nas dlùithe gus amasan coitcheann a choileanadh agus gus obair com-pàirteachais nas treasa a thogail gus leasachadh eaconamach seasmhach a libhrigeadh anns na roinnean ceangailte de thurasachd, cultair agus tachartasan. Tha a bhith a' cruthachadh prògram de thachartasan matha agus iom-fhillte na phrìomh phàirt de dhòigh-obrach nam Bliadhnaichean Cuspaireil.

## A' brosnachadh ealainean is cultar na Gàidhlig

Tha Roinn na Gàidhlig is na h-Albais aig Riaghaltas na h-Alba a' cur air adhart diofar iomairtean cultarail is foghlaim a bheir cothrom do dhaoine air na h-ealainean agus cultar. Tha an taic a bheir sinn do dh'ionadan cultarail eileanach, leithid Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas agus Ionad Chaluim Chille Ìle, a' libhrigeadh goireasan ùr-nodha gus dualchas Gàidhlig nan sgìrean a chomharrachadh. Bidh an Roinn cuideachd a' maoineachadh pròiseact *Dìleab* aig Comhairle nan Eilean Siar a tha a' taisbeanadh eachdraidh chultarail nan Eilean Siar agus a' cruthachadh chothroman airson ionnsachadh eadar-ghinealaich. Tha an tasglann air-loidhne Tobar an Dualchais na ghoireas deatamach airson cothrom faighinn air òrain agus traidiseanan Gàidhlig a chruinnich Sgoil Eòlais na h-Alba bho mheadhan an 20mh linn air adhart. Chithear na buannachdan aige, am measg àiteachan eile, tron bhrosnachadh a bheir e do luchd-ciùil Albannach an latha an-diugh gus ceòl traidiseanta Gàidhlig atharrachadh do luchd-èisteachd an latha an-diugh. Tro iomairtean mar seo, agus tro ar maoineachadh airson na h-obrach a nì buidhnean leithid Sabhal Mòr Ostaig, MG Alba agus Stòrlann, tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil a' brosnachadh ealainean is cultar nan coimhearsnachdan eileanach. Togaidh an obair leantainneach

againn air Bile nan Cànan Albannach agus freagairt Riaghaltas na h-Alba dhan [Aithisg air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig](#) air seo.

## EventScotland

Ann an 2023, thug EventScotland seachad faisg air £200,000 de mhaoineachadh bho na prògraman [nàiseanta](#) is [eadar-nàiseanta](#) aca gus taic a thoirt do naoi tachartasan ann an coimhearsnachdan eileanach. Nam measg bha: Hoy on Hoy, Fèis Ciùil Arcaibh, Fèis Ciùil Thiriodh (air a chur dheth ri linn droch shìde), HebCelt, Tall Ships Lerwick, Taisbeanadh Fàgail na Dachaigh agus Tatù Metagama nan Eilean Siar, Fèis Saidheans Eadar-nàiseanta Arcaibh, Ralaidh Mhuile aig Beatson's Building Supplies, agus BWA Tìree Wave Classic.

Às dèidh do Shealtainn an tachartas seo a chumail gu soirbheachail ann an 2005, cruthachaidh Geamannan Arcaibh 2025 cothrom aire a thoirt do ìomhaigh Arcaibh agus, san fharsaingeachd, do choimhearsnachdan eileanach na h-Alba mar dhachaigh do thachartasan spòrs eadar-nàiseanta. Faic gealltanais 7.8 airson barrachd fiosrachaidh mun na Geamaichean Gàidhealach.

Tha an Ro-innleachd Tachartasan Nàiseanta ùraichte a' cur an cèill cho cudromach 's a tha com-pàirteachasan èifeachdach thar buidhnean poblach is prìobhaideach nàiseanta is ionadail gus làn fheum a dhèanamh de chomas eileanan na h-Alba mar cheann-uidhe do thachartasan.

Ag obair le com-pàirtichean, leanaidh EventScotland air adhart a' togail cliù na h-Alba mar an t-àite as fheàrr do thachartasan tro leasachadh seasmhach air gnìomhachas nan tachartasan agus le bhith a' cumail taic ri, agus a' daingneachadh pasgan de thachartasan. Cumaidh EventScotland air a bhith mothachail air/a' co-thaobhadh ri iomairtean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland a tha ag amas air na h-eileanan.

## Alba Chruthachail

Ann an 2023, thug Alba Chruthachail còrr is £500,000 do thagraichean, an dà chuid daoine fa leth agus buidhnean, stèidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach tro phrògraman maoineachaidh fosgailte agus cuimsichte.

Tro phrògram nam Buidhnean le Maoineachadh Cunbhalach, thug Alba Chruthachail taic do dh'ochd buidhnean stèidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach le tasgadh sa bhliadhna ionmhais 2022-2023 le luach de chòrr is £2.2 millean. Fhuair Lìonra nan Cuairtean (Gàidhealtachd is na h-Eileanan), a tha a' toirt taic do bhuidhnean ann an coimhearsnachdan eileanach, £120,000. Cuideachd, libhrig Alba Chruthachail maoineachadh tro Mhaoin Foirmle Iomairt Ciùil na h-Òigridh do gach sgìre ùghdarras ionadail ann an Alba, a' gabhail a-steach nan eileanan.

Thig taic a bharrachd do ghnìomhachdan ann an coimhearsnachdan eileanach bho bhuidhnean nàiseanta leithid Comhairle nan Leabhraichean, Urras Leabhraichean na h-Alba agus Hands Up for Trad.

Tha Alba Chruthachail cuideachd a' toirt pàirt-mhaoineachadh do Bhuidheann Leasachaidh Ealain Shealtainn, a chùim Fèis Fhilmichean Shealtainn 2023. Bha «Home Made» na roinn-seòrsa sònraichte aig an fhèis, a' taisbeanadh fhilmean a tha a' cleachdadh dualchainnt Shealtainn. Chaidh tagraidhean a mheasadh le Shetland

ForWirids, buidheann de shaor-thoilich a tha dìoghrasach mu dualchainnt Shealtainn na Scots agus a bhios a' cumail measgachadh de thachartasan is ghnìomhachdan ann an Sealtainn gus an cànan ionadail a chur air adhart.

## Companaidhean Cleasachd Nàiseanta

Gus an inbhe mar Chompanaidh Cleasachd Nàiseanta (NPC) a chumail feumaidh na còig NPCan dèanamh cinnteach gu bheil farsaingeachd de thaisbeanaidhean àrd-inbhe a' tachairt air feadh na dùthcha.

Ann an 2023 thug Ballet na h-Alba, Opera na h-Alba agus Tèatar Nàiseanta na h-Alba riochdachaidhean gu coimhearsnachdan eileanach. A bharrachd air sin, bidh Ballet na h-Alba a' ruith prògram sònraichte airson daoine le ioma-sglearòisis a tha a' fuireach ann an Arcaibh.

**Gealltanais 11.2** Cùm taic ri, leasaich agus brosnach na tàlant cruthachail aig na h-eileanaich agus dèan cinnteach gum bi luchd-èisteachd/amhairc nach beag aig cultar nan eileanan Albannach an dà chuid gu nàiseanta agus thall thairis.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bidh mòran phròiseactan leantainneach leithid Ceòlas, Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, am Fòram Dualchais agus ionadan mar An Lanntair, Taigh-tasgaidh Chill Donnain, Taigh Chearsabhagh, Sabhal Mòr Ostaig agus Urras Oighreachd Gabhsainn a' cur ris an amas seo.
- Ag obair còmhla ri com-pàirtichean, cumaidh EventScotland air a' togail cliù na h-Alba mar an t-àite as fheàrr do thachartasan le bhith a' cumail taic ri agus a' glèidheadh portfolio de thachartasan agus a' leasachadh gnìomhachas nan tachartasan. Cumaidh EventScotland air a bhith mothachail air/a' co-thaobhadh ri iomairtean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland a tha ag amas air na h-eileanan.

Tha Roinn Gàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri raon de dh'iomairtean chultarail agus foghlaim a tha a' leasachadh agus a' brosnachadh tàlant cruthachail nan eileanach. Bidh luchd-ùidh leithid MG Alba, Fèisean nan Gàidheal agus Ceòlas Uibhist a' toirt trèanadh agus slighean dreuchdail do dh'eileanaich ann an craoladh, ceòl agus cleasachd. Tha An Comann Gàidhealach agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' cumail orra a' brosnachadh com-pàirt ann an dualchas ciùil is litreachais nan coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha ceangal nam buidhnean agus nam prògraman sin le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gu bheil an cultar agus a' cruthachalachd a tha iad ag brosnachadh aig cridhe na sgoile anns na coimhearsnachdan sin. A bharrachd air seo, bheir iad cothrom do luchd-amais air feadh na h-Alba agus nas fhaide air falbh pàirt a ghabhail anns na taobhan seo de chultar eileanach na h-Alba. Tha mar a chaidh FilmG, co-fharpais fhilmichean goirid na Gàidhlig a thoirt gu Canada mar phàirt de mhìos Gàidhlig Alba Nuaidh na fhìor dheagh eisimpleir de seo.



## Alba Chruthachail

Tha ùghdarrasan ionadail eileanach nan com-pàirtichean ann am [prògram Duaisean Luchd-dèanaidh Ealain is Ceàird](#) a tha a' toirt taic do luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird leis an leasachadh chruthachail aca.

Tha Alba Chruthachail na com-pàirtiche ann an Co-chomann a' Chultair, air a stiùireadh le Shetland Arts gus taic a chumail ri luchd-ealain agus co-obrachadh air feadh nan eileanan a tuath agus an iar.

Is urrainn maoinachadh eile bho Alba Chruthachail taic a thoirt do chultar eileanach cuideachd, ged nach eil e ag amas gu sònraichte air tagraichean aig a bheil còd-puist ann an eilean. Mar eisimpleir, tha Com-pàirteachas Àite Comhairle Siorrachd Àir a Tuath le Alba Chruthachail a' gabhail a-steach taic do Cho-òrdanaiche Ealain nan Eilean a tha ag obair gus taic a chumail ri leasachadh ann an Arainn agus Cumaradh Mòr.

## Pròiseact Dualchas is Cultar nan Eilean

Air a bhrosnachadh le Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba, lean Pròiseact Dualchas is Cultar nan Eilean ann an 2023-2024 agus chaidh £210,000 a roinn gu co-ionann eadar na sia ùghdarrasan ionadail eileanach gus taic a chumail ri iomairtean a tha a' dìon agus a' brosnachadh dualchas is cultar ionadail gu gnìomhach. Anns gach eisimpleir, tha an t-ùghdarras ionadail, no buidheann charthannach ionadail ainmichte, a' libhrigeadh iomairtean a tha ceangailte ri prìomhachasan leasachaidh ionadail agus a' cleachdadh tàlant cruthachail ionadail gus cur ris na buannachdan sòisio-eaconamach a thig bho bhith a' comharrachadh nan ealan, cànanan agus dualchainntean ann an coimhearsnachdan eileanach

Am measg nan gnothaichean leantainneach, tha:

### Pròiseact Didseatachadh Arcaibh

Tha pròiseact Didseatachadh Arcaibh air obrachadh gus cur ri ceangailteachd is ruigsinneachd didseatach agus air mothachadh mu chruinneachaidhean, taighean-tasgaidh agus cinn-ùidhe turasachd aig Comhairle Arcaibh. Is e am prìomh amas a bhith a' stèidheachadh catalog air-loidhne a tha a' taisbeanadh cruinneachadh didseatach leis na mìltean de buill-taisbeanadh eachdraidheil. Aig cridhe seo, tha [làrach-lìn ùr](#) a chaidh a chruthachadh, a tha air cuideachadh gus dualchas, ealain agus cultar Arcaibh a bhrosnachadh. Bidh an catalog didseatach air-loidhne de chruinneachaidhean Taighean-tasgaidh Arcaibh agus Tasglann Arcaibh ([eisimpleir](#)) ruigsinneach air feadh an t-saoghail.

Chaidh còrr is 1,000 nì san taigh-tasgaidh a dhidseatachadh san obair didseatach leantainneach. Rinneadh modalan 3D air am faigh daoine [cothrom](#) an-asgaidh. Leanaidh am fàs sa chatalog air-loidhne tro 2024.

### Pròiseact Angus Og - Tasglannan an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse

Tha Pròiseact Angus Òg, air a libhrigeadh ann an Com-pàirteachas le High Life na Gàidhealtachd, a' taisbeanadh nan dealbhan tùsail aig an neach-cartùn Eòghainn Bain. Chaidh an obair a dhèanamh le Oifigear Pròiseict Tasglann sònraichte, le taic bho eòlaichean ionadail, gus an cruinneachadh a ghlèidheadh, a chatalogadh agus

a chur ann an cruth didseatach. Thèid taisbeanadh “Cruinneachadh Angus Òg” a chumail ann an Tasglann an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse gus an Cèitean 2024. Tha e air a bhith air chuairt air taobh siar na Gàidhealtachd agus nan Eilean, far an deach bùithtean-obrach cruthachail agus gnìomhan foghlaim a chumail gus beatha eileanach a rannsachadh tro ealain ghrafaigeach.

Mar phàirt den Phròiseact, chaidh grunn thachartasan foghlaim a chumail a’ gabhail a-steach; seiseanan sgeulachdan, bùithtean-obrach àireamhachd, cèilidh chartùinichean, Club Comic Schools Out, agus prògram ùr-ghnàthach às dèidh na sgoile *Tìr nan Òg* a bhios a’ brosnachadh litearrachd, àireamhachd agus cruthachalachd le fòcas air a’ choimhearsnachd.

### **Ionad Cultar is Dualchais Shealtainn Ceanglaichean Coimhearsnachd**

Às dèidh Fòram Cultarach is Dualchais a bhith air a chruthachadh a tha a’ ceangal taighean-tasgaidh ionadail agus buidhnean dualchais air feadh Shealtainn, chaidh a’ chiad Cho-labhairt Dualchais a-riamh a chumail as t-Earrach 2023. Mar thoradh air conaltradh nas fheàrr leis a’ choimhearsnachd dualchais is chultarail, chaidh lionra ùr ‘Ceanglaichean Coimhearsnachd’ a chur air bhog ann an Sealtainn gus prògram leasachadh sgìlean a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Comann Dualchas Shealtainn.

Tha planadh air tòiseachadh air taisbeanadh ùr airson a dhol air cuairt ann an 2024 leis an ainm ‘Island Connections’, a tha ag amas air dearbh-aithne shònraichte Shealtainn a chomharrachadh le bhith a’ dol air chuairt le nithean bho chruinneachaidhean thaighean-tasgaidh ionadail anns a h-uile taigh-tasgaidh barrantaichte ann an Sealtainn.

### **Slighean Dualchais nan Eilean Siar**

Tha pròiseact Slighe Dualchais Innse Gall, a chaidh a chruthachadh le Sgioba Seirbheis Dualchais Comhairle nan Eilean Siar, ag amas air co-obrachadh a thogail eadar na diofar bhuidhnean coimhearsnachd agus dualchais anns na h-Eileanan an Iar, gus slighean a chruthachadh a bhios gan ceangal uile, agus mar sin a’ toirt taic do dh’fhàs san roinn dualchais san àm ri teachd, a’ toirt aghaidh air ceistean seasmhachd agus a’ sgaoileadh buannachdan eaconamach na turasachd.

Tha Oifigear Leasachaidh Slighean Dualchais air siubhal air feadh nan eilean a’ co-chomhairleachadh le buidhnean coimhearsnachd agus luchd-ùidh iomchaidh eile gus faighinn a-mach dè na cothroman a th’ ann gus slighean a chruthachadh. Chaidh suirbhidhean luchd-ùidh a chuir a-mach às dèidh còmhradhean agus dhùin iad aig deireadh 2023. Thèid toraidhean an t-suirbhidh a chleachdadh gus cuspairean san àm ri teachd airson slighean dualchais fhiosrachadh.

### **Cultar agus Dualchas Arainn is Chumaraidh Geo-phàirc Arainn**

’S e prìomh amas a’ phròiseict inbhe Geo-phàirc na Cruinne aig UNESCO faighinn airson na sgìre a tha a’ gabhail a-steach Eilean Arainn, Eilean MoLaise, Pladaidh, agus grunn na mara timcheall orra. Chaidh iarrtas a chur a-steach gu UNESCO san t-Samhain 2023. Tha cruthachadh Geo-phàirc Arainn air a bhith ceangailte ri bhith a’ cruthachadh Plana Eileanach Ionadail Arainn. Tha prìomh chuspairean a’ Phlana - àrainneachd, coimhearsnachd agus eaconamaidh a’ co-thaobhadh ri amasan Lìonra nan Geo-phàircean Cruinneil.

Am measg nan tachartasan cultarail is dualchais a chaidh a chumail ann an 2023 bha cothroman ionnsachaidh “geo-dhualchas” agus eadar-mhìneachadh Gàidhlig, cuairtean treòraichte, òraidean, agus cothroman coinneachaidh do luchd-obrach shaor-thoileach. Tha lionra Buidheann-stiùiridh agus Urrasairean na Geo-pàirc a’ riochdachadh cultar agus dualchas beairteach an eilein gu math. Ann an 2023, chaidh a’ bhuidheann a leudachadh gus am biodh i a’ gabhail a-steach luchd-ealain, luchd-saidheans, luchd-cleachdaidh foghlaim, gnìomhachasan, buidhnean dualchais, agus manaidsearan fearainn.

### **Cothroman do dh’Eileanan Earra-Ghàidheal agus Meudachadh àireamh an Luchd-tadhail**

Ann an 2023, chuir Seanadh Cultair, Dualchais agus Ealain, Earra-Ghàidheal is nan Eilean (CHARTS), Ràmh an gnìomh, frèam leasachaidh a chaidh a dhealbhadh gus cuideachadh le bhith a’ cur aghaidh air feumalachdan cultarail air feadh eileanan Earra-Ghàidheal is Bhòid. Ag obair còmhla ri cleachdaichean agus buidhnean sna h-eileanan gus taic a thoirt do leasachadh lìonraidhean, phròiseactan agus chothroman airson barrachd luchd-tadhail, bha Ràmh cuideachd ag obair gu ro-innleachdail gus maoinachadh pròiseict a bharrachd a thàladh agus ghabh luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail ann am bùithtean-obrach agus tachartasan mar thoradh air seo.

Ann an 2023, ghabh 829 neach pàirt ann am pròiseactan ealain is dualchais co-cheangailte ri Ràmh, bùithtean-obrach agus tachartasan lìonrachaidh, a’ gabhail a-steach trì deug chleachdaichean a fhuair taic meantoradh gnìomhachais cruthachail aghaidh ri aghaidh. Chaidh inneal co-chomhairleachaidh Ràmh a chruthachadh airson conaltradh le luchd-còmhnaidh fo dheich bliadhna air fhichead a dh’aois agus chaidh trì lìonraidhean ball CHARTS ùra a chruthachadh ann am Bòd agus Muile le taic Ràmh, ceangailte ri Buidheann-stiùiridh CHARTS, a’ cur ri leasachadh ro-innleachdail na buidhne.

Ann an 2024, bheir CHARTS taic a bharrachd do bhun-structar cultarach le dòigh-obrach cho-obrachail, a’ meudachadh taic leasachaidh lionra a fhreagras air feumalachdan a dh’ainmich luchd-cleachdaidh fa leth, buidhnean ealain is dualchais/fèisean, agus bidh prìomh phlanaichean a’ gabhail a-steach cruthachadh agus leasachadh slighean luchd-tadhail agus barrachd cothroman sgilean a thogail do mhuinntir òga nan eilean.

**Gealltanais 11.3** Thoir taic do chànanan is dualchainntean dùthchasach na h-Alba uile ann an dòighean a tha iomchaidh do na coimhearsnachdan far a bheil iad sin gam bruidhinn.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Cumaidh Measaidhean Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach taic ris a' phròiseas seo às dèidh ùrachadh 2022 air Stiùireadh agus Seata-Innealan.
- Tha coinneamhan ràitheil gan stèidheachadh eadar Sgioba na Gàidhlig is Albais, Sgioba nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig gus taic a chumail ris a' phròiseas seo.

Tha taic Riaghaltas na h-Alba do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh a' cuideachadh choimhearsnachdan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a sgaoileadh gu h-ionadail cho math ri bhith a' tarraing luchd-labhairt ùr thuige. Am measg eisimpleirean den taic seo, tha ar maoinachadh airson an fhoillsicheir foghlaim Stòrlann a bhios a' dèanamh stuthan ionnsachaidh Gàidhlig airson co-theacsan coimhearsnachd a' chànan. Tha maoinachadh Roinn na Gàidhlig is na h-Albais airson pròiseactan calpa leithid ionad Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas agus Ionad Chaluim Chille Ìle ann an Ìle a' solarachadh ionadan ùr-nodha far am faighear eòlas air dualchas na Gàidhlig ann an dòigh ùr-ghnàthach.

Tha taic Riaghaltas na h-Alba do chraoladh Gàidhlig, tro mhaoinachadh MG Alba, a' comasachadh riochdachaidhean telebhisean, rèidio agus air-loidhne a tha a rèir feumalachdan agus ùidhean coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan.

Tha taic do Bhòrd na Gàidhlig am measg nam prìomh ghnìomhan aig Roinn na Gàidhlig is na h-Albais 'S e pàirt chudromach den obair sin a bhith a' deasachadh [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus an siostam nas fharsaing de Phlanaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach a tha air an cruthachadh às a leth - a' gabhail a-steach [Plana Riaghaltas na h-Alba fhèin](#). Tha an siostam seo a' dèanamh cinnteach gum bi buidhnean poblach a tha stèidhichte ann an coimhearsnachdan Gàidhlig a' toirt taic dhan chànan, a' toirt seachad seirbheisean innte agus a' beachdachadh air dòighean gus Gàidhlig a thoirt a-steach dhan obair làitheil aca. Tha e cuideachd a' cur uallach air buidhnean poblach beachdachadh ro-làimh air a' bhuaidh a bheir am poileasaidhean air a' chànan agus na coimhearsnachdan aige. A bharrachd air obair planadh cànan Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' maoinachadh raon farsaing de dh'iomairtean fa leth agus iomairtean coimhearsnachd air feadh nan eilean a tha a' cur ri beothalachd a' chànan anns na suidheachaidhean ionadail aige.

### Prògram nan Eilean – pròiseact *An Taigh Mòr*

Tro chuairt 2023-2024 de Phrògram nan Eilean, thabhainn sinn tabhartas suas ri £78,350 do Chomhairle nan Eilean Siar gus dealbhadh An Taigh Mhòir, togalach clàraichte Ìre 2, a thoirt air adhart. Aig a' cheann thall cruthachaidh an obair glèidhidh is ath-leasachaidh àite dhan choimhearsnachd a tha nas motha agus eadar-dhealaichte ri àite sam bith eile san sgìre agus cuiridh seo ri cothroman dhan choimhearsnachd a dhol an sàs ann an eachdraidh, cànan is cultar ann an suidheachadh iomchaidh.

**Gealltanais 11.4** Dèan cinnteach gu bheil na gealltanais sa phlana seo air an stiùireadh le agus a rèir prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig, ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh mar a tha e a' co-thaobhadh ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba air a riochdachadh air Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba. Bidh seo a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna agus 's e fòram a th' ann airson dèanamh cinnteach gu bheil ar raon poileasaidh a' coileanadh nan gealltanais ann am Plana Gàidhlig an Riaghaltas agus ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig mar bhuill de Bhuidheann Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean a chaidh a stèidheachadh gus sùil a chumail air buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Chaidh [Plana Gàidhlig](#) Riaghaltas na h-Alba a chruthachadh taobh a-staigh frèam [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#). Tha rùn aig Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig air an cur an cèill ann an obair poileasaidh nas fharsainge, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

**Gealltanais 11.5** Dèan cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' bhuidheann air leasachadh na Gàidhlig bhon chiad dol a-mach ann am poileasaidhean agus iomairtean sònraichte nan eilean agus gu bheil iad sin a' ceangal ri planaichean Gàidhlig reachdail.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bheir Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach taic dhan phròiseas seo às dèidh ùrachadh 2022 air an Stiùireadh agus an Seata-innealan a tha a-nis a' gabhail a-steach beachdachadh air a' bhuidheann air coimhearsnachdan Gàidhlig.
- Tha amasan seirbheis chorpóra sa Phlana Ghàidhlig as ùire aig Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig cho follaiseach ris a' Bheurla agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh.
- Bidh riochdairean air Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh cinnteach gu bheil na raointean poileasaidh aca mothachail air a' chànan agus, far an gabh sin dèanamh, gu bheil poileasaidhean a' toirt na Gàidhlig air adhart.

Tha [Plana Gàidhlig](#) Riaghaltas na h-Alba a' cur gealltanais air gach pàirt den riaghaltas beachdachadh air a' bhuidheann a bheir an cuid poileasaidhean air a' Ghàidhlig agus air coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha an gealltanais seo air a thoirt air adhart tro Bhuidheann Buileachaidh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba. Tha riochdairean san iomairt seo bho gach buidheann-stiùiridh, a nì cinnteach gu bheil obair a thèid a dhèanamh taobh a-staigh nan raointean poileasaidh aca air a mheasadh airson na buaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' Ghàidhlig. Tha riochdachadh fa leth aig Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba air a' bhuidhinn a bharrachd

air an riochdachadh nas fharsainghe aig Buidheann-stiùiridh an Àiteachais is na h-Eaconamaidh Dùthchail.

Faic gealltanasan 10.8 agus 11.6 airson barrachd fiosrachaidh mu phoileasaidhean corporra a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh oifigeil.

**Gealltanais 11.6** Obraich le ùghdarrasan poblach agus buidhnean coimhearsnachd gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sgioba Gàidhlig is Albais air Plana Gàidhlig ùr Riaghaltas na h-Alba ullachadh. Tha seo a' gabhail a-steach amasan seirbheis chorporra a tha ag amas air dèanamh cinnteach gum bi follaiseachd cho-ionnan aig a' Ghàidhlig ann an suaicheantas is branndadh Riaghaltas na h-Alba, gu bheil soidhnichean Gàidhlig follaiseach ann an oifisean Riaghaltas na h-Alba, agus tha gealltanasan ann mu chleachdadh na Gàidhlig sa chonaltradh phoblach againn agus sna foillseachaidhean corporra againn. Bidh buidhnean eile aig Riaghaltas na h-Alba, leithid Tèarainteachd Shòisealta Alba, a' toirt seachad stuthan dà-chànanach co-cheangailte ris na seirbheisean aca agus tha còmhraidhean a' dol air adhart le oifisean Riaghaltas na h-Alba sna h-eileanan gus an solar Gàidhlig aca a mheudachadh.
- Tha Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fon phlana na chothrom leantainneach do cho-obraichean air feadh Riaghaltas na h-Alba taic a thoirt dhan Ghàidhlig tron obair aca agus tha Sgioba nan Eilean, còmhla ri pàirtean eile de Bhuidheann-stiùiridh Àiteachais is Eaconamaidh Dùthchail, air an riochdachadh oirre.
- Tha grunn oifigearan leasachaidh Gàidhlig aig diofar bhuidhnean stèidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach leis an amas a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig. Gus an cuideachadh gus an obair aca a cho-òrdanachadh, chaidh Lìonra Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig a stèidheachadh bho chionn ghoirid le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha gealltanas ann am [Plana Gàidhlig](#) Riaghaltas na h-Alba gus barrachd shoidhnichean Gàidhlig a bhith ann an oifisean agus co-ionadan. Mar eisimpleir, tha dreachan de bhranndadh agus shoidhnichean Riaghaltas na h-Alba rim faighinn leis a' Ghàidhlig an toiseach airson cleachdadh ann an oifisean eileanach, agus stiùireadh mu bhith gan cleachdadh.

Chaidh [Aithisg air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig](#) fhoillseachadh san Ògmhios 2023 mar thoradh air buidheann-obrach beatha ghoirid a chaidh a stèidheachadh le raon-ùghdarras a bhith a' beachdachadh air mar a ghabhadh Gàidhlig fhisge a-steach nas fheàrr anns gach taobh de bheatha shòisealta agus eaconamach ann an coimhearsnachdan Gàidhlig eileanach. Tha buidheann-stiùiridh ann an-dràsta gus beachdachadh air molaidhean na h-aithisg agus foillsichidh iad freagairt sa chiad leth de 2024.

Tha Bile nan Cànan Albannach ag amas air togail air an obair a th' ann mar-thà gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig àrdachadh ann an coimhearsnachdan

eileanach. Tha seo gu sònraichte cudromach ann an ullachaidhean a' Bhile gus sgìrean cànan sònraichte a chruthachadh. Bidh iad sin a' togail air iarrtas a tha a' fàs anns na bliadhnachan mu dheireadh airson fòcas coimhearsnachd nas motha taobh a-staigh poileasaidh cànan agus tha e ag amas air cothrom a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd pàirt nas motha a bhith aca ann an leasachadh na Gàidhlig aig an ìre ionadail.

**Gealltanais 11.7** Obraich le ùghdarrasan iomchaidh gus solar Gàidhlig a leasachadh do choimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean ann a bhith a' lìbhrigeadh an gnìomhan agus an seirbheisean.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha sgioba Gàidhlig is Albais air Plana Gàidhlig ùr Riaghaltas na h-Alba ullachadh. Tha seo a' gabhail a-steach amasan seirbheis chorporra a tha ag amas air dèanamh cinnteach gum bi follaiseachd cho-ionnan aig a' Ghàidhlig ann an suaicheantas is branndadh Riaghaltas na h-Alba, gu bheil soidhnichean Gàidhlig follaiseach ann an oifisean Riaghaltas na h-Alba, agus tha gealltanasan ann mu chleachdadh na Gàidhlig sa chonaltradh phoblach againn agus sna foillseachaidhean corporra againn. Bidh buidhnean eile aig Riaghaltas na h-Alba, leithid Tèarainteachd Shòisealta Alba, a' toirt seachad stuthan dà-chànanach co-cheangailte ris na seirbheisean aca agus tha còmhraidhean a' dol air adhart le oifisean Riaghaltas na h-Alba sna h-eileanan gus an solar Gàidhlig aca a mheudachadh.
- Tha Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fon phlana na chothrom leantainneach do cho-obraichean air feadh Riaghaltas na h-Alba taic a thoirt dhan Ghàidhlig tron obair aca agus tha Sgioba nan Eilean, còmhla ri pàirtean eile de Bhuidheann-stiùiridh Àiteachais is Eaconamaidh Dùthchail, air an riochdachadh oirre. Tha àite aig an Iomairt Adhartas nas Luaithe agus CoHI an seo cuideachd agus thathar a' cur cuideam air a' Ghàidhlig anns na cruinneachaidhean seo.

Tron iomairt Adhartas nas Luaithe, tha Roinn na Gàidhlig agus na h-Albais aig Riaghaltas na h-Alba a' toirt nam prìomh ùghdarrasan poblach còmhla air a bheil uallach airson na Gàidhlig gus beachdachadh air mar a ghabhas leasachadh a thoirt air solar a' chànan. Ged a tha an iomairt nàiseanta na fòcas, mar a tha fìor le poileasaidh na Gàidhlig san fharsaingeachd, tha e dlùth-cheangailte ri buaidhean a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan eileanach. Tha seo ri fhaicinn anns na còig sruthan obrach aice, far a bheil Comhairle nan Eilean Siar ag obair (còmhla ri Bòrd na Gàidhlig) mar phrìomh bhuidheann airson Com-pàirteachadh Coimhearsnachd le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ag obair mar phrìomh bhuidheann (le Leasachadh Sgìlean na h-Alba) airson na h-Eaconamaidh agus a' Mhargaidh Obrach.

**Gealltanais 11.8** Cùm taic ri dòighean-obrach a bhrosnaicheas stiùireadh seasmhach na h-àrainneachd eachdraidheil.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- 'S e [Ar n-Àm a dh'Fhalbh](#), [Ar n-Àm ri Teachd](#) an ro-innleachd còig bliadhna ùraichte againn airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba a tha a' bruidhinn mun dualchas cho-roinnte againn, agus a' nochdadh na deagh bhuidh a tha aig an àrainneachd eachdraidheil air daoine agus air coimhearsnachdan air feadh na dùthcha agus na phàirt buannachdail a bhios aice nar beatha san àm ri teachd.
- Is iad seo na 3 prìomh phrìomhachasan ann: A' lìbhrigeadh eadar-ghluasad gu cothromachadh carboin, a' toirt cumhachd do choimhearsnachdan agus àiteachan a tha tapaidh agus in-ghabhalach agus a' cruthachadh eaconamaidh sunnd.

Tha tasgadh Riaghaltas na h-Alba ann an cultar agus dualchas a' cumail taic ri sàr-chruthachalachd na h-Alba, àrainneachd eachdraidheil gun samhail, agus cruinneachaidhean aig ìre na cruinne, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' coimhead às an dèidh agus gu bheil luchd-amais ùr is eadar-mheasgte à faighinn teachd bhuapa a bharrachd air ginealaichean ri teachd air feadh na h-Alba.

Cumaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba (ÀEA) air a' brosnachadh ruigsinneachd dhan àrainneachd eachdraidheil againn agus do dh'àiteachan agus togalaichean de dh'àrd-chàileachd

Tha ÀEA air tùs chùisean a thaobh rannsachadh air an àrainneachd eachdraidheil agus a bhith a' dèiligeadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde oirre san àm ri teachd. Tha ÀEA a' cumail air adhart a' dìon àiteachan eachdraidheil tro shònrachadh agus ceadan, a' brosnachadh leasachadh seasmhach, agus a' toirt seachad timcheall air £14 millean gach bliadhna do choimhearsnachdan ionadail gus an àrainneachd eachdraidheil a chàradh agus ath-bheothachadh.

A bharrachd air seo, tha ÀEA a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh mun àrainneachd eachdraidheil, agus e a' tabhann raon farsaing de chothroman trèanaidh is ionnsachaidh.



# Foghlam

## Amas Ro-innleachdail 12 – foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile

**Gealltanais 12.1** Obraich le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Heriot Watt agus solaraidhean foghlaim eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil farsaingeachd de roghainnean ann do dh'òigridh

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gun deach farsaingeachd de dh'obair mhath a thoirt air adhart anns na bliadhnaichean acadaimigeach mu dheireadh taobh a-staigh an OGI, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Heriot-Watt agus Oilthigh Raibeirt Ghòrdain gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine òga ann an coimhearsnachdan nan Eilean air raon farsaing de chothroman air feadh siostam ionnsachadh fad-beatha agus sgilean. Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh leis na h-institiudan sin gus sùil a chumail air obair leantainneach thar na bliadhna acadaimigeach ri thighinn.

## Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE)

Às dèidh tachartas air-loidhne sa Chèitean 2023, chaidh làn thachartas Fòram nan Eilean aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a chumail san t-Sultain 2023 aig àrainn OGI Sealtainn, Lerwick. Bha e na chothrom lèirmheas a dhèanamh air cruthachadh Ro-innleachd nan Eilean aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a bharrachd air sealladh farsaing a thoirt seachad air mar a tha OGE an sàs ann am pròiseactan Aonta Fàs nan Eilean. Bha an tachartas a' gabhail a-steach conaltradh leis na h-ùghdarrasan ionadail buntainneach, agus luchd-ùidh leithid Leasachadh Sgilean na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig air na prìomhachasan ro-innleachdail aca. Chaidh Fòram Eileanach eile aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a chumail san Fhaoilleach 2024.

## Oilthigh Obar Dheathain

Bidh Oilthigh Obar Dheathain a' libhrigeadh na h-eileamaid Reach de Phrògram Nàiseanta nan Sgoiltean, a' toirt taic do sgoilearan bho choimhearsnachdan dùthchail aig a bheil ùidh ann an lagh, leigheas agus (ùr airson 2023-2024) leigheas-sprèidh ann an co-obrachadh le SRUC. Gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd aig dhaoine òga ann an coimhearsnachdan eileanach, thathar a' tabhann maoineachadh gus an urrainn do dhaoine a bhith an làthair aig a h-uile tachartas pearsanta agus thathar ag obair gus dèanamh cinnteach nach cuir àm nan thachartasan bacadh air daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach bho bhith an làthair.

Tha an t-Oilthigh ag obair gus am modail Reach a leudachadh gus am bi e a' gabhail a-steach cuspairean eile tro phrògram Ruigsinneachd Obar Dheathain, a libhrigeadh comhairle agus stiùireadh do luchd-ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh aca a dh'fheumas iad gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mun

na nì iad san àm ri teachd. A rèir rannsachadh a chaidh a dhèanamh le sgoilearan, tha an t-Oilthigh a' libhrigeadh measgachadh de ghnìomhachd air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh anns a' bhliadhna acadaimigeach 2023-2024 gus an urrainn do dhuine sam bith a bhith an làthair ge b' e càite a bheil iad a' fuireach. Far is e coinneachadh aghaidh ri aghaidh am meadhan as fheàrr, thèid maoinachadh a thabhainn a-rithist gus taic a thoirt do dhaoine òga bho na h-eileanan a bhith an làthair.

A bharrachd air seo, chaidh dà fhèill dhreuchdan a chumail ann an àiteachan eileanach ann an 2023, aon ann an Sealtainn (SDS) agus aon ann an Leòdhas.

Tha Sgioba Ruigsinneachd is Inntigidh an Oilthigh air Àrd-sgoiltean sna h-eileanan ainmeachadh mar sgoiltean le prìomhachas. Cho-dhùin an t-Oilthigh cuideachd gun toireadh iad thairgse inntigidh atharraichte, le cumhachan, dhan mhòr-chuid de na ceuman aca, do sgoilear sam bith bho sgoil le prìomhachas a tha a' coileanadh na slatan-tomhais inntigidh as ìsle, mar sin a' toirt feart air suidheachaidhean sònraichte nan eilean.

## **Oilthigh Heriot-Watt (HWU)**

Thathar ag aithneachadh gu farsaing gu bheil an uiread de dhaoine a rinn Mhaighstireachd aig Àrainn Arcaibh aig Oilthigh Heriot Watt a' cur gu mòr ri ceannardas Arcaibh ann an cumhachd ath-nuadhachail. Tha oileanaich a tha a' tighinn a-steach, agus ceumnaichean a tha a' roghnachadh fuireach agus obair gu h-ionadail san roinn, a' cuideachadh le bhith a' cur crìoch air call nan daoine sgileil agus air crìonadh-sluaigh a chithear ann an àiteachan eile air a' Ghàidhealtachd agus sna h-eileanan.

Ann an co-obrachadh le Àrainn Rannsachaidh is Ùr-ghnàthachaidh Arcaibh (ORIC) a bharrachd air com-pàirtichean malairteach agus foghlaim àrd-ìre, tha HWU a' cur ri leasachadh Ro-innleachd Ùr-ghnàthachaidh Arcaibh. Tha an ro-innleachd ag amas air cur ri eag-shiostam ùr-ghnàthachaidh Arcaibh, le barrachd eadar-obrachadh eadar roinnean poblach, prìobhaideach, an treas roinn agus foghlam àrd-ìre a thaobh lùths ath-nuadhachail agus na h-eaconamaidh guirm. Comharraichidh an obair seo ro-innleachdan agus prìomhachasan airson leasachadh ORIC cuideachd.

## **Oilthigh Raibeirt Ghòrdain (RGU)**

Tha RGU a' stiùireadh dà de na pasganan obrach a tha nam pàirt de phrògram [TalEntEd Islands](#). Tha iad sin a' cuimseachadh air tionnsgalachd agus in-thionnsgalachd (*intrapreurship*) agus tha iad air an libhrigeadh ann an dlùth cho-obrachadh leis na trì ùghdarrasan ionadail eileanach.

Às dèidh cur air bhog ro-innleachd [RGU Arcaibh 2023-2028](#), chaidh Buidheann Comhairleachaidh RGU Arcaibh a stèidheachadh. Am measg nam ball tha Comhairle Arcaibh, ORIC, HITRANS, Destination Orkney, Serco-Northlink, Geamannan Eileanach Eadar-nàiseanta Arcaibh agus NHS Arcaibh agus Gnìomh Saor-thoileach Arcaibh. Am measg nam prìomh chuspairean san ro-innleachd tha taigheadas, còmhdhail, slàinte is sunnd agus tionnsgalachd.

Mar theanantan aig ORIC, tha RGU air taic a chumail ri leasachadh prògram Aonta Fàs nan Eilean aig ORIC, agus e ag obair còmhla ri teanantan eile gus ro-innleachd ùr-ghnàthach a chruthachadh airson na h-àrainn.

Tha Clionaig Coimhearsnachd Arcaibh, com-pàirteachas eadar Urras Blide agus Sgoil Lagha an RGU, air ruith fad na bliadhna. Bidh a' chlionaig a' tabhann comhairle dhìomhair agus neo-eisimeileach dhaibhsan le tuarastalan ìosal ann an Arcaibh air raointean de lagh shochairan sòisealta leithid taigheadas, cosnadh, còraichean chustamairean, lagh teaghlaich agus barrachd.

**Gealltanais 12.2** Cùm taic ri Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus e a' daingneachadh co-obrachadh le com-pàirtichean eileanach, gus slighean luchd-ionnsachaidh, tionnsgalachd agus com-pàirteachadh le gnìomhachas/luchd-fastaidh a bhrosnachadh.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bidh dreuchd Stiùiriche Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean fhathast cudromach, agus ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba tro dhòigh-obrach cho-obrachail, stèidhichte air fuasglaidhean a tha ag amas air an fheum as fheàrr a dhèanamh de na cothroman as motha a thig am bàrr tro shruthan-obrach a tha an lùib a chèile, leithid pròiseactan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan co-cheangailte ri Aonta Fàs nan Eilean agus tasgadh ann am Prògram nan Eilean. Tha e cudromach gu bheil an obair seo a' tighinn ri chèile mar thoradh air prìomhachasan co-roinnte, air an comharrachadh an dà chuid tro [Ro-innleachd nan Eilean](#) agus ann [am Plana Nàiseanta nan Eilean](#) aig Riaghaltas na h-Alba.
- Obair leantainneach air prògraman Glèidhidh Oileanach agus Trusadh is Glèidheadh Tàlant gus taic a thoirt do dh'oileanaich fuireach, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh ceangal ri fastaichean, gu sònraichte an fheadhainn le gainnead sgìlean.

Faic gealltanais 1.2 agus 2.2 airson barrachd fiosrachaidh mu phlanadh sgìlean, Seirbheis Tarraing Tàlant agus Imrich airson Alba, agus glèidheadh ceumnaichean.

### Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE)

Rinn OGI ath-sgrùdadh air an ro-innleachd Eileanach aca agus chaidh sgrìobhainn ath-sgrùdaichte aontachadh san t-Samhain 2023. Tha com-pàirt an Oilthigh ann am pròiseactan a tha a' faighinn taic tro Aonta Fàs nan Eilean (faic dealas 1.1) air aon de na prìomh raointean fòcais.

Tha na pròiseactan seo a' gabhail a-steach [TalEntEd Islands](#), pròiseact co-obrachail air a stiùireadh le OGI le oilthighean Heriot-Watt agus Raibeirt Ghòrdain a tha ag amas air a bhith a' luathachadh dì-charbonachadh nan eilean le bhith a' cruthachadh chothroman airson foghlam, tionnsgalachd agus in-tionnsgalach (*intrepreneurship*) agus gnìomhachd malairteach a bheir taic dhan àrdachadh ann an obraichean 'uaine' seasmhach, thar nan trì buidhnean de dh'eileanan.

### Prògram nan Eilean – Àrainn OGE ann an Steòrnabhagh

Tro chuairt 2023-2024 de Phrògram nan Eilean, tha Riaghaltas na h-Alba air £250,000 a chuir a dh'ionnsaigh ath-leasachadh air Àrainn Steòrnabhagh aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gus goireasan ionnsachaidh is trèanaidh a neartachadh agus gus dòighean-obrach ùr-ghnàthach a chomasachadh a thaobh

ionnsachadh didseatach agus air astar. Bheir uidheaman is goireasan so-ghluasad taic a bharrachd do cho-ionannachd cothroman agus cuiridh iad obair coimhearsnachd an comas ann an Uibhist is Barraigh. Bheir maoinachadh Prògram nan Eilean taic do dh'Uidheam is Goireasan So-ghluasad agus do Theicneòlas Bogaidh dhan t-Seòmar-teagaisg.

**Gealltanais 12.3** Dèan cinnteach gum faigh òigridh na h-aon chothroman air foghlam 's a gheibh òigridh air tìr-mòr na h-Alba

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Bidh Foghlam Alba a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh eileanach ann am buidhnean agus ionnsachadh proifeiseanta a tha a' dèanamh lèirmheas air slighean curraicealaim agus dealbhadh curraicealaim gus cumail orra a' meudachadh ruigsinneachd dhan churraicealam dhan chloinn is daoine òga uile.
- Bidh am prògram Rural Skills Accelerator a' gabhail a-steach Acadamaidh STEM Gluasadach a bhios a' frithealadh choimhearsnachdan eileanach agus dùthchail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

## e-Sgoil

Chaidh e-Sgoil a stèidheachadh anns na h-Eileanan an Iar ann an 2016, a' toirt seachad cothrom nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh air feadh nan eilean an toiseach, mus deach a leudachadh gu luath gus seirbheis e-ionnsachaidh nàiseanta a bheir cothrom do dhaoine òga cothroman ionnsachaidh fhaighinn a dh'fhaodadh a bhith cuingealaichte air sgàth cruinn-eòlas no faotainneachd luchd-obrach. Tha e-Sgoil a-nis air a libhrigeadh le lìonra de chòrr is 60 fastaichean agus buidheann com-pàirteachais.

Tha e-Sgoil fhathast cudromach ann a bhith a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig aig gach ìre, bho theisteanasan foirmeil tro mheadhan na Gàidhlig gu taic nach eil cho foirmeil agus ionnsachadh às dèidh na sgoile. Bidh e-Sgoil cuideachd a' toirt seachad seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig agus seiseanan neo-fhoirmeil do dhaoine òga le Gàidhlig gus fileantachd agus misneachd sa chànan a bhrosnachadh.

## Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid

Gheall Riaghaltasan na h-Alba agus na RA suas ri £25 millean an urra airson Aonta Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid thairis air 10 bliadhna, le Cinn-theirmean air an soidhnigeadh sa Ghearran 2021. Tha an t-Aonta, a chaidh a chumadh le taic ionadail a' gabhail a-steach co-obrachadh le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Scottish Futures Trust, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Iomairt na h-Alba agus diofar ionadan foghlaim gus na molaidhean aca a leasachadh.

Tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba a' co-obrachadh le Riaghaltas na RA, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus com-pàirtichean gus an Làn-aonta aontachadh airson libhrigeadh pròiseict. Bidh seo a' gabhail a-steach leasachadh agus aontachadh air na sgrìobhainnean làn-aonta riatanach (buileachadh, riaghladh, agus planaichean ionmhais) agus cunntas a thoirt air cùisean gnìomhachais airson gach pròiseact a tha air a ghabhail a-steach ann an aonta nan Cinn-teirmean. Tha deagh adhartas ga dhèanamh agus tha co-miann ann an Làn-aonta a dhèanamh cho luath 's a ghabhas.

**Gealltanais 12.4** Obraich le òigridh air feadh nan eilean Albannach gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh cur ri buileachadh a' Phlana a thaobh foghlaim agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an guthan a chluinntinn.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithris Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 12.5** Cùm oirnn le bhith a' toirt taic ri agus a bhith a' brosnachadh Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig aig a h-uile ìre.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha farsaingeachd de phròiseactan agus iomairtean an sàs gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig adhartachadh agus gus taic a chumail ris aig gach ìre. Tha seo a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, grunn ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach agus buidhnean Gàidhlig. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do Bhuidheann-obrach airson na Gàidhlig aig Caidreachas a' Chinn a Tuath gus taic a chumail ri leasachadh tro cho-obrachadh.
- Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba gun tèid rannsachadh a dhèanamh mu bhith a' stèidheachadh dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chaidh co-chomhairle a chumail air seo ann an 2022 agus bidh ullachaidhean iomchaidh air an dèanamh ann am Bile nan Cànanan Albannach a tha gu bhith ann.
- Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh fianais agus measadh neo-eisimeileach gus soirbheachas a chomharrachadh, taic a thoirt do leasachadh agus àrdachadh ìrean ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; a' toirt air adhart amasan sgrùdaidh Planaichean Corporra is Gàidhlig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a dh'aona-ghnothach do cho-theacsan eileanach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air ag obair le ùghdarrasan ionadail le uallach airson a bhith a' libhrigeadh seirbheisean Gàidhlig agus le buidhnean poblach aig a bheil prìomh àite ann a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig.

San t-Samhain 2023, thug Riaghaltas na h-Alba Bile nan Cànan Albannach a-steach do Phàrlamaid na h-Alba. Bidh ullachaidhean anns a' Bhile seo a' gabhail a-steach ullachaidhean foghlam Gàidhlig a thathar an dùil a bhrosnaicheadh agus a bheir taic do dh'fhoghlam Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach.

Faic gealltanais 12.7 airson barrachd fiosrachaidh mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

**Gealltanais 12.6** Oobraich le ùghdarrasan nan eilean uile gus pròiseactan a lorg a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho ìrean leantainneach de Phrògram Tasgaidh ùr na h-Oighreachd Ionnsachaidh luach £1 billean a bhios a' ruith gu 2026.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Tha Prògram Tasgaidh Oighreachdan Ionnsachaidh luach £2 billean a' toirt prìomhachas do sgoiltean a tha ùghdarrasan ionadail air comharrachadh mar sgoiltean a tha feumach air ùrachadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas luath ann far a bheil an t-adhartas as motha a dhìth, agus bidh e na bhuannachd do na deichean de mhìltean de sgoilearan air feadh na h-Alba.
- Dh'fhosgail Ìre a trì de phrògram Tasgaidh Oighreachd Ionnsachaidh do dh'ùghdarrasan ionadail ann an 2022, agus thèid pròiseactan soirbheachail ainmeachadh ron Iuchar 2023. Bithear a' beachdachadh gu faiceallach air tagradh sam bith bho ùghdarrasan eileanach, tro Ìre trì de Phrògram Tasgaidh Oighreachd Ionnsachaidh.

Tha Prògram Tasgaidh Oighreachd Ionnsachaidh (LEIP) luach £2 billean a' toirt prìomhachas do sgoiltean a tha feumach air ùrachadh, a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan ionadail, agus bidh e na bhuannachd do na deichean de mhìltean de sgoilearan air feadh na h-Alba.

Chaidh 47 pròiseactan a thaghadh uile gu lèir gus taic fhaighinn tro ìrean 1, 2 agus 3 den LEIP, a' gabhail a-steach co-dhiù aon phrìomh phròiseact anns na sia ùghdarrasan eileanach.

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair le COSLA, ùghdarrasan ionadail agus Scottish Futures Trust gus coimhead air mar as urrainn dhuinn barrachd leasachaidhean a thoirt seachad ann an oighreachd nan sgoiltean.

**Gealltanais 12.7** Meudaich na co-oidhirpean againn gus toraidhean foghlaim chloinne a tha beò ann am bochdainn a chur am feabhas le bhith a' cumail taic ri ùghdarrasan eileanach/planaichean sgoiltean gus coileanadh a thogail tro phrògraman Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba leithid Maoineachadh Cothromas Sgoilearan.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leanaidh Foghlam Alba air adhart a' co-obrachadh le ùghdarrasan eileanach gus piseach a thoirt air builean foghlaim chloinne ann am bochdainn. Bidh còig Comhairlichean Coileanaidh ag obair le prìomh luchd-obrach aig ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean fa leth gus leantainn air adhart a' leasachadh cleachdadh dàta, a' comharrachadh feuman agus a' cruthachadh eadar-theachdan iomchaidh gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha co-ionnsachadh proifeiseanta thar-eilean a' dol air adhart gus sgilean a leasachadh ann an cleachdadh dàta agus mar a ghabhas am feum as fheàrr a dhèanamh de Mhaoineachadh Cothromas Sgoilearan.
- Cumaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh orra a' co-roinn cleachdadh tro iomairtean sna meadhanan sòisealta, earrannan sònraichte ann an cuairt-litrichean Scotland Learns, co-labhairtean lìn agus tro bhith gan cur ann an aithisgean cuspaireil agus foillseachaidhean eile. Mar eisimpleir, tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air dèanamh cinnteach gun robh eileanan nam pàirt de chruinneachadh fianais airson nan aithisgean cuspaireil a leanas:

[Local approaches to recovery: a thematic review](#)

[Evaluation of Foundation Apprenticeships - March 2022](#)

[Responsive, supportive and resilient communities - September 2022](#)

[Approaches to recording and monitoring incidents of bullying in schools](#)

Chaidh cleachdadh èifeachdach bho eileanan a cho-roinn cuideachd ann an goireasan ionnsachaidh proifeiseanta. Tha frèaman fèin-luachaidh agus leasachaidh aig goireasan nan cleachdaichean cho math ri eisimpleirean de chleachdadh èifeachdach:

[A' co-roinn fianais sgrùdaidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig - làn bhogadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne](#)

[Co-roinn fianais sgrùdadh sgoile: Ceannardas agus Foghlam Meadhan na Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh - Bun-sgoile](#)

[Co-roinn fianais sgrùdaidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig - curraicealaim na h-àrd-sgoile](#)

## Foghlam Alba- Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (SAC)

Tha Comhairlichean Coileanaidh co-cheangailte ri ùghdarrasan ionadail eileanach air cumail orra a' toirt taic agus dùbhlann do sgoiltean agus luchd-obrach sa mheadhan. Tha piseach air tighinn air builean ann am Clas 1, 4 agus 7 ann an grunn raointean agus tha e a' cur ris an leasachadh nàiseanta gus cur às dhan bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Tha Comhairlichean Coileanaidh co-cheangailte ri Arcaibh, Sealtainn agus CnES air co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus Riaghaltas na h-Alba gus dòighean a cruthachadh gus coimeas a dhèanamh eadar dàta thar eileanan agus gus sùil a chumail air leasachaidhean ann an ùghdarrasan ionadail far nach eil clann agus daoine òga sam bith ann an còigeamhail clàr-innse ioma-bhochdainn na h-Alba (SIMD) 1 no 5. Cumaidh seo taic ri coimeas agus co-obrachadh nas fheàrr gus builean a leasachadh do chlann agus daoine òga.

Tha Foghlam Alba air a bhith ag obair le ùghdarrasan eileanach tro Chaidreachas a Chinn a Tuath. Tha am fòcas air a bhith air cruthachadh bun-inbhe cho-roinnte thar sgoiltean gus taic a chumail ri ionnsachadh, teagasg agus measadh, mar a tha air a thomhas tro bhuilean sgrùdaidh.

Mar phàirt den iomairt nàiseanta gus piseach a thoirt air ìrean-làthaireachd sgoile, thabhainn Comhairlichean Coileanaidh taic agus comhairle do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach agus rinn iad cinnteach gun robh iad an sàs anns an mhion-rannsachaidh às an tàinig aithisg nàiseanta Foghlam Alba air làthaireachd. Tha cothrom fhathast aig ùghdarrasan ionadail eileanach air taic far a bheil sin a dhith.

## Luchd-sgrùdaidh an Rìgh

Choilean Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an gealltanas poblach a tha air a mhìneachadh sa phrògram sgrùdaidh bliadhna airson Lùnastal 2023. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean thar choimhearsnachdan eileanach. Anns an t-sampall de sgrùdaidhean bha solar dà-chànanach agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Aig ìre nan ionadan fa leth, chomharraich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh neartan agus raointean airson leasachadh, a' gabhail a-steach raointean co-cheangailte gu sònraichte ri Gàidhlig.

Bidh an Luchd-sgrùdaidh a' toirt prìomhachas do Neach-sgrùdaidh an Rìgh a bheil eòlas air an roinn a gus sgrùdaidhean a stiùireadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh nan roinnean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne agus sgoile. Tha seo a' toirt comas do luchd-sgrùdaidh HMI measadh pearsanta sònraichte a thoirt seachad air càileachd an fhoghlaim, a bhith a' brosnachadh leasachadh ann am Foghlam Gàidhlig, cleachdadh fìor èifeachdach a cho-roinn agus leasachadh poileasaidh agus cleachdadh foghlaim fhiosrachadh. Ann an sgrùdaidhean mar seo, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' cleachdadh na Gàidhlig agus tha iad nam modail air ceannardas faicsinneach de dh'àrd-chàileachd sa chànan.

Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' togail comas agus a' cruinneachadh fianais mu farsaingeachd agus càileachd foghlam chloinne agus dhaoine òga ann an ionnsachadh agus bogadh. Ann an 2022, mus do thòisich sgrùdaidhean a-rithist, rinn an Luchd-sgrùdaidh tursan ath-shlànachaidh gu sgoiltean agus suidheachaidhean foghlaim sna h-eileanan gus conaltradh proifeiseanta a dhèanamh le luchd-obrach,



luchd-ionnsachaidh agus, far an robh e iomchaidh, pàrantan agus com-pàirtichean. Fhuair an Luchd-sgrùdaidh deagh fhreagairt bho roinn na Gàidhlig a thaobh iarrtasan airson nan tursan sin bho na sgoiltean fhèin.

Tha an Luchd-sgrùdaidh ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil daoine a tha ag obair ann an eileanan, agus a tha a' coileanadh nan slatan againn-tomhais, fhathast air an riochdachadh nuair a thathar a' fastadh luchd-measaidh co-cheangailte.

**Gealltanais 12.8** Beachdaich air feumalachdan luchd-ionnsachaidh inbheach ann an coimhearsnachdan nan eilean mar a bhios sinn a' leasachadh ar ro-innleachd ionnsachaidh inbheach airson na h-Alba.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Chaidh Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach a dhèanamh agus fhoillseachadh sa Chèitean 2022. Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le luchd-ionnsachaidh inbheach nar coimhearsnachdan eileanach airson a bhith a' comharrachadh mar as urrainn dhuinn bacaidhean air ionnsachadh a thoirt air falbh agus sinn a' libhrigeadh Ro-innleachd Ionnsachadh Inbheach na h-Alba.

Dh'ainmich am Ministear airson Foghlam Àrd-ìre is Adhartach; agus Ministear airson Seann Ghaisgich san Dùbhlachd 2023 gum biodh Lèirmheas Neo-eisimeileach air solar Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) air feadh na h-Alba. Nì an lèirmheas sgrùdadh air an ìre is bheil CLD a' libhrigeadh deagh bhuilean do chuid den luchd-ionnsachaidh as so-leònte ann an Alba agus do bhuidhnean air an iomall. Comharraichidh e neartan san dòigh-obrach làithreach againn a thaobh CLD, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach, agus comharraichidh e far am faodadh leasachaidhean a bhith a dhìth.

# Buileachadh agus Sgrùdadh

## Amas Ro-innleachdail 13 – taic a chumail ri bhith a’ cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach

**Gealltanais 13.1** Cuir pròiseas làidir air dòigh gus dèanamh cinnteach gun tèid Ro-innleachd Buileachaidh mionaideach fhoillseachadh ann an deagh àm le uallachaidhean airson gnìomhan agus clàran-ama air an sònrachadh gus taic a chumail ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhna Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 13.2** Sònraich taisbeanair airson gach Amas Ro-innleachdail ann an co-obrachadh le buidhnean Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh sòisio-eaconamach stèidhichte air na slatan-tomhais SMART agus a’ togail air an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta agus na h-Amasan airson Leasachadh Seasmhach.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Thathar a’ dèanamh barrachd obair rannsachaidh gus an dàta uile a chruinneachadh a tha a dhìth gus bun-loidhne a chruthachadh airson toraidhean a ghabhas a thomhas.
- Nì sinn tionndadh eile de Shuirbhuidh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Chaidh Aithisg Deas-bhòrd Dàta Eileanan na h-Alba agus an [deas-bhòrd eadar-ghnìomhach](#) fhoillseachadh san Dùbhlachd 2023. Tha an deas-bhòrd seo a’ toirt còmhla comharran dàta aig ìre nan eilean, agus tha an aithisg na chois a’ tarraing a-mach prìomh thoraidhean co-cheangailte ri gach fear de na raointean cuspaireil ro-innleachdail a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean.

Ann an 2022-23, chaidh EKOS a choimiseanadh gus liosta de chomharran dàta a th’ ann mar-thà a libhrigeadh a ghabhas cleachdadh gus sùil a chumail air gach fear de na h-amasan Ro-innleachdail ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Far an gabh a dhèanamh, chaidh na tùsan dàta a th’ air an comharrachadh san fhrèam seo, an co-bhonn ris an sgrùdadh ùr air cruinn-eòlas nan eilean, a chur còmhla ann an Deas-bhòrd Dàta ùr Eileanan na h-Alba gus dòigh-obrach eile a chruthachadh gus Plana Nàiseanta nan Eilean a sgrùdadh. Tha an deas-bhòrd stèidhichte air na diofar Amasan Ro-innleachdail, agus a’ sealltainn na fianais as ùire bho gach fear de na comharran as buntainniche.

Chaidh taisbeanair a thoirt an dà chuid bho mhion-sgrùdadh air dàta dàrnach no air tùsan a th’ ann mar-thà a bharrachd air a’ chruinneachadh de phrìomh dhàta a nithear ann an Suirbhuidh Eilean na h-Alba (2023).

Tha sgaoileadh [Cruinn-eòlas Roinnean Eileanach na h-Alba](#) bho chionn ghoirid air tùsan fianais eileanach ùra a chur an comas, a' gabhail a-steach [deas-bhòrd àireamh-sluaigh Roinnean Eileanach na h-Alba](#) aig Clàran Nàiseanta na h-Alba, foillseachadh dàta tuairmsean taigheadais airson [àiteachan-fuirich le luchd-còmhnaidh no falamh](#) agus [stòr-dàta Staitistigean Eaconamach na h-Alba aig ìre Fo-nàiseanta](#). Tha clàran mu dhachaighean (a' gabhail a-steach dàrna dachaighean agus togalaichean falamh) a-nis air an cur ri [deas-bhòrd eadar-ghnìomhach roinnean Eilean NRS](#). A bharrachd air seo, thèid dàta cunbhalach àbhaisteach mu phrìsean thaighean san àm ri teachd fhoillseachadh airson Roinnean Eileanan na h-Alba le Clàran Nàiseanta na h-Alba, agus faodar an cleachdadh mar thaisbeanair cuideachd.

Chaidh an cleachdadh san deas-bhòrd ùr seo a tha a' cur còmhla fianais mu eileanan na h-Alba agus tùsan eile.

Bidh an deas-bhòrd dàta eadar-obrachail ùr seo airson Eileanan na h-Alba a' cleachdadh dàta a th' ann mar-thà. Tha e a' taisbeanadh an dàta a rèir nan 12 amasan ro-innleachdail. Chan eil cuid den dàta ri fhaighinn aig ìre Roinn Eileanan na h-Alba, agus mar sin chaidh a chur a-steach aig ìre ùghdarras ionadail an àite seo. Rinneadh soilleir e anns an deas-bhòrd far an deach seo a dhèanamh.

## Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean 2023

Tha obair air [Suirbhidh Eileanan na h-Alba 2023](#) ga dhèanamh le Institiud Sheumais Hutton às leth Riaghaltas na h-Alba. San t-Samhain 2023, chaidh an suirbhidh, a tha a' faighneachd mu bheatha làitheil eileanach, a chur gu 20,000 daoine a tha a' fuireach ann an eileanan na h-Alba. Dhùin an suirbhidh san Fhaoilleach 2024 agus fhuair e 4,414 freagairt. Tha anailis a' dol air adhart an-dràsta agus thathar a' dèanamh coimeas eadar na toraidhean agus Plana Nàiseanta nan Eilean 2020 gus atharrachadh ann an coimhearsnachdan eileanach a thomhas. Thathar an dùil gun tèid an aithisg mu dheireadh fhoillseachadh as t-samhradh.

**Gealltanais 13.3** Cùm sreath de bhuidhnean fòcas tro bhùithnean-obrach gus beachdachadh air na gnìomhan sònraichte a tha ceangailte ri gach fear de na 13 Amasan Ro-innleachdail anns a' Phlana agus gus an aontachadh.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 13.4** Dèan ath-sgrùdadh air faotainneachd agus feumalachd air dàta aig ìre nan eilean, agus bacaidhean nas fharsainge air seo, an dà chuid aig ìre gach eilean fa leth, agus aig ìre buidhnean eileanan, agus a' beachdachadh air a bhith a' cruthachadh seata dàta 'Eileanan na h-Alba' gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan eileanach.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 13.5** Cruthaich Lìonra nan Eileanach Òga le òigridh bho na h-eileanan Albannach uile, aig am bi dleastanas co-chomhairleachaidh ann an cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gum bi cur an gnìomh a' toirt feart air ùidhean agus prìomhachasan na h-òigridh;

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) agus gealltanais 1.4 san aithisg seo airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 13.6** Stèidhich Buidheann Riaghlaidh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dlùth-sgrùdadh a dhèanamh air an Mhapa-slighe Buileachaidh. Bidh tar-shealladh aig a' bhuidhinn seo air lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus bidh i a' toirt fios mu adhartas do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh.

**Gealltanais air a choileanadh** – Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2021. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2021](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Gealltanais 13.7** Obraich le coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gun tèid am plana a sgaoileadh is a thuigsinn fad is farsaing leis gach pàirt den t-sòisealtas.

### Mapa Slighe Buileachaidh 2023

- Leanaidh sinn oirnn le co-chomhairleachadh agus co-obrachadh cunbhalach leis na coimhearsnachdan eileanach againn.
- Cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean gus an urrainn dhuinn co-obrachadh gu dlùth leis na com-pàirtichean againn anns na h-ùghdarrasan ionadail mu lìbhrigeadh.
- Cumaidh sinn oirnn le taic a thoirt do Bhuidheann Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh ann an dòigh cho-obrachail a tha dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach.

Tha an dà chuid Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

### Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean

Chaidh an ISG a stèidheachadh ann an 2016 gus beachdachadh air cùisean a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan eileanach na h-Alba air a bheil daoine a' fuireach, agus gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean iomchaidh ann a bhith ag aithneachadh agus a' dealbhadh fhuasglaidhean do na feumalachdan sònraichte agus na dùbhlain a tha romhpa sna coimhearsnachdan sin.

Tha Ballrachd na buidhne seo air a dhèanamh suas de Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan, Ceannardan Comhairle agus Ceannardan thar gach ùghdarras ionadail anns a bheil eileanan. Choinnich a' bhuidheann dà thuras ann an 2023 agus choimhead iad air raon farsaing de chùisean a' gabhail a-steach taigheadas, còmhhdail agus seirbheisean cùram slàinte.

## Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean

Gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brìoghmhor, adhartach agus seasmhach, feumaidh cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana.

Chaidh Buidheann Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean (NIPDG) a stèidheachadh san Ògmhios 2021. Tha a' bhuidheann e a' cumail taic ri buileachadh a' Phlana, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail sùil gheur air libhrigeadh a' Phlana agus air a' Mhapa Slighe Buileachaidh na chois. Feumaidh libhrigeadh plana cothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhalach co-obrachadh agus com-pàirteachas làidir agus tha Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt seachad an àite obrach cho-obrachail seo.

Choinnich a' Bhuidheann dà thuras ann an 2023 gus beachdachadh air cùisean a' gabhail a-steach, am measg rudan eile, lùths agus eadar-ghluasad cothromach, togail beairteas coimhearsnachd agus co-chomhairle air an ath-sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean.

## Ath-sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean

Faic gealltanais 10.2 airson barrachd fiosrachaidh mun lèirmheas

## Caidreachas Eileanan na h-Alba

Tha sinn a' cumail oirnn air adhart a' maoineachadh [Caidreachas Eileanan na h-Alba \(SIF\)](#) gus togail air an obair aca gus daoine a tha a' fuireach ann an Eileanan na h-Alba a thoirt còmhla, a' co-roinn agus a' sgaoileadh fiosrachadh agus deagh chleachdadh agus a' brosnachadh leas nan Eileanach.

Is e buidheann ballrachd a th' ann an SIF a tha a' riochdachadh còrr is trì fichead ball agus a tha air a stiùireadh le bòrd de dhusan stiùiriche saor-thoileach bho air feadh nan sia sgìrean ùghdarras ionadail eileanach. Bidh obair SIF a' cruthachadh agus a' leasachadh cheanglaichean le coimhearsnachdan eileanach a tha a' cumail taic ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus iad mar mheadhan eadar coimhearsnachdan eileanach agus poileasaidhean agus dèanamh cho-dhùnaidhean aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha cumhachd aig coimhearsnachdan eileanach buaidh a thoirt air libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean ann an diofar dhòighean a' gabhail a-steach tachartasan iomlaid ionnsachaidh bhiorail, còmhraidhean buidhne-obrach, meadhanan sòisealta, agus puist-d dìreach.

Bidh na tachartasan air-loidhne aig SIF, a' gabhail a-steach feasgar bliadhnail do bhuill, a' comasachadh deasbad thairis air raointean sònraichte den Phlana a' gabhail a-steach pròiseact [Eileanan le cothromachadh carboin](#).

Bidh oifigearan Riaghaltas na h-Alba a' coinneachadh gu cunbhalach ri oifigearan pròiseict SIF gus beachdachadh air mar a tha Plana Nàiseanta nan Eilean a' faighinn taic agus ga chur an gnìomh agus gus fios air ais agus molaidhean fìor-ùine a chluinntinn bho choimhearsnachdan eileanach.



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2024

ISBN: 978-1-83601-131-6

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig:  
**[www.gov.scot](http://www.gov.scot)**

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios dhan sgioba air [info@islandsteam.scot](mailto:info@islandsteam.scot)

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1409414 (04/24)

**w w w . g o v . s c o t**